

**NIALL MOIREASDAN AGUS NIALL MACDHOMHNAILL:
BEATH-EACHDRAIDH AGUS ORAIN**

Joina NicDhòmhnaill

Master of Philosophy

Roinn na Ceiltise

Oilthigh Ghlaschu

An Giblean 2000

ProQuest Number: 13819004

All rights reserved

INFORMATION TO ALL USERS

The quality of this reproduction is dependent upon the quality of the copy submitted.

In the unlikely event that the author did not send a complete manuscript and there are missing pages, these will be noted. Also, if material had to be removed, a note will indicate the deletion.



ProQuest 13819004

Published by ProQuest LLC (2018). Copyright of the Dissertation is held by the Author.

All rights reserved.

This work is protected against unauthorized copying under Title 17, United States Code
Microform Edition © ProQuest LLC.

ProQuest LLC.
789 East Eisenhower Parkway
P.O. Box 1346
Ann Arbor, MI 48106 – 1346



12104 - Copy 1

CLAR INNSE

Buidheachasan.....	i
Ro-Ràdh.....	ii
Caibideal 1 – Beath-Eachdraidh Nèill Mhoireasdain.....	1
Caibideal 2 – Beath-Eachdraidh Nèill MhicDhòmhnaill.....	12
Clàr de dh'òrain Nèill Mhoireasdain ann an ordan mar a rinneadh iad.....	24
Orain Nèill Mhoireasdain agus Notaichean.....	26
Clàr de dh'òrain Nèill MhicDhòmhnaill ann an ordan mar a rinneadh iad.....	145
Orain Nèill MhicDhòmhnaill agus Notaichean.....	147
EARR-RADH A – Seachasan mu na Bàird.....	210
EARR-RADH B 1 – Craobh Ginealaich Sliochd Nèill Mhoireasdain.....	229
2 – Clàr Dhaoine.....	230
3 – Clàr Aiteannan.....	238
LEABHRAICHEAN.....	241



BUIDHEACHASAN

Tha mi fada an comain mòran dhaoine ann a bhith a' toirt an tràchdais seo gu buil. Bu mhath leam sa chiad dol a-mach, taing mhòr a thoirt dha mo stiùirichean, an t-Ollamh Sheila Kidd agus an t-Ard Ollamh Cathair Ó Dochartaigh, airson an comhairle agus an cuideachadh.

Bu toil leam cuideachd taing a thoirt do Bhill Lawson a chuidich mi a thaobh sloinnidhean, amannan breith agus bàis dhaoine, agus airson an cothrom ionad-rannsachaidh 'Cò Leis Thu?' a chleachdadh. Taing cuideachd do Chalum I. MacAoidh a chuidich mi le ainmeannan-àite chinn a tuath Na Hearadh agus do dh' Iain MacGilliosa a thug dhomh fiosrachadh bho Oifis Roinn Phàrlamaid nan Làborach sna h-Eileanan Siar. Taing cuideachd do Rhona Talbot ann an Sgoil Eòlais na h-Alba a sheall dhomh mar a lorgainn an stuth a tha taisgte aca.

Cha b'urrainn dhan tràchdas seo a bhith air a dhèanamh mura b'e gun do dh'aontaich buidhnean sònraichte taic-airgid a thoirt dha. Taing don "Foundation for Sport and the Arts" a phàigh cosgaisean a' chùrsa uile gu lèir agus do na daoine agus na buidhnean a leanas a thug tabhartasan dhomh a chuidich le cosgaisean fuirich; Dr David Horrobin agus Sherri Clarkson; Angela Butler agus Margaret Taylor; Urras Brosnachaidh na Gàidhlig; Comann Gàidhlig Inbhirnis; an Glasgow Highland Fund; Comann Leòdhais agus Na Hearadh agus Sir John Noble.

Tha an taing mu dheireadh agus an taing is motha a' dol ucasan a libhrig an stòras prìseil seo dhomh bhon bheul-aithris. Mura biodh an ùidh-san ann a bhith a' cnuasachadh agus a' cuimhneachadh air na h-òrain, na sgeulachdan agus gach criomag fiosrachaidh a tha aca fhèin agus a thàinig a-nuas tro na ginealaichean, bhiodh mòran den stuth a tha a-nise glèidhte an seo, caillte gu brath. Is iadsan Iain MacDhòmhnaill – *Iain mac Nèill 'ic Mhòir nighean a' Bhàird* – Losgantir, iar-ogha Nèill Mhoireasdain agus mac Nèill MhicDhòmhnaill; Màiri NicDhòmhnaill (nee Mhoireasdan) – *Màiri ni Nèill mac Dhòmhnaill a' Bhàird* – Sgarastagh, iar-ogha Nèill Mhoireasdain; Raonaid NicLeòid (nee Mhoireasdan) – *Raonaid ni Thormoid mac Iain 'ic Chalum Buachaille*, Losgantir; Peigi Ceit NicAoidh (nee NicGilleathain) – *Peigi ni Aonghais Ailig mac Iain Phabaich*, Horgabost; Niall MacDhòmhnaill – *Niall mac Dhòmhnaill 'ic Nèill* – Glaschu; Ruairidh Ailig Moireasdan – *Ruairidh mac Aonghais 'ic Iain Mhòir*, Cille Brighde an Ear; Ruairidh MacDhòmhnaill – *Ruairidh mac Aonghais*, Cliuthar agus bràthair m'athar Calum MacDhòmhnaill (Calum Shaim) – *Calum mac Shomhairle 'ic Ruairidh 'ic Dhòmhnaill 'ic Eòghainn 'ic Dhòmhnaill*, Manchester.

San dealachadh bu mhath leam taing shònraichte a thoirt do mo phàrantan, Màiri NicDhòmhnaill (nee Mhoireasdan) – *Màiri ni Iain mac Sheonaidh 'ic Ruairidh* – agus Dòmhnall I. MacDhòmhnaill (Dòmhnall Shaim) – *Dòmhnall mac Shòmhairle 'ic Ruairidh 'ic Dhòmhnaill 'ic Eòghainn 'ic Dhòmhnaill* – airson m'ùidh a bhrosnachadh sa chuspair an toiseach. Bu mhath leam cuideachd taing a thoirt dhaibh airson am misneachd agus an cuideachadh ri linn na h-obrach-sa agus gu h-àraid do m'athair aig an cuala mi na h-òrain air an seinn an toiseach agus a mhìnich am brìgh agus an ciall dhomh gu coileanta.

RO-RADH

'S e prìomh amas an tràchdais seo cruinneachadh a dhèanamh de dh'òrain dà bhàrd – Niall Moireasdan (1816–82) agus ogha Niall MacDhòmhnaill (1883–1965). Tha an tràchdas seo a' glèidheadh ann an clò mòran de dh'fhiosrachadh prìseil a tha ann am fìor chunnart a dhol à bith seach nach eil ach dha-rìreabh dòrlach dhaoine ann aig a bheil cuimhne air an-diugh agus an duine as òige dhiubh sin trì fichead 's a' deich bliadhna a dh'aois. Tha an cruinneachadh seo a' toirt oidhirp air na tha ri fhaotainn de stuth a thoirt cruinn còmhla le notaichean a mhinicheas adhbhar agus cuspair nan òran. Seach gu bheil an dà bhàrd càirdeach dha chèile agus iad beò ann an diofar linn-tean ach san aon choimhearsnachd, thathar a' meas gum bi an tràchd seo na dheagh bhun-stèidh airson cnuasachadh nas doimhne air atharrachaidhean eadar an dà chuid bàrdachd an dà linne agus air dleasdanas a' bhàird anns a' choimhearsnachd. Seach gum biodh an dà bhàrd a' dèanamh òrain taobh a-staigh coimhearsnachd, tha mòran den gheur-chainnt gu math 'ionadail' agus mar a bhiodh dùil, tha iad gu tric a-mach air a bhith a' dealbhachadh characteran ionadail cuideachd. Air sgàth seo tha aire shònraichte air a thoirt do bhith a' clàradh cò iad a tha air an ainmeachadh agus dè na h-àiteannan a tha air an iomradh agus tha Clàr Dhaoine agus Clàr Aiteannan air a thoirt ann an Èarr-ràdh B aig deireadh an tràchdais.

Ann an 1898 dh'fhoillsich an t-Ollamh George Henderson *Leabhar nan Gleann* agus bha caibideal den leabhar sin a-mach air Niall Moireasdan – Bàrd Phabaigh. Tha sinn fada an comain Henderson airson an obair ionmholta a rinn e agus an t-saothair a ghabh e ri fichead òran leis a' bhàrd a chlàradh an sin. Tha Henderson a' toirt beath-eachdraidh ghoirid air a' bhàrd ach chan eil notaichean an cois gach òran a mhinicheas a chùl-eachdraidh no a dh'innseas cò air am bheil am bàrd a-mach. Mar sin tha an tràchdas seo a' cur ri cruinneachadh Henderson seach gun d'fhuair e mòran fiosrachaidh mu na h-òrain a tha air an clò-bhualadh roimhe agus a bharrachd air a sin, sia òrain nach deachaidh riamh an clò anns a bheil 183 sreath uile gu lèir. Seach gu bheil làmh-sgrìobhainnean Henderson taisgte ann an Leabharlann Oilthigh Ghlaschu, bha cothrom agam rùdhrach sna còig bocsaichean deug a tha sin agus fhuair e aon òran agus litir na cois a bha gu feum dhan tràchdas. (Faic Oran 11)

Cha deachaidh cruinneachadh de dh'òrain Nèill MhicDhòmhnaill riamh an clò ged a dh'innis Iain MacDhòmhnaill gun do sgrìobh Teàrlach MacIllinnein, nach maireann, às na Buirgh òrain a' bhàird fhad 's a bha e ag obair còmhla ris ann an Sgarastagh. Bha ùidh shònraichte aig Teàrlach sna h-òrain agus comas aige a' Ghàidhlig a sgrìobhadh ach gu mì-fhortanach thug e an làmh-sgrìobhainn sin seachad air iasad do chuideigin bho chionn fhada agus 's e thachair nach deach a thilleadh riamh agus tha e a-nise caillte. Ged is e call mòr a bha sin agus barrachd òrain ann 's cinnteach na tha rin cluinntinn an-diugh, fhuair mi 24 òran le Niall MacDhòmhnaill anns a bheil 681 sreath uile gu lèir.

Ged a tha e ìongantach na tha fhathast ri fhaotainn bhon bheul-aithris, tha fios nach eil an seo ach cuibhreann glè bheag de na rinn an dà bhàrd uile gu lèir agus ged a tha mi air na b'urrainn dhomh a chur an clò san tràchdas, b'fheudar dhomh criomagan a bha air leth sgaiteil fhàgail às cuid de na h-òrain mar spèis do chuideachd nan daoine sin a bha air an aoireachadh, agus tha iomradh air a seo ann an duilleag notaichean nan òran sin. Ged a bhiodh e air a bhith inntinneach an cur ann, tha seo a' sealltainn gu bheil cumhachd agus seasamh aig na h-òrain sa choimhearsnachd fhathast.

Ann a bhith a' rannsachadh mu na bàird 's iad Iain MacDhòmhnaill (iar-ogha Nèill Mhoireasdain agus mac Nèill MhicDhòmhnaill) agus Dòmhnall I. MacDhòmhnaill a thug dhomh a' mhòr-chuid den fhiosrachadh. Bha an dithis seo cuideachail cuideachd seach gun robh iad mion-eòlach air an taigh-cèilidh far am biodh Niall MacDhòmhnaill a' gabhail òrain fhèin agus òrain a sheanar agus stiùir iad mi gu daoine eile a chuala iad a' gabhail nan criomagan sin a bha a dhìth orra. Chuir iadsan seachad iomadh feasgar a' bruidhinn rium mu na bàird, an dà chuid leotha fhèin agus còmhla, seach gun robh iad a' cuimhneachadh cheathramhan dha chèile. Tha Henderson ag innse ann an *Leabhar nan Gleann* gun tug Mòr – nighean Nèill Mhoireasdain – dha a' mhòr-chuid 's a bha aige agus tha cuimhne aig Dòmhnall I. MacDhòmhnaill gum biodh Niall MacDhòmhnaill agus a bhràithrean ag innse gun tàinig am fear a bha seo dhachaigh far tìr-mòr agus gun do dh'fhan e dreis mhath ann an Cleite na Ducha 's Na Hearadh a' sgrìobhadh mar a dh'innseadh Mòr dha. A bharrachd air nighean a' bhàird, thug Dòmhnall MacGilleathain às an Taobh Tuath agus Catrìona NicLeòid às na Buirgh fiosrachadh do Henderson agus e ag ràdh:

" To the intelligent Donald MacLean the Bible, Connell's Astronomy in Gaelic, and Neil Morison's songs were a sufficient library, and it is to this companion of the poet and the poet's daughter at Cleit-na-ducha that the honour falls of having most correctly preserved in memory the songs of the Pabbay days. It is from these two and from Miss Catherine MacLeod of Borge that I have written down the poet's compositions, which are exceedingly relished by Harrismen, many of whom can give snatches of them." (1898: 44)

Gu h-inntinneach 's e ogha Dhòmhnaill MhicGilleathain a tha ann an Niall MacDhòmhnaill – *Niall Dhòmhnaill Nèill* – (a bha le nighean Dhòmhnaill) a thug dhomh a leithid den fhiosrachadh a tha agam agus tha seo na theisteanas air mar a libhrigeas cuid de theaghlaichean am fiosrachadh seo thar nan ginealaichean. Dh'innis Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill gur ann bho sheanmhair – *Seònaid Iain mhic Ailein* – a chuala esan na h-òrain agus i gan seinn dha nuair a bha e glè òg. Seach gun robh taobh an iar Na Hearadh cho falamh de dhaoine bhiodh Seònaid gu tric air tè dha na mnathan-luaidh a bhiodh a' tighinn às Na Bàigh a luadh gu Mòr a' Bhàird agus b'ann an sin a chuala ise na h-òrain an toiseach agus seach gun robh guth-seinn san teaghlach chaidh an glèidheadh mar sin.

Tha ciad caibidealan an tràchdais a-mach air beath-eachdraidh nam bàrd agus bhon a sin a-mach tha na h-òrain agus notaichean mun deidhinn air an toirt fear as dèidh fir, ann an òrdan mar a rinneadh iad agus tha teip an cois an tràchdais airson cothrom èisdeachd ri na h-òrain mar a tha iad air an seinn sa choimhearsnachd an-diugh. Fhuair mòran fiosrachaidh rè an rannsachaidh a b'fheudar fhàgail an dàrna taobh ach tha na seanchasan a bha a' buintinn gu dìreach ri na bàird fhèin air an toirt ann an Eàrr-Ràdh A aig an deireadh. Gheibhear blasad de chainnt nan sgeulaichean an seo seach gu bheil iad air an toirt seachad dìreach mar a thàinig iad às am beòil.

Ann a bhith a' cur ri chèile dealbh choileanta de bheatha nam bàrd, tha trì bunaitean fiosrachaidh ann air am faod sinn beachdachadh; 's iad sin (le Niall Moireasdan, am beath-eachdraidh aithghearr a tha aig Henderson (1898: 43-48), pàipearan oifigeil an ama, leithid Cunntasan-sluaigh, pàipearan màil agus clàran eile, agus mu dheireadh, tha mòran fiosrachaidh ri fhaotainn bho bheul-aithris agus bho sheanchas. B'e an ath cheum san rannsachadh, am fiosrachadh seo a bha mi air a thional mu bheath-eachdraidh nam bàrd fhighe ri chèile. Chuir mi seachad mòran ùine ann an *General*

Register House ann an Dùn Eideann agus aig an ionad-rannsachaidh *Cò Leis Thu?* 's Na Hearadh a' coimhead tro Chunntasan-sluaigh agus tro chlàran eile airson fiosrachadh an dà chuid mu na bàird agus mu na daoine a bha air an ainmeachadh sna h-òrain.

Air dhomh sin a dhèanamh, bha e na b'fhasa na h-òrain a chur ann an òrdan mar a rinneadh iad. Rinneadh seo mar as trice le bhith a' beachdachadh air càite an robh am bàrd a' fuireach aig an àm; fiosrachadh a bhathar a' tuairmse le bhith a' beachdachadh air cò na daoine agus dè na h-àiteannan a bha air an ainmeachadh anna. Mar a ghabhas tuigsinn, tha e do-dhèanta a bhith buileach cinnteach gu bheil na h-amannan a chuir mi mu choinneamh gach òran fìor-cheart (tha iad seo air an comharrachadh le c.) ach uaireannan bha tachartas sònraichte leithid pòsadh a' Mhorair Dunmòr (Faic Oran 10) no Buidseat 1947 (Faic Oran 44) a' dèanamh nan òran sin na b'fhurasda an cur rin àm fhèin. Chaidh mi air ais iomadh uair a bhruidhinn riuthsan a bha a' toirt dhomh an fhiosrachaidh agus thug iad dhomh beachdan cuideachail air na co-dhùnaidhean gun an robh mi a' tighinn.

Seach gun do sheinn Dòmhnall I. MacDhòmhnaill gach òran air air teip, bha cothrom ann le òrain Nèill Mhoireasdain a bha an clò mu thràth, coimeas a dhèanamh eadar an dà chruth. Tha an deasachadh seo a' toirt nan òran mar a tha iad sa bheul-aithris agus tha na h-atharrachaidhean eadar seo agus an cruth sgrìobhte aig Henderson air an toirt aig bonn na duilleige. Mar sin tha an deasachadh seo a' toirt prìomhachas do bheul-aithris ar làthairne, ach chan eil seo ri ràdh gur e an cruth a thug mi fhèin seachad a tha ceart (agus feumar cuimhneachadh gun d'fhuair Henderson na h-òrain nuair a bha iad fada na b'ùire ann an cuimhne dhaoine), ach dh'fhaodadh seo a bhith na dheagh bhun-stèidh airson cnuasachadh air mar a tha fiosrachadh ag atharrachadh rè ùine.

Seach gun do chlàr mi gach agallamh, chuir mi seachad ùine an dèidh gach fear a sgrìobhadh sìos na chaidh a ràdh agus bha seo feumail seach gun robh beachd shoilleir agam air càil nach robh mi a' tuigsinn agus ghabhainn beachd air airson fhoighneachd an ath turas. An deidh iomadh cèilidh taitneach thòisich mi air na h-òrain a chur an clò agus ma bha ceathramhan ann a fhuair mi bho dhiofar dhaoine, chuir mi ann an òrdan iad mar a b'fheàrr a fhreagradh air a' chiall, agus tha mi ag innse cò bhuaithe an tàinig gach sreath sa 'bhunachas' sna 'notaichean' a tha a' leantainn gach òran. Uaireannan 's e cùl-fhiosrachadh a bheireadh daoine dhomh seach sreathan òrain agus tha na daoine sin fhathast air an ainmeachadh sa bhunachas, gun sreathan sònraichte mun coinneamh. Mar sin tha cruinneachadh de dh'agallamhan agam fhèin air an clàradh air teip agus thathar a' toirt seachd ainm an neach a bha a' bruidhinn, àireamh agus taobh na teip, agus an àireamh cunntais, as dèidh gach pìos fiosrachaidh a fhuair ear san dòigh sin. Mar eisimpleir (IMD 1/1:265).

Ann a bhith a' deasachadh nan òran, chleachd mi litreachadh *Gaelic Orthographic Conventions* agus tha seo a' ciallachadh gu bheil atharrachaidhean cumanta ann nach biodh iomchaidh an comharrachadh gach uair a dh'èireas iad. Mar eisimpleir, chan eilear a' comharrachadh na leanas: dith apostrophe leithid *s* an àite *'s*; *uinn* an àite *ainn*; *uil* an àite *ail*; *deigh* an àite *deidh*; *riù* an àite *riuth*; *mu* an àite *mo*; *nur* an àite *nuair*; *ann sna* an àite *anns na*; *gad* an àite *ged*; *gheobh* an àite *gheibh* agus *Pabbai / Beàrnarai* an àite *Pabaigh* agus *Beàrnaraigh*. Uaireannan tha e aithnichte gun do litrich Henderson cuid de dh'fhaclan le aire do dh'fhuaimneachadh dual-chainnt Na Hearadh ach tha an deasachadh seo gan toirt san dòigh chumanta le nota ma tha am fuaimneachadh sin cudthromach don chòmhardadh. Mar sin thathar a' tionndadh Gàidhlig nan seinneadairean gu GOC co-dhiù a tha an t-òran aig Henderson gus nach eil. Chan eilear a' toirt seachad mìneachadh faclan sam bith a tha rin lorg ann am

faclair *Dwelly* ach tha abairtean no amaladh-cainnte annasach air am mìneachadh sna notaichean.

Tha na giorrachaidhean a leanas air an cleachdadh san tràchdas;

IMD – Iain MacDhòmhnaill

DIMD – Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill

RNL – Raonaid NicLeòid

PCNA – Peigi Ceit NicAoidh

L – Bill Lawson

TGSI – *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*

IC – *Inverness Courier*

SG – *Stornoway Gazette and West Coast Advertiser*

MSS – Làmh-sgrìobhainn

s. – sreath

ss. – sreathan

CAIBIDEAL 1. Beath-Eachdraidh Nèill Mhoireasdain

Tha am bàrd Niall Moireasdan, a bhuineadh don naoidheamh linn deug, fhathast ainmeil 's Na Hearadh mar fhìor òranaiche agus a dh'aindeoin 's na tha air a bhith ri cur rannan ri chèile anns an eilean, ma chluinnear iomradh air "a' Bhàrd", gu tric 's ann air Niall Moireasdan a thathar a' bruidhinn. Ged a b'e Niall Moireasdan ainm 'oifigeil' a' bhàird, 's e a' toirt leis cinneadh athar, tha e fìor gum b'aithniste e fo dhiofar ainmeannan eile; *Niall mac Choinnich, Bàrd Chleite na Ducha* agus *Bàrd Phabaigh* agus 's fhiach beachdachadh orra ma seach. Theirear 'Niall mac Choinnich' ris mar shloinneadh seach gur e Coinneach ciad ainm athar ach tha seo a' ciallachadh gu bheil e furasda dhaibhsan nach eil eòlach co-dhùnadh gum b'e 'MacChoinnich' a chinneadh. 'S Na Hearadh cluinnear gu tric 'Bàrd Chleite na Ducha' air, seach gur ann san àite seo air taobh an iar an eilein a bha e a' fuireach a' mhòr-chuid dha bheatha ach cha chluinnear seo air ach glè ainneamh taobh muigh an eilein, gu h-àraid seach nach eil duine a' fuireach an Cleite na Ducha an diugh 's an t-ainm an cunnart a dhol air diochuimhn' le dìth comharrachaidh. Mu dheireadh, theirear 'Bàrd Phabaigh' ris seach gun do chuir e seachad dreiseag a' ciobaireachd air an eilean sin ann an Caolas Na Hearadh agus ged nach buineadh e fhèin dhan eilean agus a rèir nan òran, gràin bhàis aige air a bhith ann, tha an t-ainm air leantainn ris chun an latha an diugh, an dà chuid anns Na Hearadh fhèin agus anns an fharsaingeachd. Anns an leabhar *A' Suathadh Ri Iomadh Rubha*, tha Aonghas Caimbeul a' cuimhneachadh air ais air a bheatha agus air dreis a chuir e seachad na òige ann an Eileanan Chaolais Na Hearadh. Tha e ag innse san leabhar sin mu bhith air Eilean Phabaigh far am biodh e a' cluinntinn òrain Nèill Mhoireasdain bho oghaichean a bha, coltach rin seanair rompa, nan ciobairean ann. Mun bhàrd tha e ag ràdh; "Bha Niall caochlaideach, a' làimhseachadh iomadh seòrsa cuspair, ann an iomadh seòrsa suidheachadh eadar cianalas is bròn, eagal, moladh, càineadh, aighear is gaol. B'fheàrr leam fhèin gun deidheadh oidhirp a dhèanamh air a bhàrdachd ath-chruinneachadh, ach leigeadh seo leis an t-sruth, sruth coimheach na faondraich a tha ag iomchair ulaidh-dearmad nan Gàidheal gu cuan mòr na fàsalachd 's an dol-a-dhith." (Campbell 1973:145–6)

Rugadh Niall Moireasdan ann an Nisashi, faisg air Sgarastagh-Bheag ann an ceann a deas Na Hearadh c.1816. (Cunntas-sluaigh 1841) B'e Coinneach Moireasdan, *Coinneach mac Nèill*, a b'athair dha agus b'i Mòr NicLeòid, *Mòr ni Thorcuill*, a bu mhàthair dha. Ann an 1848, phòs e ban-Sgiathanach, Raonaid NicIlleathain (1822-1891) agus rugadh seachdnar chloinne dhaibh uile gu lèir; Seonaid (1848-?), Dòmhnall (1850-1940), Anna (1851-59), Mòr (1854-1908), Cairistiona (1855-1941), Màiri (1857-59) agus Anna (1860-1860). (L) B'ann ri ciobaireachd a bha am bàrd fad a bheatha gus an do chaochail e ann an Cleite na Ducha san earrach, 1882, 's gun e trì-fichead 's a sia a-mach. Tha Henderson ag innse dhuinn gun deach a thiodhlaiceadh ann an cladh Sgarastaigh (1898: 45) ged nach eil leac ri faicinn no duine ann an diugh aig am bheil fios air làrach na h-uaghach. (DIMD)

A rèir Henderson, "The poet was tall, dark-eyed, glas san aghaidh and one of nature's gentlemen." (1898: 45) Seach gum biodh Henderson air am fiosrachadh seo fhaighinn bho dhaoine a bhiodh air am bàrd fhaicinn len sùilean fhèin, 's e dealbh gu math earbsach a bhios ann. Bha teisteanas Iain MhicDhòmhnaill ag aontachadh leis a seo 's e ag ràdh, "O 's

ann dorchadh dubh a bha e." (IMD 2/1:544) Tha e inntinneach gum bheil am fiosrachadh seo air tighinn a-nuas tron teaghlach ged nach robh cuimhne aig athair Nèill air a shinn-sheanair idir.

Tha a' chiad iomradh oifigeil air a' bhàrd a' nochdadh ann an Cunntas-sluaigh 1841 a dh'innseas gu bheil teaghlach a' bhàird òig a' fuireach a deas air a' mhansa ann an Sgarastagh, "Kenneth Morrison, Head, Age: 70, Ag. Lab; Marion, Wife, Age: 70; Neil, Son, Age: 25, Shepherd". Tha Iain MacDhòmhnaill den bheachd nach robh braithrean no peathraichean slàn aig a' bhàrd idir seach nach cuala e guth riamh orra ach bha e ag ràdh gun robh aona leth-bhràthair na bu shine aige a bh' aig a mhàthair an dàrna cuid bho phòsadh eile no dìolain. A rèir Iain MhicDhòmhnaill (2/1:344), b'e Sasannach a b'athair don leanabh agus 's ann air an leth-bhràthair seo a tha am bàrd a-mach, (Oran 1: ss.87–88) nuair a tha e ag ràdh gu bheil eagal air gun toir "mac a' Ghoill bhuam thu 's nach buannaich mi d' làmh".

Ann a bhith a' rannsachadh beath-eachdraidh a' bhàird tha e gu math doirbh a dhèanamh a-mach an robh e riamh ann an sgoil no an robh foghlam oifigeil sam bith aige. Tha ministear na h-eaglaise ann an Sgarastagh a' toirt seachad fiosrachadh mu sgìreachd Na Hearadh ann an 1839 airson an *New Statistical Account of Scotland*. B'esan Iain MacIomhair as Gleann Eilg a tha air a bhith ann an Sgarastagh bho 1832 agus tha e ag innse:

"The total number of schools in the parish are four - one parochial and three supported by the Gaelic School Society. The branches taught in the parish school are Latin, arithmetic, writing, and English reading. The parochial schoolmaster has only £21 of a salary, and fees are seldom exacted. The school-house is in such a wretched state of repair, that parents have been under the necessity of withdrawing their children. Very few above thirty years are able to read."
(1842: 158)

Tha Charles J. Withers a' sgrìobhadh ann an *Gaelic in Scotland, 1698–1981* ag ràdh gun deach na sgoiltean Gàidhlig a bu tràithe an stèidheachadh leis an 'Edinburgh Society for the Support of Gaelic Schools' a chaidh a chur air bhonn ann an 1811 's iad ag amas air na sgrìobtaran a theagasg do mhuinntir na Gàidhealtachd 's nan Eilean nan cànan màthaireil. Bha e nan rùn sgoiltean a stèidheachadh anns am bithist a' teagaisg a-mhàin tro mheadhan na Gàidhlig. Tha Withers a' rabhadh, "Given that writing was not taught, the term 'literacy' must be used with care in referring to the role of Gaelic Schools – to mean only an ability to read, not write." (1984: 137)

Tha fios againn bhon an *New Statistical Account of Scotland* roi-ainmichte gun robh ceithir sgoiltean ann an sgìreachd Na Hearadh ann an 1839 nuair a bhiodh Niall Moireasdan mu chòig air fhichead ach tha e do-dhèanta fhaighinn a-mach an robh e a-measg na h-àireamh sin a fhuair ionnsachadh ann an sgoil na sgìreachd no ann an sgoil Ghàidhlig seach nach robh clàran oifigeil èignichte aig an àm. (Sinclair 1994: 55) Bu mhath dhuinn cuimhneachadh gun robh am bàrd òg aig àm nuair a bha goireasan agus airgead glè ghan agus nuair nach fheumaist a bhith a' frithealadh na sgoile – bhiodh e mu 56 mun tàinig Achd an Fhoghlaim an Alba gu bith ann an 1872. Le bhith a' tomhas an fhiosrachaidh seo

agus le bhith a' toirt aire de na tha am bàrd fhèin ag ràdh sna h-òrain, thathar a' meas nach robh e riamh anns an sgoil agus tha cho ealanta 's a tha a bhàrdachd 's cho brìghmhor 's a tha a chànan na dhearbhadh nach e rud foghlaim a tha ann am bàrdachd ach gibhte shònraichte. Mar eisimpleir ann an Oran 13: ss.25–6, tha e ag ràdh, "Nan dèanainn sgrìobhadh gur fhad o dh'innsinn," agus ann an Oran 11: ss.9–12 tha;

"Gun agam cànan ach a' Ghàidhlig
Agus pàirt dhi nach eil uil' agam
Ach 's i bha ghnàth air feadh na ceàirn-sa
Anns an àit' an d' rugadh mi"

Tha na rainn seo ag innse dhuinn nach robh comas sgrìobhaidh aig a' bhàrd no eolas air Beurla mas e aon chànan a bh'aige. Nuair a tha am bàrd ag ràdh "Agus pàirt dhi nach eil uil' agam" chan eil fhios an ann a' caoidh gun robh a' Ghàidhlig a' lagachadh na bheachd-san seach mar a bha i ri linn a shinnsearan no an robh e a' ciallachadh nach robh a' Ghàidhlig aige fhèin gu h-iomlan seach nach sgrìobhadh e i? Chan eil Henderson a' toirt iomradh air foghlam no cion foghlaim ged a tha e ag ràdh mu *Oran a' Chianalais* (Oran13), "-a song of solitude in which he alludes to his inability to write." (1898: 44) Bha Dòmhnall I. MacDhòmhnaill agus Iain MacDhòmhnaill den bheachd nach robh am bàrd riamh san sgoil ged a bha iad ag aontachadh gum biodh beagan Beurla chluaise aige seach gum biodh e gu tric a-measg nan "daoine mòra Gallda" a bhiodh a' tighinn chun na h-oighreachd far an robh e ag obair. Thuirt Iain MacDhòmhnaill, "'S dòcha nach robh Beurla aige ach air a shon sin 's air a dhà shon dheug, feumaidh gun robh, a chionn cha b'urrainn nach robh Beurla aig a h-uile duin' aca – plamartaich air choireigin." (4/1: 273)

Mar a tha Cunntas-sluagh 1841 ag innse, b'e ciobair a bha 'sa bhàrd agus bha e ris an obair seo fad a bheatha. Tha e fhèin ag ràdh ann an *Oran Ciorstaidh Bruce*, (Oran 1: ss.33–6)

"Ged tha mi nam chiobair
A dìreadh nam beann
A' cruinneachadh chaorach
Feadh raontan is ghleann"

Tha Henderson ag innse dhuinn far an robh e ris an obair-sa, "The periods of his life map themselves out as follows: – (1) At Cleit-na-ducha, with Mr MacRae, son of Maighstir Fionnlagh, a former minister of North Uist; (2) At Scarista with Mr Macdonald; (3) In the Isle of Pabbay, with Stewart of Ensay." (Henderson 1898; 43)

Mar a tha fios againn ged tha, bha am bàrd an toiseach a' fuireach ann an Sgarastagh Bheag còmhla ri phàrantan agus ged nach eil Henderson a' toirt iomradh air a seo tha fios againn bhon Chunntas-sluaigh roi-ainmichte gun robh e ri ciobaireachd an Sgarastagh agus dh'fhaoidte gur ann air an tac aig an Dr. Raibeart Clark (1798-1853) aig an robh tuath Sgarastaigh Bhig air fhasdadh aig an àm. (Harris Historical Society 1986: 3) B'ann an seo a rinn e *Oran Ciorstaidh Bruce* (Oran 1) – a' chiad òran a chuir e ri chèile aig aois ochd-bliadhn' deug do nighean Sgiathanach a bha ag obair air oighreachd Losgantir 's a bha a' falbh air ais dhachaigh. (DIMD agus IMD 2/1: 544) Ged a tha an t-òran drùidhteach 's am bàrd ag ràdh:

"Bidh sinne le chèil'
Dh'aindeoin Clèir no cruaidh-bhinn,"

cha do phòs e Ciorstaidh Bruce idir.

Mu cheithir bliadhna an dèidh sin c.1838, nuair a bha am bàrd mu dhà air fhichead, rinn e Oran 2, agus 's e sin *Marbhrann do Mhaighstir Stiùbhart a bha do Theaghlach Eàsaigh*. Tha Aonghas Ailig MacGilleathain, nach maireann, ag innse dhuinn gun d' rinneadh an t-òran do dh' Uilleam Stiùbhart a chaochail le fiabhras air soitheach seòlaidh air a bhliadhna sin. (SA 1954/130) Bha mac aig Dòmhnall Stiùbhart, air an robh Uilleam, aig an robh tac Losgantir ann an Cunntas sluaigh 1841, ach cha d'lorgadh fiosrachadh sam bith eile a dhearbhas seo. Tha an t-òran a' sìor mholadh a' bhalaich le bhith a' cleachdadh shamhlaidhean as saoghal nàdair, mar bu dual do bhàird an ama, agus 's e seo a' chiad eisimpleir de mhòran far a bheil am bàrd a-mach air a bhith a' moladh 's a' toirt urram do dh'uaislean an àite 's don teaghlaichean.

Tha sean-fhacal ag ràdh "'S binn guth an eòin far am breithear e" agus gu dearbha bha seo fìor do Niall Moireasdan mar a tha aithnichte bho chuid òrain 's e gu tric a' moladh Sgarastaigh agus na h-àiteachan mu thimcheall far an robh e òg. Ann an *Oran a' Chianalais* nuair a tha e a' faireachdainn aonranach agus glaiste air Eilean Phabaigh tha e ag ràdh gu bheil e a' miannachadh a bhith air tìr ann am "mullach Bhliath-bhal far am b'òg a robh mi." (Oran 13: s.4) Gun teagamh tha rainn ann a tha a' sìor mholadh Sgarastaigh, m.e.,

"Coire Bhlith-bhal is tric air m'inntinn
 Le fhuarain fhìor-ghlain bu chùbhraidh fàileadh
 Biolair uaine a' fàs ma bruaichibh
 Gur mòr an suaimhneas do shluagh an àite."
 (ss.45–8)

Tha Sgarastagh air a bhith cudthromach cuideachd a thaobh creideamh agus an diugh tha coithional Eaglais na h-Alba ag aoradh ann an eaglais a tha suidhichte air làrach far am bithiste ag aoradh o chian. Tha Henderson ag innse gun robh Tearlach MacGilleathain a thàinig gu coithional Sgarastaigh ann an 1868 (FES 1928: 190) agus am bàrd Niall Moireasdan glè chàirdeil agus gun do sgrìobh am ministear na h-òrain a bu tràithe a rinneadh leis a' bhàrd. Gu mì-fhortanach, tha Henderson ag innse gun do chailleadh seo agus gun do dh'fhaillich air bantrach a' mhinisteir an lorg nuair a bha e a' deasachadh nan òran. (1898: 45-6)

Thathar a' meas gun d' rinneadh trì dha na h-òrain a tha glèidhte againn ann an Sgarastagh: Orain 1 agus 2 agus *Oran a' Bhuntàta* (Oran 3) a rinneadh ann an 1846, Bliadhna a' Ghaisidh. B'e seo an t-òran as fhaide a rinneadh leis a' bhàrd 's e a' ruith gu ochd fichead sreath uile gu lèir, òran ioma-fillteach a tha a-mach air cuspair deuchainneach agus air a dhèanamh nuair a bha mòr-shluagh an àite a' fulang gu mòr le cion a' bhidhe. Mar eisimpleir, tha e ag ràdh, ris a' bhuntàta fhèin, mu mhuinntir an àite:

"Tha 'n gruaidhean air seacadh
 'S an aodainn air cairteadh
 Le goinne 's le acras
 Gad ionndrainn."
 (ss.121–4)

Aig a' cheart àm, ged tha, tha ceathramhan eile geur-chainnteasach agus èibhinn, dh'fhaoidte a dh'aon ghnòthaich airson gàire a thoirt air daoine:

""S math an còcair' an t-acras
 'S e nach dèanadh ort tarcais
 Ged a bheireadh tu 'n aileag
 Dhan sgòrnan."
 (ss. 77-80)

Tha na tionndaidhean seo an dà chuid a' nochdadh mac-mheanamhain bheòthail agus a' sealltainn cho carach 's a tha am bàrd anns an dòigh anns a bheil e cha mhòr a' cluiche le aignidhean an luchd-èisdeachd – rud nach dèanar, 's cinnteach, gu soirbheachail ach le sàr bhàrd, gu h-àraid air a leithid de chuspair. Tha James Hunter na leabhar, *The Making of the Crofting Community*, a' toirt beachd air cho bochd nan crannchur 's a bha muinntir Na Hearadh ri linn a' ghaisidh, "The first hint of the oncoming calamity occurred in Harris in the early summer. The previous year's potatoes having proved inedible when lifted from their storage pits, the island's population were forced to subsist on a diet of shellfish and sand eels." (1976: 54)

Gu dearbh, coltach ri iomadh àite eile thar Ghàidhealtachd, lean a' bhochdainn ri muinntir an àite fad bhliadhnaichean an dèidh 1846. Bha am bàrd ainmeil Iain Moireasdan - *Iain Gobha Na Hearadh* – gu mòr an sàs ann a bhith a' cuideachadh nan daoine, gu corporra agus gu spioradail, agus ann an litir a sgrìobh esan bho dhachaigh ann an Leacali air an 5 den Ghiblean 1849 gu mhac Eoghan an Steòrnabhagh, tha e ag ràdh "People are much distressed here for want of food." (Henderson, 1893: ix)

Chan e a-mhàin a' bhochdainn a bhiodh a' tighinn ri muinntir Na Hearadh sna bliadhnaichean seo ach bha iad cuideachd air fulang gu mòr le mì-chinnt mun cuid fearainn agus iad an impis a bhith air an cur as an dachannan, 's air am fuadach an darna cuid do thaobh creagach taobh an ear an eilein, no a-null thairis. Bha Na Hearadh air a reic ris a' Mhorair Dunmòr nuair a bhris air ogha a' Chaipitin Alasdair MacLeòid a bha air an t-eilean a cheannach ann an 1779 agus bha tacan talmhainn air am fasdadh ri tuathanaich mhòra chaorach a bha comasach air màil mhòra a phàigheadh dhan uachdaran. Dh'èirich aimhreit mhòr timcheall air a' bhliadhna 1839 anns na Buirgh nuair a thàinig feachd shaighdearan agus an t-Oifigear, Lieutenant MacNeil, a dh'fhuadach nan daoine as an dachannan le làmhachas làidir 's gun iad, mar a ghabhas tuigsinn, deònach air falbh air a chòrr dòigh. 'S e b'adhbhar dhan a seo gun robh muinntir nam Borgh cho bochd nan crannchur 's nach b'urrainn dhaibh màil nam fearainn a phàigheadh agus gach foghar air a bhith mì-shoirbheachail dhaibh. Bha tac Losgantir air fhasdadh aig Dòmhnall Stiùbhart air aon taobh dhiubh agus tac Sgarastaigh Mhòir aige air an taobh eile agus nuair a thug esan rabhadh dhan uachdaran gum fàgadh e an t-eilean mur a faigheadh e na Buirgh cuideachd, 's e thachair ach gun deach muinntir an àite a thilgeil an darna taobh. (Lawson 1993: 33–5)

Bhiodh Niall Moireasdan mu 23 nuair a thachair seo agus e a' buachailleachd chaorach a-null 's a-nall san dearbh àite, ach a dh'aindeoin seo cha do rinn e, cho fad 's is fiosrach le daoine, òran riamh air a chuspair. Gun teagamh 'sann a rinn e dà oran molaidh dhan *Mhorair Dunmòr* (Oran10–11) agus òrain eile anns a bheil e a' moladh teaghlach Dhòmhnail Stiùbhairt – *Marbhrann Do Dh'Uilleam Stiùbhart* (Oran 2) agus *Moladh Na Lùchairte* (Oran12). Seach gun robh beò-shlaint a bhàird an crochadh an dà chuid air na 'daoine mòra' agus dha-rireabh air na caoraich air an robh mallachd iomadach bàrd eile, cha bhiodh e na bhuannachd dhà-san dì-moladh sam bith a dhèanamh orra. A dh'aindeoin seo, chan eil rian air nach robh e gu math cianail leis a liuthad uair a dheidheadh e air ais agus air adhart le beathaichean thar àite bàn far am b'abhast dha luchd-eòlais a bhith agus dh'fhaidte gura iomadh ceathramh a chuir e an altan a chèile na chridhe a-staigh nach cuala duine riamh.

Chan eil fhios le cinnt càit' an do choinnich am bàrd agus a bhean Raonaid ach dh'fhaidte gur e searbhanta air oighreachd Losgantir a bh'innte fhèin, coltach ri Ciorstaidh Bruce agus gu dearbha bhiodh luchd-obrach a' tighinn chun na h-oighreachd as gach ceàrnaidh aig an àm. Dh'fhaidte gur ann mun àm a phòs iad an 1848 a ghluais am bàrd gu ruige Cleite na Ducha air taobh siar an eilein, mu chòig mìle a tuath air Nisashì far an do rugadh e. Tha Cleite na Ducha suidhichte aig ceann Bealach Creag an Eòin, a tha a' ruith bho thaobh sear an eilein gu ruige talamh torach an taoibh an iar; agus b'ann an seo air oir na tràghad 's na fighdich a thog am bàrd an taigh cloiche agus tughaidh anns am biodh e a' còmhnaidh a' chuid mhòr dha bheatha. A' toirt seasamh dhan bheachd gur ann mu àm a phòsadh a

ghluais e an seo, tha Cunntas-sluaigh 1851 a tha ag ainmeachadh a' bhàird agus a theaghlach ann an Losgantir (a bhiodh a' gabhail a-steach Chleite na Ducha.) Anns an taigh tha am bàrd Neil Morrison, ciobair, aois 34, Rachel Morrison, a bhean, aois 29, Janet Morrison, a nighean, aois 3, Donald Morrison, a mhac, aois 1, Kenneth Morrison, athair, aois 90 agus Marion Morrison, a mhàthair, aois 90. Tha Henderson a' toirt iomradh gun robh am bàrd ann an seirbhis Mhaighstir MhicRath ann an Cleite na Ducha agus ged nach eil fios againn an ann aigesan a bha an tac an uairsin, bha tac Losgantir air fhasdadh aig Dòmhnall MacRath co- dhiù aig àm Cunntas-sluaigh 1861, agus tha e fhèin 's a theaghlach ann an taigh le còig searbhantan.

An diugh, chan eil duine a' fuireach ann an Cleite na Ducha fhèin ged a tha taighean gu leòr sna bailtean mu thimcheall air agus tha e doirbh dealbh a dhèanamh air an àite ri linn a' bhàird nuair a bha mòran de shluagh an àite air am fuadach far taobh an iar Na Hearadh. Gheibhtear a-mach dìreach cho bànn 's a bha an taobh an iar le bhith a' toirt sùil air Cunntas-sluaigh 1861. Tha seo ag innse nach robh ach trì taighean eadar tuath Losgantir agus tuath nam Borgh, astar fad còig mìle ri oir a' chladaich; dà thaigh ann an Cletnaduich (sic) – taigh a' bhàird agus taigh eile anns an robh Bess Morrison, widow, age: 65, pauper, agus a mac Dòmhnall Moireasdan – *Dòmhnall Beasa* – a tha am bàrd gu tric ag ainmeachadh sna h-òrain, Donald Morrison, son, unmarried, age: 29, pauper. Bha aona taigh ann an Seileabosd, taigh Oighrig NicFhionghuin – *Oighrig Mhòr Sheileaboisd* – a bha na banchaig air an oighreachd agus bha searbhanta eile a' fuireach còmhla rihte: Effy MacKinnon, unmarried, age: 57, dairymaid agus Ann MacKenzie, unmarried, age: 22, general servant. Mar sin tha e fìor ri ràdh gun robh àite-fuirich a' bhàird glè aonranach aig an àm ud co-dhiù. Ann an taigh a' bhàird bha Neil Morrison, married, age: 46, shepherd agus Rachel Morrison, wife, age: 37, Janet Morrison, daughter, age: 12, Donald Morrison, son, age: 11, Marion Morrison, daughter, age: 7, Christina Morrison, daughter, age: 5 agus dà shearbhanta a bhiodh cuideachd ag obair air an oighreachd.

Anns an darna àite, tha Henderson ag innse gun robh am bàrd an seirbhis Mhaighstir MhicDòmhnail ann an Sgarastagh. Bho Chunntas-sluaigh 1871, tha fios againn gun robh tac Sgarastaigh aig fear, "Kenneth MacDonald," no *Coinneach Sgoileir* (1818-91) (Harris Historical Society 1986; 6) aig an àm agus dh'fhaidte gun robh am bàrd ag obair an seo cuideachd ged nach biodh e ann ach ùine gu math goirid. Bu chòir dhuinn cuimhneachadh gum biodh e fhathast a' fuireach ann an Cleite na Ducha ged a bhiodh e ag obair air tuath eile oir cha shaoileadh iad càil sna làithean ud de bhith a' siubhal mhiltean fhada air chois.

Tha Henderson ag innse dhuinn nach do dh'fhàg am bàrd eilean àraich tric riamh ach dh'fhaidte uair ainneamh gu ruige Port-Rìgh no Grianraig. Dh'aontaich Iain MacDhòmhnail gun robh e a' creidsinn gum biodh a shinn-sheanair gun teagamh air falbh air tìr-mòr corra uair agus bha esan a' smaoinachadh gur e fàth a thurais a bhith a' toirt bheathaichean gu feilltean, uaireannan cho fada a deas ri Srighlea. (4/1: 355)

Fad nam bliadhnaichean seo bha am bàrd a' ciobaireachd chaorach air taobh an iar Na Hearadh 's e ri dèanamh nan òran aig a' cheart àm (Orain 5–11) 's e ag obair a-muigh air

feadh an àite mar a tha e fhèin ag ràdh ann an *Oran Eithir Fhearaghais* (Oran 21:ss.61–4);

"S mòr gum b'annsa bhith san aonach
Feadh nam fraochan 's anns a' chruadhlach
'G altrum uan 's a' tional chaorach
'S greis air mo thaobh a' dèanamh dhuannag."

Air dhuinn beachdachadh air suidheachadh a' bhàird, tha e soirbh ri fhaicinn gun do dh'fhuiling e fhèin 's a bhean gu mòr oir ann an 1859 chaochail an nighean Anna aig aois naoi bliadhna agus air an aon bhliadhna chaochail nighean eile leotha, Màiri, 's gun i ach a dhà. Cha robh an ath bhliadhna, 1860, càil na b'fheàrr oir rugadh nighean eile air an tug iad Anna ach chaochail ise i fhèin. (L)

Anns an treas àite tha Henderson ag ràdh gun robh am bàrd "In the Isle of Pabbay with Stewart of Ensay." (1898: 43) Bithear a' gabhail 'Bàrd Phabaigh' air Niall Moireasdan, agus tha Henderson ag ràdh, "It was in Pabbay that he lived most of his life, so that Neil Morison may fittingly be called the Pabbay Poet." (1898: 45). Ged a bhiodh e furasda tighinn chun a' cho-dhùnaidh seo, a rèir Iain MhicDhòmhnaill, cha robh e ann ach ceithir bliadhna air fad.

DIMD: "O bha gu leòr a' smaoinichadh gun robh e fada, fada ann [am Pabaigh].

IMD: "O cha robh, ceithir bliadhna a bha am bàrd ann am Pabaigh." (2/1: 347)

Mar a chunnacas bho Chunntas-sluaigh 1861, bha am bàrd fhathast ann an Cleite na Ducha, ach ann an 1871 tha e fhèin 's a theaghlach ann an Eilean Phabaigh. Anns an taigh tha "Neil Morrison, shepherd, age: 56, Rachel Morrison, wife, age 48, Marion Morrison, daughter, unmarried, age: 16, Chirsty Morrison, daughter, unmarried, age 14." Bha fear "John MacDonald, visitor" anns an aon taigh agus e fhèin ag obair air an eilean. Seach nach do chaochail 's nach do phòs duine dhan chloinn eadar àmannan an dà chunntais-sluaigh, chan eil fios againn far an robh e eadar an dà àm no a bhith càil nas mionaidiche mu nuair a chaidh e chun an eilein. Tha fios againn bhon Chunntas-sluaigh agus bho chuid òrain gun robh a' chlann còmhla ris ann am Pabaigh. Mar eisimpleir ann an *Oran a' Chianalais* tha e ag ràdh "Mo bhean cho neònach 's mo chlann cho gòrach." (Oran 13: s.13) Ged nach do thachair a bhith air an eilean aig àm a' Chunntais-sluaigh ach Mòr agus Cairistiona, dh'fhaoidte gun robh càch ann aig amannan eile.

Cha robh ach aon taigh eile anns an robh daoine a' fuireach air an eilean ann an Cunntas-sluaigh 1871 agus b'e sin taigh *Fhearaghais mac Iain Bhàin* a bhios gu tric a' nochdadh an òrain a' bhàird; "Fergus Ferguson, head, age: 65, cottar, Ann Ferguson, wife, age 59, Ann Ferguson, daughter, age: 30, dairymaid, out of employment." Ged nach do thachair gun robh e ann aig àm a' Chunntas-sluaigh, tha fios againn bho òrain a' bhàird agus bhon t-seanchas gun robh Dòmhnall Moireasdan – *Dòmhnall Beasa* – a bha a' fuireach ri thaobh ann an Cleite na Ducha, còmhla ris a' bhàrd ann am Pabaigh (Faic Eàrr-ràdh A: 4–6) Anns na h-òrain, tha am bàrd gu tric a' toirt iomradh air an fheadhainn sin a bha còmhla ris air an eilean. M.e. ann an *Oran A' Chianalais* tha e ag ràdh "Mar tha Fearghas cha dèan e

seanachas" (Oran 13: s.21) agus "Tha mi gun sòlas nam àite còmhnaidh Ach Dòmhnall gòrach le seacaid bhàn air" (ss.15–6)

Tha e aithnichte bho na h-òrain a rinn Niall Moireasdan air Eilean Phabaigh (Orain 12–16) nach do chòrd e ris idir a bhith ann 's e ag ràdh ann an *Oran A' Chianalais*:

"Gur mi tha cianail san eilean fhiadhaich
Gur fhada 'n iar e chan fhiach an t-àit e
'S olc am prìosan e seach na h-Innsean
Do dh'fhear a dhìtear airson na meairle." (ss.5–8)

Bha Pabaigh na àite air leth aonranach dha agus bhrosnaich an cianalas agus am bròn a bha e a' faireachdainn e gus na h-òrain seo a dhèanamh le faireachdainn agus brìgh shònraichte. Ged nach robh am bàrd air an eilean ach mu cheithir bliadhna, tha na h-òrain a rinn e ann nan còigeamh pàirt de na tha air an glèidheadh de chuid òrain uile gu lèir agus dh'fhaoide gun robh a bhuadhannan bàrdachd air an gluasad na bu thrice air an eilean an dà chuid mar fhaochadh dha fhèin agus airson an tìde a chur seachad.

Dh'innis Bill Lawson gun do dh'fhàg Anndra MacRath, an ciobair a bha ann roimhe, Pabaigh c.1869 agus mar sin dh'fhaoide gun deach am bàrd ann mun àm sin agus ma bha e ann ceithir bliadhna, thigeadh e às c.1873. Ged nach eil an seo ach tuairmse, tha am fiosrachadh gun do rugadh leanabh diolain an Cleite na Ducha ann an 1874 do Sheonaid, nighean a' bhàird, a chaidh fon ainm Mairi Moireasdan (Register of Births) a' toirt seasamh nas làidire dha na h-amannan seo agus ged nach eil fios againn an robh Seonaid ann am Pabaigh (bhiodh i aig aois far am faodadh i a bhith aig a cosnadh), tha fios againn nach robh duine anns an taigh ann an Cleite na Ducha ann an Cunntas-sluaigh 1871 agus co-dhiù tha an seachas aig Iain MacDhòmhnaill ag innse gun robh am mullach air a thoirt dheth fhads a bha an teaghlach air an eilean. Mar sin, seach gun do rugadh an nighean aig Seonaid ann an 1874, bhiodh e coltach gum biodh an teaghlach uile air tilleadh air ais ann mun àm sin. Mar sin faodaidh sinn gabhail ris gur ann bho c.1869–74 a bha Niall Moireasdan ann an Eilean Phabaigh.

Tha Henderson ag innse gun do thill am bàrd air ais gu ruige Cleite na Ducha an deidh dha a bhith ann am Pabaigh oir tha e ag ràdh, "He latterly in the service of Mr MacKenzie of Luskintyre, lived at Cleit-na-ducha.....Here he lived for fourteen years: here he died in the spring of 1882 in his sixty-sixth year, survived by a son and two daughters and grandchildren." (1898: 45) B'ann don fhear-taice seo a rinn am bàrd *Oran Molaidh do Thòmas MacChoinnich a bha ann an Losgantir* air dha falbh às an àite agus e a' caoidh gun do dh'fhalbh fear a bha cho math do mhuinntir an àite.

Ann an Cunntas-sluaigh 1881, ged a tha bean a' bhàird air tìr-mòr Na Hearadh, tha am bàrd fhèin ann an Eilean Cheileagraidh ann an Caolas Na Hearadh còmhla ri mhac Dòmhnall agus a theaghlach, agus dh'fhaoide nach robh e ann ach air turas. Anns an taigh tha, "Neil Morrison, father, married, age: 64, shepherd; Donald Morrison, head, married, age: 30, shepherd; Mary Morrison, wife, age: 32; Murdo Morrison, son, age: 3; Neil Morrison, son, age: 1."

Tha Henderson ag innse gun do chaochail am bàrd ann an Cleite na Ducha anns an earrach 1882 agus e ag ràdh gun deach a ghiulain gu cladh Sgarastaigh. (1898: 45) A' toirt seasamh dhan a seo, dh'innis Dòmhnall I. MacDhòmhnaill gun cuala esan gun do rinn am bàrd fàisneachadh mu bhàs fhèin. Tha Cleite na Ducha air oir fighdich far am bi an làn a' tighinn a-steach agus chomharraich am bàrd sgeir shònraichte dha theaghlach agus dh'innis e dhaibh gun caochladh e air a leithid seo de latha nuair a dheidheadh an sgeir sin fodha, agus mar a thuirt b'fhìor.

Mar bu dual do chiobair sam bith, bha am bàrd measail air coin agus bha cù bàn aige air an robh meas shònraichte aige. Tha iomradh air a' chù bhàn ann an *Oran nan Rodan* nuair a tha am bàrd ag ràdh

"S gun dad agam gus mo theàrnadh
Ach seana chù-bàn gun fhiacalan." (Oran 24: ss.31–2)

Dh'innis Iain MacDhòmhnaill sgeulachd inntinneach a tha a' toirt blasad de bheatha a' bhàird agus a tha cuideachd a' toirt seasamh dhan bheachd gur ann ann an Clèite na Ducha a chaochail e.

"Nuair a bhàsaich am bàrd, chaidh an cù bàn fon leabaidh. Cha robh am broinn an taighe na bheireadh as a siud e. Cha tigeadh e a-mach as a siud. Bha e fon leabaidh. Cha charaicheadh e. 'S ann an uairsin a' coiseachd a bhiodh iad leis an adhlacadh. Nuair a ràinig iad drochaid Sheileaboisd, seann drochaid fhiodha, nuair a ràinig e ceann thall na drochaide, lean e an giulan a h-uile ceum riamh gus an do ràinig e ceann thall na drochaide. Nuair a ràinig e ceann thall na drochaide, stad e agus leig e trì comhartan. Thill e air ais. As deidh sin cha ghabhadh e leigeil do dhuine sam bith." (2/1:298)

Tha iomradh air a thoirt air a' bhàrd aig coinneamh de Choimisean nan Croitearan 's an Ob an ceann a deas Na Hearadh air Diardaoin 31 den Chèitean, 1883 nuair a tha Coinneach MacDhòmhnaill, Coinneach Sgoileir, tuathanach às Sgarastagh Mhòr a' togail fianais. Chuir am Ball Pàrlamaid Teàrlach Friseal Mac-an-Tòisich na ceistean a leanas air MacDhòmhnaill:

"13346. *Mr Fraser Mackintosh*. - Have you any poets or bards among you? - Yes, there was one celebrated poet, but he died about two years ago. The Harris bard, he was always called.

13347. What was his name? - Neil Mackinnon.

13348. Where did he stay? - Luscantire."

(Crofter's Commission Report 1883: 859)

Chan eil teagamh nach e Niall Moireasdan a tha air iomradh an seo seach gu bheil àm a' bhàis agus àite-fuirich a' còrdadh ri beatha a' bhàird agus ged a tha cinneadh eadar-dhealaichte air a thoirt seachd thathar a' meas gur e mearachd a dh'èirich ri linn an eadar-theangachaidh a tha seo seach gum bithiste uaireannan ga ainmeachadh mar Niall mac Choinnich. Gun teagamh, cha robh bàrd iomraiteach ann an Losgantar seach e fhèin agus is iomadh duine dhan tug bàrdachd Nèill Mhoireasdain toil-inntinn agus tlachd agus tha i

fhathast na teisteanas luachmhòr air eachdraidh an ama.

CAIBIDEAL 2. Beath-Eachdraidh Nèill MhicDhòmhnaill

Rugadh Niall MacDhòmhnaill – *Niall am Bàrd* no *Niall Mòr* – an Cleite na Ducha air taobh an iar Na Hearadh san Og-Mhios, 1883. B'e a' chiad duine teaghlaich de sheachdnar a rugadh do Dhòmhnaill MacDhòmhnaill as Caolas Stocanaish – *Dòmhnaill Beag na h-Airde* – agus Mòr Mhoireasdan – *Mòr a' Bhàird*, nighean an t-sàr-òranaiche Niall Moireasdan – Bàrd Phabaigh. Ann an 1908 phòs Niall tè de mhuinntir Sgarastaigh Na Hearadh, Ceit Seadha – *Ceit Iain Sheadha* – agus rugadh ceathrar chloinne dhaibh; Mòrag (1909), Seonaidh (1913), Dòmhnaill Ailig (1917), agus Iain (1922). Chaochail am bàrd ann an Losgantir ann an 1965 aig aois 82. (L)

B'ann anns an taigh anns an robh a sheanair Niall Moireasdan a' fuireach a rugadh Niall ged a bha an seana-bhàrd air caochladh san earrach 1882, còrr agus bliadhna ron a seo. Gun teagamh 's e ainm a sheanar a thugadh air Niall agus ged a bhiodh e mar chleachdadh gur e ainm athair athar a bheirist air a' chiad mhac, nam biodh cuideigin de dhlùth-chàirdean màthair an leanabh air caochladh bho chionn ghoirid, dheidheadh ainm a thogail mar urram dha. (DIMD) Bha triùir bhràithrean agus dithis pheathraichean aig a' bhàrd; Dòmhnaill (1885), Mairead (1886), Dòmhnaill Iain (1888), Seasaidh (1890), Ruairidh (1893) agus Dòmhnaill Beag (1896). (L)

Tha a' chiad iomradh oifigeil de Niall ann an Cunntas-sluaigh 1891 nuair a tha e seachd bliadhna agus 's e seo an Cunntas-sluaigh mu dheireadh a tha fosgailte don mhòr-shluagh agus mar sin a tha na chuideachadh sam bith ann a bhith a' rannsachadh a bheath-eachdraidh. Tha an Cunntas-sluaigh seo ag innse gu bheil na leanas anns an taigh ann an Cleatnaduchadh (sic); "Donald MacDonald, head, married, age:29, shepherd; Mary Macdonald, wife, age: 35; Neil MacDonald, son, age: 7, scholar; Donald MacDonald, son, age: 5, scholar; Margaret MacDonald, daughter, age: 4; Donald I. MacDonald, son, age: 2; Jessie Morrison, sister in law, dairymaid; Ann Morrison, daughter in law, general servant; Mary MacKenzie, daughter in law, general servant; Christina Morrison, boarder, general servant."

Ged is e "Mary," a thathar a' toirt airson màthair a' bhàird, chan eil teagamh nach e Mòr a' bhàird a tha seo agus dh'fhaoidte gun do dh'èirich a' mhearachd ri linn an eadar-theangachaidh. 'S e piuthar Mhòir, Seònaid Mhoireasdan – *Seònaid a' Bhàird* – a bha ag obair air oighreachd Losgantir a tha ann an "Jessie" agus 's e dithis nighean dhìolain a bh'aice a tha ann an "Ann Morrison" agus "Mary MacKenzie." B'ann don Mhàiri seo a rinn a seanair Niall Moireasdan an t-òran *Hò Mo Nighean Dubh Riabhach*. (Faic Oran 23)

Bha Cleite na Ducha a cheart cho iomallach nuair a bha Niall MhicDhòmhnaill òg 's a bha e ri linn a sheanar seach nach robh na daoine fhathast air tilleadh ann bhon a chaidh an sinnsearan a sgrios as ri linn Fuadaichean nan Gàidheal. Air sgàth seo cha robh de thogalaichean faisg air an taigh beag cloiche san do rugadh Niall 's far a robh a sheanair air a bhith na chìobair ach Loids Losgantir mu leth-mhìle air falbh air taobh eile na fadhlach agus taigh a' chìobair Iain Mhoireasdan – *Iain mac Chaluim* – ann an Seileabosd, mu mhìle air falbh air an taobh eile. Cha robh taigh eile air an taobh torach seo de na Hearadh gus an ruigiste tuath Bhorgh Bheag a bha faisg còrr is ceithir mìle air falbh. (Cunntas-sluaigh

1891) Seach gun robh an t-àite cho falamh de dhaoine, cha robh sgoil faisg air Cleite na Ducha idir agus mar sinn bhiodh Niall agus a pheathraichean 's a bhràithrean a' frithealadh Sgoil Chaolais Stocanaish air taobh an ear an eilein, astar mu chòig mìle air chois tro Bhealach Creag an Eòin, ach seach gum buineadh teaghlach an athar don a' bhaile sin, bhiodh iad uaireannan a' fuireach ann oidhcheannan.

"Bhiodh iad uaireannan a' fuireach oidhcheannan ann ach bhiodh iad a' tighinn dhachaigh fhios agad a-rithisd. Chan eil fhios agamsa cò am fear a bh'ann – fear Brown." (IMD 1/2: 034)

Tha *John Brown*, aois 42, às Siorrachd Inbhir-Air na mhaighstir sgoile a' fuireach ann an taigh-sgoile Chaolais Stocanaish le bhean agus còignear chloinne ann an Cunntas-sluaigh 1891 agus mar sin 's e a bhiodh ag ionnsachadh a' bhàird gun teagamh agus ged nach eil iomradh air Niall no air a pheathraichean no bhràithrean ann an clàran na sgoile a bhithist a' cumail bho àm gu àm, dh'fhaoidte nach do thachair dhaibh a bhith san sgoil aig àm a' chlàraidh. (L) Ann an Cunntas-sluaigh 1891 tha "scholar" sgrìobhte mu choinneamh ainm Nèill agus a bhràthair Dòmhnall agus tha seo na dhearbhadh gun robh iad a' faighinn ionnsachadh foirmeil. Tha an Cunntas-sluaigh seo inntinneach seach gu bheilear ag innse dè na cànan a tha aig gach duine fa leth anns gach taigh agus b'e Gàidhlig a-mhàin a bh'aca ann an taigh a' bhàird a dh'aindeoin 's gum bheil e clàraichte gun robh Gàidhlig agus Beurla aig corra dhuine san sgìre. A rèir Iain MhicDhòmhnaill, sgrìobhadh agus leughadh athair sa Bheurla ged nach d'fhuair e riamh an cothrom sin ionnsachadh na chànan mhàthaireil,

"O sgrìobhadh, sgrìobhadh [e sa Bheurla.] Cha leughadh e Gàidhlig idir 's cha sgrìobhadh e i." (1/2: 040)

Mar sin, bhiodh am bàrd òg a' coiseachd dhan sgoil tron bheinn air a dhà chois ris agus lean seo dreis gu 1894, bliadhna gu math dubhach don teaghlach oir sa bhliadhna sin chaochail athair a' bhàird, *Dòmhnall Beag na h-Airde*, 's gun e ach sia bliadhn' deug thar fhichead. Chan eil rian air nach e buille chruaidh a bha seo don teaghlach gu h-àraid seach gun do rugadh an leanabh as òige a bh'aig Mòr a' Bhàird air an dearbh latha 's a chaochail a cèile agus 's e 'Dòmhnall' a thug i air fhèin. A rèir Iain MhicDhòmhnaill 's e traoghadh air fuil a thug bàs do Dhòmhnall agus ged nach eil fhios an robh athair air caochladh mus do rugadh an leanabh, bhiodh e soirbh a thuigsinn gum fàsadh boireannach a bha an dùil ri leanabh tinn 's i air droch naigheachd de leithid a chluinntinn.

Co-dhiù bha Niall aona bliadhn' deug nuair a rugadh Dòmhnall Beag 's a chaochail athair agus a mhàthair air a fàgail leatha fhèin ann an àite iomallach le seachdnar chloinne bige agus gun mòran cuideachaidh ri fhaotainn san latha a bh'ann. Mu sheachdain as dèidh dhan duine aice caochladh, thàinig *Tòmas Brydone*, fear-taic Losgantar (Faic Èarr-ràdh A: 7) a bha air truas a ghabhail ri Mòr a' Bhàird, a choimhead oirre agus thug e obair do Niall aig a' cheart àm. Bha e air a chur na dhleasdanas air a bhith an urra ris a' chrodh Ghàidhealach a bha air an oighreachd, an toirt a-mach gu feurachadh sa bheinn agus gu h-àraid dèanamh cinnteach nach deidheadh iad a-measg an talamh àitich 's gun feansaichean ann gus a dhìon. Aig deireadh latha fada bha aig Niall òg ri an toirt a-steach gu Buaille Rosamol an Losgantar agus coiseachd mu dhà mhìle air ais dhachaigh ann an ciaradh an fheasgair. Bha sin an 1894 agus Niall aona bliadhn' deug agus cha deach e latha dhan sgoil tuilleadh. (IMD)

Lean an dòigh beatha seo fad bhliadhnaichean agus ged a bhiodh e 's cinnteach a' bàrdachd san àm seo, gu mì-fhortannach, cha d'fhuair e gin a bhuineas dhan tràth seo dha bheatha.

Phòs am bàrd agus a bhean Ceit Seadha ann an Sgarastagh sa bhliadhna 1908, an aon bhliadhna anns an do chaochail a mhàthair Mòr. Ged nach do chuir am bàrd seachad mòran ùine air tìr mòr, dh'innis Iain MacDhòmhnaill gun robh athair agus a mhàthair a' fuireach dreiseag ann an Glaschu dìreach goirid an dèidh dhaibh pòsadh, ach rugadh a' chlann air fad 's Na Hearadh.

"O bh'e ann an Glaschu. Bh'e ag obair dreis ann an Glaschu. O bha. Bh'e ag obair air an *railway*." (1/1: 492)

Air dhaibh tilleadh dha Na Hearadh mun bhliadhna 1909, fhuair am bàrd obair ann an Sgarastagh ann an seirbhis Ruairidh Mhic-an-Lèigh aig an robh an tac sin agus bha am bàrd gu bhith na sheirbhis fad ochd-bliadhn' deug uile gu lèir. B'ann às Loch Bhraoin a bha Mac-an-Lèigh agus thàinig e an toiseach na gheamair gu tac Losgantir agus tha Cunntas-sluaigh 1881 ga ainmeachadh air an tac sin le bhean agus le theaghlach agus e 34 aig an àm. Bithear fhathast a' cluinntinn an *Geamair Ruadh* ga ghabhail air ach fhuair an dearbh fhear air adhart gu mòr anns Na Hearadh gus an robh tac Sgarastaigh Bhig aige dha fhèin agus an deagh chuid de mhuinntir an àite gan cosnadh aige. Tha am fiosrachadh a leanas anns an leabhar *Croft History* a chaidh fhoillseachadh le Comunn Eachdraidh Na Hearadh:

"Scarista Bheag farm then passed to Roderick MacLeay, former keeper at Borve Bheag.

Roderick MacLeay (1848) from Lochbroom, married to Ann Fraser, 1847–1914 with family; Lexy (1846), Grace (1879), Hannah (1880–1959), Helen (1880).

Scarista Bheag farm was broken up into crofts in 1936." (Harris Historical Society 1986: 4)

Dh'fhaoidte nach do rinn am bàrd riamh òrain cho sgaiteil do dhuine sam bith 's a rinn e do Mhac-an-Leigh nuair a dh'èirich aimhreit mu na fearainn bliadhnaichean an dèidh sin ach fhathast co-dhiù bha cùisean sìtheil, rèidh agus bha am bàrd ag obair a-null 's a-nall air an tac, a' ciobaireachd 's a' buain mhòna 's ri obair àbhaisteach fearainn. Mar a bha bitheanta san àm sin, bha teaghlach a' bhàird gu math bochd nan crannchur agus gun aca mar àite fuirich ach rùm agus cidsin ris an canadh iad "a' chùil" air a thogail ann an oisean gàraidh agus bha'd an seo gus an d'fhuair iad cothrom air taigh beagan na b'fheàrr a thogail.

'S ann mun àm seo ann an Sgarastagh a rinn am bàrd na h-òrain as tràithe a tha air an glèidheadh againn agus tha iad seo (Orain 27 agus 28), a rinneadh dh'fhaoidte sa chiad dol a-mach mar thoil-inntinn dhaibhsan a bha ag obair còmhla ris air an tuath, an diugh nan teisteanas air dòigh-beatha an ama.

Timcheall air a' bhliadhna 1920 chaidh am bàrd agus a theaghlach – bha triùir dhan chloinn air am breith ron a seo an Sgarastagh – a dh'fhuireach gu ruige Caolas Stocanaidh air taobh an ear an eilein. (IMD) 'S e b'adhbhar dhan a seo gun robh seanair a' bhàird, Dòmhnall Moireasdan – *Dòmhnall Mòr na h-Airde* – air caochladh agus seach gur e athair a' bhàird, a

chaochail na dhuine òg, am mac a bu shine a bh'aige, 's e Niall a bha a' tighinn a-staigh air an fhearann:

"'S ann gu fearann, bheil fhios agad, mo shinn-seanair a chionn 's e Dòmhnall Beag na h-Airde a bu shine dhan teaghlach. Bha Dòmhnall Mòr na h-Airde pòsda dà uair. Bheil fhios agad? 'S ann bhon a' chiad bhean a bha mo sheanair, Dòmhnall Beag na h-Airde agus nuair a bhàsaich mo shinn-sheanair – bha mo sheanair air bàsachadh agus 's e m'athair am mac a bu shine a bh'aig Dòmhnall Beag na h-Airde agus 's e bha tighinn a-staigh air an fhearann." (IMD 1/1: 070)

Mar sin ghluais am bàrd a theaghlach gu taigh a sheanar agus b'ann an seo a rinneadh *Oran Dhòmhnaill Eachainn* (Oran 29) do dh'fhear de charactaran a' bhaile agus *Drochaid an Dòchais* (Oran 30) a tha na dhealbhachadh èibhinn air a bhith a' togail drochaid Chaolas Stocanaïs. Ged a tha na h-òrain a' nochdadh aoibhneas agus càirdeas a-measg muinntir na coimhearsneachd, cha do dh'fhan iad ann ach mu dhà bhliadhna uile gu lèir seach nach robh bean a' bhàird toilichte a-measg chreagan nam Bàgh agus i cleachdte ri talamh machrach taobh an iar an eilein.

"Bha e a' còrdadh ri m'athair math gu leòr ach cha robh e a' còrdadh ri mo mhàthair idir. Thàinig iad an uairsin air ais a Sgarastagh....Thòisich m'athair aig Mac-an-Lèigh a-rithist an dèidh tilleadh às na Bàigh." (IMD)

B'ann mun bhliadhna 1922 a thill an teaghlach air ais a Sgarastagh far an do rugadh Iain MacDhòmhnaill (IMD), an duine as òige dhan teaghlach san Damhair dhan bhliadhna sin, agus tha deagh chuimhn' aige fhèin air a bhith ann an Sgarastagh fad bliadhnaichean òige. 'S ann mu 1926 a thòisich aimhreit an fhearainn ann an Sgarastagh Bheag – an aon tachartas as motha a ghluais buadhannan bàrdachd Nèill MhicDhòmhnaill – agus tha na h-òrain a rinn e ri linn na h-aimhreit an dà chuid lasanta agus brìghmhor; (Orain 31–35) Bha fearg mu mhì-cheartais riaghailtean na talmhainn a' cogadh ris a' bhàrd gu mòr agus ged nach deach e fhèin a thogail dhan Chiad Chogadh seach gu robh feadhainn a bha ag obair air an tuath *exempted* (IMD 1/1: 265) bha e air a bhuaireadh gun robh a leithid de thalamh fo làimh an uachdarain agus seòid a' chogaidh gun chàil idir. Tha an cuspair air corra bhàrd ann an saoghal na Gàidhlig a ghluasad, leithid Dòmhnall Ruadh Chòruna a thuirt ann an *Oran na Seilge*;

An t-sealg 's an t-iasgach bha sinne dìon dhaibh
Am measg fuil is crèadh ann an sliabh na Fraing
Cha bhlais ar beul-ne air sgath gu sìorraidh-
Tha laghan dèante nach fhiach sinn ann. (MacAmhlaigh 1995: 56)

Gun teagamh 's e na h-aon fhaireachdainnean a ghluais Niall MacDhòmhnaill gus duan a dhèanamh agus e a' cur seo an cèill ann an *Oran an Raididh* 's e ag ràdh mu na caoraich a bh'air na fearainn:

"Nuair a thàinig Blàir na Daorsa
Cha robh aon dhiubh air an leòn." (Oran 34: ss.11–2)

Bha am bàrd air a shàrachadh cho mòr agus gum b'fheudar dha sgar a dh'obair do Mhac-an-Lèigh agus thòisich e fhèin agus ceathrar eile; Eòghainn MacIllinnein (*Eòghainn Dhòmhnaiill Bhàin*), Ruairidh MacLeòid (*Ruairidh Dhòmhnaiill Ruaidh*), Coinneach MacIllinnein (*Coinneach Tarasach*) agus Teàrlach MacIllinnein (*Tearlach Alasdair*), a bha cuideachd gun talamh, air obrachadh le làmhachas-làidir seach nach faigheadh iad air a' chòrr dòigh e. Mar a tha am bàrd fhèin ag ràdh, "Mi ceithir bliadhna 's an lagh gam riasladh," (Oran 35: s.13) lean an *ràideadh* fad ceithir bliadhna eadar 1926–30 agus air sgàth seo bha e a-measg na feadhainn a chaidh an cur dhan phrìosan airson an gnìomharan ri linn na h-aimhreith. Feumar cuimhneachadh, ged tha, nach ann a-mhàin a-mach air am beachd a sheasamh a bha na Raiders – bha iad air an èiginneachadh cho mòr le cion a' bhidhe 's nach robh an còrr ann a b'urrainn dhaibh a dhèanamh. (IMD)

Anns an leabhar *Fit For Heroes?* tha Leah Lenaman a' toirt cunntas mhionaideach air na thachair ri linn aimhreith an fhearainn ann an Sgarastagh Bheag:

..the Scaristaveg saga rivalled anything that happened in Uist, Lewis or Skye. When a scheme – for six new holdings and enlargements for 35 crofters in the neighbouring township – was first drawn up by the board in 1925 the farm was part of the unsold portion of the Leverhulme estate. However, by the end of that year it had been purchased by the man [Mac-an-Lèigh] who had tenanted it until 1921 (when the estate had taken it into their own hands). He suggested a scheme of only three new holdings, one of them for his own daughter [Hànag – Faic Oran 31], plus the enlargements. The board were willing to go along with this, but the compensation claim was considered unreasonable. The proprietor ignored the Board's warning of a probable raid, and matters were at an impasse when, in March 1926, five neighbouring cottars did raid the farm. (1989: 127)

Tha *Inverness Courier* a nochd sa Ghiblean a' toirt iomradh air dè dhà-rìreabh a thachair agus ag innse gun do chuir Mac-an-Lèigh bacadh oifigeil air na raiders:

The men who have received summonses include Ewan MacLennan, Neil MacDonald, Kenneth MacDonald, Roderick MacLeod, and Charles MacLennan. The proceedings for interdict are at the hands of Mr Roderick MacLeay, Harris, who recently purchased the lands. The proprietor avers that the defenders, with one exception, are cottars and squatters, and that on Monday, March 1, they entered upon the farm of Scaristaveg without permission and began measuring the farm into smallholdings. Pursuer also avers that on March 10 the defenders again entered on the farm and commenced ploughing the land which they had previously measured off for smallholdings. They have, it is averred, repeatedly trespassed on the farm since the latter date, and are continuing to cultivate it notwithstanding the landlord's remonstrances. The pursuer states that it is the landlords intention to take permanent possession of the lands, to erect buildings thereon, and to place stock on the farm. (IC, 9.4.1926)

An deidh dha na raiders an tàlamh àiteach gun chead, lean connspaid fhada eadar Mac-an-Lèigh agus am Bòrd agus air an 17 den Mhàirt, thadhail fo-choimiseanair a' Bhùird, Donnchadh Stiùbhart (a tha am bàrd a' moladh ann an Oran 35:s.15), air an tuath agus tha e

follaisach bhon an aithisg aigesan air a' chùis gu robh co-fhaireachdainn aige ri na croitearan seach gu bheil e ag ràdh:

To a certain extent the Proprietor is himself responsible for the burst of lawlessness at this particular moment. I find that he has been making injudicious remarks by informing the community he was to have his own selection of the two new tenants who were to hold along with his daughter. (Leneman 1989: 127)

Tha e a' leantainn air gu bhith ag ràdh gu bheil dreis bhon a tha e air a bhith ann an rùn nan croitearan an talamh àiteach ach gun do dh'fhan iad 's iad den bheachd gun robh am Bòrd a' feuchainn ris an tuath a shuidheachadh. A-nise tha e ag ràdh gu bheil iad den bheachd gum bi iad air am fàgail a-mach as a' chùis uile gu lèir agus gur e sin adhbhar na h-aimhreith. Tha e cuideachd ag ràdh gu bheil muinntir na h-ath choimhearsnachd gu mòr air an taobh agus gu bheil esan den bheachd gu bheil na raiders air comhairle laghail a shireadh. Mu dheireadh tha e ag aithris gu bheil na croitearan mothachail gu bheil iad a' briseadh an lagha, ach gu bheil esan den bheachd gun cùm iad rompa leis a' chùis chun an fhìor dheireadh. (Leneman 1989: 127–8)

Gun dearbha thàinig fàisneachd Mhgr Stiùbhart gu bith, lean a' chonnspaid, chaidh na raiders a ghairm gu Cùirt ann an Loch nam Madadh air an 31 den Mhàirt 1927, ach cha do nochd iad idir agus air feasgar an latha sin chuir na poilis an greim iad. (IC, 5.4.1927) A rèir an *Inverness Courier*,

They were arrested by the police in the afternoon of 31st March, and confined in the prison cells at Lochmaddy until they appeared in custody at the bar on Friday.

'Sa chùirt thug an Siorram Menzies cothrom dhaibh gealltainn gum fàgadh iad an talamh a bha iad air a thoirt fo smachd ach mar a tha am pàipear ag aithris:

The accused all emphatically declared that they would not give such an undertaking. The Sheriff then stated that, in view of their decision, he had no alternative but to impose a penalty now, and he sentenced the accused to two months imprisonment each. (IC, 5.4.1927)

Mar sin chaidh binn prìosain air na fir air fad ach a rèir Dhòmhnaill I. MhicDhòmhnaill, bha am bàrd agus an luchd-creachaidh eile a' faighinn taic mhòr agus brosnachadh bho mhuinntir an àite agus air làtha na cùirte bhiodh ceannaichean as Na Hearadh a' cur teileagraman gu taigh na cùirte ann an Loch nam Madadh ag ràdh gum pàigheadh iadsan càin sam bith a dheidheadh orra. Dha-rìreabh, choisinn na raiders cliù dhaibh fhèin mar sheòid agus a rèir Iain MhicDhòmhnaill, bha urram air a shealltainn riutha sa phrìosan cuideachd;

Ach 's iomadh uair a chuala mi m'athair a' bruidhinn air ann a shin, bha'd *well treated* anns a' phrìosan. Cha robh aodach prìosain idir orra – 's e an t-aodach aca fhèin a bh'orra. (1/2: 175)

Fhad 's a bha na fireannaich sa phrìosan, bha aire an t-sluaigh oirre agus na pàipearan ag aithris mun t-suidheachadh bho àm gu àm agus deasbad a' dol 's na Cumantan mu aimhreit an fhearainn agus gu tric mu na 'Harris Raiders.' Tha an *Inverness Courier* ag aithris mu choinneamh ann an Inbhirnis aig an do bhruidhinn Thomas Johnston, Ball-Pàrlamaid nan Làborach airson Dhun-dèagh agus e ag innse gun do thadhal e air na fir ann am prìosan Porterfield. Bha Johnston airson fiosrachadh fhaighinn a bheireadh taic dha òraid nuair a dheidheadh an cuspair a thogail a-rithisd ann an Taigh nan Cumantan agus e gu mòr an sàs ann an càs nan croitearan a thoirt gu aire an t-sluaigh agus air beachdan mhearachdach mun deidhinn a cheartachadh. Anns a' choinneamh mu dheireadh sna Cumantan bha an Lord Advocate air a ràdh gun robh talamh aig fear de na fir [am bàrd] roimhe agus gun robh e a' faighinn airgead màil air. Tha ath-aithris a' phàipeir air òraid Mhgr Johnston a' toirt geurbheachd an dà chuid air meud duilgheadais nan croitearan agus air an taic a bhiodh iad a' faighinn bhon t-sluaigh.

He (Mr Johnston) learned in the interview that the man referred to had a croft in Stockinish which he gave away to his uncle two years ago, and he had nothing to do with it now. He was faced with starvation. The Lord Advocate's information was false. (Applause.) One of these men, the Lord Advocate had said, was not an ex serviceman; he was only about 17 or 18 years of age. That was true, but he was representing his mother, three sisters and seven brothers, who were slowly starving. The people of this country could not get land. The land was locked up, not as a treasure house for the nation but as a sporting tract for the few.
(IC, 26.4.1927)

Air sgàth strì luchd-taic, cha do chuir iad seachad ach seachdainnean sa phrìosan agus tha an *Stornoway Gazette* ag innse mun cor, air dhaibh a bhith air am fuasgladh air an latha mu dheireadh den Chèitean:

The physique of the men has suffered nothing by their incarceration; neither have their spirits been broken. (SG, 20.5.127)

Gun teagamh tha e fìor nach robh iad air misneachd a chall oir sia latha an dèidh dhaibh tilleadh dhachaigh chaidh ceathrar dha na fir air ais a chur luchd bhuntàta ann an Sgarastagh Bheag. (SG, 20.5.1927) Dh'innis Iain MacDhòmhnaill mar a thachair:

Chaidh iad air fad ann an toiseach [dhan phrìosan] Fhios agad air fad ach nuair a fhuair iad a-mach, fhuair iad a-mach còmhla. 'S e an aon *sentence* a fhuair a h-uile duine aca... Agus *shaidhnig* a h-uile duine ach m'athair agus Eòghainn agus chaidh iad air ais dhan phrìosan. Chaidh iad a thionndadh a Sgarastagh Bheag. (1/1: 013)

Cha robh an rùn Nèill MhicDhòmhnaill agus na *Raiders* eile ach pìos talmhainn fhaighinn anns an toireadh iad am beò-shlaint agus bha am bàrd air a ghoineadh seach gun robh Mac-an-Lèigh no Loch Bhraoin (mar a bhiodh aig cuid air seach gur ann dhan àite sin a bhuineadh e), gan cumail far talamh a bha air a bhith aig an sinnsearan. Anns a' cheathramh a leanas tha am bàrd a' cuimhneachadh air a shinn-sheanair fhèin – *Coinneach*

mac Nèill – athair Bàrd Phabaigh, a bha air a bhith a fuireach san dearbh àite seo bliadhnaichean air ais mun deachaidh a shliochd fhuadach às:

Tha Loch Bhraoin a' dèanamh dìcheall
Airson dì-meas a chur oirnn
Chionn gun d' dh'aitich sinn na piosan
Bh'aig ar sinn-seanair le còir. (Oran 34: ss.25–8)

Ann am freagairtean a b'fheudar do na Raiders a thoirt co-cheangailte ris an aimhreit agus a bha air an aithris anns an *Stornoway Gazette*, tha iad a' togail air a seo a-rithist agus tha e aithnichte gu bheil faireachdainnean làidir aca gu bheil còir aca air an talamh seach gun robh an sinnsirean stèidhichte ann rompa:

They explain that the farm of Scaristaveg was at one time occupied by small-holders, who were cleared therefrom. Amongst those so cleared off the land to make room for sheep and game were the ancestors of some of the present respondents, who were compelled to remove and eke out a miserable existence in or near the foreshore of parts of the lands of Harris. Others were forced to emigrate.....They state that they are in poor circumstances and have no other means of obtaining food for themselves and their families than to cultivate the land. Neither they nor their children are able to procure any employment. (SG,1.4.1927)

Anns an leabhar *The Making of the Crofting Community*, tha Hunter a' beachdachadh air mar a tha ionannachd eadar faireachdainnean nan croitearan ri linn na h-aimhreit seo san fhicheadamh linn agus aimhreit fearainn ron a sin:

"Like earlier and similar incursions, these raids on north-west Scotland's sheep farms were a manifestation of the deep and enduring discontent produced by an agrarian system characterised by a gross imbalance between the amounts of land allotted to farmers on the one hand and to the crofting community on the other hand." (1976: 186)

Anns a' Mhàirt 1929, dh'aontaich Roinn an Aiteachais gun deidheadh iad air adhart leis an sgeama agus fhuair dà thagraiche eile agus nighean Mhic-an-Lèigh an talamh. Tha Leneman ag innse "But although the two men who had been imprisoned a second time had not returned to the farm, the remaining two were still there until the end of May when they were sentenced to four months imprisonment. More questions were asked in the House of Commons, and much was made of the fact that the men had first applied for holdings in 1912 and still had not received any." (1989: 129)

An deidh rèiteachadh mun chùis fhuair cuid de na tagraichean – am bàrd agus Eòghainn MacIllinnein nam measg – talamh ann an Losgantir a bha air a mheas le Roinn an Aiteachais mar àite a bhiodh freagarrach airson 8–10 fearainn. Ghabh an Roinn smachd air an talamh agus leasaich iad e gu mòr le bhith ga thraoghadh, a' toirt a-steach chaorach agus a' sgrios às nan coinneanach a bha cho millteach. (Leneman 1989: 129) Gun teagamh

fhuair am bàrd obair aig Roinn an Aiteachais mar a dh'innis Iain MacDhòmhnaill agus thug e cuideachd teisteanas gu robh cùisean gu math na b'fheàrr dhaibh an uairsin:

'S ann an uairsin a thàinig iad a Losgantir ann a sheo agus 's e m'athair an ciobair a bh'aig a' Bhòrd an uairsin ann a sheo. (1/1: 017)

Dh'fhoighneachd Leneman do Iain MacDhòmhnaill an robh dragh aig athair gur ann an Losgantir a fhuair e fearann an àite an Sgarastagh Bheag agus fhreagair e: "Well, he was only just wanting a piece of land that he could call his own. They were quite willing to take any place." (1989: 130)

Mar sin air an 23 den Mhàirt 1930, ghluais am bàrd agus a theaghlach gu ruige Losgantir a tha glè fhaisg air Cleite na Ducha far an do rugadh e. Ann an *Oran Molaidh Do Na Hearadh* a rinn am bàrd ann an Sgarastagh goirid an deidh dhan talamh a bhith air a ghealltainn dhaibh, tha e a' coimhead air adhart ri tighinn air ais gu ruige:

Ceann na Tràghad far an d'fhuair mi m'àrach
Chan eil nas àille 's muir làn a-steach air. (Oran 35: ss.3–4)

Ged is e àm air leth deuchainneach agus duilich a bha san Ràideadh dhan luchd-creachaidh fhèin agus dhan teaghlaichean, tha a' bhàrdachd a rinn Niall MacDhòmhnaill rin linn, a' toirt bàrr air gach duan a rinneadh leis, dh'fhaidte seach gun robh am mì-fhortan a' toirt lasadh agus spionnadh dha chainnt mar nach tug càil roimhe neo as a dhèidh. Tha e cudthromach beachdachadh air buaidh na bàrdachd 'san àm seo agus a bharrachd air a bhith feumail airson faochadh a thoirt dha fhèin, bhiodh i cudthromach dha-rìreabh ann a bhith a' brosnachadh an luchd-creachaidh eile agus ann a bhith a' dùsgadh co-fhaireachdainn ann am muinntir na coimhearsnachd. Bha na ceathramhan sgaiteil a bha am bàrd a' dèanamh do Mhac-an-Lèigh agus dha theaghlach, dh'fhaidte nas buadhmhòr san t-seagh seo na bha na rannan smuairneach, seach gun robh iad a' milleadh cliù an uachdarain ann an dòigh a leanadh an cuimhne dhaoine agus gun dòigh aige air e fhèin a dhìon. Tha Niall MacDhòmhnaill ag aoireachadh Mhic-an-Lèigh agus a theaghlach ann an diofar dhòighean – uaireannan ann an dòigh a tha dha-rìreabh magail agus èibhinn, leithid *Oran na Mònadh* (Oran 31) agus uaireannan ann an dòigh shòlaimte, leithid *Paircean na Clèir* (Oran 33). Tha seo cudthromach agus ged a tha athghluasadan an luchd-èisdeachd gu ìre an urra ris a' bhàrd – anns an t-seagh is gum faod e toirt orra srachdadh a' gaireachdaich, a bhith feargach no a bhith cianail – tha e fìor gum bheil am bàrd an crochadh air na h-athghluasadan seo mus bi èifeachd sam bith san aoir. Gu dearbh, bha a' ghnè seo de bhàrdachd air a cleachdadh gu mòr ann an eachdraidh aimhreit fearainn thar Ghàidhealtachd agus anns an aon dòigh, 's e rùn a' bhàird cuspair an duain a chur far a bhonnan. Tha an t-Ollamh Dòmhnall Meek a' beachdachadh anns an leabhar *Tuath is Tighearna*; "Indeed, the goal of a traditional satire was to incapacitate the perpetrator of the action deemed unworthy by the poet." (Meek 1995: 31)

Goirid an deidh don bhàrd agus a theaghlach gluasad gu ruige Losgantir, thog iad taigh cloiche ann am Buaille Rosamol agus anns na bliadhnaichean as dheidh sin, thàinig beòthachadh air taobh an iar Na Hearadh air fad agus an talamh air a roinn eadar croitearan an eilein, an àite a bhith na fhàsach fo na caoraich mhòra. Dh'innis Iain MacDhòmhnaill

gun robh athair ri ciobaireachd a' mhòr-chuid dha bheatha agus anns an ùine sin ann an Losgantir rinn e meall òrain a bha a-mach air mì-cheartas no poileataics (Orain 40,42,44) ach mar as trice 's e bha fainear dha ach a bhith a' dealbhachadh tachartasan eibhinn sa choimhearsnachd (Orain 38,39,41,43,45–50). Ged a bha òrain a' bhàird sa chiad dol a-mach airson cluasan mhuinntir an àite agus e ag ainmeachadh characteran agus àiteannan ionadail, chan eil e fìor gun robh amharc cho cumhang agus nach robh diù aige de bhith a' toirt iomradh air tachartasan taobh a-muigh na coimhearsnachd na chuid òrain (m.e. Oran 44).

Ann a bhith a' cnuasachadh mu bheatha a' bhàird, tha e iomchaidh beachdachadh air mar a bhiodh e a' dèanamh nan òran, dè a bheachd fhèin air a' ghibht a bh'aige agus ciamar a bhithist a' craobh-sgaoileadh nan rannan nuair a dheanaist iad. Mar bu dual do dheagh bhàrd, cha robh maill aig Niall MacDhòmhnaill ann a bhith a' cur na rannan ri chèile agus mar a thuirt Dòmhnall I. MacDhòmhnaill:

Thigeadh an t-òran gu Niall am Bàrd am bad sam bith. Dhèanadh e ceathramh òrain ann am mionaid. Cha robh esan a' saòilsinn càil dheth no a' bòsdadh gu robh e math air bàrdachd. Ach rinn e an t-uamhas de dh'òrain nach cuala duine riamh. (DIMD 9/2: 078)

Ged a bhios bàrd sam bith moiteil ann a bhith a' gabhail a chuid òrain, dh'fhaoidte cuideachd gu bheil ghibht na bàrdachd cho làidir agus cho nàdurach is a' bhàrdachd fhèin cho pearsanta dhan bhàrd is gu bheil e airson pàirt dhe a chumail taisgte na eanchainn fhèin, dìreach mar a bhios mac an duine a' dèanamh le smuaintean.

Mar a bhiodh dùil, bhiodh mòran dhaoine a' còmhachadh ann an taigh a' bhàird far an cluinneadh iad òrain agus seann sgeulachdan agus tha na briathran a leanas bho Iain MacDhòmhnaill ag innse mun taigh-cèilidh a bhiodh aca fhèin agus a' toirt sealladh air mar a bhiodh na h-òrain gan craobh-sgaoileadh:

'S dòcha gum biodh iad [na h-òrain] dèante linneachan mus cluinneamaid iad. O uaireannan, cha ghabhadh e iad gun cluinneadh tu oidhche na Bliadhn' Uire iad... Bhiodh e gan gabhail dhaibh an uairsin. An uairsin bhiodh gu leòr, fhios agad, "Dè 'm fear eile a rinn thu? An do rinn thu an còrr?" "O uill, rinn mi fear dhan duin' ud.." Cha robh esan a' saòilsinn càil dhiubh. (IMD 9/1: 045)

Chan ann a-mhàin air feadh na h-oidhche san taigh-cèilidh a bhithist a' togail nan òran mar a dh'innis Dòmhnall I. Dòmhnallach agus e a' cuimhneachadh air mar a bhiodh a mhàthair fhèin agus feadhainn eile a' gabhail tlachd anns na h-òrain 's iad rin obair-làitheil:

Bha bus Iain Dholaidh a' dol a-mach chun an Tairbeart a h-uile Diciadain 's a' tilleadh air ais a-rithis agus bhiodh mo mhàthair ag èisdeachd ri Niall am Bàrd a' gabhail nan òran anns a' bhus air an rathad dhachaigh. 'S ann aice a chuala mi Oran Galar nan Cat an toiseach 's i air tighinn far a' bhus. Bhiodh ceathramhan aice a' charaide – bhiodh i fhèin a' dèanamh òrain 's bha i a' smaoineachadh gun robh Niall am Bàrd miorbhuileach. (9/2: 124)

Chan eil teagamh ann nach eil gibht na bàrdachd air a bhith ann an dualchas ann an daoine bho shean agus cha b'e Niall MacDhòmhnaill an aon bhàrd a thàinig às sliochd Bhàrd Phabaigh. Ged nach robh bàrd am measg a chloinn fhèin idir, thàinig e a-mach gu pailt anns na ginealaichean a bha ri teachd. Bha còig oghaichean aige a dhèanadh deagh òrain, a bharrachd air Niall MacDhòmhnaill agus b'iadsan Sìmean Moireasdan (*Sìmean Dhòmhnaill a' Bhàird*), Ruairidh MacChoinnich (*Ruairidh mac Chairistìona a' Bhàird*), agus triùir ghilleann eile le Mòr a' Bhàird – Dòmhnall Mòr, Ruairidh agus Dòmhnall Beag MacDhòmhnaill. Chan e a-mhàin gun robh a' bhàrdachd ann an triùir bhràithrean Nèill MhicDhòmhnaill, ach bha i na thriùir mhac cuideachd – Seonaidh, Dòmhnall Ailig agus Iain MacDhòmhnaill fhèin. (Faic Eàrr-ràdh B1)

Mar sin, leis na bha de thàlant san teaghlach, chan eil e na longnadh sam bith gun do ghlèidh iad cuimhne cho làidir air gach iomadh òran agus seanchas a th'aca. Dh'innis Dòmhnall I. MacDhòmhnaill mun chuimhne a th'aige fhèin air a bhith a' dol a-null a thaigh Nèill Mhòir;

Bhithinn-sa a' dol a-null a thaigh Nèill am Bàrd le baidhsagal nan cluinninn gun do rinn e òran ùr agus ghabhadh e dhomh e – cha robh maill a sin. Bha e air a dhòigh glan. 'S e duine caol dubh a bh'ann, o bha àirde mhòr ann – bhiodh còrr agus sia troighean ann. Bha e caol sunndach. Bha *moustache* mhòr dhubh air agus dà shùil bhiorach liath ann. Bhiodh e a' suidhe ann a shin an tac an teine a' gabhail nan òran. (9/2: 089)

Chaochail Niall MacDhòmhnaill ann an Losgantir ann an 1965 aig aois 82 agus chaidh a thiodhlaiceadh ann an cladh Sgarastaigh, far an deach a sheanair, Niall Moireasdan, roimhe.

ORAIN NEILL MHOIREASDAIN

ORAIN NEILL MHOIREASDAIN ANN AN ORDAN MAR A RINNEADH IAD

Tha colbh na làimhe deise a' sealltainn far a bheil gach òran ri lorg ann an Leabhar nan Gleann. (Henderson: 1898)

1. Oran Ciorstaidh Bruce	c.1834	48–51
2. Marbhrann do Mhaighstir Stiùbhart a bha do Theaghlach Eàsaigh	c.1838	68–9
3. Oran a' Bhuntàta	1846	57–62
4. Oran an Eich Odhair	c.1850	79–81
5. Banais Iain Mhàrtainn	c.1852	92–4
6. Marbhrann do dh'Iain Gobha	c.1852	98–100
7. Caisteal Allt an t-Siùcair	c.1860	77–8
8. Hò Rodan Binneach	c.1860	—
9. A' Chiad Oran don Bhracsaidh	c.1865	87–8
10. A' Chiad Oran Molaidh don Mhorair Dunmòr	1866	70–2
11. An Dara Oran Molaidh don Mhorair Dunmòr	c.1866	72–6
12. Moladh na Lùchairte	c.1870	65–7
13. Oran a' Chianalais	c.1870	52–54
14. Oran an Eagail	c.1870	54–7
15. An Dara Oran don Bhracsaidh	c.1870	88–92
16. Oran na Bèisde Duibhe	c.1870	95–6
17. Oran Molaidh Thòmais MhicChoinnich a bh'ann an Losgantir	c.1875	81–4
18. Oran Suiridhe Dhòmhnaill a' Bhàird	c. 1875	—
19. Oran na Làire	c.1875	—
20. Dòmhnall Beasa Lachdann Ciar	c.1855–82	—

n/ q

21. Oran Eithir Fhearaghais	c.1875	85–6
22. Coileach an Rosaich	c.1875	—
23. Hò Mo Nighean Dubh Riamhach	c.1877	—
24. Oran an Roda n	—	96–8
25. Oran na Teatha	—	62–4
26. Cliù Iain Ghobha	c.1852–82	101–6

1. Oran Ciorstaidh Bruce

Ho ro gum bi mi Gad chaoidh rim bheò Ma thrèig thu mise Cha lugh ¹ orm thu; Nan tigeadh tu fhathast ² Bu tu m'aighear 's mo rùn 'S nam faighinn do litir Gu fruiginn thu null ³ .	4 8
Air do m'inntinn bhith strì riut 'S a' sìor-dhol ⁴ mun cuairt Air an rìbhinn òig chùl-duinn 'G amharc ⁵ dlùth air a snuadh; Ghabh mi tlachd na do bhaindeachd ⁶ Ann an cainnt nach gabh luaidh 'S mi bha togarrach falbh leat Feadh ⁷ gharbh-chrìochan tuath.	 12 16
Tha mo chridhe cho ⁸ luaineach Ri duilleach na craoibh Nuair bhios i ⁹ air ghluasad Le fuachd is le gaoith; Bho nach d' labhair mi facal riut A bha fo mo shuim Dh'fhàs seo na ghath-gearraidh Fo m'asnaichean taoibh.	 20 24

¹ lughaid
² tu 'n rathad
³ Gu'm briosgainn a null
⁴ a sìr dol
⁵ G amhrac
⁶ bhainnteachd
⁷ Air feadh
⁸ co
⁹ e

Do cheum air an driùchd Madainn chiùin ¹⁰ ris a' ghrèin Sioda ri deàrrsadh Bho àirde do chlàibh A dh'ionnsaidh do shàilean Gum b'ailleachd leam fhèin ¹¹ Mi bhith teannadh nad chòir, Claistinn còmhraidh do bhèil.	28 32
Gus an tèid mi dhan ùir Air mo dhùnadh sna clàir ¹² , Ailleachd do ghnùis bidh Nam shùilean gu bràth, Dh'fhàg thu neo-shunndach Mi dìreadh nan àrd Muigh aig fuaran ¹³ nam beann Anns gach àm 's gun mì slàn.	 36 40
Ged tha mi nam chiobair A' dìreadh nam beann A' cruinneachadh chaorach Feadh raontan is ghleann 'S ann a thèid mise null ¹⁴ Far an cluinn mi do chainnt 'S gum bu leasachadh slàint' leam Do làmh chur nam làimh.	 44 48
Gur a binn thu rid chlaistinn Na ealtainn nan speur No 'm piana ¹⁵ ri ceòl 'S cluiche seòlta ri teud No a' chuthag air lòn Latha ceòthach air ghleus No smeòrach nam badan Air meangan fo gheug.	 52 56

¹⁰ ciùin

¹¹ féin

¹² Gu'n téid mi san ùir air
Mo dhùnadh sna clàir

¹³ fuarain

¹⁴ mach

¹⁵ pianno

Do Shlèibhte nam bradan
 Far an deachaidh tu thàmh,
 Nach mise bha mar riut
 Gun leabaidh ach càrn; 60
 Chan fhaireachadh¹⁶ gòrach
 Leam d' eòlas 's do ghnàths,
 Bu bhinne le m' chluais thu
 Na fuaim a' chiùil àird. 64

Diluain air an rathad
 'S mi falbh leis an sprèidh
 Nuair chuala¹⁷ mi naidheachd
 Leig mo chridh' às grad¹⁸ leum 68
 Is shuidh mi air tulach¹⁹
 Is m'uilinn air geug²⁰
 Mi smaointinn thu falbh²¹
 Ga ar²² tearbadh o chèil'. 72

Am meadhon na mara
 Ged bhithinn nam shuain
 Do ghràdh bhitheadh laiste
 Gam bheòthachadh suas; 76
 Cha tèid mi air²³ àicheadh
 Gu bràth dhan an t-sluagh
 Nach tu an tè as fhearr²⁴ leam
 A dh'fhàs oirre gruag. 80

¹⁶ Cha b'fhaireachadh

¹⁷ Chuala

¹⁸ Thug mo chridhe-s as

¹⁹ Gu'n d'thainig uat litir

²⁰ S gu'n do chlisg mi gu léir

²¹ Mo smaointeannan marbha

²² Ghabh iad

²³ ar

²⁴ Nach tu'n aon té a b'fhearr

Tha fear eil' anns a' bhaile
 Tha 'n tòir ort²⁵ gu teann
 Ged dhèanadh tu fhaighinn²⁶
 Chan eil e ach fann²⁷ 84
 Gun chaora²⁸ gun othaisg
 Gun ghobhar²⁹ gun mheann
 'S ged a dhèanadh tu fhaighinn³⁰
 Cha bhiodh dachaigh dhut ann.³¹ 88

Tha mo shùilean air sileadh
 Mar fhrasan on àird
 Mo rasgan air losgadh
 Aig teothad do ghràidh 92
 Fo eagal fo imnidh³²
 Fo imcheist gach là
 Gun toir mac a' Ghoill bhuam thu
 'S nach buannaich³³ mi d'làmh. 96

Ri feamainn a' chladaich
 Cha bhi sinn a' strì
 Le corran ga buain 's ga
 Cur suas air ar druim³⁴ 100
 'S ann a thèid sinn³⁵ a Shlèibhte³⁶
 Far am b' èibhinn leat³⁷ bhith
 'S bidh sinne le chèil³⁸
 Dh'aindeoin Clèir no cruaidh-bhinn. 104

²⁵ Tha ga d'iarraidh

²⁶ A dhianadh do ghabhail

²⁷ Ged bhitheadh tu cam,

²⁸ chaorich

²⁹ ghobhair

³⁰ S nan dianadh e t'fhaicinn

³¹ Bù tu taghadh na bhiodh ann.

³² fòdh immdidh

³³ buanaich

³⁴ dr(u)im

³⁵ S ann thèid thusa

³⁶ 'Shlèibhte

³⁷ an éibhinn beat

³⁸ S thèid mise na d' dhéigh

Notaichean

Bunachas: ss.1–104 Henderson (1898: 48–51)
ss.1–104 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran c.1834 eadar Sgarastagh agus Losgantir far an robh am bàrd a' ciobaireachd. 'S e 'Oran Gaoil' a tha Henderson a' toirt mar thotal ach 's Na Hearadh an diugh 's e *Oran Ciorstaidh Bruce* a theirte ris. A rèir Henderson b'e seo a' chiad òran a rinneadh leis a' bhàrd 's gun e ach ochd bliadhn' deug a dh' aois: "When he was eighteen he composed his first song, very likely one to Kirsty Bruce, his first sweetheart, on whom he composed a number, of which the love song with which I begin is the best." (1898: 45) Fhuair eadh an aon fhiosrachadh bho Iain MacDhòmhnaill agus Dòmhnall I. MacDhòmhnaill ged nach robh duine aca air càil a chluinntinn riamh air na h-òrain eile a tha Henderson ag ràdh a chuir am bàrd ri chèile. Chuir iadsan ris gur ann as Slèibhte an Eilein Sgiathanaich a bha Ciorstaidh Bruce agus gun robh i na searbhanta air oighreachd Losgantir. B'ann nuair a bha i air falbh air ais dhachaigh a rinneadh an t-òran. (2/1:527)

Bha teaghlaichean den ainm *Bruce* ann an Slèibhte agus ged nach eil iomradh air Ciorstaidh Bruce ann an clàran-sgrìobhte na sgìre (feumar cuimhneachadh nach eil clàran-sgrìobhte an ama iomlan co-dhiù) dh'fhaoidte gur ann le *Norman Bruce* a rugadh an 1800 agus a bha a' fuireach an Calligarraidh an Slèibhte a bha i. (L)

Anns *An t-Oranaiche* aig Mac-na-Ceàrdadh, tha òran fon tital 'Ho ro,cha bhi mi ga d' chaoidh.' (1879: 8–9) Chan eil bàrd no fonn air a thoirt seachad ach chithear gum bheil an sèisd glè choltach ri sèisd *Oran Ciorstaidh Bruce*, ged a tha am bàrd seo ag ràdh nach bi esan a' caoidh cuspair an òrain:

Ho rò, cha bhi mi ga d'chaoidh ni 's mò;
Ma thréig thu mise cha lugh'd orm thu;
Na 'n tigeadh tu fhathast, bu tu m'aighear 's mo rùn,
'S nam faighinn do litir gu'n ruiginn thu nunn.

Tha susbaint nan ceathramhan glè eadar-dhealaichte bho òran Nèill Mhoireasdain ged a fhreagradh an aon fhonn an dà òran 's a' mheadarachd a' còrdadh. Seach nach eil Mac-na-Ceàrdadh a' toirt fiosrachadh mu bhàrd no mu àm an òrain-sa chan eil e furasda a dhèanamh a-mach cò aca as sine.

- 8 **fruinginn:** 'Ruiginn' ann an dual-chainnt Na Hearadh.
67 Nuair a chuala e gun robh i a' falbh.
95 **mac a' Ghoill:** A rèir Iain MhicDhòmhnaill's ann air a leth-bhràthair fhèin a bha am bàrd a-mach an seo – leth-bhràthair a bha nas sine na e fhèin agus a bha aig a mhàthair bho fhear Gallda aig an robh i pòsda roimhe. (2/1:567) Ged nach d' lorgadh iomradh air no air pòsadh eile an clàran-sgrìobhte feumar cuimhneachadh nach eil seo na dhearbhadh sam bith nach robh e ann.
97–8 Bhiodh beò-shlaint na b'fheàrr aca na bhith ri obair fearainn.

2. Marbhrann do Mhgr Stiùbhart nach maireann a bha do Theaghlach Easaigh

Tha e mar fhàgail aig sliochd Adhaimh Gun toir am bàs fo chis iad 'S cha dèan an àilleachd nì de stàth ³⁹ dhaibh 'S chan eil càil a dh'innleachd Air faotainn bhuaith oir bha e buaidheach A' dol mun cuairt 's gach rìoghachd Tha 'n cruaidh-lann geur fo bhun a sgèith Rinn lot le eucail ⁴⁰ mhilltich.	4 8
'S mur meas do chàirdean e ⁴¹ dhomh dàna Dh'innsinn pàirt dheth d' ghiùlan Ge faon mo sgobadh anns a' chàs Mu theist an àrmann chliùitich; Chan fheumainn fianais mu do ghnìomh Oir cò 'n neach riamh thug sùil ort Na chuir ort eòlas leis nach bròn Nach d' mhair thu beò car ùine.	 12 16
Fhiùrain fhìor-ghlain 's cruaidh ri innseadh An nì chuir crìoch air t'uaisle Plàigh nan Innse a bhith strì riut Fad o thìr do dhualchais, Fiabhras làidir 's puinnsean bàis ann Ghreas ri làr cho luath thu 'S gun lèigh bhith làmh riut dheànamh stàth dhut Gus do thàrsainn bhuaithe.	 20 24
Ach 's lionmhor Gàidheil ⁴² fo uchd èididh Dh'èireadh na do thòireachd Nam b'e gun saoileadh iad gur foill A ghabh na Goill air bòrd ort; Cha d'rug an Sasannach sin riamh A dhèanamh gnìomh ⁴³ 's gach dòigh riut Air long nan crannag 's i ruith dian Gur i chuir crìoch cho òg ort.	 28 32

³⁹ nì dù stà

⁴⁰ éugail

⁴¹ S mur mios do [] chairdean

⁴² Gaedheil

⁴³ gnìomh

Is e fiamh an àrainn 's pian a' bhàis air
 A tha tighinn làmh ri m' inntinn,
 Ar leam gu mi le mo shùilean
 Nuair dh'fhàg do lùths 's do chli thu 36
 Mar chuir iad suas thu anns an fhuar-bhrat
 'S tu gun ghluasad sìnte
 Gun phlosg 'ad chrè fo smachd don eug
 'S b'e siud am beud san rìoghachd. 40

Sùil mar sheabhag⁴⁴ 's pearsa dhealbhadh
 Aigeadh meanamach aotrom
 Pailt an gliocas 's àrd am misneach'
 'S mòran meas aig daoine ort; 44
 Gu seòladh cuan cò nì riut suas
 Cha d' fhuair 's cha d' rinneadh fhaotainn
 'S bu ghrinn do làmh air stiùireadh bàrc
 An aghaidh bàirlinn faoillinn⁴⁵. 48

Nam bu nì⁴⁶ bhiodh òrdaichte do bhòrdaibh
 A bhith ri còmhraidh bruidhne
 Cha robh ball-acfhainn⁴⁷ bha nad bhàrc
 Nach toireadh gàir' le mì-ghean 52
 'G iarraidh d' fhàgail air a clàr
 Gun tàireadh i gu tìr leat
 Am feagal do chur anns a' chuan
 Fo bhinn an uamh-bhèist millteach. 56

'S bu tu an sealgair dìreadh garbhlaich
 Is tric a dhearbhadh do làmhach
 A bhith cinnteach 's tu nach dìobradh
 Bhith toirt cìs don⁴⁸ làn-damh; 60
 Sa bhadan luachrach anns a' chruadhlach
 A' tighinn mun cuairt gu sàmhach
 Fo tharraing t' ùird gum biodh an t-ùdlach
 A' dol gun lùths gu làr leat. 64

⁴⁴ sheobhag

⁴⁵ Faoillinn

⁴⁶ b' nì

⁴⁷ ball-acain

⁴⁸ dhe'n

Notaichean

Bunachas: ss.1–64 Henderson (1898: 68–9)
Aonghas Ailig MacGilleathain (SA 1954/130)
Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran c.1838 nuair a bha am bàrd a' fuireach ann an Sgarastagh. A rèir Aonghais Ailig MhicGilleathain a tha clàraichte an Sgoil Eòlais na h-Albann: "Tha marbhrann ann a sheo a rinneadh le Niall Moireasdan, Bàrd Chleite na Ducha do dh'Uilleam Stiùbhart air dha cluinntinn gun do chaochail e le fiabhras air soitheach seòlaidh anns a' Chuan Innsinneach, mu chuairt air a' bhliadhna 1838." (SA 1954/130)

Tha Henderson cuideachd ag innse gur ann do Stiùbhartaich Eàsaigh a bhuineadh Uilleam (1898: 43) agus ged nach do cheannaich Gilleasbuig Stiùbhart an t-eilean gu 1856, bhiodh luchd-dàimh an teaghlach aig an robh àite nas fhaide air ais ann an eachdraidh air an ainmeachadh mar Stiùbhartaich Eàsaigh cuideachd. Bha Dòmhnall Stiùbhart, bràthair Ghilleasbuig, air a bhith air tac Losgantir ron a seo agus bha mac aige air an robh Uilleam agus ged nach eil mòran fiosrachaidh ri fhaotainn mu dheidhinn, dh'fhaidte gur e cuspair a' mharbhrainn. Gun teagamh, chan eil e a' nochdadh ann an Cunntas-sluaigh 1841 ann an Losgantir còmhla ris an teaghlach aig Dòmhnall Stiùbhart a tha an uairsin 65, a bhean Iseabail a tha 45 agus sianar chloinne aca eadar fichead bliadhna agus a seachd. Ged a bhiodh Uilleam air an fhear a bu shine dhan teaghlach chan fhàgadh sin e ach mu ochd-bliadhn' deug ma chaochail e mu 1838 agus ged a tha e aithnichte bhon òran nach robh e ach òg (ss.16,32), saoilear cuideachd gun robh e air tighinn gu ìre co-dhiù beagan na bu shine ma bha creideas sam bith gu bhith aig briathran a' bhàird nuair a tha e a-mach air comasan maraidheachd (s,s.45–8) agus seilge (ss.57–64) an Stiùbhartaich òig.

Tha am bàrd gu mòr a' leantainn modhan marbhrannan le bhith a' sìor-mholadh an duin'-uasail a chaochail 's ag ràdh nach robh duine riamh ann cho tapaidh no cho brèagha ris. Tha an t-òran air a dhèanamh mar gum biodh am bàrd a' bruidhinn ris a' Mhaighstir Stiùbhart nach maireann, ach a-mhàin sa chiad rann far a bheil e a' rabhadh nach eil duine ann bho shliochd Adhaimh nach tig fo chis a' bhàis. Cleas bàird an ama, tha Niall Moireasdan a' cleachdadh shamhlaidhean às saoghal nàdair an dà chuid airson cliù an duine a dhaingneachadh agus airson ìomhaigheachd dhathach fhighe a-steach dha na rainn.

49–56: B'fheudar corp an Stiùbhartaich òig a thilgeil a-mach dhan mhuir an dèidh dha caochladh agus bha seo a' dèanamh dragh dhan bhàrd.

3. Oran a' Bhuntàta

'S bochd a' ghaoir anns gach dùthaich Aig clann daoine gad ionndrainn O thàinig plàigh anns an ùir A rinn t' fhògradh.	4
Dh'fhàg don t-sluagh ⁴⁹ air dhroch bhlas ⁵⁰ thu Mar an gual ann an dreach thu 'S tu cho cruaidh ris na clachan Fod chòmhdach.	8
Thar gach seòrsa bhiodh aca Bu tu 'm pòr san robh 'n taice Do gach aon nach robh pailt Ann an stòras.	12
O mheasg na talmhainn a b'fheàrr Thàinig sgrìob ⁵¹ ort ro gheàrr Ach na mhair dhìot feadh bhàgh Ann am mòintich.	16
'S ioma dì-meas is tàir Bha thu giùlan 's gach ceàrn Ged a thogair thu 'm fàgail Cha bu ⁵² neònach.	20
Bhith gad chrochadh air stàilinn Ann am prìosanan ⁵³ pràisich 'S uisge goilteach ⁵⁴ an àird Chum am beòilean.	24

⁴⁹ t-sluaigh

⁵⁰ blas

⁵¹ sgrìob

⁵² b'

⁵³ prìosannan

⁵⁴ goillteach

Gun dèidheadh cuibhrige daraich
 As do cheann ga theann sparradh
 Gus am fàgadh do neart
 Anns a' cheò thu. 28

'S nuair a bheirist a-bhàn thu
 Gus do thaomadh sa chlàr
 Gum biodh leth-dusan làmh
 Agad còmhla. 32

'S leam chan ioghnadh thu theicheadh
 'S a liuthad aon a bha breith ort
 A thug toll air do sheice⁵⁵
 Len òrdag. 36

Is cuid eile gad riabadh
 A' cur *forca*⁵⁶ nad chliathaich
 O nach b'fhiù leoth d'fheuchainn
 Lem meòirean. 40

'S nam faiciste sgall ort
 A dhèanadh⁵⁷ grian le teas samhraidh
 Readh do thilgeil air cheann
 Na cùil-mhòine⁵⁸. 44

No d' fhàsgadh gu teann
 'S do chur sios chum na gamhn'
 Gus an adhairc a phlanndaiceadh
 Bòidheach. 48

Cha robh clèireach no tàilleara
 Niall mac⁵⁹ Eòghainn is Iain Bàna
 Dòmhnall Og Fear Chnoc Ard
 Nach b'e 'n dòigh-san. 52

⁵⁵ sheiche

⁵⁶ "forka"

⁵⁷ dhianamh

⁵⁸ chuil-mhòine

⁵⁹ Mac

A bhith cruinneachadh bhiastan
 A lèir-sgrios thu gam biadhadh
 Sprèidh a mheasadh bho chian
 A bhith neò-ghlan. 56

Fear nach b'fhiach leoth' gum b'fhiù e
 Readh⁶⁰ a thilgeil sa chùl-taigh
 Gus an tigeadh mìos Dùdlachd⁶¹
 Na reòtachd. 60

Nì e biadh dha na mucan
 A chur saill agus sult orr'
 Ach a-nis chan eil guth
 Air an dòigh sin. 64

'S bha mòr-shluagh dham bu cheàird
 Bhith gad itheadh 's gad chàineadh
 Thuirt gur beatha bha fàilligeach⁶²
 Breòit' thu. 68

Thilg ort gun bhith fallain
 Leis nach b'fhiach thu mar arain
 Tarraing cola air an stamaig
 'S tu neò-ghlan. 72

Ach an-diugh bu mhath ac' thu
 Ged a bhiodh tu bruich seachdain
 'S tu cho fuar ris an t-sneachd'
 Air Strath-Leòsaid. 76

'S math an còcair' an t-acras
 'S e nach dèanadh ort tarcais
 Ged a bheireadh tu 'n aileag
 Dhan sgòrnan. 80

⁶⁰ Re'ag

⁶¹ dùdlachd

⁶² fàilligeach

Bha cuid eile gad mhalairt
 Ann an èirig an airleis⁶³
 Leis nach b'fhiach thu thaobh tartraich
 Dha m' bòrdaibh. 84

'S tu mar thàirneanaich caismeachd
 Do na pàisdean bhiodh acrach
 Ann an èirigh sa mhadainn
 Le sòlas. 88

A' teannadh dlùth riut gus d'fheuchainn⁶⁴
 'S iad gad fhàsgadh rin cliathaich
 Gus an sàsaich thu ciocras
 Am beòil-san. 92

'S bhiodh cuid eile do chailleacha⁶⁵
 Bhiodh gad reic airson airgid
 Tional stuthan neo-tharbhach⁶⁶ leat
 Gu còisir. 96

Ach 's iomadh leisgeadair greannach
 Leis nach b' fhiach thu mar arain
 A nì ath-chuinge fhad' airson
 Tròcair. 100

Thu bhith ac' ann am falach
 Anns a' chul-taigh fon talamh
 'S ri teannachd na gaillinn
 Gu fòir oirr'. 104

Ruairidh Hiortach⁶⁷ 's Iain Màrtainn
 'S Aonghas bochd Cheann-na-Tràghad
 'S iad nach trèigeadh le gràin thu
 Mar bheò-shlàint'. 108

⁶³ arlais

⁶⁴ t' fhiacainn

⁶⁵ chaileacha

⁶⁶ neo-thar(bh)ach

⁶⁷ Ruairidh H-iortach

Reiceadh iad⁶⁸ an cuid-aodaich
 Ann an geall airson d' fhaotainn
 'S chan fhaigh iad rin saoghal
 A leòir dheth. 112

'S b' iad na làthaichean cearta
 Nuair bha cinneachadh pailt ort
 Is nach cluinnteadh *collection*
 San dùthaich. 116

Ga thional aig daoine
 A h-uile Dihaoine
 'S ga tharraing 's ga shladadh
 Gan ionnsaidh. 120

Tha 'n gruaidhean air seacadh
 'S an aodainn air cairteadh
 Le gainne⁶⁹ 's le acras
 Gad ionndrainn. 124

Aig maorach a' chladaich
 Air am fàgail cho laga
 Is nach èirich iad ceart
 Air an glùinean. 128

Tha na raointean a chleachd
 'N cuid ròd a bhith 'g at leat
 Air tionndadh gu gaiseadh
 Mi-ghnàthaicht'. 132

Air crìonadh 's air seacadh
 Mar lusan ri gailleann
 Gun fhios ciod e 'n talamh
 Is fheàrr dhut. 136

⁶⁸ (i)àd
⁶⁹ goinne

Thèid cuid leis na spealan
 A sgath dhiot a bharra
 Cho lom ris an talamh
 'S e 's àill leoth. 140

'S cuid eile gad spionadh⁷⁰
 A-nuas as do fhreumhan
 'S gad fhàgail-sa shìos
 Fo na fàilean. 144

Anns an Iuchar b'e 'n sòlas
 Bhith gad fhaicinn fod chòmhdach
 Fo do dhìtheanan⁷¹ bòidheach
 Is driùchd orr'. 148

Ann an ciaradh an fheasgair
 Iad a' liùgadh 's a' preasadh
 'S a' ghrian a' tighinn deasarr'
 Na cùrs orr'. 152

Nuair a bhiodh tu làn abaich
 Bhiodh na h-ùbhlán nan gadan
 A' tuiteam sna claisean
 Gach taobh dhiot. 156

Ma chreidear mo bhriathran
 Bidh cuimhn' air a' bhliadhna
 'S na dh'fhalbh thu le fiabhras
 Na h-ùireach. 160

⁷⁰ spionadh

⁷¹ dhitheannan

Notaichean

Bunachas: ss.1–80 Henderson (1898: 57–62)
ss.1–80 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran 's a' bhliadhna 1846 – Bliadhna Gaiseadh a' Bhuntàta. Dh'fhuiling Na Hearadh gu h-àraid ri linn a' ghaisidh. Tha am bàrd aig aon ìre a' moladh a' bhuntàta agus a' smachdachadh na feadhainn sin a bhiodh a dèanamh tàire air le bhith ag ràdh gun toireadh iad rud sam bith air e bhith aca a-nise. Aig a' cheart àm ged tha, tha e annasach gu bheil an t-òran seo gu math aotrom agus geur-chainnteach a dh'aindeoin cuspair duilich. Tha am bàrd a' riochd-shamhlachadh a' bhuntàta ri mac an duine ann an dòigh a bheireadh gàire air daoine aig àm air leth deuchainneach agus dh'fhaoidte gun robh e fainear dha gum biodh seòrsa de dh'fhaochadh san àbhachd.

- 21–2 A' phoit ghoil croichte air slàbhraidh.
25–6 **cuibhrige daraich:** Ceann fiodha na poite.
29–30 Dealbh air a' bhuntàta a bhith air a dhòrtadh a-nuas dhan chlàr fiodha a bhiodh am meadhan a' bhùird agus roid aig a h-uile duine ga thoirt thuige fhèin.
45–8 Bhithist a' beathachadh a' chruidh leis a' bhuntàta airson gum fàsadh an adhaircean gu cothromach.
50–1 Feadhainn a bhiodh a' reic bheathaichean chruidh ged nach eil fhios cò iad seach gu bheil na h-ainmeannan an ìre mhath cumanta. Chan eil fhios dè an Cnoc Ard a tha seo.
77 A' cleachdadh seann-fhacal. (MacInnes 1951: 272)
93–6 Bhithist a' malairt a' bhuntàta airson rudan eile.
101–4 Bhithist a' cumail a' bhuntàta ann an slochan fon talamh fad a' gheamhraidh.
105 **Ruairidh Hiortach:** Ruairidh Moireasdan.
106 **Aonghas Bochd Cheann na Tràghad:** Aonghas Moireasdan.
115 **collection:** Bhathar a' cruinneachadh airgid mar thabhartas dha na buichd air feadh Alba (Devine 1988: 111–40)
127–8 Dealbh air an t-sluagh ag ùrnaigh.
137–48 Diofar dhòighean air a' ghaiseadh a leigheas.
146–56 Sùil air ais air mar a bha am buntàta latha dhan robh e.

4. Oran an Eich Odhair

A bhean nach sguir thu shnìomh? ⁷² Labhair briathran air choireigin, Feuch an tog thu fianais ⁷³ Mu ghnìomh ⁷⁴ an eich odhair ⁷⁵ leam. Am fac' thu beathach riamh Bha cho dian gu bhith 'g obair ris? 'S a-nis ⁷⁶ mas e 'n t-aog e Bidh do chaol-drom'-sa dona dheth.	4 8
Gu facas umad bruadar ⁷⁷ 'S bu luath leam a breithneachadh ⁷⁸ Thu bhith 'n toiseach d' òige Is spògan mar searrach ⁷⁹ ort Do chruth-sa corra cruinn Bhith sna tuill ⁸⁰ 's gun do ⁸¹ dh'aithnich mi Nach fhaighiste gu bràth thu ⁸² 'S gur e 'm bàs a chuir spearrach ort.	12 16
Gur mise bha gu tùrsach Mo thruaighe mi mur faighear thu Ged bha thu air leth-shùil Gum bu thùrnail as t-earrach thu Bu ghramail fo do chliabh thu Gu fiaradh nam bearranan 'S a-steach bho Rudh'-an-Teampuill ⁸³ A' stranntraich le smearalachd.	20 24

⁷² shniamh

⁷³ fiannis

⁷⁴ ghniamh

⁷⁵ uidhir

⁷⁶ a nise

⁷⁷ bruadair

⁷⁸ bhreithneachadh

⁷⁹ shearrach

⁸⁰ 'n a thuill

⁸¹ s gu'n a

⁸² faighist thu gu brath

⁸³ Rhu-an-Teampuill

Is mise th' air⁸⁴ mo phianadh
 Gad iarraidh feadh mhonaidhean
 Mur⁸⁵ faighear thu gu sìorraidh
 'S mòr iargain nic Thorcuill⁸⁶ ort 28
 Ged bha thu cam bu mhath thu ann⁸⁷
 Airson feum air choireigin
 Le sopag chrìon do dh'fheur fod bheul
 Am biadh am biodh tu toilicht' air. 32

Is mur e 'm bàs tighinn⁸⁸ ort cho tràth
 A-muigh air sgàth nam bearranan
 Gum b'e do mhiann bhith san t-Sròn Ard⁸⁹
 Mar àite tàimh a' fantainn ann 36
 Thu fhèin 's na fèidh a' ruith 's a' leum
 Gun tigeadh feum⁹⁰ na gaillinn ort
 'S chan iarradh tu mar stàball
 Ach àirigh a' Chamaire. 40

Bu tu mo steud bha dlùthmhor rèidh
 Bu ghrinn do cheum gu trotadh leam
 Le sparraig airgid fo do charbard
 Is tu⁹¹ meanamach togarrach 44
 Strian math dùbailt⁹² ga do stiùireadh
 H-uile taobh bu toileach leat⁹³
 'S e lionmhorachd⁹⁴ do lùth-chleasan
 A dh'fhàg⁹⁵ m' ionndrainn cho domhain ort. 48

⁸⁴ Is mise air

⁸⁵ Mar

⁸⁶ Nic Thoruill

⁸⁷ bu mhath ann

⁸⁸ 'thighinn

⁸⁹ t-sròn ard

⁹⁰ tigheadh feam

⁹¹ tu gu

⁹² dhùbailt

⁹³ leam

⁹⁴ lionmhoireachd

⁹⁵ Dh'fhàg

Cha b'fhear fann bhiodh air droch cheann ⁹⁶ A ghlacadh tu nuair thigeadh ort Na dhèanadh ⁹⁷ breachd air calp an t-srap Is tu gu siùbhlach beadarrach A' ruith na ruaig le neart do luathas Cur chuige cruaidh gu greasad ort Mar fhiadh a' ruith tro ghleann a' teich O srann draich nam peilearan.	52 56
Cha deachaidh biot air, sìol' no fian 'S cha deachaidh strìan no biorach air A ruitheadh riut is tu fod dhiollaid 'S tu falbh mar fiadh ⁹⁸ nam firichean Gur tu nach feumadh ⁹⁹ slachdan cliabhaich A bhith cur pian le giorraig ort Ach spuir mu shàil na bòtana ¹⁰⁰ B'e sin an dòigh gu ruith thoirt ¹⁰¹ ort.	60 64
'S aig Là Fèill ¹⁰² Mhìcheil cha bu chli thu Nuair bhiodh strì mun chois eachd ¹⁰³ ann Sleamhainn sliobach air do chìreadh 'S eich na sgìr' a' ¹⁰⁴ cogadh riut Bu tu an ¹⁰⁵ t-àilleagan fod ¹⁰⁶ phlàta Nuair a chàirt' an t-srathar ort Cha do ghiùlain làir riamh Each a b'fheàrr na mo ¹⁰⁷ ghearran-sa.	68 72

⁹⁶ ceann

⁹⁷ dhianamh

⁹⁸ fhiadh

⁹⁹ fheumadh

¹⁰⁰ bòtan-a

¹⁰¹ thoir

¹⁰² Fheill

¹⁰³ chois each

¹⁰⁴ sgìre 'n

¹⁰⁵ tu'n

¹⁰⁶ fo'n

¹⁰⁷ na m'

Nan robh thu 'n ceart-uair ann am bad
'S an dèanadh¹⁰⁸ mo chasan grunnachadh
Ged tha mi sean 's air fàs cho lag
Gu tugainn as gu curant thu;
Ma chuala tu mo chòmhradh-sa
Gur neònachas buileach leam
Nach goireadh tu le sianlas
Bhith gad¹⁰⁹ iarraidh as do chuideachadh.

76

80

¹⁰⁸ dian'mh

¹⁰⁹ 'g

Notaichean

Bunachas: ss.1–80 Henderson (1898: 79–81)
 ss.1–80 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
 Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran c.1850 oir tha fios againn gun robh am bàrd air a' bhan-Sgiathanach Raonaid NicGilleathain a phòsadh ann an 1848 (Old Parochial Records) agus tha Henderson ag aithris gur e seo fear de na h-òrain as tràithe a rinneadh leis a' bhàrd (1898: 45). A rèir Dhòmhnaill I. MhicDhòmhnaill agus Iain MhicDhòmhnaill (2/1:238) rinneadh an t-òran nuair a bhàsaich an t-each odhar a bh'aig a' bhàrd agus tha e glè aithnichte gur ann an Sgarastagh a dhèidheadh a dhèanamh a rèir nan àiteachan a tha air an ainmeachadh. Tha am bàrd a' caoidh an eich agus ga mholadh ach tha e cuideachd a' stiùireadh a chòmhradh chun an eich fhèin (ach a-mhàin ss.1–8,57–64) agus tha seo a' toirt blasad èibhinn dhan òran. Tha an t-òran stèidhichte air an fhonn aighearrach "Cabar-fèidh" agus tha cruth an fhuinn ag atharrachadh bho ss.32 a-mach nuair a tha a' mheadarchd a' leumdraich coltach ris an each fhèin. Anns a' chiad rann tha am bàrd mar gum biodh a' bruidhinn ri bhean agus a' rabhadh gum bi a caol-drom dona dheth seach gum bi aice ri obair an eich a dhèanamh a-nise. Dh'fhaoidte gu bheil seo nas èibhinne dhuinne an-diugh na bhiodh e air a bhith ri linn a' bhàird nuair a bhiodh na boireannaich dha-rìreabh a' giùlan cudthroman troma agus e cha mhòr na chùis-nàire dha na fir a bhith air am faicinn a' dèanamh rud a mheasar mar obair bhoireannach.

'S e 'Oran an Eich Odhar' a tha Henderson a' toirt mar thiotal.

- 1 **shnìomh:** Air fhuaimneachadh mar 'shnìamh' airson comhardadh.
- 1–2 **Bha** bean a' bhàird anabarrach sàmhach na nàdar.(IMD)
- 4 **ghnìomh:** Air fhuaimneachadh mar 'ghnìamh' airson comhardadh.
- 16 **Bhithist** a' cur spearrach air casan bheathaichean airson nach leumadh iad agus tha am bàs air an each a chasg air an aon dòigh.
- 19 **air leth-shùil:** Cha robh ach aona shùil san each. (DIMD)
- 22 **bearranan:** Barrachd air aon bhearradh (àite cas, corrach an cliathaich cnuic).
- 28 **Nic Thorcuill:** B'i Mòr ni Thorcuill MhicLeòid màthair a' bhàird.
- 40 **àirigh a' Chamaire:** Airigh ann an Gleann a' Chamaire.
- 57 **biot:** Dh'fhaoidte gur e facal-iasaid a tha seo bho *bit*.
- 57 **siol':** Siola.
- 57 **fian:** Dh'fhaoidte gur e 'feun' no cairt a tha seo.
- 65 Tha Henderson a' toirt an fhiosrachaidh 'St Michael, patron saint of horses; the reference is to games in which horses played a prominent part on that day.' aig bonn na duilleige. (1898: 81) Tha *Ortha nan Gàidheal* ag innse, "Michael was besought by women, who went sunwise round his enclosure praying his aid and singing his hymn. Mares were led sunward around his burial ground, the leader singing the hymn of Michael Militant, subduer of the dragon and patron saint of horses." (Matheson 1971: 142)
- 79 **sianlas:** Bho 'sian,' dh'fhaoidte.

5. Banais Iain Mhàrtainn

Fiadhachadh farsainn gu banais Iain Mhàrtainn Chualas 's gach àit' an t-iomradh aic' Bha dùil 'am ¹¹⁰ an toiseach gum b' ann ann am Mànaidh Gheibhte air sgàth ni Dhùghaill i' ¹¹¹	4
Bha mise gam bhiodadh nach toireadh mi ann Chur crìoch air na bh'ann a chùrsachan Na gugaichean Hiortach ¹¹² bha còrr agus bliadhna ¹¹³ An crochadh san riasg bha sùghanta.	8
Tha seann duine teistheil a' fuireach san t-Ob ¹¹⁴ Duin' onarach còir is bùth aige Dhan ¹¹⁵ tug mi mo ghealladh gun dèanainn ann ¹¹⁶ rann 'S bha fianaisean ann mun chùmhanta	12
Gun innsinn an fhirinn gun fhacal den ¹¹⁷ bhrèig Mu dheidhinn na fèasd bha fiùghantach Bha Dòmhnall <i>Munro</i> na shuidh' aig a' bhòrd 'S am botal ¹¹⁸ na dhòrn 's b'e 'n diùl'nach ¹¹⁹ e.	16
'S a Dhòmhnall <i>Munro</i> cha ghabh thu rium fearg Ged bhiodh ¹²⁰ t' ainm air iomradh ann An cuimhne leat idir nuair chaidh thu ¹²¹ mach bhuain 'S a dh'fhalbh thu le ruaig a chùilteireachd	20
Dh'fhalbh thu mar leisgeul a lasadh na pioba 'S tharraing thu tide dhùbailte ¹²² 'S air m' fhocal gum b'fhasa ¹²³ dhomh 'n t-ugh ¹²⁴ thoirt on chòrr Na faighinn nad chòir 's do rùsan ris ¹²⁵ .	24

¹¹⁰ Gu na shaoil leam

¹¹¹ Bhiodh i air sgàth nighean Dhughail aca

¹¹² gookaichean H-iortach

¹¹³ bliadhn'

¹¹⁴ t-obb'

¹¹⁵ D'an

¹¹⁶ an

¹¹⁷ dhe'n

¹¹⁸ a bhotul

¹¹⁹ diùl nach

¹²⁰ a bhidhteadh

¹²¹ tu

¹²² thu'n tide dùbailte

¹²³ fhocal gum fhasa

¹²⁴ t-ubh

¹²⁵ na d' chòir s [...]

'S nuair chaidh mi a-staigh¹²⁶ rinn mi beannachadh bàird
 Nuair chunna mi 'n t-àros lùchairteach
 Bha caochladh gach dibh' ann am botal¹²⁷ leis fhèin
 Is lasraichean cèir is srùthadh asd'¹²⁸ 28
 Bha sitheann na gadan a' laigh' air na miasan¹²⁹
 Is shuidh sinn aig biadh na fiùghantachd
 Nach¹³⁰ truagh nach robh 'm Bàillidh is Calum mac Ruairidh¹³¹
 Aig¹³² a' cheann shuas 's Fear Hùisinnis.¹³³ 32

'S bha fasannan eil' ann nach fhaca mi riamh
 Gun d'¹³⁴ mhothaich mi riaghailt ùr a bh'ann
 Gach ìosal is uasal bhith maille ri chèil'
 Gun dad ach thoir fhèin¹³⁵ gad ionnsaidh e 36
 Nam fairicheadh tu pathadh¹³⁶ bha portair is beòir ann
 Mar gum biodh òl a' bhùirn ac' air
 'S air m' fhacal nach d' dh'fhairich¹³⁷ mi mionaid san oidhch'
 An comann gun foill¹³⁸ nan lùth-chleasan. 40

Teanga bhog lapach is naidheachdan Ruairidh¹³⁹
 Tharraing cho luath an ùine oirnn¹⁴⁰
 E bruidhinn air creagan 's air uighean 's air eòin¹⁴¹
 'S an dòigh air am fruigst¹⁴² air an t-sùlaire 44
 Bha lomhainn air a' righeadh air cipean¹⁴³ gu h-àrd
 'S bha fear ann am bàrr nan¹⁴⁴ stùc-chreagan
 Bhiodh ingnean nan casan is meòirean nan làmhan¹⁴⁵
 Is fìaclan¹⁴⁶ an sàs nan trìuir aca¹⁴⁷. 48

¹²⁶ mi stigh

¹²⁷ batal

¹²⁸ geur a strùthadh asd'

¹²⁹ no mìosan

¹³⁰ Ach 's

¹³¹ Bailli us Callum Ic Rhuaraidh

¹³² Air

¹³³ fear Hùisinnis

¹³⁴ Gu'n

¹³⁵ féin

¹³⁶ fair'cheadh tu fathadh

¹³⁷ d'fhairich

¹³⁸ fhoill

¹³⁹ Ach bog-theanga mabach a' seanchais an Ruaraidh

¹⁴⁰ Ghoid i cho luath an ùine bhuainn

¹⁴¹ Br'idhinn mu chreagan mu uibhean s mu eòin

¹⁴² frict'

¹⁴³ Bhitheadh lomhainn a ruithe air chipean

¹⁴⁴ Us fear air a bàrr s na

¹⁴⁵ Bhitheadh ionghannan a chas agus meòirean a lamh

Ach seallaibh a-mach ach am faic sibh an còmhlan
 Banais¹⁴⁸ Iain Oig tha dùil 'am rith¹⁴⁹
 Oighrig¹⁵⁰ mo nighean le boineid 's le sròl
 'S bu toileachadh dhòmhs' an t-sùil aice¹⁵¹ 52
 Nach seall sibh a-mach ach am faic sibh na h-uaislean
 Tighinn a-nuas 's pìob-chiùil aca¹⁵²
 Tha 'n taigh seo cho cumhang 's ann¹⁵³ ormsa tha 'n nàire
 'Thormoid a ghràidh dèan rùmail e. 56

Nuair thàinig iad dhachaigh 's a shuidh iad aig biadh¹⁵⁴
 Bha Hiortag¹⁵⁵ gu briathrach 's drùis¹⁵⁶ aisde
 Ri aghaidh¹⁵⁷ an teallaich a' ròsladh¹⁵⁸ nan eun
 'S làmhan cho mèath¹⁵⁹ ri bùidsear aic' 60
 'S an còrr uair a chuireadh i corrag sa *ghravy*
 Dh' fheuchadh i fhèin robh sùgh innte¹⁶⁰
 Dh'èigh i gu h-àrd¹⁶¹ ri nighean MhicRàill¹⁶²
 Sìn thugam an spàin 's gun drùill mi seo. 64

Nuair mhùch iad an solas 's a ghabh iad mu thàmh
 Bha leabaidh air làr sa chùl-taigh ann
 Bha ise cho togarrach 's esan car nàireach
 'S tharraing e dàil mun d' thionndadh e 68
 Nuair thug i sùil thairis nach dèanadh e feum
 'S ann labhair i fhèin car diombach ris:
 "Mur dèan thu càil idir thèid mise dhan Chlèir
 'S gun cuir mise 'n cèill do lunndaireachd." 72

¹⁴⁶ Us fhiacalan

¹⁴⁷ aige.

¹⁴⁸ Bannais

¹⁴⁹ agam rithe

¹⁵⁰ Eiric

¹⁵¹ a bh' aic

¹⁵² sibh na h-uaislean

[...]

Tha'n tigh seo

¹⁵³ ro chumhang 's onn

¹⁵⁴ S nur chruinn'cheadh a chuideachd s nur chaidh iad a siòs

¹⁵⁵ Bha'n t-Hiortach

¹⁵⁶ s struis

¹⁵⁷ oghaidh

¹⁵⁸ ròsdadh

¹⁵⁹ mia

¹⁶⁰ innte sin

¹⁶¹ Gu leigeadh i'n éigh

¹⁶² Nighean Ac Ràill

"Socair a' chaillinn, chan eil mi glè eòlach
 Agad-s' tha còir air m' ionnsachadh
 Nan innseadh tu dhomh-sa mu mheadhan do stòrais
 Chuirinn-s' air dòigh dhut m'ionnstramaid. 76
 Nan dèanadh tu innse gun chàil ach an fhìrinn
 Thàirminn mo sgrìob gu dùrachdail
 Ged bu riadhaire glas i nach d' dh'aiticheadh riamh
 Fo luibhean 's fo fheur gun tionndainn i". 80

"S cha do thachair bhith agad ach atharnach mhèath
 Dh'fhòghnadh a' chliath ga h-ùireachadh
 Far am fàsadh an toradh nan cuirinn-sa sìol
 Le tomhais math rianail 's ùine thoirt dhith. 84
 Racan math daraich 's a' bhuille bhith trom
 A bheireadh am fonn as m' ionnstramaid
 'S a' bhuachailleachd fhada mas itheadh na h-eòin e
 Siud agad, Iain Oig, an t-ionnsachadh." 88

Bha 'n tairgse cho taitneach 's bha mise nam fheum
 Cha d' tharrainn mi èis ach thionndaidh mi
 Bha 'n crann 's e na sheasamh 's e deiseil son feum
 Le coltair math geur 's bòrd-ùrach air. 92
 Thòisich an treabhadh bha domhain 's bha teann
 Siud far robh 'n tionndadh 's b' èibhinn e
 An grunnd na clais Hiortaich ag obair air bùrach
 Gus an robh lùths air gèilleadh ann. 96

Notaichean

Bunachas: ss.1–64 Henderson (1898: 92–4)
ss.1–96 Dòmhnail I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran c.1852 nuair a phòs Iain Màrtainn as Ceann a' Bhàigh, air taobh an ear Na Hearadh agus Oighrig Mhoireasdan, nighean Ruairidh Mhoireasdain – *Ruairidh Hiortach* – a bha air tighinn gu Ceann a' Locha san Ob às Hiort. (L) Tha iomradh air Ruairidh Moireasdan a bhith ann an Hiort an 1822 ach tha e san Ob sa Chunntas-sluaigh an 1841 's mar sin feumaidh gun tàinig e fhèin 's a theaghlach eadar an dà àm. Ann an Cunntas-sluaigh 1851 tha teaghlach Ruairidh Mhoireasdain a' fuireach san Ob agus tha a nighean "Effy Morrison" fhathast a-staigh còmhla ris an teaghlach agus i 36 agus gun phòsadh. Ged nach eil am pòsadh air a chlàradh, tha Cunntas-sluaigh 1861 a' sealltainn gun d'rugadh a' chiad duine cloinne dhan chàraid mu 1852 agus mar sin dh'fhaoidte gun robh a' bhanaid ann air an aon bhliadhna. Ann an Cunntas-sluaigh 1851 tha "Norman Morrison," mac Ruairidh Hiortaich air a chlàradh agus e 31 agus cuideachd gun phòsadh agus dh'fhaoidte gura h-e an 'Tormod' a tha air iomradh ann an s.56. Cuideachd am broinn an taighe tha "Catherine MacRait" a tha 6 agus air a cur sìos mar ogha le Ruairidh. Ged nach saoilear bhon òran gur ann air leanabh òg a tha am bàrd a-mach, dh'fhaoidte gura h-i a tha air a h-iomradh ann an s.63 gu h-àraid seach nach eil an cinneadh 'MacRàill' cumanta 's Na Hearadh. Chan eil fhios cò a th'ann an Hiortag (s.58) ach dh'fhaoidte gura h-i màthair bean na bannse neo ban-Hiortach eile a bhuineadh dhaibh.

Tha an t-òran a' toirt deagh dhealbh dhuinn air banais-taighe aig an àm ged a dh'fhaodadh gu bheil am bàrd a' cur ris aig amannan. Tha an t-òran èibhinn agus ga bhur toirt tro latha na bannse, dha-rìreabh bho thùs gu èis, agus a' crìochnachadh le còmhraidh inntinneach (ss.65–96) eadar fear agus bean na bannse mus foirfich iad am pòsadh an oidhche sin. Tha am bàrd a' cleachdadh samhla a' chruinn treabhaidh agus an talamh àitich airson seo a chur an cèill dhuinn. Cha do chuir Henderson na sreathan seo an clò idir, an darna cuid seach gun robh iad car làidir aig an àm no dh'fhaoidte nach bu toil le daoine an toirt dha nuair a bha e a' cruinneachadh nan òran.

Tha am bàrd a' tòiseachadh an òrain le bhith ag ràdh gun robh dùil aige gur ann ann am Mànaid a bhiodh a' bhanaid "air sgàth ni Dhùghail". (s.4) Feumaidh gun robh Iain Màrtainn a' suiridhe oirre seo roimhe ach chan eil fhios cò i agus cha do lorgadh 'Dùghail' sam bith ann am Mànaid sna Cunntasan-sluaigh aig am biodh nighean.

San t-seann aimsir bhithiste gu tric ag iarraidh air bàrd tachartas sònraichte a chomharrachadh ann an riochd òrain agus a rèir Dhòmhnail I. MhicDhòmhnaill bhiodh cuideigin air a thaghadh airson a dhol a dh'aon ghnothaich gu taigh a' bhàird airson iarraidh air sin a dhèanamh. Bhiodh fios aig muinntir an àite gu lèir air a seo agus bhithiste a' coimhead air adhart ris an òrain gu mòr. Mar sin bha cudthrom air a chur air a' bhàrd ged a bhiodh seo na dheagh urram dha cuideachd. Tha an t-òran seo na dheagh eisimpleir dhan a sin 's am bàrd ag ràdh (ss.9–14) gun do rinn e cùmhnanta ri "seann duine teistheil" rann a dhèanamh mu dheidhinn na fèasda. B'e Calum MacDhòmhnaill – *Calum mac Ruairidh*,

ceannaiche as an Ob – an seann duine teistheil a tha a-rithisd air ainmeachadh am measg nan uaislean ann an s.31. A bharrachd air a bhith feumail airson cuimhne a ghlèidheadh air a bhanaid bhiodh an t-òran na fhearas-chuideachd do chòmhlan na bannse. 'S fhiach beachdachadh gu bheil Henderson a toirt "D'an d'thug mi mo ghealladh gu'n dianainn an rann" (s.12) ach bidh Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill a' seinn "Dhan tug mi mo ghealladh gun dèanainn *ann* rann" (s.12) Tha an t-atharrachadh seo inntinneach seach gu saoillear bhon darna riochd gun robh am bàrd a' cur nan rann an altan a chèile dìreach air làrach nam bonn air a' bhanaid no co-dhiù gun robh e a' leigeil sin air. Airson tuilleadh spòrs dhan òran èibhinn seo tha caractaran ionadail eile air an ainmeachadh, leithid *Dòmhnall Munro* (ss.15,17). Seach gun robh e cho aithnichte air an ainm 's cinnteach gur e an Dr Dòmhnall Rothach Moireasdan, mac *Iain Gobha Na Hearadh* as Leacail, a tha seo. B'ann bhon darna bean, Catrìona NicLeòid, a bha Dòmhnall Munro a bha air ainmeachadh air an fhìdhleir dhall, Dòmhnall Munro – "An Dall Munro"(1773-1830) às Snìosort a bha na Chrìosdaidh agus na dheagh charaid do dh'Iain Gobha. (Henderson 1893: iv). 'Se duine iomraiteach a bha san Dr. Dòmhnall Munro agus e air iomradh ann an *Ortha nan Gàidheal*, "Dr Morrison's wonderfully wide, accurate, and scientific attainments, deep knowledge of Gaelic, of music, and of acoustics, were only surpassed by his native modesty of mind and tender benevolence of heart." (Matheson 1971: 14–5)

Tha am bàrd ag ràdh (ss.31–2) gura truagh nach robh "am Bàillidh is Calum mac Ruairidh aig a' cheann shuas 's Fear Hùisinis." B'iad seo *Captain John Robertson MacDonald* no am *Baillidh Dòmhnallach* a bha a' fuireach an Ròghadal, Calum MacDhòmhnaill an ceannaiche roi-ainmichte agus Alasdair MacRath – *Fear Hùisinis* – aig an robh an tac sin ann an ceann a tuath an eilein. Tha *The History of the Clan MacRae* ag ràdh gun robh Fear Hùisinis "well known in the West Highlands as a liberal and large-hearted man." (Macrae 1899: 139) Mar sin bha tomhas de dh'inbhe aca seo sa choimhearsnachd ach a rèir a' bhàird bha a' bhanaid airidh orra.

- 8 **An crochadh san riasg bha sùghanta:** Bhiodh e mar chleachdadh aca a bhith a' crochadh nan gugaichean ann an deatach na mònachd airson an glèidheadh.
- 24 **rùsan:** Buill dìomhair.
- 23 **chòrr:** Corra-ghritheach.
- 27 **Bha caochladh gach dibh' ann am botul leis fhèin:** Diofar sheòrsaichean de dheoch-làidir.
- 28 **Is lasraichean cèir a' sruthadh asd':** Coinnlean 's a' chèir a' sruthadh dhiubh.
- 33–6 Dealbh air *buffet* far an robh a h-uile duine a' toirt thuige fhèin.

6. Marbhrann do dh'Iain Gobha

Rinn an teachdaire tighinn Fhuair thu fios gur h-e ¹⁶³ bh'ann Bha do lòchran laiste Gun dol às as a' ghleann, Ga do threòireachadh dhachaigh Tro na slochdan a bh'ann 'S nuair a ràineadh tu 'n doras Fhuair thu fosgladh air ball.	4 8
Bhana-chleasaiche bhreugach A thog an sgeul ort nach b'fhiù Leis am b'àill thusa chàradh Measg nan tràillean sa chùil; Gun tig breith oirr' on Ard-Rìgh A bheir bàrr air a cliù 'S a chuid dheth fhathast nach tàinig Chì càch e len sùil.	 12 16
Chì thu 'n Gobha ad fhianais Mar tha 'n ghrian anns na neòil Leis an deise cho sgiamhach 'S tha e dèant' ann an glòir; Chluinn thu 'n t-Athair ag iarraidh Laogh biadht ¹⁶⁴ thoir na chòir Gus a mharbhadh gu biadh dha Thoir bainne 's fion dha ri òl.	 20 24
O! Sin a fhreagras ise Le guth briste na beul; Am faigh mi mathanas idir Ged a dh'innis mi bhreug. 'S a liuthad tè mar bha mise Nach do ruitheadh cho dian A fhuair mathanas peacaidh 'S i toirt aidmheil na gnìomh. ¹⁶⁵	 28 32

¹⁶³ he

¹⁶⁴ biadht

¹⁶⁵ gniamh

Ach èiridh Britheamh a' cheartais Agus las E na ghnùis "Chaidh an t-àm sin ort seachad, Na bi labhairt nas mù; Fhuair na maoir bhuam an t-òrdugh Airson an còrachan dlùth; Togaibh leibh Raon' Ac Leòid A dh'ionnsaidh bròn bho mo shùil."	36 40
Mur tig là ort nach tàinig Dol a làthair Mhic Dhè Crithidh d' fheòil 's bidh do chnàmhan An innis sgàinidh o chèil' Nuair a chluinneas tu e 'g ràitinn "An tusa phlàigh ¹⁶⁶ a cheart tè Thug dom dhearbhan leanabh gràsmhor Greis do thàmailt 's do bhrèig?"	 44 48
'S thèid an t-slochd ort a dhùnadh 'S cha dùil ri tighinn às Ach air do thilgeadh gu sìorraidh Measg dhiabhlan am feasd, Meadhan lasraichean sìorraidh 'S mallachd Dhia air do mhuin 'S am bi thu cagnadh do dhìoghlam ¹⁶⁷ Ag gul 's ag giosgan gun sgur.	 52 56
Dh'fhalbh mais an taigh-leughaidh Bhon chaidh do chrè-sa fon ùir; Nuair a dh'fhosgladh tu 'm Bìoball 'S tu nach dìbreadh luchd-tnù; Bha uchd-èididh na Fìrinn' Mar sgiath-dhèin nad shiùil Ga do dhìon bho do nàimhdean 'S iad nan càmp air do thaobh.	 60 64

¹⁶⁶!

¹⁶⁷ dhiolam

Thog thu 'n stèidh gu daingeann Air a' charraig nach gluais Ged bha bàrcadh nan tuiltean 'G iathadh umad mun cuairt; Bha do chreideamh-sa làidir An aghaidh gàbhlaichean cruaidh Thaobh b'e Criosda chlach-oisein Air na thog thu cho luath.	68 72
'S bha thu 'd lighiche feumail Air feadh do rè is do chuairt Do chuirp 's do anaman chreutair A rinneadh an reubadh 's iad truagh; Bha thu iriseal bàigheil Coibhneil ¹⁶⁸ càirdeil ri sluagh 'S mòr bha ghlòir an Fhir Shaoraidh Ann an aogaisg do shnuadh. ¹⁶⁹	76 80

¹⁶⁸ Coineil

¹⁶⁹ shnuagh

Notaichean

Bunachas: ss.1–80 Henderson (1898: 98–100)
Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an laoidh seo c.1852 oir b'ann air a' bhliadhna seo, air an 6mh latha den Dùbhlachd, a chaochail Iain Moireasdan no *Iain Gobha Na Hearadh* (1790–1852) ann an Leacalì air taobh an ear an eilein. Tha Iain Gobha fhathast ainmeil an saoghal na Gàidhlig mar Chrìosdaidh agus mar shàr bhàrd agus na laoidhean aige air an cruinneachadh le Henderson san leabhar *Dain Ian Ghobha*. (Henderson 1893: lxxiii) Bhiodh Niall Moireasdan gu tric a' dol a choimhead air Iain Gobha agus a' sireadh comhairle agus stiùireadh bhuidhe a thaobh a bhith a' dèanamh òrain. Tha Henderson ag innse mu aon turas nuair a chaidh am bàrd a choimhead air Iain Gobha agus an dèidh dhan Ghobha èisdeachd ri òrain a' bhàird thuirt e ris gum biodh e fhèin a' dèanamh "Orain Dhìomhain" aig aon àm ged a bha e air sin a leigeil seachad agus chomhairlich e am bàrd gu bhith air fhaiceall ann a bhith a' cleachdadh aoir. Chrìochnaich an Gobha an còmhraidh le bhith ag ràdh ris a' bhàrd "Bithidh thusa na do dhuine math fhathast." (1898: 46–7)

Nuair a chaochail Iain Gobha rinn Niall Moireasdan, a bha sia bliadhna fichead na b'òige na e, *Marbhrann do dh' Iain Gobha* ach tha Henderson ag ràdh mu dheidhinn;"..an elegy which exhibits want of maturity in this branch of his art, and is neither firmly knit together, nor without palpable demerits." (1898: 47) Gu dearbh, chan eil an laoidh seo na dheagh theisteanas air comasan a' bhàird agus is cinnteach gu bheil e air fear de na h-òrain as laige a rinneadh leis. Feumaidh nach robh am bàrd fhèin no dh'fhaoidte muinntir an àite riarichte leis an laoidh nas motha seach gun do rinn e *Cliù Iain Ghobha* (Faic Oran 26) as dèidh sin a tha fada air thoiseach air a' mharbhrann. Air an adhbhar seo cha chluinnear am marbhrann cha mhòr idir a- nise.

Chan eil fhios an robh Niall Moireasdan air iompachadh ach tha e fìor ri ràdh gu bheil spiorad agus tuigse Chrìosdail a' tighinn am bàrr ann an *Cliù Iain Ghobha* nach eil idir anns a' mharbhrann agus gun teagamh tha dìth seo buileach millteach air a bhrìgh. Ged a tha am bàrd gu ìre a' cleachdadh ìomhaigheachd sgrìobtarail agus a' moladh Iain Gobha anns an t-seagh gu bheil e cinnteach gun d'fhuair e a neàmh, tha a' mhòr-chuid den laoidh (ss.9–56) a-mach air a bhith a' dì-moladh "Raon Ac Leòid"(s.39) a "bhana-chleasaiche bhreugach"(s.9) agus a' toirt dealbh gu math borb oirre a' tighinn gu crìoch dhuilich am measg teintean ifrinn. Chan eil am bàrd a' toirt cunntas shoilleir seachad air na rinn i airson leithid de chrìoch a chosnadh dhi fhèin ach tha e foilleasach gun do chuir i breugan air choireigin air Iain Gobha.

Ann am pàipear a chaidh fhoillseachadh ann an TGSI tha Niall MacDhòmhnaill ag ràdh mu Iain Gobha, "Shortly after his second wife died, a certain woman circulated tales of an unpleasant nature about the poet, with the result that he was summoned to appear before the Presbytery in Skye. The poet came out of it unscathed. Maighstir Ruairidh [An t-Urramach Ruairidh MacLeòid] advised him to get married as soon as possible. Among the witnesses from Harris was Mary MacAulay; the poet there and then asked Mary if she

would marry him. Mary's reply was in the affirmative." Tha MacDhòmhnaill a' leantainn air gu bhith ag ràdh gun d'fhuair esan am fiosrachadh ud bho sheann chailleach as Na Hearadh iomadach bliadhna air ais ged nach innseadh i dha cò am boireannach a bha ann ach "Coma leam dhi, droch boireannach a bh'innte." (MacDonald 1985:7)

Tha sgeulachd inntinneach aig Niall MacDhòmhnaill san aon phàipear far a bheil e ag innse gun do rinn Niall Moireasdan, Bàrd Phabaigh, aoir dhan boireannach air dha cluinntinn na bha i a' cur as leth Iain Ghobha. Mar a ghabhas tuigsinn cha do ghabh am boireannach seo gu math agus chaidh Niall Moireasdan a ghairm mu choinneamh an t-Siorraim Seadha ann an Loch nam Madadh. Bha e an aghaidh Nèill Mhoireasdain nach robh ainm ann an "Leabhar nam Bàrd" agus cha robh e mar gum biodh ceadaichte dha a bhith ag aoireachadh. Air latha na cùirteach chaidh ainm Nèill a ghairm gun fhreagairt. Chaidh ainm a ghairm an darna uair, fhathast gun fhreagairt. Mu dheireadh dh'èigh an Siorram Seadha "Bheil Niall Moireasdan, Bàrd Phabaigh, a' làthair?" Gun an còrr maill rinn Niall a rathad chun an t-siorraim a dh'fhoighnich dha "Cò ghoir bàrd dhiot?"

Fhreagair Niall "An Siorram Seadha." Seach gun do mheas an Siorram e mar bhàrd cha robh an còrr mu dheidhinn. (MacDonald 1985: 7)

Anns an leabhar *The Voice of the Bàrd*, tha Iain MacAonghais ag innse gu bheil mòran sheanchasan rin cluinntinn mu 'Leabhar nam Bàrd' co-cheangailte ri aoireachadh agus gur e seo, dh'fhaoidte, an rud mu dheireadh na ur beul-aithris a tha a' nochdadh nan sochairean a bhiodh aig bàird o shean. Gu h-inntinneach, cha robh a leithid de 'Leabhar' am bithealas riamh ach 's e a bheachd-smuain gum biodh cliù oifigeil aig cuid de bhàird. (Neat with MacInnes 1999: 338).

7. Caisteal Allt an t-Siùcair

'S e Caisteal Allt an t-Siùcair Tha sònraichte; Rinneadh gun bhuill' ùird	4
'S ann tha 'n neònachas, Direach snàidhte dlùth	
'S e gun char gun lùig 'S mòr an t-aobhar uail	8
San Roinn Eorpa e; Nuair thig mi gu dlùth Dh'amharc air lem shùil Chionn e bhith nam dhùthaich	12
Tha pròis orm; 'S ged bhithinn na mo ¹⁷⁰ bhàrd B'olc mi anns a' cheàird Airson a chuid àilleachd A steòrnadh dhuibh;	16
Na h-oisinnean 's na h-uinneagan Tha leinne nan cùis-ioghnaidh Bho thogadh ann an ealamhachd Nach tuit gu crìoch na làthaichean	20
Mo bheannachd aig na clachairean A chaith air an cuid saothrach. Gur mòr an t-aobhar thoileachaidh Dhan t-sluagh thig gus an Nollaig ann	24
Bhith danns' air ùrlar lèibhreachan Le faram dol san ruidhle, Luchd-frithealaidh cho aigeannach ¹⁷¹ Cho ealamh ri na dealanaich	28
Gun srann ach Beurla Shasannach Ga labhairt ann cho cùmteach, Fear shìos is shuas toirt sporaidh dhaibh Fear thall 's a bhos gam brosnachadh	32
Toirt siola stòp is botal leòth 'S Nic Coisealaim ga sgrìobhadh.	

¹⁷⁰ a'm

¹⁷¹ aigionnach

'S their sibh gur e rannachd dhomh ¹⁸⁰	
Bhith labhairt air a bhreàghad,	64
'S nach eil guth no facal ann	
San ealainn-s ach a' bhreug;	
Tha bhuil oirbh nach fhaca sibh	
Na h-uile seòrsa dath a ¹⁸¹ bh'air	68
'S na dealbhaidhean bu mhaisiche	
'N dèigh 'm marcadh air a chliathaich;	
Bha Fionn is Caoilt is Oisean ann	
Le saighde geura corranach	72
'G an clapadh oir bha coltas ¹⁸² orr'	
Bhith togairt dhol a dh'fhiadhach;	
Bha lomhainn air a teannachadh	
Air eagal ball 's gun caraicheadh iad	76
Tro ghlinn is iad a' tabhannaich	
A' sgalaich ann an iarann.	

¹⁸⁰ dhamh

¹⁸¹ dath [...] bh'air

¹⁸² colas

Notaichean

Bunachas: ss.1–78 Henderson (1898: 77–8).
ss.1–78 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran seo an Cleite na Ducha c.1860. B'e bothag a bha clann a' bhàird air a dhèanamh le ceapan 's iad a' cluiche a-muigh a bha 's a' "Chaisteal" agus dh'fhaidte gun do rinn e an t-òran sa chiad dol a-mach mar chur-seachad dhaibhsan. Mar sin tha na h-ìomhaighean 's na dealbhanan eireachdail a tha am bàrd a' cur an cèill dhuinn a' nochdadh mac-meanmainn air leth geur agus dh'fhaidte gu bheil an t-òran seo air fear de na feadhainn as fheàrr a rinneadh leis. Tha e mar chleas aig Dòmhnall I. MacDhòmhnaill a bhith ga bruidhinn a-mach air fad fiaraidh, gu sgiobalta gun cha mhòr anail a leigeil agus b'ann mar seo a bha i aig a sheanmhair roimhe. Dh'fhaidte gun do bhrosnaich "Allt an t-Siùcair" aig *Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair* (MacChoinnich 1882: 117–20) am bàrd gus an t-ainm annasach a thoirt air a' bhothaig agus thathar cuideachd mothail gu bheil buaidh aig bàrdachd *Dhonnchaidh Bhàin Mhic an t-Saoir* air a bhàrdachd fhèin. Mar eisimpleir, ged is e mac-meanmainn a tha seo, 's e searbhanta sa Chaisteal a tha ann an Nic Coisealaim (s.34) 's i a' sgrìobhadh sìos na bha daoine ag òl airson cunntas a chumail air. Dh'fhaidte gur e ainm annasach a tha seo a thog am bàrd as an òran aig Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir, "Oran do ghunna dh'an ainm Nic Còiseim." (MacLeòid 1952: 227–29)

Tha buaidh bàrdachd an dà bhàird roi-ainmichte cuideachd foilliseach ann a' meadarachd an òrain. Coltach ri "Moladh Mòraig" aig Mac Mhaighstir Alasdair tha *Caisteal Allt an t-Siùcair* stèidhichte air ceòl pioba le ùrlar (ss.1–16) agus siubhal (ss.17–62) agus a' crìochnachadh le crùnluath (ss.63–78). Tha Thomson ag ràdh mun chruth bàrdachd-sa, "'Moladh Mòraig is the prototype of this complicated poem structure, though the most famous example is Donnchadh Bàn's 'Moladh Beinn Dòbhrain.'" (1990: 171) Dh'fhaidte gur e òran Dhonnchaidh Bhàin a chuala Niall Moireasdan agus a bhrosnaich e gus òran fhèin a dhèanamh seach gu bheil e a' toirt iomradh air an t-sàr-bhàrd ann an òrain eile a tha a' dearbhadh gu robh e eòlach air a chuid obrach. (Faic 11, s.15 agus 15, s.36) Ged a tha am bàrd a' toirt deagh oidhirp air a' mheadarachd a chleachdadh ann an *Caisteal Allt an t-Siùcair*, tha laigse a' nochdadh anns an t-seagh nach eil faid nan rainn buileach cho cothromach 's a lùigear. Gun teagamh, 's dòcha nach eil an t-òran againn air a ghlèidheadh gu h-iomlan, ach ann a bhith a' toirt breith air, feumar cuimhneachadh nach biodh e furasda dhan bhàrd a bhith a' gabhail beachd mhionaideach air nithean leithid seo gun comas sgrìobhaidh aige.

- 1–22 A' moladh cumadh agus boidhchead na bothaige 's ag ràdh nach urrainn dha mar bhàrd dealbh choilionta a thoirt air a seo.
- 21 **na clachairean:** Clann a' bhàird a rinn a' bhothag.
- 24–34 Suidheachadh mac-meanmnach far a bheil am bàrd airson dealbh a thoirt air aoigheachd agus meachranachd sa "chaisteal."
- 29 **Beurla Shasannach:** Bhiodh Beurla glè annasach aig an àm 's tha seo a' cur ri amaideachd an òrain.

- 35–42A' toirt dealbh air gu bheil uisge anns gach seòmar dhan "chaisteal", rud a bhiodh air leth annasach aig an àm 's gun iad fhèin ach ann an taigh tughaidh.
- 63 **rannachd:** Droch bhàrdachd, san t-seagh-sa.
- 67–78 Iomradh air na dealbhanan seilge a bha air balla a' chaisteil.
- 71 A' toirt iomradh air Gaisgaich na Fèinne a bha cho cumanta ann an sgeulachdan agus òrain.

8. Hò Rodan Binneach

Hò rodan binneach
Hò rodan bàn
Hò rodan binneach
Sitig Mòr a' bhàird.

4

Notaichean

Bunachas: Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an rann seo ann an Cleite na Ducha c.1860 mar chur seachad do chlann a' bhàird 's iad òg aig an àm. 'S i Mòr Mhoireasdan, treas nighean a' bhàird a tha air a h-ainmeachadh. Chuala Dòmhnall I. MacDhòmhnaill gun robh am bàrd a' coimhead a-mach air an uinneig ann an Cleite na Ducha nuair a chunnaic e an rodan agus rinn e an rann air làrach nam bonn.

9. A' Chiad Oran don Bhracsaidh

Marbhphaisg ort a Bhracsaidh ¹⁸³ Gur h-e 'n galar a tha millteach thu B'e 'n sionnach am measg threudan thu 'S b'e 'm beud nach d'fhuairleadh dìth chur ¹⁸⁴ air 'S ann aige bha 'n droch ceàird Bhith cur nimh air bhàrr nan dìtheanan ¹⁸⁵ 'S mur sguir thu dha d' dhroch ghnìomharan ¹⁸⁶ Gu feuch mi dreis ¹⁸⁷ dhen phrìosan dhut.	4 8
'S cò chualas riamh thug fàbhachd ¹⁸⁸ dhut Le bàighealachd ¹⁸⁹ no truacantachd Bha sgathadh bhuainn an fhàilich Chumadh blàth bho sgàl an fhuachd sinn Thoir seachad dhomhs' na h-urrachan 'S chan urrainn mi cho cruaidh cur riut 'S mur toir gheibh thu sumanag Mar ruiginn am ¹⁹⁰ Port Uaine leat.	12 16
Tha mòran na do dhùthaich Bhiodh ag ùrnaigh mi thighinn teann orra 'S leis am b'fhad an ùine gus An tigeadh dùbhlachd ¹⁹¹ geamhraidh orr' Mi nochdadh anns na cùiltean Agus claidheamh rùisgt ¹⁹² a'm' làimh agam Ga leigeadh mar a dh'iarradh iad Ga riarachadh an ganntar dhaibh.	20 24

¹⁸³ Bhracsi
¹⁸⁴ chuir
¹⁸⁵ dìtheinean
¹⁸⁶ ghniamharan
¹⁸⁷ treis
¹⁸⁸ fabhachd
¹⁸⁹ baighealachd
¹⁹⁰ ann
¹⁹¹ tigheadh dù'lachd
¹⁹² ruisgt'

Gur h-e clann Choinn' ic ¹⁹³ Iomhair	
Thug lem briathrachas dhan ionnsaidh mi	
Ag innse a chunntais cheudan ¹⁹⁴	
Bha fo riaghladh 's rinn sinn cùmhnanta	28
Nan tiginn ¹⁹⁵ ann nam fhabhar ¹⁹⁶	
Anns a' cheàrdaich ¹⁹⁷ nach biodh cùram	
'S gun lorgadh iadsan càrna ¹⁹⁸ dhomh	
Anns a' Chliff ¹⁹⁹ cho blàth ri cùlaisde.	32

Arsa Fearghas mac ²⁰⁰ Iain Bhàin	
Tha gnàthaicht an Ceann Dùlabhaig ²⁰¹	
E fèin 's an gaodhar bàn aige	
Gur tric bha blàth mo shùigh-s' orra	36
'S na bi tighinn nas fhaide ²⁰² leis	
Na labhairt mu do chùilteireachd ²⁰³	
Gur tric bha coin is cìobairean	
Gu cinnteach an deagh dhùrachd dhomh.	40

Chuala mi le eachdraidh ²⁰⁴	
Gum bacaiste le òran thu	
'S nach tigeadh ²⁰⁵ tu na b'fhaide na	
Bhith 'g aithris air do rògaireachd	44
'S bheir mis' ort ma nì Gàidhlig e	
Gun cluinntear pàirt dheth d' sheòltaichean	
'S nach faisear thu gu bràtha	
Tighinn air àiridhean m' àite còmhnaidh-sa. ²⁰⁶	48

¹⁹³ Ic
¹⁹⁴ chiadan
¹⁹⁵ tighinn
¹⁹⁶ fhabhar
¹⁹⁷ Annsa cheardaich
¹⁹⁸ carna
¹⁹⁹ Annsa chliff
²⁰⁰ Fearagus Mac
²⁰¹ ceann Dùlavaig
²⁰² faide
²⁰³ chuilteireachd
²⁰⁴ eachdtraidh
²⁰⁵ tigheadh
²⁰⁶ còmhnaidhsa

Notaichean

Bunachas: ss.1–48 Henderson (1898: 87–8)
Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran seo ann an Cleite na Ducha c.1865 seach gun do chaochail Mòr NicFhionghuinn, tè de 'chlann Choinn ic Iomhair' (s.25) a tha air an ainmeachadh san òran c.1868. (L) Bha i fhèin agus a piuthar *Oighrig Mhòr* a' fuireach ann an Seileabosd far an robh iad nam banachagan do dh'oighreachd Losgantir. (Cunntas-sluaigh 1861)

'S e galair chaorach a tha 'sa Bhracsaidh. Tha an *Scottish National Dictionary* a' toirt an fhiosrachaidh "Braxy – a term frequently applied to several disorders in sheep" sa chiad dol a-mach ach mar mhineachadh eile, "The salted flesh of a sheep that has died from Braxy." (Grant 1941: 256) Anns Na Hearadh tha am facal air a chleachdadh san dà sheagh agus cluinnear mu bhith "ag ithe a' Bhracsaidh."

Tha an t-òran geur 's am bàrd a' stiùireadh a' chòmhraidh chun a' Bhracsaidh fhèin (ss.1–16, 41–48) 's a' togail air an t-seann chleas gun cuir rann fuadach air rud mì-chneasda sam bith;

"Chuala mi le eachdraidh
Gum bacaiste le òran thu" (ss.41–2)

Tha tionndadh èibhinn anns an òran nuair a tha am Bracsaidh fhèin a' faighinn guth gus e fhèin a dhìon. (ss.17–40) Tha am bàrd ag ainmeachadh dhaoine san òran agus a' fàgail orra le spòrs gu bheil iad miannach a bhith ag ithe feòil a' Bhracsaidh. Nam biodh am Bracsaidh air caora, dh'fheumadh a marbhadh 's cha robh cron sam bith ann an fheòil ithe fhad 's a bha an fhuil air a traoghadh as a' bheathach mus marbhaist e. (IMD) Mar sin dh'fhaodadh cuid a bhith ag ràdh gun robh am Bracsaidh air beathach caorach 's gun e idir oirre mar leisgeul airson an fheòil fhaighinn dhaibh fhèin. A bharrachd air *clann Choinn ic Iomhair* tha am Bracsaidh fhèin a' toirt fianais gura tric a tha "blàth mo shùigh-s" air *Fearghas mac Iain Bhàin* – Fearghas MacFhearghais – agus air a' ghaothar bhàn aige. (ss.33–6)

15 **sumanag:** *summons*

10. A' Chiad Oran Molaidh do Mhorair Dunmòr

Air fàillirin illirin ùillirin ò Air fàillirin illirin ùillirin ò Air fàillirin illirin ùillirin ò Gura ²⁰⁷ bòidheach do chomann Glan soilleir gun sgleò.	4
Nuair a chunncas do long ²⁰⁸ 'G àireamh thonn tighinn on Dùn 'S i marcachd ²⁰⁹ na fairge Gun chearb air a' chùrs ²¹⁰ Tighinn dìreach gu Bhàllaigh ²¹¹ 'S i deàrrsadh fo siùil 'S bha bhratach ²¹² ag innse ²¹³ Cò bh'innte fo rùm.	8 12
Bha na canain toirt caismeachd 'S tu a' teannadh ri tìr 'S mac-talla nan gleann ²¹⁴ Os an ceann ²¹⁵ riuth a' strì Na creagan a' sgealbadh Le stararaich na piob ²¹⁶ 'S tein'-adhar nam beanntan ²¹⁷ ²¹⁸ Mar lainntir an Rìgh.	16 20

²⁰⁷ Gur u
²⁰⁸ longa
²⁰⁹ marcach
²¹⁰ a cùrs
²¹¹ Bhàllai
²¹² S a bratach
²¹³ innseadh
²¹⁴ gleanna
²¹⁵ cionn
²¹⁶ nam piob
²¹⁷ beanna
²¹⁸ S' e

'S e do shluagh a bha aoibhneach
 'N àm cluinntinn do sgeul
 Gun robh thu tighinn dhachaigh 24
 'S i agad fod sgèith
 A chòmhnaidh nad dhùthaich
 Far 'eil²¹⁹ bùirean an fhèidh
 Is pladaraich a' bhradain 28
 Le caismeachd a' leum.

Dhan a' ghleann 's am bi choill²²⁰
 Far an cluinn mi²²¹ na h-eòin
 Le 'n ceileireadh²²² binn 32
 'S iad air mhltean²²³ gun bhròn
 An doire nan geug
 Muigh air rèidhleach nan cnò
 An Ròghadal²²⁴ chraobhach 36
 Nan²²⁵ raontaichean feòir.

Na h-eileanaich aotrom
 Readh aontach san ruaig
 Ri aghaidh na caonnaig 40
 Le faobhar glan cruaidh
 Na faicist air raoin thu
 'S do thaobh ga thoirt²²⁶ bhuat
 Mura²²⁷ sguireadh am blàr 44
 Gum biodh bàs ann no buaidh.

²¹⁹ N robh
²²⁰ Dha na ghleann an robh 'choill
²²¹ cluinntear
²²² ceileiribh
²²³ 'n am miltean
²²⁴ Ròdul
²²⁵ S na
²²⁶ thoir
²²⁷ Mur

Tha Gàidheil ²²⁸ Dhuntuilm	
Air a' chuirm 's cha b' eu-chòir ²²⁹	
Cha b' ann o Rudh-Hùinis ²³⁰	48
Bha 'n dùthchas no'n còir ²³¹	
An coire nam fuar-bheann	
Far d'fhuairleadh ²³² tu òg	
Aig sàil Beinn-na-Leac ²³³	52
'S air an t-Arclaidh 'm bi cheò. ²³⁴	

Thig èileadh cruinn cuachach	
Mun cuairt air do bhac	
Is osannan balla-bhreac	56
Mu d' chalpa ²³⁵ gun smal	
'S e d'èideadh 's do shùgradh	
Bhith stùc nam beann chas ²³⁶	
Dùil ²³⁷ ri ùdlach an fhèidh	60
'S fhuil nad lèinidh ²³⁸ air stad.	

Tha Dòmhnallach Sgarastaigh ²³⁹	
'S cha dearmad mi ainm	
Làmh dhearg air a ghualainn	64
Le suaicheantas teann	
Foghlamaicht ²⁴⁰ firinneach	
Direach gun mheang	
Le gliocas 's le eòlas ²⁴¹	68
Toirt seòladh ²⁴² dhan chàmp.	

²²⁸ Gaidheal
²²⁹ ao-còir
²³⁰ Rhù-Huinis
²³¹ Bha 'dhùthchas no 'chòir
²³² d' fhuairleadh
²³³ Leacainn
²³⁴ bi'n ceo.
²³⁵ Mu chalpa
²³⁶ Bhi 's na stùc-bheanna cas
²³⁷ 'Dul
²³⁸ léini
²³⁹ Scarastai
²⁴⁰ Fòghluimte
²⁴¹ Le 'ghliocas s le 'eòlais
²⁴² seòlaidh

'S e dh'fhàg thu mar bha thu	
Measg chàich 's os an cionn	
Cho càirdeach 's a bha thu	72
Do Bhànrighinn a' Chrùin	
Gun d'fhuair thu leat àrach	
On phàisd air a' ghlùn	
Nach dealaich gu bràth riut	76
'S a dh'àrdaich do chliù.	

Cha robh mi nur ²⁴³ fianais	
'N àm riaghlaidh na bh'ann	
Chumadh ²⁴⁴ gair Dhruim-nam-Biasd ²⁴⁵ mi	80
Ged dh'iarrainn bhith ann	
Ach dh'innseadh dhomh sgeula	
Gun fhiaradh gun cham	
²⁴⁶ Mu phòsadh an Iarla	84
'S gun ²⁴⁷ crìochnaich mi 'n rann.	

²⁴³ mi 'n ur

²⁴⁴ Chum

²⁴⁵ Dhruim-nam-biast

²⁴⁶ S

²⁴⁷ Gun

Notaichean

Bunachas: ss.1–69,77–85 Henderson (1898: 70–2)
ss.70–77 Domhnall MacDhòmhnaill (SA 1954:130)
ss.1–85 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran ann an 1866, a' bhliadhna a phòs uachdaran Na Hearadh, *Charles Adolphus Murray*, an seachdamh Morair Dunmòr agus a' bhean *Gertrude Coke*, an treas nighean aig darna Morair Leicester. (*Who Was Who* 1920: 215) Rinn am bàrd an t-òran molaidh seo nuair a thàinig a' chàraid chun an eilein 's iad air ùr phòsadh. Tha e a' mealadh naigheachd a' Mhorair agus a' toirt seachad deagh dhealbh air an fhàilte chridheil a bha muinntir an àite a' cur air. Tha an t-òran seo aighearach agus tarraingeach agus am bàrd a' toirt iomradh air bòidhchead agus torraichead oighreachd an uachdarain (ss.26–37) agus a' toirt spèis dha fhèin an dà chuid na choltas agus na chomasan seilge (ss.54–61). Tha am bàrd cuideachd a' toirt iomradh air "Dòmhnallach Sgarastaigh"(s.62). B'e fear a bha seo a bhiodh ag ionnsachadh saighdearan a' Mhorair agus 's ann a-mach air a seo a tha am bàrd nuair a tha e ag ràdh;

"Le ghliocais 's le eòlais
Toirt seòlaidh dhan chàmp"(ss.63–4)

Dh'fhaoidte gur e seo Coinneach MacDhòmhnaill – *Coinneach Sgoilear* aig an robh tac Sgarastaigh agus a tha a' togail fianais aig coinneamh Choimisean nan Croitearan san Ob air an 31 den Chèitean 1883 mar "Kenneth MacDonald, Farmer, Scarista-vore (70)." Ged nach eil e a' toirt iomradh aig a' choinneamh air a bhith ag ionnsachadh nan saighdearan, tha e ag ràdh gun robh e na bhàillidh aig an uachdaran agus mar sin bhiodh e coltach gu leòr gum biodh dleasdanasan eile air am fàgail air. (Crofter's Commission Report, 1884: 857–60)

- 6 **Dùn:** Dùn Arain
15 **tein'-adhar nam beanntann:** Bhiodh e mar chleachdadh a bhith a' lasadh
 teintean air na mullaich airson fàilte a chur air a' Mhorair.
16 **Rìgh:** Rìgh nan Dùl.
41 **Gàidheil Dhuntuilm:** Feumaidh gur e uaislean às an Eilean Sgiathanach a
 tha seo.
80 **Dhruim-nam-biasd:** Druim-na-Bèisde.

11. An Dara Oran Molaidh do Mhorair Dunmòr

Cha mheas sibh ²⁴⁸ mi ro dhàna Ged thàrladh ²⁴⁹ 's nach urra mi Cliù an Iarla Rìoghail Le firinn a chumadh dhuibh; Ged bhithinn na mo bhàrd 'S iomadh cànan dhomh ²⁵⁰ furasda Cha tugainn cliù 'n duin'-uasail No 'n dùthchas bhon d'rugadh e.	4 8
Gun agam cànan ²⁵¹ ach a' Ghàidhlig 'S pàirt dhi nach eil uil' agam Ach 's i bha ghnàth air feadh na ceàirn seo Anns an àit' san ²⁵² d'rugadh mi; Cha chuir mi idir i fo thàir 'S ann innt' tha bhàrdachd urramach 'S e sin a theireadh Donnchadh Bàn A' seinn nan dàn a thuirt e.	 12 16
'S tu uachdaran fir Langaigh ²⁵³ 'S nam beann is glan sealladh dhuibh Far bi na fèidh nam mìltean A' dìreadh 's a' langanaich; Na coireachan 's na gleanntan 'S pailt meann is laogh-ballach ann Damh donn is lìonmhor ²⁵⁴ meuran Air mullach grianach Cheanna-bhal ²⁵⁵ .	 20 24

²⁴⁸ mhios siobh
²⁴⁹ tharladh
²⁵⁰ domh
²⁵¹ agam [...] ach
²⁵² an
²⁵³ Langai
²⁵⁴ lionmhoir
²⁵⁵ Cheanna-Val

'S tric thu beachdachadh gach taobh
 'S a' ghaoth tighinn thar nam mullaichean
 Do ghillean aon-sgeulach rid thaobh
 Cha chaonadh thus' an cuid orra 28
 Do ghaothair bhallach ghorm'
 Agus confhadh gu fuil orra
 Na Sasannaich sa ghleann
 Is car càrn ann' a' luisteachadh 32

Led ghillean sunndach, meanmnach, gleusda
 Mar shluagh na Fèinne 'g obair dhut
 A' tarraing 's a' sgaoileadh bhian
 Le sgeanan geur ga sgoltadh ac' 36
 Air àird nan sliabh a' ruith gu dian
 'S a ghrian an iar dol fodh orra
 Am Morair fèin 's e anns a' ghleann
 'S gur ann le làimh a thollaisd' iad. 40

Chan eil an Alba gin a shealgas
 Fiadh 's a ghiubhlach coltach riut
 Air àird na frithe sùil a chì e
 Làimh na cinnt ga togail leat 44
 Bhiodh tu coma cèir no ceann dhi
 Bhith san àm sin comhart riut
 Mun cluinnt' an fhuaim leis bhiodh do luaidh ann
 Chor 's nach gluaiste criodhan leis. 48

'S nuair chiteadh tu ghreigh uallach
 Air fuaran a' bhiolaire
 'S tu coimhead as na neòile
 Dè an dòigh am frigist orra, 52
 Gill'-ealaich air do chùlaibh
 Do mhial-chù-s' a' clisgeartaich
 Do chèil' agad ga giùlan
 Mun ruig uisg' no flicheadh oirre. 56

'N àm tachairt dhut aig Sròn-na-Scuirt Bhiodh agad spuirt 's bu toilicht' thu Fèidh is bradan 's iad cho pailt ann Ge b'e ac' a thogradh tu; Daimh is èildean feadh a chèile A' ruith air sgèith nam bealaichean Tarmachain is fraoch-chearc dhonn O thom gu tom sa phlabarsaich.	60 64
'S math thig dhut an t-èideadh Nach fheum a bhith ga theannachadh Ach dealg san darna taoibh dheth Sa fhraoch gu bhith baganta; Thig cuilbhearr fo do sgèith dhut Thollas biana fad astar uat Nuair bhitheas luchd na Beurla Sior-èigheach ²⁵⁶ tha 'n t-acras orr'.	 68 72
Gun lùbadh tu do ghlùn ris An ùdlaiche bu cheanalta 'S nuair gann a lasadh d'fhùdair Bhiodh smùid ris a' teannachadh; Air slìos nam beannaibh stùcach Bu shunndach ag astar thu Damh donn 's e air a thaobh ann San fhraoch ro do dhealanaich.	 76 80
An Gàidheal rìoghail air bheag sgìths A'dìreadh ris na coireachan Na èideadh sealgair gu neo-chearbach Feadh nan garbh bheann tosgarlach; Cha b'fhear gun lùths a dhèanadh ²⁵⁷ tùirn riut Ri dìreadh stùcan Uiseabhail ²⁵⁸ Na Goill is iad a' ràinich Ro thàirneinich a' ghunn' agad.	 84 88

²⁵⁶ eubhachd
²⁵⁷ dheanamh
²⁵⁸ Uisabhail

'S faithnichear²⁵⁹ air an t-sràid
 Measg chàich ann an Lunnainn ort
 Gur mòr tha dhen fhuil rìomhach
 A' dìreadh nad chuisleannan; 92
 Gur ann san àird an iar bha
 Do mhiann-sa bhith tuineachd ann
 Air srath nam bradan tarra-gheal²⁶⁰
 'S tu seanachas air Uaimh-Uilleadal²⁶¹. 96

Nuair readh tu mach a dh'iasgach²⁶²
 Readh strìan chur sa bhradan leat²⁶³
 Cha b'fhasan e gad fhàgail
 Mar 's gnàths dha na Sasannaich 100
 Nuair bhiodh do dhubhan geur ann
 Do dhriamlach ga theannachadh
 Bu ghrinn do làmh a' strì ris
 Ga shìor-thoirt gu tanalachd.²⁶⁴ 104

Na èideadh geal a' ruith gu bras
 A Rìgh! Cha b'fhad' a leanadh e,
 A' tighinn bhon bhùrn bha os a chionn
 Bu shunndach thu ri carachd²⁶⁵ ris, 108
 Slat a' diasgail, driamlach sniasail
 B' e do mhiann mar ealainn e
 Gur mòr a b'fheàrr leat siud mar cheàird
 Na mànràn²⁶⁶ luchd nan casagan. 112

Bhon thaini²⁶⁷ tu dhan dùthaich seo
 'S tu dh'ùraich na fasannan
 Bha 'n toiseach aig ar sinnsear
 Bu dìleas gan leantainn thu; 116
 Na Gàidheil bheò ghleusda
 Bhith leum 's a' cath cloiche riut
 A' ruith nan each sa rèis 's gur
 Tu fhèin bha toirt mosglaidh dhaibh. 120

²⁵⁹ fainichear

²⁶⁰ tàrrageal

²⁶¹ Uamh-Uill-eadal

²⁶² Nuair a readhadh tu mach a dh'rascach

²⁶³ Readhadh strìan a chum sa theadan leat

²⁶⁴ Go tìr ga' thoirt go tanalach

²⁶⁵ carach

²⁶⁶ manran

²⁶⁷ thaineadh

Chan ioghnadh uaill bhith air an t-sluagh
 Rin canar tuath a' Mhorair seo
 A stoc²⁶⁸ na h-uaisle cha do bhuaineadh
 An gluasadan tha coltach²⁶⁹ riut; 124
 Tha smear na h-uaisle 's i gun truailleachd
 Na do bhuadhaibh corparra
 An t-Hearach fìor-ghlan rìoghail²⁷⁰ suairce
 Nad ghnùis tha snuadh na h-onaireachd. 128

Nuair chruinnich thu do dhaoine air
 An raon bha iad eireachdail
 Nuair chaidh iad ann an òrdugh
 Bu bhòidheach na fleasgaich iad 132
 Le 'n fhèilidh pleatach cuachach
 Bu chuannt iad fon deiseachan
 'S an Dòmhnallach Fear Sgarastaigh²⁷¹
 Toirt dearbhaidh dhaibh mar sheasadh iad. 136

Nuair chaidh a' phìob a ghleusadh
 Air rèidhlean na faiche dhuibh
 Ri cluich nam porta siùbhlach
 Bu shunndach an aignidhean; 140
 Chaidh Cabar-Fèidh a dhannsa
 Gun mheang le chuid lasgairean
 'S an t-Hearach²⁷² glan 's Iain Stiùbhart
 Gu faicist driùchd le fallas tro. 144

Bha sìtheann fhiadh aca mar bhiadh
 Gu pailt air miasan oiseanach
 Mar bha aig Fionn dha chuid-sa sluaigh
 Is tric thug buaidh sna cogannan; 148
 Deoch gun truailleadh tighinn a-nuas
 Anns na cuachan gocanta
 Slàinteachan²⁷³ gan òl gun dìth
 Le sùgh²⁷⁴ neo-chli ga chosg orra. 152

²⁶⁸ stochd

²⁶⁹ collach

²⁷⁰ An t-Earach fìr-ghlan rìgheil

²⁷¹ Scarastai

²⁷² t-Earach

²⁷³ Slàinteachan

²⁷⁴ sonn

'S nuair shìn an dannsa staigh sa chàmp
 Gun d'iarr thu dràm chur deiseil orr'
 'S an glan Ghàidhlig thog thu 'n àird
 Deoch-slàinte Bàn-rìghinn Bhreatainn dhaibh²⁷⁵; 156
 Gun ghlaodh²⁷⁶ an sluagh o dheas gu tuath
 An fhuaim a bha co-fhreagarrach
 'S gun thog na h-uaislean air an guailibh
 Leo bhuainne fa dheireadh thu. 160

Bha "Mhaighdean Hearach Rìoghail"
 Fo sìoda 's fo brataichean
 A' feitheamh gu 'n do²⁷⁷ thill thu
 Air tìr o na ceatharnaich²⁷⁸; 164
 Nuair fhuair i air a bòrd thu
 Gun sheòl i gu h-aithghearr leat
 'S bu luath i air an fhairge
 Na 'n earb air a' ghlas-fheurach. 168

A cùl ri deas 's a stiùir gu tuath
 Fo chainbe nan dual fulangach
 A' cumail aodaich gu math rèidh
 Ro anail speur mun tuiteadh iad, 172
 Sgioba aotrom beòthail gleusda
 A chumadh strìan²⁷⁹ air fulagan
 Tro Chaolas Hiort na bheannaibh uain'
 Ag èirigh 's bruaichean struthaibh air. 176

²⁷⁵ doibh

²⁷⁶ ghaoth

²⁷⁷ gu na

²⁷⁸ ceathairnich

²⁷⁹ strain

Notaichean

Bunachas: ss.1–24, 49–152 Henderson (1898: 72-6)
ss.25–48 Henderson MSS
Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran c.1866 don t-seachdamh Morair Dunmòr – *Charles Adolphus Murray* – Uachdaran Na Hearadh. Cheannaich Dunmòr Na Hearadh gu lèir ann an 1834 ach reic e ceann a tuath an eilein a-mhàin c.1868. (MacKenzie 1903 495) Seach gu bheil mòran àiteachan anns a' cheann a tuath air an ainmeachadh, thathar a' meas gur ann mus deacha ceann seo an eilein a reic a rinneadh an t-òran agus ma 's e an dara òran molaidh feumaidh nach deach a dhèanamh ro 1866. (Faic Oran 10)

Am measg Làmh-sgrìobhainnean Henderson, tha litir ghoirid Bheurla a thàinig às Sgarastagh leis a' cheann-latha 18.2.1867 agus leth-bhreac den òran seo na cois. Ged a thàinig an litir agus an t-òran gu bhith ann an làmhnan Henderson, chan eil fhios cò thuige a chaidh an litir agus an t-òran a chur bho thùs (cha bhiodh Henderson ach mu bhliadhna a dh'aois an uairsin) agus chan eil i a' toiseachadh ach le "My Dear Sir." Ged nach eil e furasda an làmh-sgrìobhaidh aig bonn na duilleige a leughadh thathar a' meas gur e "Dr MacRae" an t-ainm a tha rithe. 'S iongantach mura h-e an Dr Dòmhnall MacRath a tha ri lorg ann an Sgarastagh Bheag ann an Cunntas-sluaigh 1861 a tha seo agus e seachd bliadhna fichead a dh'aois aig an àm agus gun phòsadh. Tha ceann-latha na litreach a' toirt seasamh dhan tuairmse gur ann mu 1886/7 a chaidh an t-òran a dhèanamh seach gura docha gun robh e car ùr aig an àm seo. Tha an Dr MacRath a' libhrigeadh an òrain air fad fiaraidh agus fhuair 24 sreathan nach do chuir Henderson an clò idir agus seach gu bheil e iongantach nach do chuir Henderson na sreathan seo an clò, agus nach tug e iomradh air ùghdar na litreach agus air a bheachdan, dh'fhaoidte nach tàinig am fiosrachadh thuige ann an àm.

Seo mar a bha san litir agus tha e inntinneach nach robh an Dr ro mholtach air obair a' bhàird: "I remember when last at Tarbert, promising you to send you a copy of the song Neil Morrison the Harris Bard composed for Lord Dunmore, doing so escaped my memory for some time. You will find it now such as it is there are many gaelic words in it which are purely provincial and thereby may be unintelligible to you as perhaps you never heard them – please let me know your opinions of it, the ideas are tolerable, and the gaelic bearable, but I fear the poetry will not bear severe criticisms. You will excuse any errors I may have committed in taking it down as I was in a hurry."

Tha am bàrd a' toiseachadh an òrain le modh an ìre mhath cumanta nuair a tha e ag ràdh nach eil e comasach dhàsan mar bhàrd cliù an Iarla "a chumadh" dhuinn (ss.1–4) ged a tha e ag ràdh ged a bhiodh e na bhàrd agus "iomadh cànan" dha furasda (ss.5–6). Dh'fhaoidte gu bheil e a' ciallachadh leis a seo gu bheil an comas bàrdachd a tha ann fhèin gu nàdarra a' ciallachadh gu bheil na faclan a' tighinn thuige gun duilgheadas sam bith.

Chuala Dòmhnall I. MacDhòmhnaill fear Fionnlagh MacChoinnich – *Fionnlagh Iain mhic Fhionnlaigh* nach maireann – às Sgarastagh ag ràdh gum biodh Niall Moireasdan fhèin ag ràdh gum biodh faclan nan òran ag èirigh suas mu choinneamh a-mach às an fhraoch. Tha seo inntinneach gu h-àraid seach nach biodh mòran comas litearachd aige, nam biodh càil idir, agus mar sin dh'fhaoidte nach ann dha rìreabh 'a' faicinn' nam faclan a bhiodh e ach 's dòcha gum biodh iad a' bualadh air aignidhean ann an dòigh eile, dh'fhaoidte le bhith a' faicinn dhealbhan no ìomhaighean. Ann an ss.9–10 tha am bàrd ag ràdh nach eil cànan aige seach a' Ghàidhlig agus "pàirt dhi nach eil uil' agam." Dh'fhaoidte gu bheil e a' smaoinreachadh air mar a tha cion comais sgrìobhaidh a' tighinn ris fhèin ach tha e cuideachd ag ràdh,

Ach 's i bha ghnàth air feadh na ceàirn seo
Anns gach àit' san d' rugadh mi. (ss.11–12)

Dh'fhaoidte gu bheil am bàrd a' ciallachadh leis a seo gu bheil e fhèin a' faicinn gu bheil buaidh na Beurla a' lagachadh na Gàidhlig eadhon am meadhan na naoidheamh linn deug seach mar a bha i roimhe agus gur ann a tha e a' caoidh nach eil beairteas fhaclan aige fhèin seach mar a mhiannaicheadh e. Ann am pàipear a chaidh fhoillseachadh le TGSI tha Dòmhnall MacGillip a' cnuasachadh air ss.9–10 's e ag ràdh "Despite what Morrison says, he had a wonderful vocabulary in Gaelic, his only language, yet his keen intelligence told him that his knowledge of his native tongue was far from complete." (MacKillop 1991: 484)

Tha am bàrd a' leantainn air gu bhith a' moladh a' chànan agus a' toirt urram don t-sàr bhàrd *Donnchadh Bàn Mac-an-t-Saoir* (s.15) air am bi e a' toirt corra iomradh. Gun teagamh tha e fìor ri ràdh gu bheil buaidh bàrdachd Mhic-an-t-Saoir a' tighinn am bàrr anns an òran le ìomhaigheachd as saoghal nàdair agus dealbhan mionaideach air fèidh agus beathaichean eile na mòintich agus ann an s.31 nuair a tha e ag ràdh, cleas a' bhàird-sa; "do chèil' agad ga giùlan" mu ghunna a' Mhorair.

Chan eil am bàrd a' moladh a' Mhorair dha-rìreabh gu s.17 a-mach agus tha e gu mòr a' leantainn modhan molaidh nam bàrd bho shean. Tha an t-òran glè choltach ris *A' Chiad Oran Molaidh don Mhorair Dunmòr* le bhith a' toirt spèis agus urram do gach rud a bhuineadh dhan Mhorair; bòidhchead agus torraichead oighreachd (ss.17–24), dealbh air an duin'-uasal a' sealg (ss.25–56), agus iomradh air cho tapaidh 's cho eireachdail 's a bha am Mòrair fhèin ri fhaicinn. (ss.65–72)

Tha beagan dì-meas air na Sasannaich a' nochdadh san òran nuair a tha am bàrd a' magadh air cho truagh 's a tha iad air iasgach 's air sealg le bhith ag ràdh gun dèidheadh aig a' Mhorair air a bhith a' sreap nam beanntan le sunnd;

"Nuair a bhitheas luchd na Beurla
Sior-èigheach tha 'n t-acras orr.'" (ss.71–2)

Tha e cuideachd ag ràdh nach cailleadh am Morair iasg far slait "mar 's gnàth dha na Sasannaich" (s.100) agus gum biodh na Goill "a' ràinich ro thàirneinich a' ghunn' agad."

(ss.87–88) Chuala Dòmhnall I. MacDhòmhnaill mu aon uair nuair a bha Niall Moireasdan air cruinneachadh ann an Loids nam Borgh far am biodh am Morair a' fuireach fhads a bhiodh e anns Na Hearadh. Bha uaislean an làthair agus ghabh am bàrd an t-òran seo dhaibh. Am measg na bha an làthair bha Sasannach a bha airson botal uisge-beatha a thoirt dhan bhàrd mar dhuais airson na bàrdachd ged nach tuigeadh e fhèin facal dhi. Bha seo ceart gu leòr gus an do dh'innis cuideigin dha nach ann a' moladh nan Sasannach a bha e san òran idir ach gan càineadh. Mar a ghabhas tuigsinn cha d'fhuair am bàrd an t-uisge-beatha an dèidh sin. (8/1: 056)

Coltach ris *A' Chiad Oran Molaidh don Mhorair Dunmòr*, tha am bàrd a' toirt iomradh air *Dòmhnallach Fear Sgarastaigh* (s.135) a bha ag ionnsachadh saighdearan a' Mhorair 's a' "Toirt dearbhadh dhaibh mar sheasadh iad." Chuala Dòmhnall I. MacDhòmhnaill aig a sheanmhair gum biodh Dòmhnallach Fear Sgarastaigh ag ionnsachadh nan saighdearan le bhith a' ceangal sop fodair ri aona bhròig agus a' cur làrach cailce air a' chois eile agus fhads a bhiodh iad a' spaidisreachd bhiodh esan ag èigheach, "Mach cas cailce mach cas fodair, mach cas cailce mach cas fodair" agus mar sin air adhart. (8/1: 124)

Bho s.137 a-mach tha am bàrd a' toirt dealbh air cruinneachadh aighearach far a bheil e a' cur an cèill dhuinn aoighealachd agus fialaidheachd a' Mhorair le cunntas air na bha ann de bhiadh, de dheoch agus de cheòl-dannsa. B'ann do Shiorrachd Pheairt a bhuineadh an teaghlach Dunmòr agus tha am bàrd a' toirt iomradh air gun robh Gàidhlig aige nuair a chuir am Mòrair deoch slàinte air a' chòmhlann ann an "glan Ghàidhlig." (s. 153) Mar shàr urram tha am bàrd a' gabhail "an t-Hearach glan" (s.143) air a' Mhorair agus tha seo a' sealltainn cho measail 's a bha muinntir an àite air nuair a bha iad a' gabhail ris cho mòr.

- 55 **chèil:** Gunna a' Mhorair.
- 143 **Iain Stiùbhart:** Dh'fhaidte gur e Iain Stiùbhart, mac Dhòmhnaill Stiùbhairt aig an robh tac Losgantir a tha seo.
- 152 **sùgh neo-chli:** Uisge-beatha.
- 161 **"Mhaighdean Hearach Rìoghail":** Soitheach seòlaidh a' Mhorair.

12. Moladh na Lùchairte

'S ann latha na Bliadhn ²⁸⁰ Uire A chunnaic mi le m' shùilean An aitreabh bha mi 'n dùil ²⁸¹ Gheibheadh ²⁸² cliù san taobh-tuath; Nuair chaidh mi steach dhan ²⁸³ lùchairt, 'S a sheall mi air gach taobh dhiom, Cha mhòr nach tug mo shùilean Mo thùr uile bhuam;	4 8
Aig meud 's a ghabh mi dh'ioghnadh Mun chlachaireachd 's mun t-saoirsneachd ²⁸⁴ : Ciamar a ²⁸⁵ b'urrainn daoine Gach aon dhiubh ²⁸⁶ chur suas: Toirt uisg' on charraig ailbhinn Le pìoban umha 's airgid, Le glasan bha neo-chearbach, A dhearbhas bhith buan.	 12 16
Ach fhir a chosg na ceudan Ri talla nan clach' sgiamhach Chan eil a leithid lionmhor An iar air a' Chaol ²⁸⁷ ; Follaiseach ri fairge, Is gun e fad on gharbhlach, Gur pailt am bradan tarra-gheal Ga mharbhadh ri thaobh.	 20 24

²⁸⁰ 'n Nollaig
²⁸¹ dùil a
²⁸² Gheobh
²⁸³ do'n
²⁸⁴ t-saorsneachd
²⁸⁵ Cia mar
²⁸⁶ diubh
²⁸⁷ na caoil

Ge b'fhear mi bhiodh ²⁸⁸ eòlach	
Bho Rudh'-na-circe 'n Leòdhas	
Gun ruiginn Rudh'-na-h-òrdaig,	
Cha b'eòl dhomh a h-aon ²⁸⁹ ;	28
Tro uinneagan do sheòmair	
Gum marbhaiste na ròin ann ²⁹⁰	
Gun charachadh bhon bhòrd, no	
Bhon chòisir bhiodh daor.	32

Ach fhir nach fhaca riamh e	
Cha chreideadh tu mo bhriathran	
'S ann shaoileas tu gur breug bha ²⁹¹	
Sa sgeul ²⁹² air a' chùis;	36
Ach bidh ²⁹³ e fhathast feumail	
Do dh'fhear ²⁹⁴ a bhios na èiginn	
Nuair dhorchaicheas na speuran	
'S a thrèigeas e chùrs'.	40

A-steach os cionn Dùn-Arainn ²⁹⁵	
Ga fhaicinn anns an deàrrsadh ²⁹⁶	
Is eagal air ro Shàghaigh ²⁹⁷	
'S an Eàrr air a chùl ²⁹⁸	44
Ro dhorchadas na h-oidhche	
'S na seòlaidean cho aimh-leathainn ²⁹⁹	
'S an rathad buileach aimh-rèidh ³⁰⁰	
Feadh staingean is lùib.	48

²⁸⁸ a bhi
²⁸⁹ domh dhiubh aon
²⁹⁰ marbhaistinn an ròn ás
²⁹¹ tha
²⁹² Na m' sgial
²⁹³ bhidh
²⁹⁴ Do fhear
²⁹⁵ Dhùn Aruinn
²⁹⁶ dearrsaidh
²⁹⁷ Shàghaidh
²⁹⁸ cùl
²⁹⁹ aimhleathann
³⁰⁰ aimhreidh

Nuair lasar do chuid choinnlean
 Ceann shìos is shuas na staidhre³⁰¹
 Nì seòladairean³⁰² na h-oidhche
 Ris aoibhneas le sunnd, 52
 'S e d'uinneag a nì³⁰³ soillse
 Nas³⁰⁴ fheàrr na solas Hoidhsgeir,
 Gur iomadh fear nì foighneachd³⁰⁵
 Cò rinn an reul-iùil. 56

Gu teasairginn nan ànrach
 A bhios an cunnart bàthaidh
 Gan toirt gu cala sàbhailt'
 Le deàrrsadh do rùm; 60
 Is iad a' ruith fon chòrsa
 A-steach gu Caolas Shròmaigh³⁰⁶
 Gu Bun-an-t-sruth far 'n còir dhaibh
 An ròp chur sa ghrund. 64

Nuair thèid an taigh an òrdugh
 'S an uidheam mar is còir dha
 Chan fhear gun mhodh gun eòlas
 Is còir thigh'nn dha dlùth; 68
 Ach Fhearchair Ruaidh na sròine,
 Ma thig thu chaoidh fo sheòl ann
 Gum feum thu do dhà bhròig bhith
 Fon chleòc air do chùl. 72

Chan fhaigh thu cead bhith stàrachd
 Ann sìos is suas mar b'àbhaist,
 Le brògan mòr Chinntàil' ort
 Le sàilean 's³⁰⁷ spuir-chùil, 76
 Le 'n spìcean 's le 'n cuid thàirngnean³⁰⁸,
 Air chor 's ma nì iad làrach
 Nach glanar gu lath' bhràth e
 Le sàl no le bùrn. 80

³⁰¹ stoidhre

³⁰² seòltairean

³⁰³ rinn

³⁰⁴ Nì's

³⁰⁵ fhoighneachd

³⁰⁶ caolas Shròmaidh

³⁰⁷ S fodh 'n sàilean

³⁰⁸ thàirlean

Is bhon tha 'n taigh cho luachmhor
 A thogadh leis an Uachdaran
 Chan fhaigh dhiot-sa suas³⁰⁹
 Ach³¹⁰ a' chluas 's an leth-shùil; 84
 Mur faigh thu dol don tranntsa
 Air uaireannan a dh'amhrac³¹¹,
 Gun fhios gum bi thu ann;³¹²
 Ga³¹³ do chràmpadh an cùl. 88

'S e³¹⁴ siud an t-eilean fiachmhor
 Is pailt³¹⁵ a chinneadh feur ann
 Cha chualas gainne riamh ann
 Air biadh ann nas mò',³¹⁶ 92
 An doineann gheur an Fhaoillich
 Bidh³¹⁷ saill air mairt 's air caora³¹⁸
 'S cha chluinnear³¹⁹ guth air caoil'
 Air a h-aon dhiubh³²⁰ tighinn dlùth. 96

'S ged 's foghlaimt' air a' cheàird mi
 Ris an can iad bàrdachd,
 Gun fheàrr dhomh fuireach sàmhach
 Na càch³²¹ ràdh rium, 100
 Gum bheil e mòr is dàna dhomh³²²
³²³Rann a sheinn mun³²⁴ àros
 Nach dèan mi dad nas fèarr³²⁵
 Na chur³²⁶ ceàrr bun os cionn. 104

³⁰⁹ ach
³¹⁰ [...]
³¹¹ amhrac
³¹² 'g a
³¹³ [...]
³¹⁴ 'S b'e
³¹⁵ paillt
³¹⁶ chinneadh feur ann
 [...]
 [...]
 An doineann gheur
³¹⁷ Bidh
³¹⁸ caoraich
³¹⁹ Cha chluinn thu
³²⁰ diubh
³²¹ a
³²² mò 's dàna
³²³ Dhomh
³²⁴ do'n
³²⁵ is fèarr na
³²⁶ Chuir

Notaichean

Bunachas: ss.1–104 Henderson (1898: 65–7)
ss.1-104 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran seo c.1870 nuair a bha am bàrd na chiobair air Eilean Phabaigh agus e air a dhol a-null a dh'Eàsaigh an dèidh dhan 'Taigh Mhòr' a bhith air a thogail. (IMD 8/2: 024)

Cheannaich Gilleasbuig Stiùbhart Eilean Eàsaigh ann an Caolas Na Hearadh ann an 1856. (Miles 1989: 2) 'S e bràthair do Dhòmhnall Stiùbhart aig an robh tac Losgantar a bha ann agus b' ann dhan taigh a thog an Stiùbhartach a rinn am bàrd an t-òran 's e a' gabhail ioghnadh cho eireachdail 's a bha e. Chan eil iomradh air an taigh ann an Cunntais-sluaigh 1861 ach ann an 1871 tha e clàraichte gun robh taigh ann an Eàsaigh anns an robh ceithir seòmraichean deug le uinneagan agus chan eil teagamh nach e Taigh Eàsaigh a tha seo. Seach gun robh am bàrd ag obair aig na Stiùbhartaich co-dhiù bhiodh, e coltach gu leòr gum biodh e a' dol a dh'Eàsaigh bho àm gu àm agus nach coltaiche buileach gun dèanadh e òran molaidh mar seo do theaghlach a mhaighstir.

Bho fhìor thoiseach an òrain tha am bàrd a' cur dealbh an cèill dhuinn air coltas na 'Lùchairte' agus ag innse mar a tha e fhèin a' gabhail ioghnadh dhan t-saothair a bha an lùib a togail. Ann an s.17 tha e a' stiùireadh a' chòmhradh chun an uachdarain "Ach fhir a chosg na ciadan" agus ag innse gu bheil an taigh mòr cho faisg air a' chladach 's "Gum marbhaiste na ròin ann." (s.30)

Bho s.33 tha am bàrd ag atharrachadh a stansa a-rithisd le bhith a' stiùireadh a' chòmhradh chun an luchd-èisdeachd 's e ag innse dhuinn cho feumail 's a bhitheas solas an taighe airson seòladairean a threòrachadh tro sgeirean chunnartach Chaol na Hearadh. (ss.37–64).

Tha an t-òran seo annasach anns an t-seagh gu bheil e gu math trom 'sa chiad dol a-mach ged a tha snàthlain de gheur-chainnt rin cluinntinn an-dràsda 's a-rithisd. Mar eisimpleir tha am bàrd a' rabhadh nach dèan math do *Fhearchar Ruadh na sròine* (s.69) tighinn a-steach dhan Lùchairt gun a bhrògan a chur dheth an toiseach. Dh'fhaoidte gur e Fearchar MacSuain a bha na shaor-eathraichean san Ob a tha seo agus tha dealbh èibhinn air a thoirt air a' faireachas suas tron taigh nuair a tha am bàrd ag ràdh,

"Chan fhaigh dhiot-sa suas ach
A' chluas 's an leth-shùil" (s.67)

Tha e inntinneach gu bheil am bàrd ga mheas fhèin mar fhear a tha "foghlaimte" air bàrdachd ged a tha e màlda ann an dùnadh an òrain le bhith ag iarraidh mathanas air an luchd-èisdeachd airson a bhith cho dàna 's gun do rinn e òran do leithid a dh'àite. (ss.97–104)

86 **amharc:** 'Amharc' an dual-chainnt Na Hearadh.

13. Oran a' Chianalais

Och ³²⁷ mar tha mi is mi nam aonar Is cianail dh'fhàg iad mi 'n seo nam ònar ³²⁸ Och mo dhìobhail nach mi bh'air tìr ann Am mullach Bhlith-bhal far 'm b' òg a ³²⁹ robh mi.	4
Gur mi tha cianail san eilean fhiadhaich Gur fada 'n iar e 's chan fhiach an t-àit' e 'S olc am prìosan e seach na h-Innsean Do dh'fhear a dhìtear ³³⁰ airson na meàirle.	8
Nuair nì mi lùbadh a-muigh mun chùl aig' Tha Hiort cho dlùth dhomh 's gun cunnt mi h-àiteach ³³¹ Tha aig an t-sluagh ann ³³² gur culaidh-thruais mi Bhith glaiste suas ann le cuantan gàireach ³³³ .	12
Mo bhean cho neònach 's mo chlann cho gòrach 'S nach dèan iad còmhradh dhomh ³³⁴ no ceòl-gàire Tha ³³⁵ mi gun sòlas nam àite-còmhnaidh Ach Dòmhnall gòrach le seacaid bhàn air.	16
Nuair thig an geamhradh bidh mi fo champar Gur dlùth don Teampull mi 'n àm na dàisneachd Mi nam dhroch shaighdear air feadh na h-oidhche Gun duine dh'fhoighneachdas ³³⁶ ciamar tha mi.	20

³²⁷ Och chòn
³²⁸ onar
³²⁹ òg
³³⁰ dhìtead
³³¹ mi'n t-àiteach
³³² A th' aig an t-sluagh ann,
³³³ gàirich
³³⁴ domh
³³⁵ Ta
³³⁶ dh'fhoighniceas

Mar tha Fearghas³³⁷ cha dèan e seanachas
 Is duine balbh e tha marbh na nàdar³³⁸
 Tha crith na ghlùinean le fuachd na Dùbhlachd³³⁹
 'S mar dh'fhàg an lùths iad gun d'³⁴⁰ dhiùlt iad tàmh³⁴¹ dha. 24

'S nan dèanainn sgrìobhadh gur fad³⁴² o dh'innsinn
 Do nàbaidh dìleas na thill mo nàdar³⁴³
 Mar chothrom luaidhe rim chridhe fuaighte
 Gam dhèanamh gruaimeach a Luain 's a Shàbaid. 28

Ri tìde ghailbheach bidh toirm na fairge
 Ri creagan garbha a' stairirich làidir
 Mar thorann geamhraidh bhiodh eadar bheanntan
 'S mar stalla teann oirr³⁴⁴ an ceann ga spàirnich.³⁴⁵ 32

Bidh Druim-na-bèisde nuair nì i èirigh
 Gun cluinn thu beucal le sèideadh gràineil
 Na steallaibh glè-gheal dol dha na speuran³⁴⁶
 Toir bhuam³⁴⁷ na grèine 's Beinn Shlèibhe Bheàrnaraigh. 36

An dara ceann dhi aig Port a' Chàmpair
 'S tha oir is greann oirr' an Caolas Sgàire
 Chan eil a dh'armachdan ann an Alba
 Na chumas balbh i ri aimsir ghrànda. 40

Ged 's³⁴⁸ geal le neòinein na raointean còmhnard
 Gum b'fheàrr bhith 'm mòintich³⁴⁹ nam mòr bheann àrda
 Nan gilean lùghmhor, nan geugan cùbhraidh
 A bheireadh ùrachadh dha mo shlàinte. 44

³³⁷ Fearagus
³³⁸ nadur
³³⁹ Dùdlachd
³⁴⁰ gun
³⁴¹ tamh
³⁴² fhad
³⁴³ nadur
³⁴⁴ oir
³⁴⁵ spairnich
³⁴⁶ speuraibh
³⁴⁷ dhiom
³⁴⁸ Ge
³⁴⁹ mòinteach

Coire Bhlith-bhal is tric air m'inntinn
 Le fhuaran fìor-ghlan³⁵⁰ bu chùbhraidh faileadh³⁵¹
 Biolair uaine a' fàs ma bhruaichibh
 Gur mòr a suaimhneas do shluagh an àite. 48

Gach lus is bòidhche air an tulaich chòmhnaidh
 A-mach on t-Sròn dhèanamh lòn is àrach
 Do dhaoine breòite am bailtibh mòra
 'S e chur rin sròn bheireadh beò on bhàs iad. 52

Mu bhruach nan caochain gur pailt na caoraich
 'Nan craiceann mhaothgheal³⁵² san fhraoch gu sàmhach
 'S na h-uain sa Chèitein air luim an rèidhlein³⁵³
 A' ruith 's a' leumraich gun èis o'm màthair. 56

Cha teirigeadh Gàidhlig³⁵⁴ ga cur san dàn seo
 A dh'innseadh chasan do nàbaidh eòlach
 Ach bho nach feàirde³⁵⁵ mi bheag an tràth-sa
 Gu fan mi sàmhach 's cha chan mi 'n còrr dheth. 60

³⁵⁰ fhuarain fhìor-ghlain

³⁵¹ faileadh

³⁵² maoth gheal

³⁵³ rhéidhlein

³⁵⁴ Gàilig

³⁵⁵ fheàirde

Notaichean

Bunachas: ss.1–36,41–60 Henderson (1898: 52–4)
ss.1–60 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran c.1870 air Eilean Phabaigh far an robh am bàrd na chiobair ann an seirbhis nan Stiùbhartach aig an robh an t-eilean aig an àm. Ged a tha an t-eilean seo air leth brèagha, tha e soilleir bhon òran nach do chòrd e ris a' bhàrd idir a bhith ann a dh'aindeoin bòidhchead agus e a' miannachadh a bhith air ais air tìr mòr Na Hearadh, gu h-àraid faisg air Beinn Bhlith-bhal a tha ag èirigh os cionn Sgarastaigh far an do rugadh e. (ss.1–4, ss.45–48)

Tha am bàrd gu mòr a-mach air innse cho aonranach 's cho dubhach 's a tha e fhèin air an "eilean fhiadhach" seo far am bheil e a' faireachdainn glaiste na phrìosanach. (ss.5–8) Airson iomallachd an eilein a dhaingneachadh tha e ag ràdh san treas ceathramh gu bheil "Hiort cho dlùth dhomh 's gun cunnt mi 'n t-àiteach" agus a-rithisd gu bheil truas aig na Hiortaich fhèin ris leis mar a tha cuantan gàireach Chaolais Na Hearadh ga ghlasadh a-staigh. Ged a tha Pabaigh a' coimhead a-mach ri eilean Hiort, tha am bàrd gu mòr a' cur ris an t-suidheachadh an seo oir chan fhaiceadh e ach dh'fhaoidte cumadh an eilein sin air cuairt nan speur nam biodh deagh latha ann. (ss.9–12)

Cha robh còmhla ris a' bhàrd air an eilean ach a theaghlach fhèin, Dòmhnall Moireasdan agus Fearghas MacFhearghais, ged nach eil iad seo nan cur-seachad sam bith dha 's e ag ràdh gu bheil a bhean "cho neònach" (s.13), a chlann "cho gòrach," (s.14) Dòmhnall "gòrach". (s.16) agus e ag ràdh mu Fhearghas gur e "duine balbh e tha marbh na nàdar." (s.22)

Tha am bàrd a' dùnadh an òrain le bhith ag ràdh nach "teirigeadh Gàidhlig" airson na tha e airson a chur am briathran, ged nach eil feum sam bith ann dha an còrr a chantainn mu dheidhinn. (ss.57–60)

- 18 **Teampull:** Ged a tha dà theampull air an eilean 's cinnteach gur ann air Teampull Mhoire a tha am bàrd a mach. (Faic Oran 14,ss.41)
- 27 **mar chothrom luaidhe rim chridhe fuaighte:** Cudthrom tomhais air fhuaigheal ri chridhe.
- 49-52 Tha am bàrd a-mach air na cumhachdan leimhis a bhiodh anns na lusan.

14. Oran an Eagail

H-ithill uthill agus o-hò H-ithill o-ho hòireannan; H-ithill uthill agus o-hò H-ithill o-ho hòireannan; H-ithill uthail agus o-hò H-ithill o-ho hòireannan; H-ithill u h-ullill ò Gheòbhradh bho ho h-ith-il-an.	4 8
Gur h-e mis' tha fo mhulad Tha leann-dubh air mo shàrachadh Ann an Eilean Dubh Phabaigh 'S beag a th' agams' a dh'àbhachd dheth; Nuair a bhios mi gun mhòine Tional òtraich nam bàghannan Gur h-i feamainn na ceilpe Bhios ³⁵⁶ a' goil a' bhuntàta dhomh.	12 16
Geamhradh fad' air bheag cuideachd 'S e dh'fhàg buileach droch shnuadh orm, M' àite còmhnaidh 's mo thuineach Dlùth air tulach nan uaghannan; Nuair a chiaras am feasgar Bidh an t-eagal gam chuairteachadh, Chan fhalbh mise gun ³⁵⁷ bhata 'S car nam amhaich ³⁵⁸ mum buailear mi.	20 24
Ma ³⁵⁹ nì 'n cuilean dubh dranndan Their a' chlann rium an cuala tu Their a' bhean le guth fann rium Las an làmp ³⁶⁰ o 's e fuath a th'ann; Bheir mis' an sin grad leum As an t-sèathar ³⁶¹ gu bruailleanach M'fheòil air chrith air na cnàmhan ³⁶² Leigeil <i>Pharaoh</i> ga fhuadachadh ³⁶³ .	28 32

³⁵⁶ 'Bhitheas
³⁵⁷ mis' gun mo
³⁵⁸ omhaich
³⁵⁹ Mü
³⁶⁰ lamp
³⁶¹ As a' chathair
³⁶² mo chnàmhan

'S thèid an doras a chrannadh Le barantas dùnaidh air, Clach eòrna fir Lingaigh ³⁶⁴ Chur gu h-ìosal ri lùdagain ³⁶⁵ ; Sparrar iarainn ³⁶⁶ is maidean Ghabhadh seachnadh ri chùlaibh-san 'S gus an tèid e na bhòrdan ³⁶⁷ Cha tig bòcain gam ionnsaidh-sa. ³⁶⁸	36
Gu bheil Teampull ³⁶⁹ an t-sagairt Air a' charraig ³⁷⁰ 's cùis-uamhais e Le chrois Phàpanaich fèin ³⁷¹ Chuireadh gèimh air na fuamhairean Air a' bhinneig ³⁷² na seasamh O nach leag sibh gu luath dhuinn i! 'S nach i bh' aig Seònaid Nic Phàic' Gu dèanamh fàisneachd nan gruagaichean.	44
'S ann timcheall ormsa tha 'n gàradh ³⁷³ Cha tig beàirn air 's gun leumainn e ³⁷⁴ Cha tuit clach gu là bhràth dheth 'S daingeann ³⁷⁵ làidir an stèidheadh e, 'S ged bhiodh cabhlach na Bàn-rìghinn 'S iad gu h-àrd-chrannach bhrèid-ghealach ³⁷⁶ 'S fheudar stad air a chùlaibh Thilleadh ³⁷⁷ smùid Dhruim-na-Bèisde ³⁷⁸ iad.	52
	56

³⁶³ fhuadach bhuainn

³⁶⁴ Lingaidh

³⁶⁵ lùdagan

³⁶⁶ iarunn

³⁶⁷ i 'n a bordaibh

³⁶⁸ ar n-ionnsuidh-ne

³⁶⁹ Teampuill

³⁷⁰ Air an starsnaich

³⁷¹ fhéin

³⁷² bhinneag

³⁷³ gàrradh

³⁷⁴ i

³⁷⁵ daingean

³⁷⁶ h-ard--cheannach bréid-ghealach

³⁷⁷ Tillidh

³⁷⁸ Drùim-na-Bèisd

Eilean Iomarra fuairidh
 Eilean gruamach gun tioraileachd³⁷⁹
 Eilean leth-oireach truagh e
 Nuair thig fuachd is droch shiantan ann 60
 Chì thu 'n fhairge na gleanntan
 Tighinn mar bheanntannan iargalta
 'S bidh mi suathadh mo chluasan
 Mam buail e air fiar thugam³⁸⁰. 64

'S mi nach iarradh an sealladh
 A bhith 'g amharc³⁸¹ nan cìosanaich
 Staigh bho Hàisgeir nan ròn
 A-mach bho shròn Rudha Ghriminnis³⁸² 68
 'G èisdeachd fuaim Garraidh³⁸³ Grannda
 Nall o Bhàlaigh 's³⁸⁴ cha bhinn leam e
 'S gob Rudh' Rosagaidh 'm Pabaigh³⁸⁵
 Far nach stadadh an drilleachan. 72

Chuireadh roimhe bàn-Leòdach³⁸⁶
 Air fògradh dhan àite seo,
 Rinn i luinneag is crònan
 Chur air dòigh ann am bàrdachd dhuinn; 76
 Bhiodh i 'g gearan³⁸⁷ a cluasan
 Iomadh uair 's cha bu nàir' dhi e
 'G èisdeachd gàirich a' chuain
 Bha cheart cho³⁸⁸ cruaidh ris na tàirneanaich. 80

³⁷⁹ tioraileachd
³⁸⁰ chugam
³⁸¹ amhrac
³⁸² Rhù Ghriminnis
³⁸³ Garrai
³⁸⁴ Bhàlai
³⁸⁵ 'S gob Rhù' Rhòsagaidh 'm Pabbai
³⁸⁶ Bàn-Leodach
³⁸⁷ gearann
³⁸⁸ Bha cho

Tha e soilleir ri dhearbhadh
 Gun do mharbhadh na ceudan³⁸⁹ ann
 Le gaoth thioram na Màirt³⁹⁰
 Bheir³⁹¹ an àird bhon an t-siaban³⁹² iad; 84
 Is chan iarrainn mar cheàird
 Bhith gan àireamh air lionmhorachd³⁹³
 Gum bu chianail am fàgail
 Tighinn am bàrr gun an tiodhlaiceadh. 88

Thoir an t-soraidh bhuam³⁹⁴ thairis
 Gu talamh nam fritheannan
 Far an cinneadh a' mhaigheach
 'S an damh cabrach na mìltean ann³⁹⁵ 92
 Eilid chaol nan cas fhada³⁹⁶
 Ann an gleannan na sìth-bhrughan
 Far am faodadh an sealgair
 Spòrs an anmoich bhith cinnteach dha. 96

'S am bradan seang far an fhìor-uisg'
 Bhios a' dìreadh gu luath-chleasach
 Ann an linneachaibh lùbach
 Ghlinne chùbhraidh nam fuarannan 100
 B'fhearas chuideachd do m'inntinn³⁹⁷
 A bhith strì aig na bruachannan
 Slat is sreang³⁹⁸ aig' a' fulang
 Gus an tugaist' an uachdar e.³⁹⁹ 104

³⁸⁹ ciadan

³⁹⁰ a Mhàirt

³⁹¹ Bheireadh

³⁹² t-siabunn

³⁹³ lionmhoireachd

³⁹⁴ uam

³⁹⁵ S na daimh chabrach 'n am mìlteannan

³⁹⁶ fada

³⁹⁷ dh' inntinn

³⁹⁸ streang

³⁹⁹ tugadh e' n uachdar air.

Notaichean

Bunachas: ss.1–104 Henderson (1898: 54–7)
ss.1–104 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran c.1870 ann an Eilean Phabaigh fhads a bha am bàrd na chìobair ann. Tha an t-òran seo air fear de na feadhainn as ainmeile a rinneadh leis a' bhàrd 's e a' cur an cèill dhuinn cho aonranach 's a bha e air an eilean 's cho mòr 's a bha e a' miannachadh tilleadh air ais gu tìr mòr Na Hearadh. (ss.81–96)

Tha an t-òran a dh'aon ghnòthaich air fonn gu math trom, slaodach agus tha seo agus am feum a tha am bàrd a' dèanamh de dhorchadas agus de dh' iomhaighean dubhach a' dèanamh an òrain fhèin gu math trom agus smuairianach. Mar eisimpleir tha e ag ràdh "Eilean Dubh Phabaigh" (s.11), "Geamhradh fad" (s.17) agus "Nuair a chìaras am feasgar" (s.21) A bharrachd air a seo tha gach rud a tha e ag ainmeachadh anns an òran agus a bhios an luchd-èisdeachd a' faicinn ann an sùil an inntinn dorcha ann an dath agus ann an seagh, iargalta. Mar eisimpleir; "leann-dubh" (s.10), "gun mhòine" (s.13), "cuilean dubh" (s.25), agus "an drilleachan" (s.72).

Bha taigh a' bhàird ri taobh a' chlàidh agus 's ann air a sin a tha e a-mach nuair a tha e ag ràdh gu bheil e "Dlùth air tulach nan uaghannan" (s.20) agus nas fhaide air adhart tha am bàrd a' toirt iomradh air cnàmhan agus claignean a' tighinn an àird nuair a bhiodh an talamh gainmheachadh a' siabadh. Ron a sin tha e ag ràdh;

"Tha e soilleir ri dhearbhadh
Gun do mharbhadh na ceudan ann" (ss.81–2)

Ged is iomadh cath a bhiodh air an eilean tro na linntean, bha sabaid mhòr ann c.1405 nuair a thàinig Clann Dòmhnail air tìr a chreachadh an aghaidh Clann Leòid. (Lawson 1994: 5) Dh'fhaoidte gur ann air a' chath seo a tha am bàrd a-mach oir bhiodh e air eachdraidh a chluinntinn. Dh'innis Dòmhnall I. MacDhòmhnaill a bha na chìobair air an eilean, gun do lorg Dòmhnall Ailig MacDhòmhnaill, nach maireann, (iar-ogha a' bhàird a bha cuideachd na chìobair ann) pìosan de chlàidhnean agus de chlaighean a-measg nam bacanan gainmheachadh aig Lag a' Bhatail. (Lawson 1994: 34)

Tha an t-iargaltas a tha am bàrd a' dealbhachadh air a dhaingneachadh nas fhaide leis mar a tha am bàrd a' bruidhinn air an eagal a tha aig an teaghlach ro thaibhsean (ss.25–40). Tha Henderson ag ràdh; "The continual loneliness, however, was apt, especially in winter, to nurture a feeling of the eerie, and to foster a dread of the spirits of the night, who are so dangerous to human kind." (1898: 44)

Tha Henderson cuideachd ag innse gur ann air fonn a rinn Màiri NicLeòid – *Màiri nighean Alasdair Ruaidh* – a tha an t-òran seo agus gur i a' "bhan-Leòdach" (ss.73–80) a chaidh a cur air fògradh dhan eilean. Tha Henderson ag ràdh nach cuala e roimhe gun robh Màiri NicLeòid air a cur a Phabaigh ach dh'aontaich e gum faodadh sin a bhith seach gun robh a geur-chainnt uaireannan gu math guinideach. (1898: 44–5)

A rèir seachas Na Hearadh, bha tac aig bràthair Mhàiri air Eilean Phabaigh (DIMD) agus tha James Carmicheal Watson a' toirt beagan fiosrachaidh mun tràth-sa na beatha agus a' toirt iomradh air a' bhàrdachd aig Niall Moireasdan anns an leabhar *Gaelic Songs of Mary MacLeod*; "A tradition known to Dr. Carmichael and still strong in Harris tells us that the poem "Ri fuaim an taibh", which is called *Crònan an Taibh*, was composed during her exile on the isle of Pabbay in Harris, where Mary's brother Neil, MacLeod's factor for St Kilda, is said to have lived. Bard Phabaidh, born about 1812, refers to her in one of his poems." (1982: xvii) Dh'fhaoidte gur ann air ciad shreathan *Crònan an Taibh*,

"Ri fuaim an taibh
Is uaigneach mo ghean" (Carmichael Watson 1982: 44)

a tha am bàrd a' cuimhneachadh nuair a tha e ag ràdh,

"Bhiodh i 'g gearan a cluasan
Iomadh uair 's cha bu nàir' dhi e
'G èisdeachd gàirich a' chuain
Bha cheart cho cruaidh ris na tàirneanaich." (ss.77–80)

Tha tionndadh inntinneach sna sia sreathan deug mu dheireadh (ss.89–104) nuair a tha am bàrd a' dealbhachadh "talamh nam frìtheannan" air taobh an iar an eilein ris an robh deòin-bhàidh aige fhèin. Tha sunnd agus aighearachd, daingnichte le ìomhaighean sìtheil agus dathach a' nochdadh sna sreathan seo a tha calg-dìreach an aghaidh na feadhainn a chaidh rompa.

- 13–6 Chan eil mòine cha mhòr idir ann am Pabaigh ach talamh gainmhcheadh.
- 32 **Pharaoh:** Cù a' bhàird.
- 35 **Clach eòrna fir Lingaigh:** Chuala Iain MacDhòmhnaill mun chloich a bha seo a bhuineadh uaireigin do mhuinntir Lingaigh.
- 41 **Teampull an t-sagairt:** Tha Ailig Moireasdan a' sgrìobhadh, ann am pàipear a chaidh fhoillseachadh le TGSI, gu bheil dà theampull air Eilean Phabaigh; Teampull Mo-Luaig agus Teampull Mhoire. Tha e ag innse gu bheil a' chiad fhear fada nas sine na am fear eile agus gum faodar creidsinn gum buineadh e dhan Eaglais Cheilteich. Mu Theampull Mhoire tha e a' sgrìobhadh:
"Bhuineadh Teampull Mhoire dh'an Eaglais Chaitligich bho thùs agus an deidh an Ath Leasachaidh tha beul aithris ag innseadh dhuinn gu robh iad ag aoradh ann airson greis as a dheidh. Tha na ballachan aig an Teampull seo an ìre mhath an àird fhathast agus chan eil fada bhon a leagar a' Chrois a bha'n àird air." (Morrison 1989: 149)
- 48 **Seònaid NicPhàice:** Boireannach a' bhuinneadh do Chlann MhicPhàice Bheàrnaraigh. (L)
- 49–72 Iomradh air cunnartachd Chaolais Na Hearadh.

15. An Dara Oran don Bhracsaidh

"A chiobair ghlais a th' ann am Pabaigh
Bheir mi fhathast eubhach ort;
Ged nach fheuch thu 'n diugh mo bhlas
Ach ainneamh nuair is èiginn dut; 4
Gur tric a chunnacas⁴⁰⁰ mi mu t' amhaich
A' tighinn a-steach Loch Eideal leam
Och mo dhruim gur e tha goirt
Gan toirt thro ghob Rùdh' Rhèiminis⁴⁰¹." 8

"'S tric a thug mi dhut do leòir
Nam fòghnadh feòil is cnàmhan
Cha dèanadh⁴⁰² sin a' chùis gun chlòimh
A' cumadh còmhdach blàth umad 12
Gur lionmhor àite ' bheil do chòmhnaidh
Feadh na fròig 's na fàsaichean
'S bu trom thu 'n Niseabost⁴⁰³ mu thuath
'S bidh Seumas Ruadh ag àireamh sin." 16

"Chan eil meàirleach fon a' ghrèin
Measg sprèidh a tha cho siùbhlach riut;
Chan eil àite 'n taobh-s'⁴⁰⁴ don chaol
Bheil othaisg mhaol nach strùilich thu ; 20
Nuair thàini'⁴⁰⁵ tu a Phabaigh fèin
Nam dhèidh gur beag bha dhùil agam
Gu faicinn sealladh dhìot gu bràth
Bho chàin mi thu gu d' chùlagan." 24

⁴⁰⁰ chunncas
⁴⁰¹ Rhù Rhéiminis'
⁴⁰² dianamh
⁴⁰³ Isibost
⁴⁰⁴ toobh-s'
⁴⁰⁵ thaineadh

"S lionmhor neach a tha dhen t-sluagh
 Their gur buannachd dha mo sheòrsa-s' thu;
 Gum bi sùil is ceann is cluas
 Is claigeann cruaidh an òrdugh ann; 28
 Ceithir luirgnean fada lom
 Chan fhiacha iad bonn grota dhut;
 'S mar tha 'm mionach 's beag a luach
 Mur tilg mi bhuam dhan òtraich e." 32

"S an t-eilean eile tha nam nàbachd
 Thug a' mheàirleach spùill orra
 Gam mort gun fhios dhaibh ann an Sgàraigh⁴⁰⁶
 'S Donnchadh Bàn glè dhiombach⁴⁰⁷ dhiot; 36
 Ach nuair a thuig iad mar a bha
 Chaidh Spàinneach làn do dh'fhùdair innt'
 A chur gun fhios dhut fon a' ghàradh
 'S thàir thu snàmh gam ionnsaidh-sa." 40

"Ach 's neònach leam mar fhuair thu nall
 'S a' gheamhradh tron chuan ùdlaidh seo;
 'S gur gann a thigeadh eòin nan speur
 Tron Bhèisd⁴⁰⁸ nuair bhios i 'bùireadaich; 44
 Ach 's e 'm Bàillidh a thug duais
 Do dh' Aonghas Ruadh is ionnsach' dhut,
 Far an tigeadh tu air tìr
 'S an cunnta sìos san Uig greis riut." 48

"Ach seana Bhlàireag is Macridsean
 Dithis tha glè chòirdte rium
 Iain Ruadh is Murchadh Bailitidh⁴⁰⁹
 'S trice dh'ith iad spòlta dhiom 52
 'S iad nach cluinnistinn ri cùl-chàin
 Air mo chùl 's cha b' chòir dhaibh siud
 Chan ionnan sin 's am fear tha 'n diombadh
 Le droch⁴¹⁰ mi-rùn is òran dhomh." 56

⁴⁰⁶ Sgarai

⁴⁰⁷ gleidh dhium'ach

⁴⁰⁸ bhéisd

⁴⁰⁹ Balitidh

⁴¹⁰ drochd

"An Drug 's a h-inghean ann am Borgh⁴¹¹
 A' cumail lorg do ghnàth orm;
 Ma gheibh iad tè dhiubh ris a' ghrèin
 Gur h-èiginn breith gun dàil oirre; 60
 Bheir iad a chreidsinn air MacRath
 Gun tug am Bracsi tàire dhi;
 'S e thug oirnne toirt a-steach
 Sinn bhith airson a sàbhaladh." 64

Ach làbhraidh Iain leis a' ghob
 "Mo mhollachd agaibh, nàirich sibh mi
 Chan e'm Bracsi th'oirre seo
 'S e molt⁴¹² a bha 's a' phàirc th' ann." 68
 Ach their an t-seann tè "Eisd a choin!
 Nach seall thu corp an àird oirre,
 Nach greas thu ort, thoir dhomh a' chore
 'S gun stob mi san taobh cheàrr aic' i!" 72

"S cha luaithe chuir thu cas air tràigh
 Na thug thu 'n àird feadh Lingaigh⁴¹³ ort,
 A dròbhaireachd a chuid a b'fheàrr
 'S gun tàireadh tusa cìs thoirt diubh, 76
 Nuair a chaidh mi a-mach a-màireach
 Thuig mi, mheàirlich⁴¹⁴, d'innleachdan
 Nuair fhuair mi iad nan sìneadh marbh
 Le creuchdan garbh bho d' ingnean-sa." 80

"Ach 's iongantach mar bha do ghnìomh
 'S am miann a bh' air an t-seòrs' agad,
 'S nach faca mis thu là riamh
 'Cur uiread 's beul air feòil gin dhiubh, 84
 Ach gam fàgail air an t-sliabh
 Aig biataich dèanamh ròic orra,
 'S gan sèideadh cho dubh fon bhian
 Ri pios de⁴¹⁵ riasg na mòintich ud." 88

⁴¹¹ Borbh

⁴¹² mult'

⁴¹³ Lingai

⁴¹⁴ 'mhearirlich

⁴¹⁵ du

"Mo mhollachd ort, bi falbh gu luath
 Thoir an Taobh Tuath⁴¹⁶ no Beàrnaraigh ort,
 Chan fhada gus an toir thu uam
 Na h-uile cluas a thàinig thu; 92
 Cha dèan murrann 's cha dèan fraoch
 An saoradh as do làmhan-sa,
 'S ged a chuirinn iad dhan fhaing
 Thèid thu tro thuill a' ghàraidh thuc'." 96

"'S ioma' fear a dheth do sheòrsa
 A bhios le spòrs gam chàineadh-sa,
 Nì cuirm mhilis dhiom aig bòrd
 'S bidh mi nam chlàimh 's nam shnàth, 100
 Nuair thig iad am fianais dhaoine⁴¹⁷ aca
 Caochlaidh iad an ràidh sin,
 'S cho luath 's a thionndas iad an cùlaibh
 Bidh iadsan rium-s' a' gàireachdaich." 104

"'S ioma' ciobair fada glas
 Le chuaille bat' is cù aige,
 Mas fhiach an creidsinn leis an sgreamh
 A labhrar airson diombaidh rium, 108
 Nam fanainn bhuatha buileach glan
 Gun tighinn nam faisg a dh'ionndranadh mi,
 Cus nas mò na'n tombaca
 'S gun e pàilt⁴¹⁸ nan spliùcanan." 112

"Ach ged nach tiginn-sa gu bràth
 'S mi dh'fhaighinn a' bhàis 's mo thiodhlacadh,
 Tha bracsaidh eil' ann 's chan e 's fheàrr
 Na sgeirean grannda geur agaibh, 116
 Is mura faigh sibh leotha fàth
 Thèid cù is dà-chur fhiacal ann,
 A leigeadh⁴¹⁹ riutha feadh nan càrn
 A' bristeadh chnàmh is shliasaidean." 120

⁴¹⁶ toobh tuath

⁴¹⁷ dhaoine

⁴¹⁸ pàilt

⁴¹⁹ l'igeadh

Notaichean

Bunachas: ss.1-120 Henderson (1898: 88-90)
Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Thathar a' meas bhon òran fhèin gun d' rinneadh e c.1870 ann an Eilean Phabaigh nuair a bha am bàrd na chiobair ann seach gu bheil e ag ràdh "Nuair thàini' tu a Phabaigh fèin" (s.21) agus e a' gabhail ioghnadh mar a fhuair am Bracsaidh a-nall "tron chuan ùdlaidh seo." (s.42)

Tha an t-òran aotrom agus mar a tha an tiotal ag innse b'e an darna fear a rinn e don ghalar chaorach seo. (Faic Oran 9) Gun teagamh, tha am bàrd fhèin a' bualadh air a seo nuair a tha e ag ràdh ris a' Bhracsaidh gur beag a bha dhùil aige sealladh fhaighinn air "Bho chàin mi thu gu d' chùlagan." (s.24)

Gun teagamh tha an dà òran gu math coltach ri chèile agus am bàrd a-rithisd ag ràdh gu bheil daoine miannach air feòil a' Bhracsaidh ithe ach tha an t-òran seo fada nas geòire agus nas inntinniche. M.e, tha am Bracsaidh a' faighinn guth nas trice ann an dòigh èibhinn agus ma tha am bàrd ga chàineadh, tha am Bracsaidh a' maoidheadh air fhèin 's e ag ràdh ris a' bhàrd,

"A chiobair ghlais a th' ann am Pabaigh
Bheir mi fhathast èigheach ort." (ss.1-2)

Seach gur e ciobair a bha sa bhàrd bhiodh ùidh aige anns na caoraich agus air nithean a bhuineadh dhaibh ach dh'fhaoidte nach robh e fhèin buileach riarachta leis a' chiad òran.

- 16 **Seumas Ruadh:** Bha dà bhràthair – Seumas agus Iain MacRath – ris an canaiste na *Gillean Ruadha* air tac Losgantir (IMD) ach gu mì-fhortannach, chan eil iad a' nochdadh anns na Cunntasan-sluaigh agus cha d'fhuair an còrr fiosrachaidh mun deidhinn.
- 20 **strùilich:** Dh'fhaoidte gur ann bhon fhacal 'struidhe' a tha seo agus am bàrd a' caoidh na thathar a' call de na caoraich.
- 25–6 Seach gum bithiste ag ithe feòil a' Bhracsaidh dh'fhaodadh daoine smaoineachadh gun robh buannachd aig a' bhàrd dheth.
- 33 Dh'fhaoidte gur ann air Eàsaigh a tha am bàrd a-mach.
- 36 **Donnchadh Bàn:** Donnchadh Bàn Mac-an-t-Saoir.
- 38 **spàinneach:** Gunna.
- 44 **Tron Bhèisd:** Druim-na-Bèisde.
- 45 **am Bàillidh:** Am Bàillidh Iain Dòmhnallach às Ròghadal.
- 46 **Aonghas Ruadh:** Chan eil fhios cò e.
- 49 **seana Bhlàireag:** Ged is e ainm bà a tha seo sa bhitheantas a rèir IMD, bhithiste ga ghabhail air boireannaich cuideachd ach chan eil fhios cò a tha seo.

- 49 **Macridsean:** Dh'fhaidte gur ann air Donnchadh *MacRitchie* aig an robh talamh
ann am Bun Abhainn Eadarra ann an ceann a tuath Na Hearadh a tha am bàrd a-
mach. (L)
- 57 **"An Drug" 's a h-inghean ann am Borgh:** Chan eil fhios cò bha seo ged a
chuala IMD an t-ainm roimhe.
- 61 **MacRath:** Dh'fhaidte gur e fear de na Gillean Ruadha a tha seo. (Faic 16)
- 65 **Iain:** Chan eil fhios cò tha seo seach gu bheil an t-ainm cho cumanta.

16. Oran na Bèisde Duibhe

'S mis ⁴²⁰ a ghabh an t-eagal 'S cha bu bheag na ghabh mi chùram Nuair chaidh mi air an fheasgar ⁴²¹ ud A chleasachd don taigh-smiùiridh Bha miasa de bhuntàt' agam Mar b'àbhaist dhomh ga ghiùlain ⁴²² Gus an damh bh'aig Niall a bhith Ga bhiadhadh leis na rùsgan.	4 8
Gun do sheas an damh sa bhuaile ⁴²³ ; Thog e ⁴²⁴ chluasan 's rinn e gnùsadh 'S gun thòisich e ri gèimlich ⁴²⁵ Na bhèisd a' tighinn gam ionnsaidh Gun fhios am dè bu sgeula dha Leis an sgian a bha na shùilean 'S gun cluinneadh tu e ràinich ⁴²⁶ Ann am ⁴²⁷ Beàrnaraigh gus do ⁴²⁸ thùch air.	12 16
'S nuair sheall mi air mo ghualainn An taobh shuas dhiom fon stòl-smiùiridh Bha fiadh-bheathach ⁴²⁹ a' gluasad Anns a' chuaich is e ri tionndadh A shùilean an deidh ⁴³⁰ lasadh is An droch ⁴³¹ ghart air ⁴³² tighinn dlùth dhomh 'S nuair thug mi leum gu teicheadh às Bhuail mo leth-cheann air an ùrlar.	20 24

⁴²⁰ Smis'
⁴²¹ fheasgair
⁴²² 'gùilan
⁴²³ san bhuil; thog e
⁴²⁴ A
⁴²⁵ thoisichear ri gémlich s e
⁴²⁶ ann
⁴²⁷ Am
⁴²⁸ gus n'
⁴²⁹ fiadh-bheothach
⁴³⁰ deigh
⁴³¹ Droch
⁴³² a

Nuair a dh'èirich sinn sa mhadainn ⁴³³	
Chaidh an ⁴³⁴ tè a b'fhaide feusag ⁴³⁵	
A shealltainn dha an amharas	
Man aithris ⁴³⁶ mi na breugan	28
'S nuair a dh'fhosgail i an doras ⁴³⁷	
Fhuair i ⁴³⁸ sealladh a bha cianail	
Am beathach grannda lachdann	
'S e cho fada ri slat iasgaich.	32

⁴³⁹ Sin thuirt am fear bu chalma	
"Mas beathach talmhaidh Crìosdail ⁴⁴⁰	
Ris an tèid mise dh'argamaid	
'S gun arm ⁴⁴¹ ach mo dheich meuran ⁴⁴²	36
Ma gheibh mi grèim am làmhan air	
Cha gheàrr e leum gu sìorraidh	
'S ma chluinnear anns an t-Sruth ⁴⁴³ e	
Gheibh mi 'n t-urram tha mi 'g iarraidh."	40

⁴³³ chaidh
⁴³⁴ An
⁴³⁵ feusaig
⁴³⁶ d'aithris
⁴³⁷ fhuair
⁴³⁸ I
⁴³⁹ N
⁴⁴⁰ e
⁴⁴¹ Gun arm
⁴⁴² miairean
⁴⁴³ t-sruth

Notaichean

Bunachas: 1–40 Henderson (1898: 95–96)
1–40 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Thathar a' meas gun d' rinneadh an t-òran c.1870 nuair a bha am bàrd na chiobair air eilean Phabaigh seach gu bheil e a' toirt iomradh air gun cluinnear fuaim na bèisde ann am Beàrnaraigh a tha faisg air Eilean Phabaigh. (ss.15–16)

'S e 'Oran a' Bhiast Duibh' no 'Oran an Dòbhrain' a tha Henderson a' toirt mar thiotail agus tha e cuideachd a toirt an fhiosrachaidh "Air fonn Cuach Mhic Ille Andrais." (1898:95)

Tha an t-òran an ìre mhath sìmplidh anns an t-seagh nach eil mòran mìneachaidh a dhìth agus am bàrd a' toirt iomradh air nuair a chaidh "Niall" – am bàrd fhèin – (7s.) a-steach dhan taigh-smiùiridh a bhiadhadh damh agus a chunnaic e am "fiadh-bheathach" a bha seo anns an oisean. Tha an t-òran gu math lèirsinneach seach gu bheil am bàrd a' toirt dealbh mhionaideach air an sgian a tha ann an sùilean an daimh air dha am beathach fhaicinn agus cha mhòr nach faicear am bàrd fhèin a' gearradh a chruinn leum air falbh bhuaithe leis cho math 's a tha e ga chur an cèill dhuinn. Chan eil am bàrd ag ràdh aig àm sam bith san oran gur e biasd-dhubh a tha anns an fhiadh-bheathach ged a tha an dealbh a' freagairt air cumadh a' bheathaich sin 's e "cho fada ri slat iasgaich." (s.32) Dh'fhaoidte gur ann air Raonaid, a bhean fhèin, a tha e a-mach ann an s.25 nuair a tha e ag ràdh le spòrs "An tè a b' fhaide feusag."

17. Oran Molaidh Thòmais MhicChoinnich a bh'ann an Losgantir

A Rìgh! gur mis tha fo mhulad 'S mi nam shìneadh fo uilinn nan stùc Sear 's a siar tha mi sealltainn Dh'fhaicinn rèir 's mar a chleachd mi o thùs Uain is caoraich a' tèarnadh Gu machraichean Chràgo ⁴⁴⁴ nan grunn A Rìgh! gur mis tha gu cianail Tha mo thuigse 's mo riaghailt air chall.	4 8
Aois is tinneas is doirbheas Toir iomadach tolg na mo cheann Mi mar neach ann an teasaich Gun chus dha mo lethbhreacan ann Mi'n seo 'n Cleit' na Dùcha ⁴⁴⁵ Air mo ghlasadh fo mhùiseig nan Gall On a dh'fhalbh an duin' uasal 'S an robh mais agus suairceas is tlachd.	 12 16
'S iomadh neach tha ag ionndrainn An saoidh ⁴⁴⁶ a riaghladh gu pailt On chiall e 'n iuchair a thionndadh ⁴⁴⁷ 'S a làmh a dh'fhuasgladh a ghlas Bhon a' stòr a bha fialaidh Dha gach neach bhiodh gun bhiadh 's iad nan airc 'S nuair a readh ⁴⁴⁸ iad ga iarraidh 'S tu nach labhradh gu fiadhaich gan casg.	 20 24

⁴⁴⁴ Chracow

⁴⁴⁵ Cleit-na-dubhcha

⁴⁴⁶ saoi

⁴⁴⁷ thionndadh

⁴⁴⁸ readhadh

'S tu nach fuilingeadh an t-acras Tighinn shealg air a' bhaile 'n robh thù Cha robh chridh aig a nochd ⁴⁴⁹ Fhad ⁴⁵⁰ 's a dh'fhòghnadh min-chorc agus flùr Cha b'e peic a mhin-eòrna 'N dèidh a thomhais gu dòlum o ghrunnd Chìteadh 'n làimh Mhàighstir Tòmas Ach saic chur an òrdugh 's na cùirn.	28 32
'S tric a chìteadh t-each diollta 'S e cho luath ris an fhiadh air an tràigh 'S iomadh muir-làn 's e ri brùchdadh Gu brais dian às na lùban an àird 'S tu ga marcach' gu sunndach Gus am faigheadh tu null air an t-sàl 'S cha b'ann gu dànarra grùgach Bhiodh tu teannadh ⁴⁵¹ air dh'ionnsaidh an làir. ⁴⁵²	36 40
Cha robh cron ort ri leughadh Ach nach robh thu cho geur-shùileach teann Air do bhuachaillean chaorach Bhith gan slad feadh nan caochan 's nan allt; Cha robh riamh 'n Càrn a' Chaorainn ⁴⁵³ Le chuid shionnach 's a saobhaidhean ann A tholl gach liuthadach sgòrnan 'S gun thu thuigsinn cho mòr 's a bha 'n call.	44 48
Leam is math nach e 'n èiginn Thug ort gun do ⁴⁵⁴ ghèill thu cho luath Ach thu faicinn na slèibhtean Bhith cho fosgailte rèidh ris an tuath 'S nach robh toil agad èirigh Air an cuid bhith ga chrèibheadh cho cruaidh 'S o nach robh rinn thu fhàgail 'S gum b'e guidh gach là dhut deagh bhuaidh.	52 56

⁴⁴⁹ a nochd'

⁴⁵⁰ Fhud

⁴⁵¹ teann'dh

⁴⁵² dhionnsuidh an làr.

⁴⁵³ càrn-a-Chaoruinn

⁴⁵⁴ a

Leam is math nach do thuit thu
 Ged a fhuair thu droch thuisleadh sa ghleann
 Gun do sheas thu fhathast do chasan
 Ged bha 'n rathad cho clachach 's cho cam 60
 Ged a dh'fhàg thu na mìltean
 Feadh gach slochd agus dig a bha ann
 Tha thu fhathast sna brògan
 Anns am bi thu rid bheò 's neo-ar-thaing. 64

Saoilidh fear nach eil eòlach
 Nuair a chì e cho bòidheach 's tha dreach
 Eadar cladach is mòinteach
 Gun taom na stòras gu pailt 68
 Ach an doineann an Fhaoillidh
 'S ioma' uair anns an caochail e beachd
 Nuair a chì e chuid sprèidh
 'S iad nan sìneadh gun èirigh nan airc. 72

Ged is gorm iad as t-samhradh
 'S ceart cho dubh anns a' gheamhradh a rèir
 Aite lomarra fuairidh⁴⁵⁵
 Fòghnaidh fliuch am bi fuachd air na fèidh 76
 Cha robh cus dhut ga bhuannachd
 'S o nach robh na biodh gruaime ort na dhèidh
 'S on a fhuair thu as fuasgladh
 Biodh e nis aig an uachdaran fhèin. 80

Ged a leanainn-s' air òran
 Gus an trèigeadh mo chòmhradh gu lèir
 Thaobh d'inbh' is do chòire
 Cha robh 'n comas mo bheòil chur an cèill⁴⁵⁶ 84
 Ach b'e mo dhùrachd gach lò dhut
 Bhith cluinntinn aig càch ort mar sgeul
 Thu bhith mealtainn do shlàinte
 Agus pailteas nad làmhnan gun èis. 88

⁴⁵⁵ fuairidh

⁴⁵⁶ géill

Ach nan cuireadh tu feum air	
'S iomadh fear dhèanadh ⁴⁵⁷ èirigh nad chùis	
Dh'fhalbhadh mar riut gu deònach	
Dhèanadh ⁴⁵⁸ sin 's an cuid chòtaichean dhiubh;	92
Nam b'e foillidh no fòirneart	
Bheireadh bhuat d'àite còmhnaidh 's do ghrunnd	
Bhiodh e agad seachd bliadhna	
'S t' èile bharrachd nam miannaicheadh tu.	96

Ach gheibhinn iomadach ⁴⁵⁹ fianais	
Eadar Ròghadal ⁴⁶⁰ rìomhach nan craobh	
Agus timcheall na dùthcha	
A dh'aontaicheadh leam nach tuirt ⁴⁶¹ mì	100
An treas trian 's na ⁴⁶² bu chòir dhomh	
Mu chliù Mhaighstir Tòmas mar b'fhiach	
'S e thu dh'fhalbh às an dùthaich	
Dh'fhàg iomadach dùil ann an dìth.	104

⁴⁵⁷ dhianamh
⁴⁵⁸ dhianamh
⁴⁵⁹ gheobhainn
⁴⁶⁰ Ròdel
⁴⁶¹ dubhairt

Notaichean

Bunachas: 1–104 Henderson (1898: 81–4)
Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran molaidh seo c.1875 ann an Cleite na Ducha nuair a bha Tòmas MacChoinnich, fear-taic Losgantir a' fàgail an àite 's a' dol air ais gu Siorrachd Rois. A rèir an òrain cha robh air soirbheachadh leis air oighreachd Losgantir ged a bha e math do mhuinntir an àite 's iad a-nise ga chaidh. Ged nach d'fhuair fiosrachadh nas mionaidiche, tha Cunntasan-sluaigh a' sealltainn nach robh MacChoinnich ann an Losgantir ann an 1861, gun robh e ann ann an 1871 agus gun robh e air falbh as ann an 1881. Bha am bàrd ann am Pabaigh ann an 1871 ach bhiodh e ann an seirbhis MhicChoinnich as dèidh dha tilleadh gu ruige Cleite na Ducha c.1874. Seach gun d'fhuair am bàrd air ais dhan taigh a bha air talamh MhicChoinnich ann an Cleite na Ducha agus a rèir coltais seach gun d'thug e obair dha, bhiodh deagh adhbhar aige òran molaidh a' dhèanamh dha.

Aig toiseach an òrain tha am bàrd gu mòr a' gearan a choir fhèin 's e fo mhulad ag ionndrainn an duine chòir. Tha e ag innse nach eil e gu math le "Aois is tinneas is doirbheas" (s.9). Ged nach robh am bàrd ach mu 66 nuair a chaochail e ann an 1882, dh'fhaoidte gun robh e ga fhaireachdainn fhèin a' dol air ais eadhon an dèidh dha tilleadh às an eilean. Tha e cuideachd ag ràdh gu bheil e a-nise air a "ghlasadh fo mhùiseig nan Gall" (s.14) agus feumaidh gur ann a-mach air an fhear-taic ùr a tha e an seo.

A rèir Iain MacDhòmhnaill "[S e] Duine math a bha sin a bhalaich. 'S e duine uamhasach còir a bh'ann agus bh'e math dha na daoine bochda agus bhiodh e an còmhnaidh, an còmhnaidh a' toirt rudan dhaibh" (6/1:237) Tha an t-òran a' toirt seasamh dhan a seo 's am bàrd a' toirt dealbh air cho fialaidh 's a bha e ri na daoine aig àm far am biodh iad nan airc. (ss.17–32) Tha am bàrd a' leantainn air gu bhith ag innse mar nach do shoirbhich le MacChoinnich seach nach robh e "geur-shùileach teann" (s.42) agus ged nach eil e ag ainmeachadh duine tha am bàrd den bheachd gun robh coire aig an fheadhainn a tha e a' samhlachadh ri sionnaich Chàirn a' Chaorainn (ss.45–48) ri mì-shealbhachd Thòmais MhicChoinnich. A rèir an òrain ged tha, tha am bàrd taingeil nach do bhris air uile gu lèir (ss.57–58) ged a bha e air mòran bheathaichean a chall. (ss.61–62) Ann an oidhirp, dh'fhaoidte, airson adhbhar mì-shealbhachd MhicChoinnich a mhìneachadh agus air sgàth 's gu bheil e fhèin cho mì-mhisneachail, tha am bàrd a' dì-moladh na h-oighreachd 's e ag ràdh nach eil ann ach àite meallta a tha breàgha agus gorm as t-samhradh ged a dh'fhaodas e cuideachd a bhith na "àite lomarra fuairidh" (s.75) agus "ceart cho dubh anns a' gheamhradh a rèir" (s.74)

Tha am bàrd a' dùnadh an òrain le modh a bhithear gu tric a' cleachdadh ann an òrain molaidh nuair a tha e ag ràdh (ss.81–88) nach eil e comasach dha mar bhàrd moladh gu leòr a dhèanamh air an duine chòir.

18. Oran Suiridhe Dhòmhnaill a' Bhàird

Gur iomadh calman liath-ghlas
A bhris 's a tholl mi sgiath aige
'Son brot agus dì-miann oirre
Ged dhìochuimhnich thu mi 'n uair ud. 4

Nach iomadh latha sòlasach
Bha againn bhon a thòisich sinn
A-mach aig Pàirc na Mònadh
'S gu còs nan Gillean Ruadha. 8

Nach iomadh oidhch' a shuidh mi leat
A-muigh aig geat' a' chuibhealair
'S an gaodhar glas a' frithealadh
Mun tigeadh duin' am fianais. 12

Notaichean

Bunachas: ss.1–4, 9–12 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
ss.1–8 Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran èibhinn seo c.1875 do Dhòmhnall Moireasdan, mac a' bhàird (1850-1940). Bha Dòmhnall ag obair còmhla ri athair air oighreachd Losgantir agus dh' innis Iain MacDhòmhnaill gun robh e a' suiridhe air nighean a bha na searbhanta ann an loids Losgantir. (2/1: 184)

Rinn am bàrd an t-òran mar spòrs ann an guth Dhòmhnaill agus e mar gum biodh a' bruidhinn ris an nighinn mun t-suiridhe ged a shaoilear bho s.4 far a bheil e ag ràdh "Ged a dhiochuimhnich thu mi 'n uair ud" nach eil cùisean rèidh eatorra a-nise. Tha a' chiad ceathramh caran annasach ach dh'fhaoidte gu bheil am bàrd a-mach air Dòmhnall a bhith a' marbhadh chalmain dhan t-searbhanta airson brot a dhèanamh. Tha àiteachan timcheall air Losgantir leithid "còs nan Gilleann Ruadha" (s.8) far am biodh iad a' suiridhe air an ainmeachadh. Chan eil fhios càit' a bheil am bàrd a-mach an seo ach bha tac Losgantir air fhasdadh aig dithis bhraithrean far tìr mòr, Seumas agus Iain MacRath ris an canadh 'na Gilleann Ruadha.' (IMD)

- 10 **geat a' chuibhealair:** Geata a bhiodh a' fosgladh air cuibhlean cruinne.
11 **an gaodhar glas:** Abhag a bha aig an t-searbhanta.

19. Oran na Làire

A mhic a' Bhàird Phabaich nach cum thu i agad
'S bheir mise dhut cairteal thombaca nad dhòrn.

[...]

Gu feuch sinn ri fangadh gu ceann a' Bhrust Mhòir.

4

Ma gheibh e oirnn sealladh a-mach tron a' ghlainnidh
Bidh sinne sa mhadainn gach anam aig mòd.

Bha an t-searbhant' a' ràitinn nan gabhadh i 'n t-àigeach
Gur e cus a b'fheàrr dhi na 'n teàrr chur na còir.

8

Notaichean

Bunachas: ss.1–2, 4–8 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
ss.1–2, 5–8 Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Thathar a' meas gun d' rinneadh an t-òran c.1875 an dèidh dhan bhàrd tilleadh às Eilean Phabaigh seach gu bheil e ag ainmeachadh Dòmhnall a mhac mar "a' mhic a' Bhàird Phabaich" agus seach gu bheil na h-àiteachan agus na caractaran a' sealltainn gun robh e air tìr-mòr Na Hearadh. Bha am bàrd am measg feadhainn a bha a' feuchainn ri beir air làir nach robh solta. Dh'fhaoidte gur ann air Dòmhnall Stiùbhart, fear taic Losgantir, a tha am bàrd a-mach (ss.5–6) 's e ag ràdh gum bi e a' toirt breith air gach aon dhiubh ma chì e iad.

Cha robh cuimhne aig IMD no aig DIMD air sreath 3.

8 Bhithiste a' leigheas bheathaichean le tèarr *archangel*.

20. Dòmhnall Beasa Lachdann Ciar

Dòmhnall Beasa lachdann ciar
Cha robh ciall idir aige
'S ann sa bhrugh a bha e riamh
Chleachd e bhith san drùighleach. 4

Aghaidh gun ghaiseadh on bhiadh
Nach tuirt riamh tha cus aige
Far nach cuireadh cù a shròn
Dhèanadh Dòmhnall sùrd ris. 8

Ged bhiodh clachan Mol-nan-Stòp
Nan tòir anns a' ghoil agad
Chnàmhadh tu iad mar an fheòil
'S do leòr dha na srùpain. 12

Nuair a lionadh tu do bhrù
Mun a' bhòrd cuide rium
Chluinniste duraghail gu leòr
Shìos mu thòin an triùbhsair. 16

Ceòl as binne chualas riamh
Ro tholl gun dian ga chluich agad
Mar bhalbhagan 's an àird an iar
Madainn bhrèagha 's driùchd oirr'. 20

Nuair a dhèidheadh tu dhan taigh-òsd'
Dh'òladh tu buideal ann
[...]
[...] 24

Falbh a' cruinneachadh an èisg
B'èibhinn leat cудаigean
Ged a bhiodh iad mìos air feur
Air tèachdadh anns an tiùrra. 28

Ged tha thusa le d' dhà bhròig
Anns a' Mhàirt earraich ort
Nuair a thig a' bhuig 's am blàths
Cha bhi càil gan dùnadh.

32

Nuair a dheidheadh tu dha na Bàigh
Is poca bàn mu d' linneanan
Eadar Cliuthar 's Ceann a' Bhàigh
Falbh 's gach àit' is giùig ort.

36

Notaichean

Bunachas: ss.1–20, 25–36 Calum MacDhòmhnaill
ss.1–22, 25–36 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
ss.1–20 Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran seo do Dhòmhnall Moireasdan – *Dòmhnall Beasa* (1834–88) mac Aonghais Mhoireasdain a chaochail c.1845 agus Beas Mhoireasdan a chaochail c.1864. Bha an teaghlach a' fuireach ri taobh a' bhàird ann an Cleite na Ducha agus nuair a chaochail màthair Dhòmhnaill, thug am bàrd fo sgèithe fhèin e seach gun robh seòrsa de dh'easbhaidh cèille air. (IMD 3/1:324) Tha fios againn gun robh Dòmhnall Beasa còmhla ris a' bhàrd ann am Pabaigh (Faic Oran 15, s.16) Mar sin, seach gun robh Dòmhnall Beasa an cuideachd a' bhàird cha mhòr fad a bheatha, chan eil e furasda a dhèanamh a-mach dìreach cuin a rinneadh an t-òran ach dh'fhaoidte tuairmse gur ann eadar 1855 (seach gum biodh Dòmhnall air tighinn gu ìre) agus 1882 nuair a chaochail am bàrd.

'S e òran èibhinn a tha seo air a dhèanamh air fonn aighearach 's am bàrd gu mòr a' magadh air mar a bha stamag aig Dòmhnall a dh'itheadh agus a chnàmhadh rud sam bith.

15–16 Bramadaich.

32 Cha bhi baraill anns na brògan aige.

34 **poca bàn:** pàirt de mhionach fèidh

36 **giùig:** croit

21. Oran Eithir Fhearghais

Thoir mo shoraidh uam a Phabaigh Dh'ionnsaidh Anna bean an Onsa ⁴⁶³ 'S innis dhi gu bheil mi 'n dràsda An dèidh mo chàradh ⁴⁶⁴ anns an toll-sa, Mo dhruim-sa rèidh ri adhar Aig luchd-sgeig 's luchd-càin 's luchd-cuartan Cuid gam mholadh 's cuid gam chàineadh 'S mòr gum b'fheàrr mo thoirt uatha.	4 8
A dhaoine! Seallaibh air a' bhàta Nach ann aic' tha 'n t-sàil 's an t-sliasaid Nach i a dh' fhaodas a dhol ⁴⁶⁵ dàna Air Caolas Sgàire ⁴⁶⁶ 's Druim-na-Biasda; Nuair a shuidheas Fearghas ⁴⁶⁷ ga stiùireadh 'S a chumas e a cùrs an iar oirr' Siùil àrd an impis ⁴⁶⁸ sgàineadh Le cruaidh spàirneadh nan tonn fhiadhaich. ⁴⁶⁹	 12 16
Fhir a chuir i ann an cumadh Bheir mi 'n t-urram ⁴⁷⁰ dhut gu saoirsneachd! Tormad Saor agus MacCuthais ⁴⁷¹ B'e na luidrein ⁴⁷² ri do thaobh iad; Dh'fhàg thu 'n iùbhrach gu glan cuimir 'S i nach eil an cunnart sgaoileadh 'S maille ri do phàigheadh ⁴⁷³ cumant Cuiridh mi'n diugh ort an daorach.	 20 24

⁴⁶³ Ann' bean An Onsa
⁴⁶⁴ charamh
⁴⁶⁵ dhul
⁴⁶⁶ caolas Scarai
⁴⁶⁷ Fearagus
⁴⁶⁸ ion us
⁴⁶⁹ fiadhaich
⁴⁷⁰ urram
⁴⁷¹ Tormaid Saor agus Mac Chuthais
⁴⁷² luidrean
⁴⁷³ pheadheadh

Fulagan is dubhain iarainn ⁴⁷⁴	
Ri crann ruighinn miadh na ròsaid	
Nuair a dheidheadh ⁴⁷⁵ i gu h-astar	
Tighinn a-mach gu fulang seòlaidh	28
Fearghas ⁴⁷⁶ 's a dha bhonn an tacsas ⁴⁷⁷	
'S e ga cumail as mar b' chòir dha	
'S thèid i snaoisein ⁴⁷⁸ gu poll Phabaigh	
Far nach cum a chlach le ròp i.	32
'S iomadh eathar ⁴⁷⁹ matha dèanta	
An taobh an iar a Bheinn a' Chaolais ⁴⁸⁰	
'S eadar ⁴⁸¹ sin 's am Port am Beàrnaraigh	
'S gun tug thu 'm bàrra air gach aon dhiubh ⁴⁸²	36
Nuair a chithear ⁴⁸³ air a' chuan i	
Chan ann ruadh a bhios a h-aodach	
Geal mar churrachd air bean-bainnse	
Brataichean ri crann 's iad sgaoilte.	40
'S Aonghais agus Iain Oige	
Na tigibh le ur bòsd nas ⁴⁸⁴ fhaide	
Le ur n-eathraichean gu seòladh	
'S an cuid seòl ⁴⁸⁵ an dèidh am paitseadh	44
Braoileagan nach cumadh suas iad	
Nuair a thigeadh cruas nam frasan	
Cheart cho grod ri iris-shacain	
Bhiodh aig Uine an ceann a' chlachain.	48

⁴⁷⁴ iarruinn

⁴⁷⁵ dheadhadh

⁴⁷⁶ Fearagus

⁴⁷⁷ tachdsa

⁴⁷⁸ snaoisean

⁴⁷⁹ eithir

⁴⁸⁰ Chaolais

⁴⁸¹ Eadar

⁴⁸² diubh

⁴⁸³ chitear

⁴⁸⁴ ni's

⁴⁸⁵ sheol

'S ged bhiodh tu agam an ceartuair
 Cha dèidhinn⁴⁸⁶ a Haisgeir gu Clèir leat
 Le buidheann chrùbagan is dallag
 O 's iad anabas gach creutair 52
 'S ann a thèid mi leat a Scalpaigh⁴⁸⁷
 A dh'iasgach sgadain⁴⁸⁸ le chèile
 Mi fhèin⁴⁸⁹ is buachaille Phabaigh
 Duine tapaidh 's bu mhath feum⁴⁹⁰ ann. 56

'S Fhearghais⁴⁹¹ ghlais na feusaig fhada⁴⁹²
 Nan cas chama⁴⁹³ 's nan glùin⁴⁹⁴ luatha
 Cha leig⁴⁹⁵ thu leas a bhith ri fanaid
 Cha dèidhinn a bharrachd mu tuath leat 60
 'S mòr gum b' annsa bhith san aonach
 Feadh nam fraochan 's anns a' chruadhlach
 'G altram uan 's a' tional chaorach
 'S greis air mo thaobh a' deànamh dhuanag. 64

⁴⁸⁶ deighinn
⁴⁸⁷ Scalpai
⁴⁸⁸ Dh' iasgach s sgadan
⁴⁸⁹ fhìn
⁴⁹⁰ fheum
⁴⁹¹ Fhearaguis
⁴⁹² fada
⁴⁹³ cama
⁴⁹⁴ glùin
⁴⁹⁵ li'g

Notaichean

Bunachas: ss.1–64 Henderson (1898: 85–6)
ss.1–64 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Thathar a' meas gun d' rinneadh an t-òran seo c.1875 ann an Cleite na Ducha goirid an dèidh dhan bhàrd tilleadh às Pabaigh seach gu bheil e a' tòiseachadh le, "Thoir mo shoraidh uam a Phabaigh". Tha am bàrd a' leigeil air gu bheil e a' moladh eathar a rinn Fearghas MacFhearghais (1806–79), saor eathraichean às Ceann Dùlabhaig ann an ceann a deas Na Hearadh, a bha a' fuireach deagh dhreis air Eilean Phabaigh. Tha e ann am Pabaigh ann an Cunntas-sluaigh 1851 agus tha fios againn bho òrain a' bhàird gun robh e ann nuair a bha am bàrd anns an eilean c.1869–74 seach gu bheil iomradh air ann an *Oran a' Chianalais*: ss.21–24 nuair a tha e ag innse gun robh crith ann am Fearghas an còmhnaidh. Tha am bàrd a' bualadh air a seo a-rithist ann an dòigh annasach nuair a tha e ag ràdh nach gabh a ghlùinean stad dha:

"S Fhearaghais ghlais na feusaig fada
Nan cas cama 's nan glùin luatha" (ss.57–58)

Ged a shaoilear gur e òran molaidh a tha seo do dh'eathar a rinn Fearghas agus do shaorsainneachd Fhearghais, tha Henderson ag ràdh gur e aoir a tha ann (1898: 44), agus 's ann a' magadh a tha am bàrd ann a bhith ag ràdh gun cuireadh e Fearghas air thoiseach air dithis eile, "Tormod Saor agus MacCuthais (s.19) sa chiùird. Tha e cuideachd ag ràdh nas fhaide air adhart cho suarach 's a tha na h-eathraichean eile taca ri eathar Fhearghais. (ss.41–48) Tha an t-eathar fhèin a' faighinn guth sa chiad rann far a bheil i a' caoidh gu bheil i air tìr agus a druim "rèidh ri adhar." (s.5) Tha an darna rann gu math sunndach agus am bàrd a' dèanamh dealbh air a' bhàta a' gearradh thonn tro Chaolas Na Hearadh fo stiùir Fhearghais agus bhon treas rann a-mach tha am bàrd a' leantainn air le bhith a' dealbhachadh an eithir le mòran cur ris leithid ss.38–40 far a bheil e ag innse cho geal 's cho eireachdail 's a bhios a siùil.

A dh'aindeoin cho moltach 's a tha am bàrd air an eathar aig toiseach an òrain, tha an rann mu dheireadh a' sealltainn nach robh e dha-rìreabh oir tha e ag ràdh ri Fearghas, "Cha deidhinn a bharrachd mu thuath leat" (s.60) agus tha e a' leantainn air gu bhith ag ràdh gum b'fhearr leis a bhith tioram air tìr a' ciobaireachd 's a' dèanamh òrain. (ss.61–64) Ged a tha an tionndadh seo gu math carach aig deireadh an òrain agus ged a tha am magadh gu math seòlta, dh'fhaoide gum biodh seo aithnichte gu leòr do luchd-èisdeachd a' bhàird a bhiodh mion-eòlach air Fearghas agus air an eithir.

- 2 **Ann' bean an Onsa:** Chan eil fhios cò an fheadhainn a tha seo.
19 **Tormod Saor agus MacCuthais:** Dh'fhaoide gur e Tormod MacIllinnein
 (c.1820–c90) as Fionnsbhaigh agus Calum MacCuthais (c.1820–c90) as
 Fionnsbhaigh a tha seo.
31 **snaoisein:** Sròn

- 41 **Aonghais agus Iain Oige:** Chan eil fhios cò Aonghas a tha seo ach
dh'fhaidte gur e Iain MacFhearghais, mac Fhearghais a tha seo.
- 47 **iris-shacain:** Ròp a bhiodh air beul sacain no poca.
- 48 **Uine:** Uine NicFhionghuinn – *Uine Ceit* às an Ob.

22. Coileach an Rosaich

Hò o rò choilich ghil hò o rò èile
Hò o rò choilich ghil hò o rò èile
Hò o rò choilich ghil hò o rò èile
Nach truagh mar a thachair on chuir iad o fheum thu. 4

Coileach an Rosaich is *Toss* air a chùlaibh
Nuair dh'èireadh a thoban 's a chacadh e stiùirean
E geal mar an sneachda 's bha dhreach mar an sùlair'
'S gun tug Iain mac Chaluim a mhanadh as ùr dhuinn. 8

Coileach an Rosaich mì-fhortanach dhomhsa
Coileach nam mallachd 's ann aige bha sgròban
Nuair dh'fheuch mi mo làmh ann an cùl a dhà iosgaid
Far an robh 'm bior ann bha mhionach air bòcadh. 12

Nuair thigeadh tu dhachaigh 's tu fad air do chèilidh
Dh'eubhadh tu d' eireagan dhachaigh gu fèasda
Thilgeadh tu mise gu spiris na h-èiginn
Mi cnàmh air na sopan 's mo ghob fo mo sgèithe. 16

Notaichean

Bunachas: ss.1–16 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Niall MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran seo c.1875 nuair a bha am bàrd air ais ann an Cleite na Ducha an dèidh tilleadh as Pabaigh seach gu bheil Iain Moireasdan – *Iain mac Chaluim*, ciobair a bha a' fuireach ann an Seileabosd san tràth seo de bheatha a' bhàird, air ainmeachadh ann an s.8.

Dh'innis Niall MacDhòmhnaill – *Niall Dhòmhnaill Nèill* – gur e coileach a bha seo a bha aig fear aig an robh tac Losgantir agus gun d' rinneadh a-mach nach robh feum ann airson iseanan a dhèanamh. (7/1: 095) Tha seo a' cur solas air briathran a' bhàird ann an ss.11–12 ach cha d'fhuaireadh lorg air fear sam bith den cinneadh 'Ros' ann an Losgantir ann an Cunntasan-sluaigh an ama ged a dh'fhaodadh e a bhith air tighinn agus air falbh san eadar-aimsir. Dh'fhaidte cuideachd gur ann a-mach air fear às Siorrachd Rois a tha am bàrd agus tha na Cunntasan-sluaigh a' sealltainn gun robh Seumas MacChoinnich às Lochaille na thuathanach ann an Losgantir ann an 1871 agus Ruairidh Mac-an-Lèigh as Loch Bhraoin ann an 1881. Mar sin, chan urrainn ach tuairmse a thoirt air cò air a tha am bàrd a-mach.

- 5 **Toss:** 'S e cù a bha seo. A rèir DIMD, 's e ainm coin glè chumanta a bha seo.
6 Dealbh èibhinn air dìomhanas a' choilich.
8 Dh'fhaidte gun tug Iain Moireasdan coileach dha shamhail dhaibh na àite.
13–16 Tha an coileach fhèin a' càineadh an Rosaich airson a bhith a' dèanamh dì-meas air 's e cuideachd a' fàgail air gu bheil e a' dèanamh leiteachas air na h-eireagan le bhith gam biadhadh gu fialaidh.

23. Hò Mo Nighean Dubh Riabhach

Hò mo nighean dubh riabhach
Thàini' tu gun iarraidh idir
Hò mo nighean dubh riabhach.

Rinneadh thu 's a' gheamhradh ghruamach 4
'S a' Charn Ruadh am bruthaich na fighdich.

'S coltach ri Fionnlagh a' Lòin thu
'S ri Catriona Mhòr nan lipean.

Siud na lipean nach robh brèagha 8
Chlithiste na fìaclan mu ruigst' iad.

Notaichean

Bunachas: ss.1–9 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
ss.1–9 Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran seo c.1877 nuair a bha nighean dhìolain aig Seonaid Mhoireasdan, nighean a' bhàird. Tha an nighean seo clàraichte anns an *Register of Births* mar *Mairi MacKenzie* a rugadh 's Na Hearadh ann an 1877. Tha an t-òran ann an riochd tàlaidh 's am bàrd a' bruidhinn ris an leanabh fhèin ach, gu h-annasach, an àite a bhith a' moladh an leanaibh agus a cuideachd mar a chluinnear ann an tàlaidhean bho shean, tha am bàrd a' dèanamh aoir agus a' dì-moladh seanair agus seanmhair eile an leanaibh. (ss.5–8) Chan eil fhios le cinnt cò iad agus ged a tha amharas aig Dòmhnall I. MacDhòmhnaill, cha robh e deònach air innse seach gu bheil cuideachd nan daoine fhathast beò.

24. Oran nan Rodan

Innsidh mi sgeul na rodain
A thàinig gu bothag Ruairidh
Fhuair iad àileadh na mine
'S ann a chruinnich iad mun cuairt dhi 4
Cha robh cuip a bh'air an cùlaibh
Nach dèanadh a' chùis gu buailtean
'S urrad mo dhùirn orra dhosan
'S mo mhollachd aig an cluasan. 8

Ach nan dèanainn-sa sgriobhadh
'S mi gun innseadh anns gach àite
Far an do thog thu 'n aitreabh rioghail
Am meadhon dìge agus làthaich 12
Ged a rinn thu do bhalla dìonach
Bha do chliathaich na cùis-nàire
Fiodh air grodadh ri na siantan
Mar a thuit an sgliat gu làr dhi. 16

Dh'aithnichinn rodain Bun-na-Gile
'S iad bu ghile na cuid Chràco
Nuair a bhiodh iad gan nighe
Is a' frìgheachd air na bàirnich 20
Nuair a theannadh a' sgaoth ri chèile
Chuireadh iad na fèidh à fàsach
B'fheàrr leam na nathraichean bhith dlùth dhomh
Na mo shùil thoirt air an àiridh. 24

Nuair a chunna mi iad a' tighinn
'S coltas millidh air na biasdan
Thug mi oidhirp air an cunntais
Gun deacha mi null air ceudan 28
Thàinig uisge ma mo shùilean
'S thionndaidh mi mo chùl 's mi griosad
'S gun dad agam gus mo theàrnadh
Ach seana-chù bàn gun fhiacalan. 32

Dh'fhalbh mi 'n uairsin as a' liugail
 Air mo ghlùinean 's air mo chliathaich
 'S nuair a chithinn an corc a' lùbadh
 Bu tric mo shùil air a fiaradh 36
 Mi toirt oidhirp air dhol dhachaigh
 'S gun dad annam ach am brialam
 'S mi air chrith cho luath ri duilleig
 Leum mo chuislean mar fear-fiabhrais. 40

Gum bu diombach mi do Ruairidh
 On là chuir e suas an stòr dhaibh
 Dhol a dh'fhàgail min is siùcar
 An àite gun fiù na còmhladh 44
 Tharraing siud air astar fad' iad
 Far bu chleachdadh leòth' bhith còmhnaidh
 Timcheall iodhlainn Taigh a' Chladaich
 Far bu phailt am biodh an t-eòrna. 48

Seo an t-àite nach robh feumach
 Air an sprèidh ud a thighinn faisg air
 Bha iad ann o thùs an t-saoghail
 'S dh'fhailich air daoine cur as dhaibh 52
 Mur biodh an cat glas gan sealg dhuinn
 Moch is anmoch 's meadhan-latha
 Bheireadh iad asainn na sùilean
 Nan tuiteadh oirnn dùsgail cadail. 56

Cha dèan mise guidhe gheur no sgaiteach
 Dhan fhear a tharraing sibh dlùth dhomh
 Ach am fear is mò am fiacian
 Bhith leth ri do bhian 's tu rùisgte 60
 'S grèim a bhith aig' ann an àit' ort
 Eadar thu is làr o d' chùlaibh
 Gura mis' a dhèanadh an gàire
 Nam bithinn slàn ris an iomradh. 64

Siud an fhàilte nach robh coibhneil
 Nuair a fhuair e bhroinn na bùthadh
 Nuair a fhuair e null air cuntair
 Far am biodh na cuirp a' tionndadh 68
 Chaidh e feadh a' bhathair thioram
 'S cha d' fhuair e mhin mar bha sùil aig'
 'S leig e leum gu bun nan clach
 Airson faighinn a-steach gan ionnsaidh. 72

Fhreagair Anna Mhòr 's i ràinich
 "A Ruairidh a ghràidh glac misneachd
 Feuch gun cum thu an aon fhear bhuapa
 'S an lùb thu e suas mu d' iosgaid 76
 Gun tèid mis' a dh'iarraidh Dhòmhnaill,
 Cum nad dhòrn e gus an tig mi.
 Chan fhan mi ri fiù na bròige,
 Gheibh thu còmhnaidh air a' mhionaid." 80

Siud far an robh chùis smaointinn
 'G èisdeachd ri glaothaich Anna
 Muinntir Chliuthair 's iad a' teàrnadh
 Briseadh nan cnàmh feadh gach stalla 84
 'S e Iain Mòr a fear bu luaithe
 'G eubhach "Gu dè 'n truaighe thachair?"
 Cha tuigeadh tu i ach a' smèideadh
 "Luathaich do cheum 's na dèan maille." 88

'S lean cuid eile dha Na Bàigh thu
 Gun d' ràineadh tu bàt' an Uamhais
 'S nuair a rannsaich iad 's gach àit' i
 'S nach d' fhuair iad càil ghabh iad uaipe 92
 'S chum iad sìos ris a' chladach
 Gun do stad iad sa Chaol Ghruamach
 'S chaidh an ceann bh'orr' feadh na h-Airde
 Gun do chuir e fàilt' air Ruairidh. 96

Notaichean

Bunachas: ss. 1–20, 25–64, 89–96 Henderson (1898: 96–8)*
Dòmhnall A. MacDhòmhnaill (S/A 1968/ 133)
ss. 1–96 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

* Tha Henderson a' toirt seachad 68 sreathan den òran anns a bheil eadar-dhealachaidhean seach cruth na beul-aithris agus iad ann an òrdan eadar-dhealaichte, nach eil aig amannan coimhleanta. Air an adhbhar sin chan eilear gan coimeas le fo-sgrìobhaidhean, ach tha cruth Henderson ri fhaicinn gu h-ìosal.

Oran an Rodain

Innsidh mi sgial na rodain
A thainig a bothag Ruari
Fhuair ead aileadh na mine
S ann b' mhò chruinnich iad mu'n cuairt di
Cha robh cuip a bh'air an culaobh
Nach dìanadh a chuis gu buailtean
S uiread mo dhùirn orra 'shodan
S mo mhollachd aig an cluasan.

S' dh'aithnichinn rodan Bho-na-Cilleig
S iad bu ghile na cuid Chràcow
Nur a bhiodh iad gu tric gan nigh
S iad a frigheachd air na bàirnich
Nur a chunn' mi iad a' tighinn
S còlas millidh air na biasdan
Thug mi oidhirp air an cunntais
Gu'n deach iad a null air ciadan.

Thainig uisge ma mo shùilean
S thionndain mi mo chùl s mi 'g griosad
S gun dad agam gus mo theàrnadh
Ach an seana-chu bànn gun fhiacalan
Dh'fhalbh mi'n uair sin às a' liùgail
Air mo ghlùinean s air mo chliathaich
S nur a chithinn an corc a lubadh
Bu tric mo shùil air a fiaradh.

Mi toir oidhirp air dhul dhachaigh
S gun dad unnam ach am blialum
S mi air chrith cho luath ri duilleig
Leum mo chuislean mar fhear fiabhruis
Gu'm bu diombach mi du Ruaraidh
O'n là chuir e'n suas an stor dhuibh
'Dhol a dh'fhàgail min us siùcair
An àite gun fiù na còmhladh.

Tharruing sid ear iar astar
O'n àite bu chleachd leo còmhnuidh
Timchioll iothlainn Tigh-a-Chladaich
Far 'm bu phailte bhiodh an t-eòrna
Ach nan deanainn-sa sgriobhadh
S mi gu'n innseadh anns gach aite
Far 'na thug thu'n aitreabh riomhach
Meadhon dig agus làthach.

S gad a rinn thu'm balla dianach
Tha do chliathaich 'na cùis nàire
Fiodh air grodadh le na siantan
Nur a thuit an sgliat gu làr dhi
Seo an t-àite nach robh feumarach
Air an spreidh ad a thighinn pailt ann
Bha gu leòir ann às an aonuis
Dh' fhair'lich air daoine cur as doibh.

Mur biodh 'cata glas 'g an sealg dhuinn
Moch us anamoch s meadhon là
Bheireadh iad asaibh na sùilean
Nan tuiteadh orr' dùsail cadail
S cha dian mis' guidhe gheur no sgaiteach
Dha'n fhear a tharruing sibh dlù dhomh
Ach am fear is mò am fìaclan
Bhi leireadh do bhian s tu ruisgte.

S greim a bhidh aig ann an àit' ort
Eadar thu us là 'roimh d' chùlthaobh
Gur mis' a dhianamh an gàire
Nam bithinn slàn ris an iumradh.

.....

S lean cuid eile dha na Bàigh thu
 Gu'n d'ràineadh tu bàt an Uamhais
 S nur a rannsaich iad s gach àit i
 S nach d' fhuair iad càil ghabh 'd tuaileasg
 S chum iad sios ris a chladaich
 Cho na stad ead sa chaol ghruamach
 S chaidh an ceann thoirt feadh na h-airde
 Gu na chur e fàilt air Ruairidh. (Henderson 1898: 96-98)

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran nuair a bha am bàrd ag obair air oighreachd Losgantir ach chan eil e furasda àm sonraichte a chur ris. Tha an t-òran èibhinn seo a' dì-moladh na rodain a tha air cinneadh gu mòr anns an àite agus tha am bàrd a' cur a' choire air *Ruairidh MacIllinnein* as Cliuthar a bha air tighinn a dh'obair chun na h-oighreachd ach a bhiodh a' dol dhachaigh uaireannan aig an deireadh sheachdainn. A rèir an òrain bha e air stòr mhine a dhèanamh agus bha seo air na rodain a thàladh as gach àite. Tha Dòmhnall Ailig MacDhòmhnaill, nach maireann a tha clàraichte aig Sgoil Eòlais na h-Alba ag ràdh: "Tha e coltach nuair a bhiodh e [Ruairidh] a' dol dhachaigh uaireannan air a' *weekend*, chruinnich an t-àite smaointinneach le rodain nuair a bha am biadh ann agus tha e coltach gun tàinig feadhainn aca gu taigh a' bhàird dha na rodain a bh'ann a shin. Bha e a' cur a' choire air Ruairidh Beag gur e a chruinnich na rodain." (SA 1968/133)

Ann am pàipear a chaidh fhoillseachadh le TGSI, tha Iain Moireasdan ag ainmeachadh an òrain-sa am measg bàrdachd eile mu rodain, agus e ag ràdh gu bheil e cho goineach ri òran sam bith den t-seòrsa a tha aige bho na h-Eileanan Siar. (Morrison 1992: 282) Ged a tha an t-òran goineach gu ìre, tha snàthlain de dh'àbhachd a' lagachadh buaidh a' gath, gu h-àraid seach gu bheil am bàrd a' dèanamh beagan fèin-mhagaidh ann an ss. 34–40.

Mar sin tha an t-òran aotrom ged a tha am bàrd ag aoireachadh Ruairidh agus a' dèanamh dealbh èibhinn dheth nuair a tha na rodain a' toirt droch ionnsaidh air (ss.57–96) agus bean Ruairidh, *Anna Mhòr* (ss.73,81) a' dèanamh cobhair air. A dh'aindeoin seo, ged tha, tha am bàrd ga dhìon fhèin le bhith ag ràdh;

"Cha dèan mi guidhe gheur no sgaiteach
 Dhan an fhear a tharraing dlùth sibh" (ss.57–8)

Tha an t-òran ioma-fhillteach seo ag aoireachadh Ruairidh, ag aideachadh ri eagall a' bhàird fhèin ro na rodain, gan càineadh ach aig a' cheart àm tha e a' toirt tomhais de

dh'urram dhaibh nuair a tha e ag aideachadh gun robh iad ann riamh agus gun do "dh'fhailich air daoine cur as dhaibh." (ss.51–52) Chan eil teagamh ann nach eil bàird bho shean air a bhith dèidheil air a bhith ag aoireachadh nan rodan agus 's Na Hearadh fhèin tha iomadh eisimpleir eile ann bho dhiofar bhàird nach deachaidh riamh an clò. Tha Iain Moiresdan cuideachd ag ath-aithris bho phàipear le *The Proceedings of the Royal Irish Academy* le bhith ag ràdh "It says that Dr Todd reported on the notices which occur in various writers of the power said to be possessed by the Irish hereditary bards, of rhyming rats to death or causing them to migrate by the power of rhyme." (Morrison 1992: 273) Tha seo inntinneach seach gu bheil Niall Moireasdan a' dèanamh an dà chuid san òran seo; m.e, tha e a' mollachadh nan rodan (s.8) agus gan dealbhachadh a' falbh às Losgantir 's a' dol gu ruige taobh eile an eilein, dh'fhaoidte mar a lùigeadh e a thachradh. (s.89–96)

- 5 Earbaill nan rodan.
7 Dh'fhaoidte gun robh dosan de sheann fhionnadh air na rodain.
11 **an aitreabh rìoghail:** Tha am bàrd a' magadh air cumadh an stòir an seo.
47 **Taigh a' Chladaich:** Taigh ann an Losgantir anns am biodh an geamair a' fuireach.
62 **Eadar thu is làr:** Abairt mhodhail a' ciallach càil a' buinntinn ri buill diomhair.
66 **na bùthadh:** An stòr.
77 **Dhòmhnaill:** Dh'fhaoidte gur e Dòmhnall MacIllinnein, mac Ruairidh bhon chiad bhean a tha seo.
83 **Muinntir Chliuthair:** Bhiodh muinntir nam Bàgh uaireannan ag obair air an oighreachd.
85 **Iain Mòr:** Dh'fhaoidte gur e Iain MacIllinnein, bràthair Ruairidh, a tha seo no fear eile de mhuinntir nam Bàgh.
95 **an ceann a bh'orr':** Fear-stiùiridh nan rodan.
95 **na h-Airde:** Aird Chollaim.

25. Oran na Teatha

Cuidhtichidh mi 'n diugh a' cheàird 'S e 'n diugh Dimàirt, a Dhòmhnail ⁴⁹⁶ , Chan e buileach cràdh mo chnàmh Ach nàir' airson nan othaisg A theich bhuam moch-thràth Là na Sàbaid 'S mis' riarachadh mo chàileach Leis 'n stuth a chreach mi mar a tha mi A' dèanamh dàil ga h-òl-sa.	4 8
Bha chearc-ruadh le goin is strùp oirr' Is driùchd a' tighinn ma bòrd ⁴⁹⁷ A' tilgeadh a cinn os a cionn 'S mo shùil-s' oirre ma dòirt i 'S bha Raonaid cus a b'fheàrr gu stiùireadh Ag èigheach cum a' <i>hatch</i> dùinte 'S cuimhnich ma chailleas i a sùgh Nach diù i cur gu bòrd dhuinn.	 12 16
Cha mhò a b'fheàrrde mur bu mhisd i An t-uisgearlach 's dath ruadha Gun air fiù agus blas milis 'S olc a ghibht dhan t-sluagh e Ged a ⁴⁹⁸ ghabh iad thuice ciocras Gun dad feum innt ach casg mianna Tha i ri marbha' nan ceudan ⁴⁹⁹ Le droch bhiadh 's gun bhuaidh oirr'.	 20 24

⁴⁹⁶ Dho'ill
⁴⁹⁷ bord
⁴⁹⁸ Gad do
⁴⁹⁹ ciadan

Ach 's aithne dhomh gu leòr san dùthaich	
A ghiùlaineas nam pòcaid	
Uighean nan cearc a' falbh na sprùilleach	
Gu bùthaintean mar stòras	28
Dh'iarra: "Tomhais dhomh dhith ùnnsa	
'S tomhais leis cairteal siùcair	
Ach feuch nach mill thu air mo chliù	
Nach seall thu 'n guin ⁵⁰⁰ na shròichdean."	32

Curraicean an cinn iad ⁵⁰¹ srachdte'	
Gu breac geal le òtraich	
'S gun fiù nam brògan air an casan,	
Air sgagadh tha iad ⁵⁰² le mòintich;	36
Their iad rium gum b'fheàrr i aca	
Nan gùn ⁵⁰³ is fheàrr a thig à Glaschu,	
'S co math leò i bhuath is aca	
Mar a cairt i 'n sgòrnan.	40

Ge be rud a th' ann an taobh-sa	
'S brùideil ⁵⁰⁴ bhith toirt gròt ⁵⁰⁵ air	
An t-siathamh earrann ⁵⁰⁶ deug den phunnd	
B'e 'n spùilleadh ⁵⁰⁷ e air stòras	44
Nuair a gheibh thu e gu teann	
An dèidh a cheangal nad làimh	
Mur tachair a luach a bhith ann	
Gun tèid am peann gu sgròban. ⁵⁰⁸	48

⁵⁰⁰ guin

⁵⁰¹ (i)ad

⁵⁰² ta (i)ad

⁵⁰³ gun

⁵⁰⁴ bruideil

⁵⁰⁵ groat

⁵⁰⁶ earann

⁵⁰⁷ spuilleadh

⁵⁰⁸ sgroban

Siud am fear nach diùlt a' bhreug 'S làmh gu rian ga stiùireadh Thig na ceithir dhut gu sia A riadh am beagan ùine [...] [...] [...] [...]	52 56
Ged a thuirt mi 'n uiread ruibh ⁵⁰⁹ Gun robh mi fhìn an tòir ⁵¹⁰ oirr' Ged 's i a b'aobhar dha mo sgìths A' siubhal frith is mòintich, Gun àite anns an cluinninn miaghal Ge b' mhilltean uam nach fheuchainn 'S mi ri fritheach 'n dùil gur h-iad Bhiodh fodh sgiath nam bruachan.	60 64
Nuair dh'fhàs mi fhèin 's an cù cho fann Gur gann a dhèanainn èighe Ga chur 's ga chasg am feadh nam beann 'S an tìde a bh'ann cho creubhaidh M' fhallus a leaghadh ⁵¹¹ mar a' bhùrn Toirt an radharc o m' dhà shùil M' iosgaidean a' call an lùthais A' lùbadh air a chèile.	68 72
'S truagh nach robh thu fhèin 's ⁵¹² do bhràthair Far nach tràigheadh ⁵¹³ 'n dìle A liughad teaghlach bochd a dh'fhàg sibh Sa chèarn seo dhan rioghachd Esan ga losgadh gu ceò 'S tusa sa bhùrn theth 'tòcadh Dh'fhàg sibh na mìltean dh'easbhaidh treòir 'S am pòcaid gun dad ⁵¹⁴ innte.	76 80

⁵⁰⁹ ribh

⁵¹⁰ toir

⁵¹¹ leigheadh

⁵¹² sa

⁵¹³ traigheadh

⁵¹⁴ da i

Notaichean

Bunachas: ss.1–80 Henderson (1898: 62–4)
Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Chan eil e furasda a dhèanamh a-mach dìreach cuin a rinneadh an t-òran seo seach nach eil fhios le cinnt cò an "Raonaid" (s.13) air am bheil am bàrd a-mach. Tha fios againn gun d' rinneadh an t-òran fhads a bha am bàrd a' cìobaireachd air tìr mòr Na Hearadh ach bha e ris a sin cha mhòr fad a bheatha.

Mhìnich Iain MacDhòmhnaill adhbhar an òrain; "...rinn e Oran na Teatha mar a chuala mise, fhios agad cailleach – cailleach a bh'ann fhios agad agus bha e a' gabhail an reothaid, fhios agad agus beathaichean aige agus tha e coltach gun robh a' chailleach a-muigh agus bha esan a' tighinn, fhios agad, le beathaichean ach 's ann a' coiseachd às Leòdhas – às Steòrnabhagh a bhiodh iad an uairsin. A' coiseachd às Steòrnabhagh a bha 'd. Agus 's ann a .. .Bha i a' bruidhinn ris agus bha e a' bruidhinn agus o thòisich i air airson gun tigeadh e a-staigh. O cha b'urrainn dha agus na beathaichean [aige]. O cha charaicheadh na beathaichean. Cha charaicheadh na beathaichean. Dh'fhalbh e agus chaidh e a-staigh 's rinn i cupa teatha 's nuair a dh'fhalbh e as dèidh na teatha cha robh na beathaichean ri 'm faicinn..... Bha 'd air falbh a sear 's a siar – 's ann an uairsin a rinn e Oran na Teatha." (2/2: 126)

Chan eil e buileach soilleir bhon òran fhèin an e Raonaid a bha air a' chaillich (dh'fhaoidte gur ann air a bhean fhèin a tha am bàrd a-mach) ach chuir Iain MacDhòmhnaill ris ann an còmhradh neo-chlàraichte gun robh e a' smaoineachadh gur ann faisg air gliob Sgarastaigh a bha a' chailleach a' fuireach. Gu mì-fhortanach, cha d'fhuair lorg air "Raonaid" sam bith ann an Sgarastagh ann an clàran an ama.

Tha an t-òran gu mòr a-mach air a bhith a dì-moladh na teatha 's a' chiad dol a-mach seach gun do dh'adhbhraich i a leithid de dh'amhghair dha fhèin 's e "a' dèanamh dàil ga h-òl-sa" (s.8) A bharrachd air a seo ged tha, tha am bàrd a' meas gu bheil daoine a' cosg tuilleadh 's a' chòir oirre 's gun feum innte ach "casg-mianna" (s.22) agus na ceannaichean mar gum biodh a' dèanamh an seacaid air a seo. (ss.40–52) Tha e cuideachd a' rabhadh nach eil an teatha math do shlàinte dhaoine 's nach eil neart no beathachadh sam bith innte, (ss.23–4, 39–40)

A rèir Dhòmhnaill I. MhicDhòmhnaill, bhiodh a' mhòr chuid san t-seann aimsir a' gabhail na teatha an uaigneas agus nan tigeadh duine orra gun fhiosda 's iad ga gabhail, gu h-àraid nam biodh iad leotha fhèin, bhiodh iad air am maslachadh. Dh'fhaoidte nach robh iad airson gum faiceadh daoine iad a' cosg airgead air rud nach robh riatanach. Nuair a tha am bàrd a' magadh air luchd-ceannach na teatha a bhios ag ràdh "feuch nach mill thu air mo chliù" (s.31) dh'fhaoidte gur e seo a tha fa-near dha.

Dh'innis Iain MacDhòmhnaill sgeulachd inntinneach mun bhàrd agus mar a thug a' chailleach seo air bainne a ghabhail anns an teatha. (Faic Èarr-ràdh A: 8)

'S e "Oran An Tì" a tha Henderson a' toirt mar thiotal ach 's Na Hearadh 's e "Oran Na Teatha" a theirte ris.

2 **a Dhòmhnaill:** Chan eil fhios ann e Dòmhnall Moireasdan – mac a' bhàird a tha seo, no Dòmhnall Moireasdan – *Dòmhnall Beasa* – seach gun robh an dithis còmhla ris gu tric.

14 **a' hatch:** Ceann na poite.

25–32: Bhithiste a' malairt nan uighean airson na teatha.

73 **do bhràthair:** An tombaca.

26. Cliù Iain Ghobha

Bhon is fear foghlaim mi air a' cheàird-sa Luchd-brithimh Gàidhlig na tugaibh beum Air cainnt mì-fhiùghmhor ⁵¹⁵ neo-dhìreach lùbte Nach gach dhomh dlùthadh no cur na chèil': Cha b'e cion dùrachd a thigeadh rium-sa 'N àm seinn a chliù-san nam biodh air èis Ach inntinn nàdmhorra ⁵¹⁶ is easbhaidh gràis oirr' 'S gun tèid i ceàrr ann an cluich ⁵¹⁷ nan teud.	4 8
'S mo bhilean gràineil neo-thimcheall gheàirrite Gu faic sibh dàna dhomh bhith ri cainnt Air cliù na fianais a dh'fhalbh on fhìon-lios Bu chliùiteach gnìomhach a-measg nan crann; Bha eagal diadhaidh as dèidh a lionadh Gum biodh an cruinneachd nar measg-ne gann ⁵¹⁸ Bu tric e 'g ùrnaigh dol ann an cùmhnant Airson ar caomhnadh ⁵¹⁹ aig cathair gràis.	12 16
An ceistear cliùiteach bu mhòr luchd-ionndrainn A tha mi 'g iomradh air na mo dhàn Bu lìonmhor sùil a bha silteach srùlach An àm do dhùnadh sa chiste chlàr; Bu lòchran-iùil thu do dhaill gun sùilean Bhiodh gun tùr air a' ghniomh a b'fheàrr A' ruith gu dìreach fon t-slighe mhillteach ⁵²⁰ A dhion nam mìltean o dhiol a' bhàis.	20 24

⁵¹⁵ mhi-fhiughmhor
⁵¹⁶ nadmhorrach
⁵¹⁷ cluith
⁵¹⁸ a chrionachd n' ar miosg neo-ghann
⁵¹⁹ cùmhnadh
⁵²⁰ mhilltich

'S o thog thu 'n aidmheil bu lòchran laist' thu
 Nach cuireadh fras as le doineinn⁵²¹ gheur;
 Cho fad 's a dh'fhan thu chan fhacas smal ort
 Ach daonnan laist' ann an ruith na rèis: 28
 A' dol tron fhàsach gun eagal nàmhaid
 Ach spionnadh gràis ga do chumail treun,
 'S tu ruith gu buaidheach gun easbhaidh luathais ort
 Gun d'fhuair thu 'n duais a th' aig poball Dhè. 32

Bu dileas dùrachdach na do ghairm thu
 Cha b'ionnan 's foirmealaich nan ceann àrd
 Nach b'urrainn cainnt ach gu mabach manntach
 Le raige teanga 's an ceann cho làn; 36
 'G iarraidh cus stòras⁵²² dhan inntinn fheòlmhor
 'S i ciocrach, neò-ghlan 's an taic a ghnàth
 Air stèidheadh aotrom bhios dhaibh na fhaoineis
 Aig là a' chaochlaidh⁵²³ nuair thig am bàs. 40

Is ann ort a b' fhuathach luchd fèin na h-uaille
 Bha 'g iarraidh suas gun dhol dhan a' chrò,
 Am measg nan caorach len èarradh sgaoilte
 Gu fainicht an gaoid air gach taobh dhen chleòc; 44
 Bu tric thu dearbhadh orr' ga bu shearbh leò e
 Gum biodh tearbadh ann là a' mhòid;
 Cuid gu oighreachd 's am biodh an t-aoibhneas
 Cuid eil' dhan ghainntir 'sam biodh am bròn. 48

Bha thu ainmeil 's gach ceàrn an Alba
 Mar ghaisgeach calma led chloidheamh geur
 Air taobh na còrach a' sgrios luchd dò-bheairt
 Bu tric thu còmhrag⁵²⁴ ri luchd mi-bheus: 52
 Bhiodh feachd na h-euceairt a' ruith fod èisdeachd,⁵²⁵
 An cogais fhèin 's i gam bioradh cruaidh
 Bhiodh fallus drùidhteach a' sileadh dlùth dhiot
 Le spàirn toirt cunntais dhaibh air an Uan. 56

⁵²¹ doinionn

⁵²² storais

⁵²³ an caochlaidh

⁵²⁴ comhrag

⁵²⁵ èisneachd

Bha tlachd is ciatachd le aoidh na diadhachd A' deàrrsadh sgiamhach nad aghaidh chiùin 'S bhiodh peacaich gharbha bu ghairge seanachas Le ùmhlachd leanabail a' tighinn dhut dlùth; Gur tu bha eudmhor airson na treuda, Bhiodh faire gheur agad air an cùl, Bu tric thu 'g eubhach an cluas luchd-èisdeachd A' chungaidh fheumail a dhèanadh a' chùis. ⁵²⁶	60 64
B'e beatha d' àraich a h-uile Sàbaid Bhith 'g innse chàch gun robh 'n t-slighe rèidh Gu geat an àrois am faight' an t-slàinte On chraoibh tha fàs ann le meas nach trèig: Fo dhuilleach àghmhor gum faighte sàmhchair O dhoineann cràiteach 's o àmhghair ⁵²⁷ gheur, O ruaig an nàmhaid bh' airson an tàrsainn Le innleachd bàsmhor mar chreach dha fhèin. ⁵²⁸	 68 72
Don osna dùsgaidh ⁵²⁹ on chridhe bhrùideil Air bheagan cùraim bu bheag do spèis, O chaidh ol'-ungaidh chur air do shùilean 'S nach togta cliù leat air luchd mi-bheus: On bha thu eòlach mun t-sionnach lùbach A chuir a chùl riut fod armachd gheur Bha 'n garaidh uaigneach rid linn san dùthaich, 'S on dh'fhalbh thu dhùisg e ri spùill da fhèin.	 76 80
Bha t'eagal diadhaidh toirt air na mìltean Air feadh na ⁵³⁰ sgìre gun robh iad balbh, Mar an pheucag an gath na grèine Le itean eugsamhail nan iomadh dealbh; Oir bha thu ungta ⁵³¹ 's do fhradharc dùbailt' A' gabhail dlùth-bheachd air sligh' an ceum 'S ged thigeadh Iùdas le pòg ⁵³² a d' ionnsaidh Gum b' shuarach thu air droch rùn a mhèinn.	 84 88

⁵²⁶ cùis

⁵²⁷ àmhghar

⁵²⁸ féin

⁵²⁹ 'dhùsgadh

⁵³⁰ nan

⁵³¹ ungte

⁵³² 'phòig

Bu lionmhor bacach bha dèidh a bhacail
 Le ainneart peacaidh do chum gun trèigt',
 A bha thu seòladh gu Loch Shilòaim
 A chum an còmhachadh aig an Lèigh; 92
 Leis an fhìrinn bu tric thu dearbhadh dhaibh
 Mar grad fhalbh iad gun tèid iad eug,
 Fo phlàigh na loibhre an là an fhèirge⁵³³
 'S am⁵³⁴ beireadh tionachds⁵³⁵ orr' a dhèanamh feum. 96

An àm dhut èirigh sa choinneamh⁵³⁶ ùrnaigh,
 An sluagh a' dùmhachadh ort mun cuairt,
 Bu chridhe cruaidh is inntinn bhrùideil
 Nach dèanadh⁵³⁷ lùbadh led ghuth san uair: 100
 Bu ghaisgeach treun thu ag innseadh sgeul dhaibh⁵³⁸
 Mu chliù na h-èifeachd bha 'm fuil an Uain
 'S air damanadh sìorraidh nan gobhar⁵³⁹ fhiadhaich
 Air sgeiribh geura dol sìos dhan⁵⁴⁰ chuan. 104

Thàinig dorchadas air a' cheàrn seo
 Le mùchadh bàsmhor on rinn thu triall
 Do thìr Emànuel a-measg do bhràithrean
 'S tu dèanamh gàirdeachas ann an Dia; 108
 Chum ar teàrnadh o chumhachd nàmhaid
 'S o phian na h-àmhainn tha loisgeach dian,
 Bheir air na h-uamharraich gu loisgear suas iad
 Mar an asbhuain nuair thig a' chrìoch. 112

Aig là do chrìochnachaidh fhuair thu d' iarratas
 Mar bu mhiann leat taobh thall a' bhàis,
 Gach gealladh fhuair thu 'n taobh bhos dhan uaigne
 Chaidh dhèanamh suas dhut gu daingeann slàn; 116
 Gath a' bhàis chaidh a dhèanamh ciùin dhut
 San uaigh cha chum i thu ann an sàs;
 Gun dèan thu dùsgadh le glaoth na trùmpaid
 Ron crith gach dùil a chaidh anns an làr. 120

⁵³³ na féirge

⁵³⁴ nach

⁵³⁵ Tha am mìneachadh 'Mercy, salvation, saving power' air a thoirt aig bonn na duilleige

⁵³⁶ choinnimh

⁵³⁷ dianamh

⁵³⁸ dhoibh

⁵³⁹ gobhair

⁵⁴⁰ don

Thàinig Gàbriel o na h-àrdaibh	
Is àithne làidir aig ⁵⁴¹ air do thòir,	
Thuirt riut gum b'fheàrr dhut an ⁵⁴² rìoghachd àghmhor,	
Far ⁵⁴³ nach goid na meàirlich a-steach nad chòir;	124
Fhuair thu 'n dileab 's a' chulaidh rìoghail	
'S ainm an Rìgh oirr' gun smal gun sgleò,	
Cho buan ri sìorraidheachd tha neo-chrìochnach,	
'S an t-aoibhneas sìorraidh nach crìoch an glòir. ⁵⁴⁴	128

⁵⁴¹ aic
⁵⁴² thu
⁵⁴³ rìgheachd àghmhor
 [...] Nach goid
⁵⁴⁴ a ghlòir

Notaichean

Bunachas: ss.1–128 Henderson (1898: 101–6)
ss.1–128 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Chan eil fhios cuin a rinneadh an laoidh seo ach feumaidh gur ann uaireigin an dèidh 1852 nuair a chaochail Iain Gobha. Rinneadh an laoidh do dh' Iain Moireasdan – *Iain Gobha Na Hearadh*, a bha na Chrìosdaidh agus na shàr bhàrd. Chaochail Iain Gobha air an 6mh den Dùbhlachd 1852 ann an Leacalì. Goirid an dèidh bàs Iain Ghobha, rinn am bàrd *Marbhrann Do Dh'Iain Gobha* (Faic Oran 6) ach feumaidh nach robh am bàrd no dh'fhaidte muinntir an àite riarachta leis oir rinn e *Cliù Iain Ghobha* uaireigin as dèidh sin agus seach gu bheil an dà laoidh cho eadar-dhealaichte a thaobh cainnt, sgilean bàrdachd agus susbaint, thathar a' meas gun robh dreis mhath eadar na dhà. Chan eil teagamh ann nach eil an laoidh seo fada nas fheàrr agus tha am bàrd a' cleachdadh mòran ìomhaighean sgriobtaral agus cainnt dhrùidhteach a tha a' freagairt an dà chuid air meas a dhèanamh air beatha Iain Ghobha agus air eagal an anaman fhèin a dhùsgadh ann an daoine

Tha Henderson a' toirt iomradh air an dà laoidh agus air na laigsean a bha e a' faicinn sa Mharbhrann; "It was to remedy these defects, of which the poet himself was conscious, that, after some interval, he composed a second elegy, which at once gave pleasure to all who loved Iain Gobha, an elegy which is a worthy tribute to one to whom tribute was due." (1898:47)

Tha mòran den bheachd gu bheil *Cliù Iain Ghobha* a' toirt bàrr air gach deagh bhàrdachd a rinn Niall Moireasdan – Bàrd Phabaigh. Tha Niall MacDhòmhnaill ag ràdh ann am pàipear a chaidh fhoillseachadh ann an TGSI; "His poem in praise of the poet is believed to be the finest he ever composed. Nigel MacNeill, an eminent Gaelic scholar, described it as a poem that would have secured him the highest honour in Gaelic poetry." (MacDonald 1985: 7). Agus tha Henderson fhèin ag ràdh "Though there are some weak touches, it is one of the most exalted efforts of the modern Gaelic Muse – one that would alone secure him a place of honour among the select bards of the Gael." (1898: 47)

- 49 Bha Iain Gobha ainmeil an Alba seach gun deach e air turas ann an 1850–51 a chruinneachadh airgead airson Eaglais Mhànais a thogail 's e a' teagaisg am Beurla agus an Gàidhlig air feadh na dùthcha. Tha cunntas mhionaideach mun turas ri lorg anns *An Cuart Cuan*. (Henderson 1893: lxii, 301–15)

ORAIN NEILL MHICDHOMHNAILL

ORAN NEILL MHICDHOMHNAILL ANN AN ORDAN MAR A RINNEADH IAD

27. Oran Eòghainn Fhearchair	c.1915
28. Oran na Làire	c.1915
29. Oran Dhòmhnaill Eachainn	c.1920
30. Drochaid An Dòchais	c.1920
31. Oran na Mònadh	c.1926
32. Oran an Aigich	c.1926
33. Pàircean na Clèir	c.1926
34. Oran an Ràididh	c.1929
35. Oran Molaidh do na Hearadh	c.1929
36. Ceathramh a' Chòmhlain	c.1930
37. Ceathramh an Fhèidh	c.1937
38. Oran na Bà	c.1940
39. Oran Galaf nan Cat	c.1945
40. Oran nan Caorach	c.1945
41. Oran an Ròin	c.1945
42. Oran nan Clòithtean	c.1945
43. Oran an t-Sàgo	c.1945
44. Oran a' Bhuidseat	1947
45. Oran Ruda Mòir-Lecsigh	c.1950
46. Oran na Seabhaig	c.1950
47. Oran a' Choilich	c.1950
48. Oran Ruairidh Dhòmhnaill a' Chìobair	c.1950

49. Oran a' Bhodaich	c.1950
50. Oran a' Ghamhna	c.1950

27. Oran Eòghainn Fhearchair

Mo chridhe trom 's duilich leam Gur muladach a tha mi Bhon chuir mo leannan cùlaibh rium Gun d' thionndaidh mi ri bàrdachd.	4
Gur diombach mi gu sìorraidh Do liath cheann bràthair do mhàthar Nuair chuir e thaghadh sgliat mi 'S cha d'fhuair mi sìos ach Teàrlach.	8
Gun d' dh'innis thu dhomh na breugan 'S gur cianail rinn thu m' fhàgail 'S tu 'n oidhche sin le Iomhar Am bruthach shìos Ceann Araais.	12
B'fheudar dhomh mo chùlaibh A thionndadh ri Ceann Araais 'S an sruth a dh'fhalbh bhom shùilean Gu siùbhladh fear le bàt' ann.	16
Nuair a nochdas Seòras Le ad 's le còta bàn air Gun toir e i bhom ghualainn 'S mo chridhe truagh ga fhàsgadh.	20
Sguir mi dhan a' chèilidh 'S mo lèirsinn e gam fhàgail Mo shùil a' coimhead d' aodainn Gun dùin an t-aog na dhà dhiubh.	24
Cha dèan cìreadh chlàimheadh No sgur a chèilidh càil dhomh Gum b'fheàrr leat a' fear fuadain Gur mis' tha truagh thug gràdh dhut.	28

Ged is balach bochd mi
A' sgrìobadh shòp le gràpa
Gun d' ghabh an nighean uasal
An fhàinne bhuam gun tàmailt. 32

Ach ma chluinneas Fearchar
An sgeul a dh'fhalbh an-dràsda
Gu bheil a mhac dol gòrach
'S nach fhaigh e còir air Hàrag. 36

Cha chualas duine riamh
A chaidh crìoch a chur le gràdh air
Ach Uilleam Ros na ònrachd
'S bidh Eòghainn air an àireamh. 40

Notaichean

Bunachas: ss.1–40 Raonaid NicLeòid
ss.1–32, 37–40 Iain MacDhòmhnaill
ss.1–32, 37–40 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran seo an Sgarastagh c.1915 nuair a bha am bàrd an seirbhis Ruairidh Mhic-an-Lèigh, uachdaran Sgarastaigh Bhig. Bha *Eòghainn Fhearchair* – Eòghainn MacDhòmhnaill às an Ob, na ghille stàbail air an oighreachd agus nuair a thàinig Hanaig, nighean piuthair Mhic-an-Lèigh, dhachaigh dha Na Hearadh air làithean-saora, ghabh Eòghainn nòisean dhi 's e na bhalach òg. An latha a bha Hanaig a' falbh air ais gu tìr mòr bha Eòghainn an dùil gun cuireadh Mac-an-Lèigh esan sìos a Ròghadal chun a' bhàta leatha ach 's e fhuair sìos ach Teàrlach MacIllinnein (s.8), seirbhiseach eile agus chaidh Eòghainn a chur a thaghadh sgliatan. (IMD 1/1:095) Tha am bàrd ag ainmeachadh an luchd-obrach eile ma seach, ma b' fhìor gu robh iad a' suiridhe air Hanaig cuideachd; Iomhar MacFhionghuin (s.11), agus Seòras MacLeòid (s.17).

Tha an t-òran stèidhichte air fonn agus sèisd an òrain "Mo chridhe trom 's duilich leam," agus tha am bàrd air an t-òran a dhèanamh mar gum biodh Eòghainn fhèin a' bruidhinn ri Hanaig a tha air a chridhe a bhriseadh. Seach nach eil am bàrd ach a' tarraing a chois, ged tha, 's e òran gu math èibhinn a tha seo.

- 33 **Fearchar:** Fearchar MacDhòmhnaill, athair Eòghainn
39 **Uilleam Ros:** Am bàrd ainmeil Gàidhlig (1762-c.91) a thathar gu tric a' meas mar phrìomh bhàrd gaoil a' chànain san ochdamh-linn-deug 's a chaochail aig aois glè òg a rèir an t-seanchais bho chridhe briste 's e air gaol a thoirt don bhan-Leòdhasach, Mòr Ros, a phòs fear eile. (Calder 1937: xxvi–xxviii)

28. Oran na Làire

Thogainn fonn air a' làir mhòir Ho o ro gur i bha treun Nuair a shlaod i mi dhan t-Ob Sunndach òg 's i beò dhi fhèin.	4
Thàinig ormsa nì bha cruaidh Fras dhan luaidh a chur na ceann 'S nuair a thuit i bìdeag bhuam B'fheàrr leam a' bhò ruadh bhith ann.	8
Cha tèid mis' a dh'inns' a' chòrr Mun an tòrradh a bha ann Cha robh briosgaid 's cha robh càis' No stuth làidir cha robh ann.	12
Nam biodh stòras agam fhìn Chuirinn mìltean air a' gheall Nach robh d' àicheadh as an tìr Chumadh sgrìob riut as a' chrann.	16

Notaichean

Bunachas: ss.1–20 Calum MacDhòmhnaill
ss. 1–12 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran ann an Sgarastagh c.1915. Bha làir aig a' bhàrd agus b'fheudar dha cur as dhi nuair a laigh an aois oirre – rud a bha glè dhoirbh leis. (DIMD 1/1:376) Tha an t-òran a' nochdadh cho measail 's a bha e air an làir agus e ga moladh le bhith ag ràdh nach robh a leithid idir ann a bha cho math air treabhadh. (ss.13–6)

Tha sreathan 11–12 a' buntainn ris a' chleachdadh a bha ann air tiodhlaicidhean thar Ghàidhealtachd, nuair a bhiodh gach duine a' faighinn drama bheag agus greim bìdhe anns a' chladh. Gu tric 's e briosaidean agus càise a bhiodh aca. Bho linn nam Fuadaichean gu na 1930an cha robh daoine ceadaichte a bhith a' fuireach air taobh an iar Na Hearadh ach amhàin air an taobh an ear far am bheil an talamh creagach, neo-thorrach. Chan eil cladh idir air an taobh an ear air sàilleabh seo agus bhiodh aig muinntir nam Bàgh ri tighinn tro *Bhealach Creag an Eoin* le 'n cuid mairbh gu cladhan an taoibh an iar. Mar sin bhiodh iad feumach air rud a chumadh an cridhe riutha an dèidh dhaibh a' mhòinteach a shiubhal air chois.

6 **fras dhan luaidh:** Peileirean.

29. Oran Dhòmhnaill Eachainn

A Dhòmhnaill tha gunn' agad 'S gur neònach do chumadh leis 'S gun teicheadh beathach fiadhaich Rod ìomhaigh nam b'urrainn dha A Dhòmhnaill tha gunn' agad.	4
Nuair chaidh thu Ghob an Tòbhainn 'S a dhùin thu 'n t-sùil cho seòlta Mun cuala duin' a' bhòlas Bha leòn air an uile-bhèist A Dhòmhnaill tha gunn' agad.	8
Gu robh Iain Bàn cho cinnteach Gu faigheadh esan pìos dheth 'S bha Alasdair nan innleachd Ag innse nan cunnartan A Dhòmhnaill tha gunn' agad.	12
Gu robh Iain Bàn a' sgrìobadh 'S a' cruinneachadh le ìngnean Nuair fhuair e na bha dhìth air Chaidh pinnt chur dhan stumadsair A Dhòmhnaill tha gunn' agad.	16 20
Mas e 's gun cluinn am Bòrd e 'S gun tig am bian bho Dhòmhnaill Bidh 'n ol' airson a' bhòcaidh 'S bidh Dòmhnaill fo mhulad dheth A Dhòmhnaill tha gunn' agad.	24
'S ann againn bhios an t-annlan A' dol a-steach dhan gheamhradh Cha cheannaich sinn im Gallda 'S cha sheall sinn ri cùdaigean A Dhòmhnaill tha gunn' agad.	28

Notaichean

Bunachas: ss.1–30 Ruairidh MacDhòmhnaill
ss.1–30 Iain MacDhòmhnaill
ss.1–30 Dhòmhnaill I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran seo nuair a bha am bàrd a' fuireach ann an Caolas Stocanaidh am Bàigh Na Hearadh c.1920. Mharbh *Dòmhnall Eachainn*, Dòmhnall Moireasdan as Caolas Stocanaidh, ròn a bha ris a' chladach le gunna ach tha am bàrd ag ràdh mar spòrs gur e uile-bhèist a bha ann. (DIMD 1/1: 123) Bhithiste a' leaghadh saill a' bheathaich airson cungaidh-leighis an dà chuid do dhaoine agus do bheathaichean agus tha am bàrd a' dèanamh dealbh air caractaran a' bhaile a' feuchainn ri pìos fhaighinn dhan bhèist; *Iain Bàn* – Iain MacLeòid (s.9,1s.3) agus *Alasdair nan Innleachd* – Alasdair MacLeòid (s.11).

- 19 **stumadsair:** Peile a bhithiste a' cleachdadh gu tric airson a bhith a' giùlan rudan gu h-àraid ola an ròn.
- 21 **am Bòrd:** Bòrd Aiteachais na h-Albann - (An dèidh sin Roinn Aiteachais na h-Albann, ach theirear fhathast "Am Bòrd" riutha.) Bha am bàrd ag ràdh le spòrs gur ann a bheireadh am Bòrd bhuapa an ròn.
- 23 **a' bhòcaidh:** Bòcaidh – soitheach le cuibhlichean a bhiodh a' falbh air rèidhlichean. Tha an *Scottish National Dictionary* a' toirt a' mhìneachaidh, "Boaggie a light two wheeled vehicle." (Grant 1941: 192)

30. Drochaid an Dòchais

Drochaid an Dòchais ma chuirear san t-Sròrn i Thèid iomadh fear leòmach is pròiseil air <i>walk</i> Clachair gun eòlas cha tèid e le òrd ann Bidh Aonghas Nèill Mhòir a' toirt òrdan do chàch.	4
Ach 's fheudar dhomh innse mun chlachaireachd dhìreach A thog thu led innleachd 's nach dìobair gu bràth Le gliocas do chinn dhan a' Bhòrd bha thu dìleas Cha charaich i chaoidh 's i fo bhinn a' mhuir-làin.	8
Bidh tuiltean 's bidh uamhas ag èirigh ma bruaichean An Stoc-Cleith is fuaim aic' cur fuarain dhan t-sàl 'S a' loch tha 'n taobh shuas dhi cur crith oirr' le uamhas Ach clach as do shuath thu cha ghluais i gu bràth.	12
'S ged thigeadh MacAsgaill ged b' ainmeil an gaisgeach A thogail a' bhall' agus balaich toirt dha Bu shuarach nad shùilean ged chàireadh e cùrsa 'S ann bheireadh tu dùbhlán dh'fhear dh'ionnsaich a' cheàird.	16
Nuair thèid thu air d' fhiaradh 's a thionndas tu d' fheusag 'S tu duine cho brèagha 's a bha riamh anns Na Bàigh Chan innseadh tu breugan ged gheibheadh tu ceudan Tha d' airgead a' liathadh 's a' cur riadh dheth do chàch.	20
An Tarasach leòmach le fhìdeog na phòcaid Ag amharc sna neòil a bheil sgòthan gu h-àrd Chan fhan e gun dòirt iad 's e 'n fhìdeag is ceòl dha MacAsgaill san t-Sròrn 's boinn' o shròin a-measg chàich.	24
Tha 'n obair cho neònach 's na daoine cho seòlta Nuair nochdas an Dòmhnallach còir air an Aird Tha Alasdair seòlta 's gun càirich e Dòmhnall A' buinnig an òir ann an òtrach na bà.	28

Notaichean

Bunachas: Dhòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran seo c.1920 an Caolas Stocanaïs nuair a bha am bàrd a' fuireach anns Na Bàigh. Bhathar a togail na drochaide a tha fhathast air Ceann a' Bhàigh far a bheil Loch Stocanaïs a' tighinn a-steach eadar Aird-Mhighe agus Liceasto. (DIMD 1/1: 131) Thug am bàrd "Drochaid an Dòchais" oirre mar spòrs agus e ag ràdh cho eireachdail 's a bha i agus cho dìongmhalta 's a bhios i gu bràth. Ann a bhith a' moladh clachaireachd na drochaide, tha am bàrd a' stiùireadh a chòmhradh chun a' ghafair a bha air a' bhuidheann-obrach agus b'esan *Aonghas Ruadh Nèill Mhòir* – Aonghas Moireasdan (s.4) as Greòsabhagh a tha e ag ràdh a bheireadh dùbhlán do Ruairidh MacAsgaill, clachair ionnsaichte a bha air an Tairheart (s.13).

Ged a tha an t-òran gu lèir gu math aotrom, tha e èibhinn ann an dòigh gu math nas follaisiche bho sreath 20 a-mach agus am bàrd a' toirt dealbh inntinneach seachad air a' bhuidheann-obrach. A rèir DIMD b'e fìor dhuine breàgha a bha ann an Aonghas Moireasdan ach dh'fhaoidte gu bheil am bàrd a' magadh ann an sreath 19 nuair a tha e ag ràdh nach innseadh an dearbh fhear na breugan.

- 1 **an t-Sròim:** Sròim Chaolas Stocanaïs.
- 7 **a' Bhòrd:** Bòrd Aiteachais na h-Albann - (an dèidh sin Roinn Aiteachais na h-Albann.).
- 15 **Ged chàireadh e cùrsa:** Ged a chuireadh e sreath eile chlachan an sàs.
- 20 **Tha d' airgead a' liathadh 's a' cur riadh dheth do chàch:** Tha am bàrd a' cumail a-mach gu bheil imlich a chorragan aig Aonghas Nèill Mhòir dhan a bhith ag obair air an drochaid agus tha meirig liath no *verdigris* a' tighinn air a chuid airgid 's e a' sìor-fhàs pailt gu math an feadhainn a thig a-staigh air as a dhèidh.
- 21–3 **An Tarasach leòmach:** Dòmhnall MacIllinnein. B' esan an tràthdair a bh'orra agus nuair a shileadh i bheireadh e orra sgar a dh'obair agus chan fhaigheadh iad am pàigheadh airson an ùine a mhaireadh a' fras.
- 26 **An Aird:** Aird-Mhighe 's Na Bàigh.
- 27 **Alasdair:** Alasdair MacLeòid.
- 27 **Dòmhnall:** Chan eil cinnt cò bha seo ach 's iongantach mura h-e fear de mhuinntir nam Bàgh a bha ann.
- 25–8 **Nuair a nochdadh an Dòmhnallach:** An neach-tomhais. Bhiodh aig a h-uile duine ri bhith cho trang 's a b'urrainn dha nuair a chìtheadh iad e a' tighinn. Bha Alasdair cho seòlta 's gun toireadh e orra a bhith a' buinnig am bad sam bith faisg air làimh ged nach biodh graibheal idir ann – fhads a bhiodh coltas obrach orra.

31. Oran na Mònadh

Taigh air bheagan mònadh
Sòlas chan eil ann
H-uile neach cho brònach
'S sruth o shròin mar allt 4
Chì thu 'n coire mòr
'S e air an stòbh gun cheann
Làmh a' dol gu ùrlar
Air an lùths a chall. 8

Tha tè bhiorach chaol ann
'S aogaisg i air blàr
'S i air bheagan feòla
Air muin seòrsa chnàmh 12
Craiceann air an uachdar
Uain' air dhath an t-sàil
'S ma bhios càil a dh'fhuachd ann
Bidh oirr' tuar a' bhàis. 16

Notaichean

Bunachas: ss.1–8 Iain MacDhòmhnaill
ss.9–16 Raonaid NicLeòid

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran c.1926 nuair a thòisich aimhreit an fhearainn no an *Raideadh* anns an robh am bàrd gu mòr an sàs. Cha b'urrainn dhan a' bhàrd cumail air ag obair aig Mac-an-Lèigh an dèidh seo oir bhiodh e a' raideadh air talamh a' mhaighstir. (IMD 1/1:205) A-measg na bhiodh e a' dèanamh air an oighreachd, bhiodh aige ri mòine a bhuain ann an Gleann Chois-Leitir, faisg air an Ob, do Mhac-an-Lèigh agus rinn e an t-aoir a leanas, a' dèanamh dealbh dhan uachdaran agus a theaghlach an taigh gun chonnadh.

9 **tè bhiorach chaol :** Hàrag Nic-an-Lèigh, nighean an uachdarain.

32. Oran an Aigich

Caogaidh Ruairidh Mòr an t-sùil
Cò tha siud ach fear a' Bhùird
'S iongantach e thighinn an taobh-sa
Ann an Dùbhlachd geamhraidh. 4

Gu robh 'm Bonn-a-sia a' taomadh
Nuair a-nochd e air a' Mhaodail
Fhuair e làir is chuir e' n taod innt'
Tigh'nn gu faoin ga sealltainn. 8

Thòisich Dòmhnall a' Bhàird a' grìosad
'S e tha seo ach gnothach cianail
Tighinn an taobh-sa 'n àm-sa bhliadhna
'S gun an sìol ach gann oirnn. 12

Notaichean

Bunachas: ss.1–12 Raonaid NicLeòid
ss.1–12 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran c.1928. (DIMD) Bhiodh fear a' tighinn a dh'aon ghnòthaich bho Bhòrd Aiteachais na h-Albann le àigeach gu na croiteirean agus bhithiste ga fhaicinn a' coiseachd leis air ròp. Ged a shaoilear bhon òran gun tàinig fear a' Bhùird gun teagamh, a rèir Raonaid NicLeòid bha an sgeul na b' inntinniche. Bha bana-bhàrd, Seonag NicSuain, a bha cuideachd an Sgarastagh, glè thrìc ag obair a-muigh a-measg nam beathaichean agus an latha a bha seo bha i a' coiseachd le àigeach 's i a' dol leis dha chrùidheadh dhan cheàrdaich aig *Dòmhnall Ruadh a' Ghobha* san Ob. Bhiodh a' bhana-bhàrd agus Niall MacDhòmhnaill gu tric a gearradair eachd air a chèile agus rinn e an t-òran seo a dh'aon obair rithe 's e a' cumail a-mach gu robh muinntir an Taoibh Tuath, a tha eadar Sgarastagh agus an t-Ob, a' smaoin eachadh gur e fear a' Bhùird a bh' ann ged a bha Dùbhlachd a' gheamhraidh ann 's gum b' àbhaist dha na làir a bhith a' dol chun an àigich as t-earrach.

1 **Ruairidh Mòr:** Ruairidh MacLeòid.

5 **Am Bonn-a-sia:** Ruairidh MacDhòmhnaill.

7–8 **Fhuair e làir is chuir e 'n taod innt'**

Tigh'nn gu faoin ga sealltainn: Tha am bàrd a' dèanamh dealbh dhan Bhonn-a-sia a' falbh leis a' làir. Nuair a thathar a' toirt làir gu àigeach, feumar dèanamh cinnteach an toiseach gu bheil i air a shon no cuiridh i bho fheum e, m.e., tha cunnart ann gu feuch i air an àigeach le casan deiridh agus dhèanadh i cron air le a crùidhean. Mar sin, feumar an làir a chumail air an darna taobh de gheata agus a 'sealltainn' dhan àigeach. Chithear an uairsin ma tha i air a shon agus ma tha, thathar gan leigeil còmhla.

9 **Dòmhnall a' Bhàird:** Dòmhnall Moireasdan, an Taobh Tuath, bràthair màthar Nèill MhicDhòmhnaill agus mac Nèill Mhoireasdain, Bàrd Phabaigh.

33. Pàircean na Clèir

Am ministear grànnda gur spàgach a cheum
Gun fhois ach a' càineadh air sgàth Mhic-an-Lèigh
Cha mhòr a tha ghràs ann tha nàdar cho breun
Cha lùig e dha chàirdean bhith 'm pàircean na Clèir.

4

Notaichean

Bunachas: ss.1–4, Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
ss.1–2, Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran c.1926 nuair a bha aimhreit fearainn an Sgarastagh Bheag. (DIMD 1/1: 230) Tha cuid den òran nach eil freagarrach airson a chur an clò seach gur e aoir gu math goineach a tha ann agus tha cuideachd nan daoine fhathast a' fuireach san àite. Mar sin, cha d' fhuair ach an ceathramh seo a-mhàin.

Bha an t-Urramach Iain Carrach (1855–1930) na mhinistear air coithional Sgarastaigh bho 1910–30 (FES Vol VII: 190) agus bha e gu mòr air taobh an uachdarain. 'S ann air Gliob Sgarastaigh, talamh cho torrach 's a tha 's Na Hearadh a tha am bàrd a-mach nuair a tha e ag ràdh "pàircean na Clèir."

1 **Gur spàgach a cheum:** Cha robh a cheum dìreach no moralta.

34. Oran an Ràididh

Eisdibh rium a shluagh nam beannaibh
Thoiribh aire ghilleann òg'
H-uile neach a chluinn an duan seo
Togaibh suas e le deagh cheòl. 4

Chaidh ar càirdean chur air fuadach
Cuid dhiubh dh'fhuar bheannaibh a' cheò
'S a dh'Ameireaga air chuantan
Siud mar chuala sinn na sgeòil. 8

Thàinig saighdearan on bhàn-righinn
Dhan an àite seo gun chòir
'S dh'fhàsaich iad an taobh a b'fheàrr dheth
'S dha Na Bàigh gun deach an còrr. 12

Is nan àite chuir iad caoraich
Cuid dhiubh maol is damh nan cròic
Nuair a thòisich Blàir na Daorsa
Cha robh aon dhiubh air an leòn. 16

A' Phàrlamaid i 'n dèidh dùsgadh
Chaidil i car ùine mhòr
Ach ma gheibh mi mar tha dùil 'am
'S ann air Rìgh nan Dùl tha ghlòir. 20

A' Phàrlamaid a th'ann an-dràsda
Tha i fàbhar dhaoine mòr
Ach ma gheibh mi mar tha dùil 'am
'S ann a bhios a' chliù aig *Rose*. 24

Tha Loch Bhraoin a' dèanamh dicheall
Airson dimeas a chur oirnn
Chionn gun d' dh'àitich sinn na pìosan
Bh'aig ar sinn-seanair le còir. 28

Gàidheil bha sna beanntan uaine
Gheibhte fuarain ann ri òl
'S tha e 'n-diugh a' fàs fo chluarain
Far an dèanadh sluagh an lòn. 32

Seanairean a bha san àite
Seanmhairean nan armann còir
Cha b'e dìth nach d' fhuair iad àrach
Im is bainne blàth is feòil. 36

Ach nan gabhadh càirdean rian dhomh
'S mi gun iarradh orr' a' chòir
Iad a chur a-staigh MhicDhiarmaid
Dh'Eileanan an Iar a' cheò. 40

Chan eil fhios nach fhaiceadh daoine dàn dhomh
Rann no dha seo chur air dòigh
'S Dòmhnall Seadha aon nach fhàg mi
An t-urramach as fheàrr tha beò. 44

Notaichean

Bunachas: ss.1–44 Iain MacDhòmhnaill
ss.1–24,29–44 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Sgarastagh c.1929 nuair a bha Niall MacDhòmhnaill an sàs an aimhreit an fhearainn no ris an *Ràideadh* mar a theirear ris. Lean an *Ràideadh* cha mhòr ceithir bliadhna eadar 1926 agus an t-Samhain 1929 nuair a chaidh talamh a ghealltainn do na croitearan mu dheireadh thall. Bha am bàrd anns a' phrìosan airson sia mìosan ged nach b'ann air fad fiaraidh air sàilleabh 's cho diarrasach 's a bha e mu chàs an fhearainn. (IMD 1/1: 010)

Tha an t-òran gu math cumanta anns Na Hearadh agus cluinntear e gu math tric aig cèilidhean ionadail agus air a chraobh-sgaoileadh bho àm gu àm. Their cuid *Oran nam Fuadaichean* ris agus dh'innis DIMD bhon d'fhuairleadh an t-òran gur e *Oran an Ràididh* an t-ainm ceart a bha air agus an t-ainm a bha aig a' bhàrd fhèin air an òran. A rèir IMD, rinn athair na ceathramhan a tha a' buintinn ris na fuadaichean (ss.5–16, 29–36) fada mun do thòisich an *Ràideadh* ach gun do chuir e na ceathramhan a tha a' buintinn ris an àimhreit seo (ss.17–44) ris an òran an dèidh làimh agus thug e *Oran an Ràididh* air an uairsin. Dh'fhàgadh na ceathramhan anns an òrdan 's am bithear gan seinn an-diugh agus a rèir DIMD b'ann mar seo a bhiodh am bàrd fhèin gan gabhail agus ged a thathar a' leum eadar an dà chuspair tha ceathramhan nam Fuadaichean mar sheòrsa de sgàthan eachdraidheil air mì-cheartais àm an Ràididh.

- 12 Tha am bàrd a' cuimhneachadh air nuair a chaidh talamh torrach, machrach taobh an iar Na Hearadh fhuadach airson àite a dhèanamh airson frìth fhiadh agus chaorach. Chuireadh an cuid sin nach deacha a-null thairis gu cladaichean creagach, mì-thorrach an taoibh an ear no Na Bàigh airson an lòn a dhèanamh.
- 15 **Blàir na Daorsa:** An Cogadh Mòr.
- 16 **Cha robh aon dhiubh air an leòn:** Tha am bàrd ag ràdh nach robh feum sam bith sna caoraich 's anns na fèidh nuair a thàinig àm a' Chogaidh. Sin as coireach nach deach an leòn. Bidh cuid a' seinn "Cha robh aon dhiubh air an lòn" ach a rèir DIMD tha seo buileach ceàrr agus millteach air ciall an òrain.
- 17 **A' Phàrlamaid i 'n dèidh dùsgadh:** Bha taghadh Pàrlamaid gu bhith ann.
- 21 **A' Phàrlamaid a th'ann an dràsda:** An Riaghaltas Tòraidheach (1924–29) fon Phrìomhaire Stanley Baldwin. (Butler 1986: 17)
- 24 **Rose:** John Rose – bàillidh a bha aig Roinn an Aiteachais anns Na Hearadh aig àm an Ràididh.
- 25 **Loch Bhraoin:** Ruairidh Mac-an-Lèigh, uachdaran Sgarastaigh Bhig a bha na Raiders ag àiteach. B'ann as Loch Bhraoin a bha e (Harris Historical Society 1986: 4) agus bhiodh muinntir an àite a' gabhail seo air.
- 28 **Bh'aig ar sinn-seanair le còir:** Bha Coinneach Moireasdan – *Coinneach mac Nèill* – athair a' Bhàird Phabaich agus sinn-seanair a' bhàird a' fuireach ann an Sgarastagh ro linn nam fuadaichean.

- 31 **Tha e 'n-diugh a' fàs fo chluarain:** Dh' fhaoidhte gu bheil am bàrd a' beachdachadh air ìomhaigheachd a' Bhìobaill an seo:
"*Agus droighionn agus cluarain bheir e mach dhuit, agus ithidh tu luibh na macharach.*" (Genesis 3:18) 'S e lus gun fheum, a bhitheas a' fàs a-measg a' choirce a tha anns a' chluaran, ach a bhios cuideachd a' greimeachadh an talamh a tha air fhàgail bàn – ìomhaigh gu math drùidhteach.
- 39 **MhicDhiarmaid:** Iain MacFhionghuin MacDiarmaid (1845–?) a rugadh am Muile agus a bha na neach-tagraidh do na Laboraich sna h-Eileanan Siar ro thaghadh-pàrlamaid 1929 agus a thàinig san darna àite. (Oifis Roinn-Phàrlamaid nan Làborach sna h-Eileanan Siar.)
- 43 **Dòmhnall Seadha:** Am fear-lagha a bha a' dìon na raiders sa chùirt-lagha. (Inverness Courier 9. 4.1926)

35. Oran Molaidh do Na Hearadh

Chì mi 'n tìr san robh mi nam bhalach
Ghealladh dhuinn e 's cha bhi sinn falamh
Chì mi 'n tìr san robh mi nam bhalach.

Ceann na Tràghad far 'n d'fhuair mi m' àrach 4
Chan eil nas àille 's muir-làn a-steach air.

Aite 's àille rinn grian air deàrrsadh
Tha muir is tràigh ann 's beinn àrd nam shealladh.

Pairc nam Mònadh far robh mi eòlach 8
Nuair bha mi òg ann gun bhròg mum chasan.

Damh nan cròicean air srathan mòintich
Bidh pìos aig Eòghainn dha fheòil as t-earrach.

Gur mi bhiodh deònach a' siubhal mòintich 12
A-measg nan òighean far an òlainn bainne.

Mi ceithir bliadhna 's an lagh gam riasladh
Chan fhaigh mi sìol chur am bliadhn' a thalamh.

Maighstir Stiùbhart an duine cliùiteach 16
Ruaig e 'n t-Iùdhach is chum e 'n talamh.

Gun tug iad ionnsaidh air Maighstir Stiùbhart
'S nuair dhòirt am mùn air bha chùl ri talamh.

Bha mi 'n Sgarastagh a' feitheamh talmhainn 20
Gun d' dh'fhàs mi searbh ann – bha 'n aimsir fada.

Notaichean

Bunachas: ss.1–20 Iain MacDhòmhnaill
ss.1–18 Raonaid NicLeòid
ss.1–18 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Sgarastagh eadar an t-Samhain 1929 nuair a chaidh talamh a ghealltainn dha na *Raiders* agus a' Mhàirt 1930 nuair a ghluais Niall MacDhòmhnaill le theaghlach gu Losgantir far an d'fhuair iad fearann dhaibh fhèin. Tha cuimhne aig IMD gun robh iad fhathast gun ghluasad nuair a rinn athair an t-òran. (IMD 1/1: 192) 'S e òran molaidh a tha ann 's a' chiad dol a-mach 's am bàrd a' beachdachadh air maise nàdair mu thimcheall air Losgantir far an robh e a' dol agus a tha faisg air Cleite na Ducha far an do rugadh e. Tha faireachdainnean làidir mu aimhreit an fhearainn a' tighinn am bàrr sna sreathan mu dheireadh.

Tha fonn agus cruth an òrain stèidhichte air òran ainmeil Hearach a rinneadh le Iain MacCuthais - *Iain Dhòmhnaill MhicCuthais* as Na Baigh:

Chì mi'n tìr san robh mi nam bhalach
Tìr na suinn Leac-a-Lì nam shealladh
Chì mi'n tìr san robh mi nam bhalach. (DIMD)

'S e MacCuthais a rinn a' chiad 'Chì mi'n tìr', ach rinn bàrd eile, Coinneach MacPhàdraig, a Srannda an ceann a deas Na Hearadh òran air an aon fhonn cuideachd. Mar sin tha trì òrain fa-leth ann air an aon fhonn agus faisg air an aon sèisd agus na trì a' moladh Na Hearadh. Ged a tha gach òran fìor mhath leis fhèin, tha cuid gan cur an ceann a chèile agus a' call brìgh agus ciall na bha gach bàrd ag ràdh. Cluinnear gu tric sreathan 3–6 agus ss.11–12 de dh'òran Nèill MhicDhòmhnaill a-meas an dà òrain eile.

- 2 **Ghealladh dhuinn e 's cha bhi sinn falamh:** An gealladh a fhuair na daoine bhon Riaghaltas san t-Samhain 1929 gu faigheadh iad fearainn dhaibh fhèin.
- 11 **Eòghainn:** Eòghainn MacIllinnein a bha an sàs an aimhreit an fhearainn an Sgarastagh, a bha sa phrìosan còmhla ris a' bhàrd agus a ghluais a Losgantir le theaghlach sa Cheitean 1930.
- 14 **Mi ceithir bliadhna 's an lagh gam riasladh:** Bha am bàrd agus na *Raiders* eile an sàs an aimhreit an fhearainn bho 1926 gus an t-Samhain 1929 – faisg air ceithir bliadhna.
- 16 **Maighstir Stiubhart an duine cliùiteach:** Am fear lagha a bh' aig Roinn Aiteachais na h-Albann.
- 17 **Ruaig e 'n t-Iubhach is chum e 'n talamh:** 'S ann air *John Lucas Venables* aig an robh Losgantir mun d'fhuair Roinn an Aiteachais a tha am bàrd a-mach. 'S Na Hearadh co-dhiù bithear ag ràdh gur e 'Iùdhach' a tha ann an cuideigin a tha geur air an airgead. Chuala DIMD duine àraid ag ràdh mu cheannaiche san àite, "Ged a dheidheadh e tro Shamaria cha dèanadh na coin comhart ris."
- 18 **Maighstir Stiubhart:** *Poileasman* a bha san t-Ob aig an àm. A rèir an t-seanchais, nuair a bha troimh-chèile an Sgarastagh mun talamh, thàinig am

poileasman agus chuir mnathan nan *Raiders* teiche air nuair a dhòirt iad làn poite de mhùn goirt air a bha iad a' glèidheadh airson maistir. (DIMD)

- 20-1 A' coimhead air ais air aimhreit an fhearainn. Dh'fhaidte gun do rinn e na sreathan seo an dèidh dhaibh tighinn a Losgantir no dh'fhaidte gu bheil e a' coimhead roimhe 's e fhathast an Sgarastagh.

36. Ceathramh a' Chòmhlain

Tha 'm post is Tormod 's Eòghainn ann
Ceit air stòl 's Iain Bàn
Siud iad air an cunntais dhuibh
'S na shuidh an cùil am Bàrd

4

Notaichean

Bunachas: Iain MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an ceathramh seo ann an Losgantir c.1930, goirid an dèidh dhan bhàrd 's a theaghlach tighinn a Losgantir. Bha 'd a' fuireach ann an taigh ris an canadh iad an "taigh dearg" fhads a bhathar a' togail an taighe aca fhèin. Aon latha nuair a bha cuid de mhuinntir a bhaile a-staigh, thòisich iad air a' bhàrd gus ceathramh òrain a dhèanamh a dh'ainmicheadh a h-uile duine a bha staigh. Rinn am bàrd an ceathramh dìreach air làrach nam bonn. (IMD 2/2:216)

Bha e an ìre mhath cumanta a bhith ag iarraidh air bàird òrain no ceathramh òrain a dhèanamh de leithid agus bhiodh seo na fhearas-chuideachd mhòr dhaibhsan a bhiodh an làthair 's a bhiodh air an iomradh ann.

- 1 Crisdean MacRath, Tormod Moireasdan agus Eòghainn MacIllinnein.
- 2 Cèit NicDhòmhnaill – bean a' bhàird agus Iain MacDhòmhnaill – a mhac. (IMD)

37. Ceathramh an Fhèidh

Illean Chràgo ho-rì
Illean Chràgo ho-rò
Illean Chràgo ho-rì
Fhuair sibh tàire gu leòr. 4

Ach a' fear bha fuireach thall
Bha e gealltach air feòil
Fhuair e chuid bho Dhòmhnall Khing
'S dh'fhàs e tinn air droch dhòigh. 8

Notaichean

Bunachas: ss.1–8 Calum MacDhòmhnaill
ss.1–8 Dhòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinn am bàrd an ceathramh seo mar fhreagairt don òran a leanas a rinn Aonghas Moireasdan – *Aonghas Shiosam* – às Seileabosd c.1937 goirid an dèidh do thaobh an iar an eilein a bhith air a shuidheachadh. Bha fiadh air tighinn a-nuas gu fighdeach Sheileaboisd agus rinn Aonghas an t-òran a tha a' dèanamh dealbh de characteran a' bhaile a' sealg air an fhiadh.

Illean Chrago ho-ri
Illean Chrago ho-ro
Illean Chrago ho-ri
Fhuair sibh tàire gu leòr. 4

Mur b'e Spotaidh bhith cho luath
Bha i shuas sa bheinn mhòr
Fear an *tam* ga chur gu cruaidh
Thug i buaidh air a' chòrr. 8

'S gun robh Iain air an tràigh
Mar a' gheàrr air an lòn
Agus Calum Dubh Iain Bhàin
'S e le làmhag na dhòrn. 12

Dh'fhàg Iain Sheonaidh obair fhèin
Cluinntinn èigheach bha mòr
Thilg e spaid dhan an tòrr aoil
Gheibh sinn caob dhan a' chòrr. 16

Dh'innis an Tarasach a-nall
Gur e 'n fhirinn a bh'ann
'S gu robh Peigi leis a' cheann
'S i ri sealltainn na ròic. 20

Nuair a thug iad e gu tìr
Rinn iad pìosan dhan fheòil
Am poca-buidhe aig Dòmhnall Khing
Air a dhruim ann an ròp. 24

Gu robh Iain Beag na b'fheàrr
Nuair bha càch len cuid ròp
'S ann bha 'm baidhsagal fò mhàs
Sgian a bhrathar na dhòrn.

28

Cha robh *Dòmhnall Khing* – Dòmhnall Moireasdan air a dhòigh mun cheathramh anns an robh e fhèin air ainmeachadh (ss.23) agus bhathar ag ràdh air feadh an àite gur e Niall MacDhòmhnaill a rinn an t-òran. Bha amharas aig cuid gur e Aonghas Moireasdan a rinn e ach chaidh Dòmhnall Khing a-null a Losgantir a dh'fhoighneachd dhan bhàrd an e a rinn an t-òran. Thuir Niall MacDhòmhnaill nach b'e agus dh'iarr Dòmhnall air an uairsin ceathramh a dhèanamh air ais airson gun gabhadh e 'n t-òran do dh'Aonghas ma b' fhìor gun do rinn am pìos fèidh a dh'ith e fhèin diofar air. Tha e cudthromach nach eil e ag ainmeachadh Aonghas idir ach bha an obair tomhais a' cur ris an spòrs a bhiodh san àite.

38. Oran na Bà

Bullock is i gluasad dol mun cuairt san *stall*
Uilleam leis a' lòchran cur air dòigh an t-snàth
Siosar beag na phòcaid, snàthad mhòr no dhà
MacRath is e toirt òrdan, "Tòisich mun mhuir-làn." 4

Gun d' rinn Ruairidh ùrnaigh bu dhùrachdach san *stall*
Cha do lùb e ghlùinean 's ann bha shùil an àird
Uisge tigh'nn far airgid an ainm an fhir nach b'fheàrr
'S a' chuid nach d' rinn e òl dheth dhòrtadh e na mhàs. 8

'S ann thuirt mac a' Chìobair, "Stad gun inns' mi *yarn*
Beathach math dha-rìreabh trì bhliadhnach am pàirc
Cha robh broilein riamh ann airson feur a chnàmh
Reiceadh e san Oban 's fhuair e 'n còrr air càch." 12

Dh'fhoighnich e dha mhàthair an robh chàirdean beò
"Mis' a' dol a Bheàrnaraigh an àit' an Dotair Mhòir
Peathraichean is bràithrean, màthraichean gu leòr
'S cha bhi ìmleag Beàrnaraich nach bi snàth ma sròin." 16

"Ma bhios duin' a' foighneachd cò a rinn an dàn
Mis a rinn an t-òran, Mòrag a' Mhoil-Bhàin
Rinn mi ceathramh bòidheach dhan adh mhòr mu thràth
'S dh'fhàg siud am bliadhn' e dol bho rian le dàir." 20

Ceannag 's i cho moiteil, bocadaich mar gearr
"Mise màthair dotair nì na bochdan slàn
Thig e moch is ana-moch 's falbhaidh e gun dàil
Chan ionnan sin 's na salchair bhios a' falbh le càr. 24

Sin mar a thuirt Santa "Liath mi as Na Bàigh
Cha chuala mi breug aig fear eile riamh nas fheàrr
Dh'fhoghnadh sin dhut dìreach innse dhan a' cheàrd
'S a' fear a bhiodh gad èisdeachd cha b'e fhèin a b' fheàrr". 28

Notaichean

Bunachas: ss.1–28 Iain MacDhòmhnaill
ss.1–28 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
ss.1–28 Ruairidh Ailig Moireasdan
ss.1–8,21–28 Raonaid NicLeòid
ss.1–8 Peigi Ceit NicAoidh

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1940. Am measg nan croitearan a bha air tighinn a dh'fhuireach a Losgantir bha Uilleim MhicFhionghuin – *Uilleam Iain I'n Bhig* agus a theaghlach a thàinig às Cliuthar. Cha robh fearann aca fhèin ann an Cliuthar idir 's air sàilleabh sin tha am bàrd a' dèanamh spòrs air nach robh iad eòlach air a bhith a' cumail chruidh. Nuair a thàinig iad a Losgantir fhuair iad bò air an tug iad *Bullock* (seach gun robh adhaircean mòra oirre) ach nuair a thàinig a h-aimsir cha robh fios aca mar a dhèanadh iad rithe. Nuair a rugadh an laogh bha dùil aca gu feumadh iad imleag a cheangal mar a dhèanaist air leanabh. (IMD/DIMD 1/1: 403)

- 3 **Siosar beag na phòcaid, snàthad mhòr no dhà:** Uidheamachd airson imleag an laoigh a cheangal.
- 4,5,9 **MacRath:** Ruairidh MacRath – *Ruairidh Dhòmhnaill a' Chìobair*.
- 7 **Uisge tigh'nn far airgid an ainm an fhir nach b'fheàrr:** Seann chleachdadh bhuidseachd.
- 14 **an Dotair Mhòir:** An Dotair MacLeòid a bha an Loch nam Madadh agus a bhiodh a' dol a Bheàrnaraigh. Tha am bàrd a' spòrs gu bheil e cho math ri dotair 's gun dèidheadh aige air leanabanan a ghabhail.
- 18 **Mòrag a' Mhoil-Bhàin:** Mòrag NicDhòmhnaill – *Mòr Lecsigh* – a thàinig far a' Mhoil-Bhàin faisg air Cliuthar a Losgantir.
- 21 **Ceanag:** Ceannag NicFhionghuin – màthair Uilleim MhicFhionghuin.
- 24 **na salchair a bhios a' falbh le càr:** A' càineadh dhotairean aig an robh càr ach a bha leisg air tighinn a-mach a shealltainn air daoine.
- 25 **Santa:** Iain MacFhionghuin – athair Uilleim MhicFhionghuin.

39. Oran Galar nan Cat

Mile marbh-phaisg air a' ghalar A thàinig air bhan dhan àite Cha do dh'fhàg i cat an taobh-sa Nach do chuir i ùir mu thràth air Chluinn mi 'n-diugh na rodain mhòra 'S iad a' còmhradh anns a' bhàthaich H-uile fear a' moladh Chrìsdein Mionnachadh nach mill iad bàrr air.	4 8
Ach cha mhionnaich Fear a' Chladaich 'S e nach fhaigh an cadal sàmhach Nuair a chluinn e iad a' tighinn 'N àm dhaibh a bhith sireadh bhàirneach 'S tric a bhios a' bhean ag èigheach Las an solas, gleus do làmhag Cluinn an sgreideil air a' bhèisd ud Siubhal air <i>parade</i> an-dràsda.	 12 16
Gura tric a chì mi Fionnlagh Falbh na lùgan aig a' bhàthaich 'S an cù ruadh aig' air a chùlaibh Eagal air gun tionndaidh plàigh air 'S e gan stiùireadh gu <i>John Norman</i> 'G èigheach gu bheil <i>corn</i> sa bhàthaich Nuair a dh'itheas sibh ur leòr dheth Laighidh sibh an còsan blàtha.	 20 24
'S ann a sin a dh'èigheas Iain Chan eil sgeul agam air làmhag Feuch am bata leis a' mheuran 'S bheir mi stiallan cus nas fheàrr air Cluinn am fear a th'anns an doras Foighneachd mun a' phost a tha e Ma thig e staigh bheir e rùm air Cha bhi dùil aige ri fhàgail.	 28 32

Ged tha mise shìos sa Bhuailidh
'S tric a chluinn mi fuaim sa bhàthaich
On a dh'fhalbh a' phiseag ruadh
A bha gan ruagadh às an àite 36
Leis a' ghalar a bha millteach
Thug i sgrìob air feadh gach àite
Mharbh i 'n crodh 's gur nàir' bhith 'g innse
Gur e Crisdean thug dhan àit' e. 40

Mura bi sibh buileach còirdte
Cumaibh air mac Dhòmhnaill pairt dhiubh
Gheibh sibh biadh aig Lecsigh Ruairidh
Chan eil cat mun cuairt an-dràsda 44
Sibhse dh'fhaodas a bhith dòigheil
Nuair a bheir MacLeòid dhuibh àite
Fuirichidh sibh an sead na mònadh
Goididh sibh gach còrr thèid fhàgail. 48

Nuair a thèid mi suas am baile
'S ann a chì mi 'n sealladh grànda
H-uile fear as fhaide feusag
A cheann ri chliathaich air a' ghàradh 52
Ag èigheach mu na *rations* fheòla
An d'fhuair thu tiocaid dhomhs' a nabaiddh
Reicidh mise feòil bò Thormoid
Air leth airgid 's na nì càch riut. 56

Sin mar a thuirt *Santa*
Chan ann a' fanaid a tha mi
Chan eil fios nach e *secret weapon*
A tha *Chamberlain* a' ràitinn 60
Dh' fhaodadh e tighinn ann am *parcel*
Chan eil fhios againne nach tàinig
Sguiribh a chur sìos air Crisdean
Seirbhiseach an Rìgh mo nàire. 64

'S ann a dh'èireas fear na sheasamh	
Feuch nach teich thu bheir mi <i>card</i> dhut	
Chì thu sgrìobhte le do shùilean	
Prìs na dùthchadh mar a tha i	68
Mise mach bhon <i>food controller</i>	
Mar tha poileasman an àite	
'S cuiridh mi Micealan dhan phrìosan	
Ma thogas e phrìs nas àirde.	72

Notaichean

- Bunachas:** ss.1–72 Niall MacDhòmhnaill
 ss.1–24, 33–6, 39–40, 57–64 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
 ss.1–24 Iain MacDhòmhnaill
 ss.1–24 Raonaid NicLeòid
 ss.1–16, 57–64 Peigi Ceit NicAoidh

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran seo an Losgantir c.1945. A rèir IMD, thug Crisdean MacRath, am post, piseag gu *Mimi* – Peigi Ceit NicAoidh – 's i na h-ighinn bhig an Losgantir. (Bhiodh Crisdean a' loidseadh an Taigh a' Chladaich agus an uairsin anns an loids comhla ris an teaghlach Mhoireasdanach an Losgantir dà oidhche san t-seachdain.) (PCNA) Goirid an dèidh sin thàinig galar nan cat dhan bhaile agus tha am bàrd a' cumail a-mach gur e Crisdean as coireach ris. (IMD 1/1: 046) 'Se òran èibhinn a tha seo a tha a' nochdadh mac-meanmhainn gheur, m.e. nuair a tha am bàrd a' sealltainn cho measail 's a bha na rodain air Crisdein 's gun cuala e iad ga mholadh 's a' "mionnachadh nach mill iad bàrr air."

Bhiodh bàird o shean ag aoireachadh nan rodan agus tha 'n t-òran gu math coltach ri Oran na Rodan (Oran 24) a rinn Niall Moireasdan, seanair a' bhàird. Coltach ri sheanair tha am bàrd an dà chuid a' mollachadh nan rodan agus a' magadh air muinntir an àite aig a' cheart àm le dealbhan èibhinn dhaibh a' teiche bhuapa. Far an robh Bàrd Phabaigh a' cur a' choire air Ruairidh airson na rodain a thàladh, tha Niall MacDhòmhnaill a' cur a' choire air Crisdean airson cur as dha na cait a bhiodh a' marbhadh nan rodan.

- 9 **Fear a' Chladaich:** Iain Moireasdan – *Iain a' Chladaich*, Losgantir.
- 17 **Fionnlagh:** Fionnlagh MacIllinnein – *Fionnlagh Mòr na Falklands* a thàinig à Scalpaigh a Losgantir.
- 21,25 **John Norman:** Iain Moireasdan – *an Cròicean*, Losgantir. Theirear Iain Thormoid ris cuideachd seach gur e Tormod a bha air athair ach 'se deagh eisimpleir a tha an-seo de gheur-chainnt a' bhàird oir tha e air an sloinneadh Gàidhealach seo eadar-theangachadh gu Beurla an dà chuid airson còmhardsadh agus airson rud annasach fhighe a-steach don òran.
- 22 **corn:** Cha chleachdadh am bàrd càil ach 'eòrna' na chòmhradh ach seo eisimpleir de fhacal-iasaid air ùisneachadh airson còmhardsadh.
- 33 **sa Bhuailidh:** Buaile Rosamol far a bheil taigh a' bhàird.
- 33,57 **Santa:** Iain MacFhionghuin.
- 42,46 **mac Dhòmhnaill/ MacLeòid:** Dolaidh MacLeòid – *Dolaidh Dhòmhnaill Bhàin*
- 55 **feòil bò Thormoid:** bha bò le Tormod MacLeòid air bàsachadh an deidh a dhol le sgeir dhan chladach agus tha am bàrd ag ràdh gum bi e a' reic na feòla. (IMD 1/1:167)
- 60 **Chamberlain:** Neville Chamberlain – Ministear na Slàinte 1924–29 (Butler 1986: 88)
- 64 **Seirbhiseach an Rìgh:** Ag amas air mar a bha Crisdean ag obair dhan a' Phost Rìoghail.
- 65 **Micealan:** Aonghas MacCuthais – ceannaiche as Leacail.

40. Oran nan Caorach

'S o hu o hò mo nìghneag
'S o hì o hò mo nìghneag
'S o hu o hò mo nìghneag
Gu dè nì mi mur faigh mi thu?

'S e 'm baile seo tha cianail
Tha còrr agus leth-cheud bhuainn
'S mi sgìth a-muigh gan iarraidh
'S iad shìos ac' anns na baraillean.

4

'S ann their iad rium gu dàna
Gur ann a chaidh am bàthadh
'S gun d'fhuair iad an Aird Asaig
An cnàmhan air na cladaichean.

8

Tha *Santa* 's e cho tùrsach
Bhon chaill e caora chùlain
A b'fheàrr a thogadh rùda
Chan fhaic a shùil ri mhaireann i.

12

A' chaora bh'aig mo nàbaidh
A-muigh aig Pol an t-Sàlmoin
Gun tug iad às an àit' i
'S cha d' dh'fhàg iad air an talamh i.

16

Cha tàinig Dòmhnall Sgiathanach
Le bàta seo gan iarraidh
Bha càirdean aig mo liagh ann
'S cha deach iad riamh an ainneamhachd.

20

Ach 's aithne dhomh gu leòr dhiubh
A bh'ann bho làithean m' òige
A bheireadh dhiot na brògan
Nam biodh tu leòint' gun charachadh.

24

Gur mis' a dhèanadh an gàire
Nan cluinninn bàs a' mheàirlich
Chan fhaodadh iad a chàradh
Ach fhàgail aig na starragan.

28

Notaichean

Bunachas: ss.1–24 Iain MacDhòmhnaill
ss.1–24 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1945. Bha feadhainn a' goid chaorach sa bhaile agus ged a tha an t-òran aotrom gu ìre, tha am bàrd dha-rìreabh a' maoidheadh air na meàirlich. (DIMD 1/1: 265) Tha e aithnichte bhon òran gu bheil amharas aig a' bhàrd air cò iad a tha a' goid nan caorach agus e ag ràdh "'S iad shìos ac' anns na barailtean." (s.4) Dh'fhaoidte gu bheil am bàrd a-mach air feadhainn de mhuinntir nam Bàgh a seo 's e a' cumail a-mach gu bheil na caoraich a tha esan a' lorg air an sailleadh aca ann am barailtean. Ann an sreathan 17–20 tha e a-mach air an-ìochdmhorachd nam meàirleach le bhith ag ràdh gun toireadh iad na brògan dhiot "Nam biodh tu leòint' gun charachadh." (s.20) Tha an dealbh seo gu math cumhachdach seach gu bheileas a' gluasad an luchd-èisdeachd gu bhith gan samhlachadh ri cuid de dh'eun-laith an adhair a ghabhas brath air beathach leòinte. Tha an dealbh seo air a dhaingneachadh sa cheathramh mu dheireadh far a bheil am bàrd e fhèin a' maoidheadh gum fàgadh e corp a' mheàirlich aig na starragan. (s.21–4)

9 **Santa:** Iain MacFhionghuin.

10 **caora chùlain:** Caora le cearcall dubh no donn mu h-amhaich.

17 **Dòmhnall Sgiathanach:** Sgiathanach a bha a' goid chaorach aig an àm agus a bha air iomradh sna pàipearan ionadail. (DIMD)

41. Oran an Ròin

Gur muladach mise 's mi seo gun duin' idir
A leughas no thuigeas no sheinneas mo dhàn
Mi sgith dèanamh òran a mhuinntir gun tròcair
Mar dh'fheann iad an ròn 's nach tug òirleach dheth chàch. 4

'S e Dolaidh a dh'inns' e gun robh e na shìneadh
Bha breac air mar tìgear is ingnean an àird
Bha Ailig cho cinnteach 's bha duilleag sa Bhioball
Gu faigheadh e pìos dheth gun innse do chàch. 8

Bha Fionnlagh cho eòlach air feannadh an còmhnaidh
'S ann thionndaidh e 'n ròn air a spòig air an tràigh
Nuair shrìochd e mun tòin e cha d'fhuair e dheth òirleach
Seann bhiast chaidh a leòn 'n toiseach òig' air *Rockall*. 12

Gun d' dh'fhalbh iad cho cùbach a' cumail sna cùiltean
Am bascaid rin taobh 's sinn an dùil i bhith làn
Bha cailleachan na dùthcha a' ruith air na bùithean
'S chan fhaigheadh iad drùidh dhith 's a' *flu* anns an àit'. 16

An toiseach na h-oidhche gun d' thòisich *reafuidhneadh*
Bha dìthis ga roinn fad na h-oidhche gun tàmh
Na botail gan lionadh, bha prìs air an cliathaich
Bha ochd tasdain deug air a sia dhiubh 's iad làn. 20

Thuir Mairi bean Dhòmhnail ""S e th'ann dhuibh ach tròcair
Gun d'fhuair sibh an seòrsa 's gun chòir oirr' aig càch
Tha mise cho eòlach MacGillip 's a' stòr aig'
Tha tasdan is gròt air an t-seòrsa 's iad làn." 24

Thuir Santa 's e grìosad ""S e tasdan bha riamh oirr""
Thuir Ailig "Tha bhreug ann bha riamh oirr' a dhà
Cha phàigheadh e dhomhsa bhith dèaladh rid sheòrsa
Gun d' mhill mi mo mheòir a bha leòinte mu thràth." 28

Tha Ceanag air liathadh 's gun d' dh'innis i na breugan
 Nach fhaigheadh i deur dhith 's i shìos anns Na Bàigh
 Bha chuibheal a' sgiamhail le tioramachd nan iarann
 'S thuirt Fionnlagh nach b'fhiach i gun d' lìon i le sàl. 32

Nuair thàinig Urlaidh a-nuas chun an taobh-sa
 Gu faigheadh e drùth dhith dhan rùd' aig Iain Bàn
 'S ann a mhaoidh e do shùilean a *bhlastadh* mar fùdar
 Mur biodh e mar cù dol a dh'ionnsaidh nam Bàgh. 36

Ceatag bean Fhionnlaigh i feitheamh le dùrachd
 An craiceann co-dhiù a bha dùil fhaighinn slàn
 Gun cual' i aig Fionnlagh nach b'fhiach leis a ghiùlan
 'S gun d' chath e gun diù e na lùb ann an càrn. 40

'S tha 'n crodh anns a' chòrnair a' togail sìol sròine
 Gach aon dhiubh cho pròiseil 's tha 'm Pòl a-measg chàich
 Bidh 'n ol' air a dòrtadh am pàircean a' chlòbhair
 'S bidh Sonas aig Cròicein air eòrna gun bhàrr. 44

Thuirt Angaidh "A Chrìosdaidh na innis e gu sìorraidh
 Gu robh thu ga h-iarraidh air siachairean grannd'
 Bheir mis' air na Diabhail mun teirig a' bhliadhna
 Gum pàigh iad le riadh e ma dh'iarras iad càil." 48

Notaichean

Bunachas: Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1945. Thàinig ròn air a' chladach (IMD/DIMD 1/1: 350) agus tha am bàrd a' dèanamh dealbh air caractaran a' bhaile a' falbh nan cabhaig a dh'iarraidh pìos dheth. Bha iarradas mhòr air saill a' bheathaich a bhithiste a' cur gu iomadh feum agus bhithiste ga chleachdadh gu tric mar chungaidh-leighis. Tha iomradh air a seo ann an sreath 16 far a bheil am bàrd ag ràdh gun robh muinntir an àite ag iarraidh na h-ola 's "am flu" anns an àit'.

'Se òran aotrom a tha seo a bhiodh na dheagh chur-seachad sa bhaile seach gu bheil am bàrd a' toirt iomradh èibhinn air dusan caractar as baile Losgantir 's iad uile air an dealbhachadh an darna cuid ag ràdh rudeigin èibhinn, ag argamaid a-measg a chèile no a' dèanamh rudeigin amaideach nan strì gus pìos dhan ròn fhaighinn.

- 5 **Dolaidh:** Dòmhnall MacLeòid – *Dolaidh Dhòmhnaill Bhàin*.
- 7,26 **Ailig:** Ailig MacRath – *Ailig Dhòmhnaill a' Chìobair*.
- 9 **Fionnlagh:** Fionnlagh MacIllinnein – *Fionnlagh Mòr na Falklands*.
- 17 **'refuidhneadh':** bhon fhacal Bheurla *refining*.
- 21 **Màiri:** Màiri NicRath – *bean Dhòmhnaill a' Chìobair*.
- 21 **Dhòmhnaill:** Dòmhnall MacRath – *Dòmhnall a' Chìobair*.
- 23 **MacGillip:** Tormod MacGillip aig an robh bùth.
- 25 **Santa:** Iain MacFhionghuin.
- 29 **Ceanag:** Ceanag NicFhionghuin – *Ceannag Uilleim Tàillear*.
- 33 **Urlaidh:** Uilleam MacDhòmhnaill.
- 34 **Iain Bàn:** Iain MacLeòid.
- 37 **Ceatag:** Ceiteag NicIllinnein – *bean Fhionnlaigh*.
- 42 **Am Pòl:** Bò a bh' aig Fionnlagh MacIllinnein.
- 44 **Sonas:** Bò a bh' aig Iain Moireasdan.
- 44 **Cròicean:** Iain Moireasdan.
- 45 **Angaidh:** Aonghas MacIllinnein.

42. Oran nan Clòithtean

'S duilich leam 's duilich leam
'S duilich leam mar a tha
An duine bochd ga chumail sìos
Le luchd-riaghlaidh gun ghràs. 4

Cha bhi sgillinn air clò-mòr
Mur a tòisich a' chàrd
Mur a tionndaidh an t-seann dòigh
'S gum bi 'm Bòrd a' cur càin. 8

Ged a bhiodh tu gun am biadh
Mar an t-eun air a' bhlàr
Cha toir ceannaiche dhut sian
Gus an iarr e do *chard*. 12

Gheibh e 'n uairsin an t-slat mhòr
Air 'm bi òirleach seach càch
'S thèid a' phrìs a chur nad dhòrn
Rinn na rògairean dha. 16

Ach ma gheibh thu dhachaigh clòimh
Fear on Bhòrd air a sàl
Cha leig muilinn i na còir
Air tìr-mòr rinn i fàs. 20

Nuair a dh'fhosgail iad a' chùirt
Cha robh cùnadh air càin
Chuir a' Siorram air MacLeòid
Rud nach pàigheadh clò no dhà. 24

Cha robh 'n Siorram air an taobh
Nuair a dhùblaig e chàin
Toirt a' bhidhe as am beul
Cha robh Diadhachd sa phlàigh. 28

Ach an sluagh a chaidh a-null
Bh'air an stiùireadh cho ceàrr
Dhol a phàigheadh dhaibh na cìs
B'fheàrr dhaibh prìosan na chàin. 32

Ma 's e eilean bochd na tuath
Chumas suas ar luchd-ceàird
Fear a thig le peann na dhòrn
'S càr fo thòin a' chur càin. 36

Ach nan sguireadh iad dhan chlà
Dhan a' chlàimh 's dhan an t-snàth
Cha bhiodh *cover* air a' bhòrd
'S cha bhiodh òirleach dheth slàn. 40

Ach tha Sasannach san t-Ob
Faighinn clòitheadh 's gach àit'
Fhuair am fear sin as gun ghròt
'S mhill a leabhraichean càch. 44

Notaichean

Bunachas: Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1945 ri linn an Darna Cogaidh nuair a bha *coupons* air a' chlà. (DIMD 1/1: 240) Tha am bàrd a' dèanamh seòrsa de iomradh sòisealta air staid nan eileanan an seo 's e a' gearan mar a tha e fhèin a' faicinn gu bheil "An duine bochd ga chumail sìos" (s.3) "Le luchd-riaghlaidh gun ghràs." (s.4) 'S ann air an riaghaltas a tha e a-mach an seo agus air na riaghailtean a chaidh a chur air a' chlà.

- 8 **am Bòrd:** Bòrd Aiteachais na h-Albann.
 Air 'm bi òirleach seach càch: 37" an àite 36".
- 20 **Air tìr-mòr rinn i fàs:** Bhithiste a' toirt na cloimheadh dhachaigh far tìr-mòr
 ach cha robh e ceadachd a cleachdadh sna muilnean.
- 21 **MacLeòid:** Dòmhnall MacLeòid – *Dolaidh Ailig* a chaidh a thoirt gu cùirt
 airson nach do chum e ri na riaghailtean.
- 41 **bha Sasannach san t-Ob:** Fear as an Ob a bhiodh a' reic chlàithean.

43. Oran an t-Sàgo

'S o hu o hò mo nìghneag
O hì o hò mo nìghneag
O hu o hò mo nìghneag
Gu dè nì mi mur fhaigh mi thu?

Cho tràth 's gun dèan mi èirigh
Bidh Dolaidh anns a lèinidh
'S e muigh a' cur an t-sàgo
'S e 'g èigheach gum b'e 'n talamh e.

4

Sin nuair thuirt an Cròicean
'S e feuchainn rud ri shròin dheth
"Tha beagan ann dhan t-sòda
'S tha mòran dhan an t-salainn ann."

8

'S ann dh'fhoighnich mi dheth fàs e
'S ann thuirt e rium le gàire
Nach eil fhios agad gu fàs e
Nuair chuir mo làmh dhan talamh e.

12

Mur cuir thu ann an tràth e
Chan fheàrr do chuid na càch dheth
Ach goidear e le meàirlich
Mun tàrr e dhol sna h-adagan.

16

Ach leagaidh tu do shaibhlean
Mar rinn an duine saoibhir
Is cruinnichidh tu gach straighlean
'S gun cuir thu foill fo ghlasan e.

20

Bidh *Santa* tighinn a chèilidh
Mar leisgeul airson *haircut*
Nuair gheibh e rud dhan t-sàgo
Gur luaith' a cheum nan dealanach.

24

Na cailleachan nach gluaiseadh
Le *rumatas* nan cruachainn
Gu bi iad aig na sguaban
Nas luaithe na na starragan. 28

'S ann chì mi Leacsigh Ruairidh
Le *pudding dish* ga shuabadh
'S m' fhearann-sa cho suarach
Le cuiseag ruadh is sealasdair. 32

'S cha ghiùlain i 'n-diugh gràpa
'S cha thog i e le làmhan
'S e th'aic' ach bior a' deàrrsadh
Is *shawlaichean* de ghlainneachan. 36

'S e Angaidh bhith cho diombach
Gun d' mhill an *Cop* a chliù air
Coma leam co-dhiù dheth
'S e Fionnlagh a thug seachad e. 40

Notaichean

Bunachas: ss.1–40 Niall MacDhòmhnaill
ss.1–12, 25–32 Iain MacDhòmhnaill
ss.1–16, 25–32 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1945. Chuir Dòmhnall MacLeòid – *Dolaidh Dhòmhnaill Bhàin* – a dh' iarraidh poca *guano* dhan *Cho-op* air an Tairbeart 's e dol a chur todhar air a' bhuntàta ach nuair a thòisich e ga shradadh rinn e a-mach gur e poca *sàgo* a bha e air fhaotainn. Nuair a chuala am bàrd mun a seo ghabh e an cothrom an tachartas èibhinn a chur an riochd òrain. (IMD 1/1:321)

- 5 **an Cròicean:** Iain Moireasdan.
- 17–20 Ag amas air cosmhalachd as a' Bhioball (Lucas XII: 16).
- 21 **Santa:** Iain MacFhionghuin.
- 29 **Lecsigh Ruairidh:** Lecsigh NicLeòid, bean Dhòmhnaill MhicLeòid.
- 37 **Angaidh:** Aonghas MacIllinnein.
- 40 **Fionnlagh:** Fionnlagh MacIllinnein far an Tairbeart a bhiodh a' draibheadh bhan a' *Cho-op* a thàinig leis an t-*sàgo*.

44. Oran a' Bhuidseat

Dalton an tràill a dh'fhàg sinn falaamh
Mar dhaoir e gach càil a dh'fhàs tron talamh
Ach guidheam ron bhàs a làmh bhith falaamh
Is càch bhith fanaid 's a' spòrs air.

4

Tha Angaidh na cheòl 's na spòrs sa bhaile
Bhon sguir e dhan dòigh bh'aig òg na bhalach
Tha 'n tasdan 's an gròt cho mòr na shealladh
'S tha Dòmhnall agam dhen t-seòrsa.

8

Notaichean

Bunachas: Iain MacDhòmhnaill.

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir sa Ghiblean 1947 as dèidh an treas buidseat aig Hugh Dalton, Ceannard an Ionmhais. Bha Breatainn ann am fiachan mòra ri Ameiriga an dèidh a' Chogaidh agus bha na bha an rìoghachd a' ceannach de thombaca bhuapa a' dèanamh na cùise na bu mhiosa. B'ann ann an oidhirp air a seo a leasachadh a chuir Dalton suas prìs an tombaca. Tha e iongantach gu bheil am bàrd a' guidhe mì-shealbhachadh do Dhalton (ss.3–4) seach gur e seo dha-rìreabh a thachair nuair a chaidh fiosrachadh diomhair mun ath bhuidseat ma-sgaoil agus b'fheudar dha a dhreuchd fhàgail. (Pimlott 1985: 525–48)

B'e beachd Dhalton gun sguireadh daoine a' smocadh agus b'e seo a thachair ann an Losgantir 's am bàrd ag innse gun do sguir *Angaidh* – Aonghas MacIllinnein – "dhan dòigh bh'aig òg na bhalach." seach gun robh "an tasdan 's an gròt cho mòr na shealladh" (ss.6–7). Tha am bàrd 's cinnteach a' magadh nuair a tha e ag ràdh gum bheil e "na cheòl 's na spòrs sa bhaile." (s.5) Anns an t-sreath mu dheireadh far a bheil e ag ràdh gu bheil "Dòmhnall agam dhen t-seòrsa" (s.8) 's ann air a mhac fhèin, Dòmhnall Ailig MacDhòmhnaill a tha e a-mach 's esan e fhèin air an aon dòigh. (IMD 1/1: 283)

45. Oran Ruda Mòir-Lecsigh

An gaol a chunnaic mis' an-diugh Bu luath leam on dhealaich sinn An gaol a chunnaic mis' an-diugh 'S nach cumaist ann am pàirc e.	4
Chan iongnadh reithe Mòire A cheann bhith fàs cho neònach 'S e 'g iarraidh deise chlò Dhan an t-seòrsa bh'aig a chàirdean.	8
Cha robh mi riamh nam dhiùbhaidh 'S na sitigean cha b'fhiù leam iad 'S an adhairc bha tigh'nn dlùth Air mo shùil gun deach a sàbhadh.	12
Cha leig sibh a leas m' fhuadach No idir a bhith 'n gruaim rium 'S ann thàini' mi bho uaislean 'S i Beataidh Ruadh mo mhàthair.	16
Nuair nochdas tu le Phèineas A-muigh aig Sròn a' Bhèisdeir Na sùilean bha gu feum dhut Gu leam iad as an àite.	20
Tha ceudan anns an dùthaich A dh'innseas dhut mo chliù-sa Cha b'ionnan e 's mo rùda-sa 'S cas chrùbach air mar tàillear.	24
Gheall thusa bhith dileas Nan cuireadh iad nad chlobair thu 'S gun cumadh tusa cruinn iad As na glinn mun tig na Bàghaich.	28

Notaichean

Bunachas: Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1950 an dèidh do rùda a bh'aig Mòr NicDhòmhnaill faighinn a-mach às a' phàirc. (DIMD 1/1:362) Cha robh lorg air an rùda anns a' bhaile agus rinn am bàrd an t-òran èibhinn seo agus cuid de na ceathramhan ann an guth an rùda fhèin.

16 **Beataidh Ruadh:** Caora a bh'aig Mòr-Lecsigh.

17 **Phèineas:** Cù a bh'aig cuideigin anns a' bhaile.

46. Oran na Seabhaig

O dh'fhalbh a' bhrùid 's gun d'sheòl a' bhrùid O dh'fhalbh a' bhrùid dhan iarmailt O dh'fhalbh a' bhrùid 's cha till gu bràth 'S e àmhghair a bha riamh dhi.	4
Gun d' leig Ruairidh as an ràn Nuair thog a' phlàigh a sgiathan 'S ann thog e 'n tuba dhi ro àrd An àite leagail sìos oirr'.	8
Gur e Iain bha fo thàmailt Nuair a dh'fhàg an t-eun e An t-uidheam <i>stuffed</i> air a' bhòrd 'S an t-seabhag mhòr gun sgeul air.	12
Thuirt Aonghas "Thoir e nall Gu bheil e 'n geall is fhiach e Thèid sùil a' mhuncaidh chur na cheann 'S cha gheall mi dha na fiacian."	16
Bha Tormod a' toirt seachad òrdain Mar bu chòir bhith dèanta Gun boinne fala bhith mun bhòrd 'Sa spòiligidh mun chliathaich	20
Ach ma chì sibh aona drùidh Faigh drùidheag bhùirn is siabann Is catag bheag dhan a' mhin-fhliùir 'S nì sin a' chùis gu sìorraidh.	24
Is Catrìona tha mi ràdh Fàg e 's na cuir meur air Tha fios agad ma thèid thu ceàrr Gun cuir am Bàrd ort breugan.	28

Is Iain tha mi ràdh
 Ma bha Satan riamh ann
 'S e bha siud an riochd an eòin
 'S e còmhdaichte le sgiathan. 32

Cheangail mi air ròp math ùr
 'S dà fhichead punnd de dh'iarann
 Is dh'fheuch mi air le neart mo làmh
 'S cha d' leig mo nàmhaid sgiamh as. 36

Is Aonghas bha thu gòrach
 Ròp ud a chur riamh air
 Thèid e leis dhan Gheodha Mhòir
 'S gun tòisich e air iasgach. 40

Chunnaic Dòmhnall Beag Aird Asaig
 I gu h-àrd ga grianadh
 Is coltas gu robh isean ròin
 Air ròp aice 'n taobh shìos dhi. 44

Arsa Dòmhnall "Tha thu ann
 'S e 'n geamhradh seo tha fiadhaich
 Càite nis an d' fhuair thu 'n ròp?
 Thoir dhomhs' airson nan cliabh e." 48

Thuir an t-seabhag mhòr gu h-àrd
 "'S e th'ann ach uidheam iasgaich
 Is cùm air mac Aonghaisein Mhòir
 Tha stòrr aige dhiubh lionte." 52

Notaichean

Bunachas: ss.1–52 Ruairidh Ailig Moireasdan
ss.1–8,29–36 Iain MacDhòmhnaill
ss.1–16,33–52 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1950 do sheabhag a ghlac Aonghas Moireasdan. Chuir Aonghas an t-seabhag fo thuba agus cheangal e cudthrom luaidhe oirre air ròp airson a cumail (ss.33–4) Nuair a thàinig Ruairidh Ailig a bhràthair dhachaigh às an sgoil, thog e an àird an tuba airson an t-seabhag fhaicinn ach nach ann a fhuair i air falbh. Ghabh am bàrd an cothrom an t-òran seo a dhèanamh a tha a' nochdadh mac-meanmhainn gheur 's e ag innse mar a bha Iain Moireasdan, athair Aonghais am beachd an t-seabhag a *stuffadh*. Tha an t-òran èibhinn a' dèanamh dealbh den teaghlach a' feuchainn ris a seo a dhèanamh agus tha am bàrd a-mach air fhèin nuair a tha e a' rabhadh gun tèid òran a dhèanamh ma thèid iad cèarr.(ss.27–8) Tha seo inntinneach seach gu bheil e gan cur anns an òran aig a' cheart àm co-dhiù.

- 13,37 **Aonghasan/Aonghas:** Aonghas Moireasdan, bràthair Ruairidh Ailig.
17 **Tormod:** Tormod Moireasdan.
25 **Catriona:** Catriona Mhoireasdan, màthair Ruairidh Ailig.
41 **Dòmhnall Beag Aird Asaig:** Dòmhnall MacLeòid a bhiodh gu tric ag iasgach eadar Losgantir agus Tarasaigh.
51 **mac Aonghaisein Mhòir:** Iain Moireasdan.

47. Oran a' Choilich

An coileach bha fon chliabh 'S e chuir Niall na chabhaig Cha ghabh mis' an còrr dhiubh Chaoidh rim bheò ars Annag. An coileach bha fon chliabh.	4
Their an Tobag a-màireach "Nèill gu dursta gheàrr thu?" Their mi gur e sàbh A thuit far bhàrr na tarraig. An coileach bha fon chliabh.	8
'S ann nuair thuirt an Cròicean Feuch a faigh thu ròp air Tha iad luath an còmhnaidh Nuair tha 'n sgròbain falamh. An coileach bha fon chliabh.	12

Notaichean

Bunachas: ss.1–12, Iain MacDhòmhnaill
ss.1–4, Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1950 nuair a fhuair *Annag* – Anna NicLeòid – coileach dhachaigh. Chuir i fo chliabh e gus am faigheadh i àite dha, ach thog am bàrd an cliabh an àird agus rinn e an t-òran ma b' fheachd gun tug an coileach droch ionnsaidh air. (IMD 1/1: 313) Tha an t-òran air a dhèanamh ann an guth Annaig 's i ag innse gun do chuir an coileach "Niall na chabhaig." (s.2)

6 **an Tobag:** Aonghas MacAoidh.
11 **an Cròicean:** Iain Moireasdan.

48. Oran Ruairidh Dhòmhnaill a' Chìobair

A Ruairidh bha thu innleachdach Gu feum mi 'n dòigh seo innse dhuibh A Ruairidh bha thu innleachdach.	
Ghlas thu Iain anns a' bhàthaich Dùil gum faigheadh tu gu Màiri 'S olc a rinn thu air mo nàbaidh Dh'fhàg thu e na phrìosanach A Ruairidh bha thu innleachdach.	4 8
Ach gu robh e feumail dhòmhsa Gu robh fideag na mo phòcaid Chual' iad air a' rathad mhòr mi Nighean chòir <i>release</i> i mi A Ruairidh bha thu innleachdach.	 12
Dh'fhuirich Raonaid dreis gam èisdeachd 'S dh'aithnich i gun robh mi 'n èiginn Dh'fhosgail i 'n doras is dh'èigh i "Cò chuir dhan a' phrìosan thu?" A Ruairidh bha thu innleachdach.	 16
Nuair a fhuair mi aisde sàbhailt' Mhallaich mi dhan fhear nach b'fheàrr e Gun do ghlas e mi sa bhàthaich 'S dh'fhàg e gun mo dhinneir mi A Ruairidh bha thu innleachdach.	 20
Thug thu leat Iain Ruadh le seòltachd Ach am faiceadh tu na h-òthaisgean Chunna tu mi anns a' chòrnair 'S dhùin thu chòmhlach cinnteach orm A Ruairidh bha thu innleachdach.	24 28

Nuair a chaidh mi steach an uairsin
 Ghairm mi Màiri 's thug mi nuas i
 Dh'fhoighnich mi dhi fac i Ruairidh
 'S thuirt i, "Fhuair mi *clearas* e."
 A Ruairidh bha thu innleachdach. 32

Fhreagair Ceanag 's i gam èisdeachd
 'S iomadh uair bha Ruairidh feumail
 Ach an-diugh 's e luchd na clòimheadh
 Dh'fheumas a bhith strì riutha
 A Ruairidh bha thu innleachdach. 36

Na gabh tuathanach ach fàg e
 Uallach airson crodh is bàrr air
 'S fheàrr am muilleir thèid le *chàr*
 Gu muilinn-chàrdaidh Dhìracleit
 A Ruairidh bha thu innleachdach. 40

Cha robh innleachd bha san t-Sàtan
 Nach do dh'fheuch thu orm, a nàbaidh
 Chuir thu *strap* is chaidh mo làmh ann
 Dh'fhàg mi bàrr nan ingnean ann
 A Ruairidh bha thu innleachdach. 44
 48

Ach ged tha mi 'n aois a tha mi
 Is ma ghlèidheas mi mo shlàinte
 Ma thig e tuilleadh dhan a' bhàthaich
 Thèid an gràpa cinnteach ann
 A Ruairidh bha thu innleachdach. 52

Notaichean

Bunachas: ss.1–53 Iain MacDhòmhnaill
ss.1–53 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill
ss.1–53 Raonaid NicLeòid
ss.1–48 Peigi Ceit NicAoidh

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1950 do *Ruairidh Dhòmhnaill a' Chiobair* – Ruairidh MacRath an dèidh dha Iain MacDhòmhnaill – *Iain I'n Bhig* no *Santa* – a ghlasadh anns a' bhàthaich airson gu faigheadh e a choimhead air a nighean Màiri 's nòisean aige dhi. (IMD 1/2: 126) Tha an t-òran èibhinn 's am bàrd a' toirt guth do Iain bhon naoidheamh sreath a-mach 's e ag innse le tàmailt mar a chaidh a ghlasadh 's mar a chuala Raonaid NicLeòid – *Raonaid Thormoid* – a' feadaireachd air an fhideoig 's a leig i a-mach e. (ss.9–12)

Tha am bàrd a' dealbhachadh an t-suidheachaidh èibhinn de Iain na phrìosanach agus cha mhòr nach faicear e a' leumadraich le fearg sa bhàthaich. An dèidh dha faighinn a-mach as a' bhàthaich tha Iain ag innse gun do dh'fhoighnich e do Mhàiri am fac' i Ruairidh ach gu mì-fhortanach do Ruairidh thuirt i, "Fhuair mi clearas e."

Dh'innis PCNA gun robh nòisean aig Màiri do dh'fhear aig an robh muilinn-chàrdaidh ann an Dìracleith agus 's ann air a seo a tha Ceanag a-mach nuair a fhreagair i gum feumadh iad a bhith a' strì ri luchd na clòimheadh. (s.36)

- 20 An Sàtan.
- 24 **Iain Ruadh:** Iain MacFhionghuin, *mac Iain I'n Bhig*.
- 34 **Ceanag:** Ceanag MacFhionghuin, *bean Iain I'n Bhig*.

49. Oran a' Bhodaich

Hò rò bhodaich dèan cabhag 'S na fuirich ro fhad' anns an àit' Ma thèid iad a-mach 's ann a shealg ort 'S gun dèan iad do mharbhadh gun dàil.	4
Nuair chaidh an <i>torch</i> a lasadh mun doras Chaidh am bodach na chabhaig sa rùm 'S a-mach tron an uinneig mar faileas Is bhris e 'm pòl-anairt na smùr Hò rò bhodaich dèan cabhag.	8
Nach bochd nuair a bhuail thu sa phòla Nach do thuit thu rac reòite ri bhonn Is chitheadh iad uile am meàirleach 'S bhiodh fios aig an àite cò bh'ann Hò rò bhodaich dèan cabhag.	12
Tha eagal sna h-ìghneagan òga Na mnathan tha pòsda 's a' chlann Cha tèid iad a-steach dhan a' chlòsaid A dh'iarraidh na mònadh ach gann Hò rò bhodaich dèan cabhag.	16
Mus leum e a-mach as a' chòrnair 'S gum buail e a dhòrn orr' mun cheann Oir chan fhaod iad <i>depend</i> thoirt gu bràth dha A chionn gur e meàirleach a bh'ann Hò rò bhodaich dèan cabhag.	20 24
Ma chluinneas iad glag ni iad griosad O saoil an e bhiasd ud a th'ann? 'S iad nan suidhe a' coimhead a chèile 'S na sùilean gu leum as an ceann Hò rò bhodaich dèan cabhag.	28

Ma thèid thu gu bàthach a' Chròicein Bidh ghlas air do shròin gu math teann 'S an Cullach a' glamhadh do thòine 'S e miannach air feòil anns an àm Hò rò bhodaich dèan cabhag.	32
B'àbhaist dhomh fhìn bhith toirt sgrìoban Gu taigh mhic a' Chìobair san àit' Cur seachad ann dreiseag dham shìde A' bruidhinn air prìsean 's air bàrr Hò rò bhodaich dèan cabhag.	36
An-diugh ma thèid mise suas ann 'S an doras a bhualadh mar bha 'S ann a dh'èigheas Catrìon' air a chùlaibh Bì teiche ron chù 's na dèan dàil Hò rò bhodaich dèan cabhag.	40 44
Ach innsidh mise mo bharail 'S cha chreid mi gu saoil sibh mi ceàrr 'S ann tha 'm bodach a-mach airson airgead 'S e tric air an Tàirbeart gun chàil Hò rò bhodaich dèan cabhag.	48
Ma thig thu air ais 's tu cho dàna Thèid cabhag nas fheàrr riut san àm Oir a-nise tha 'n gunn' aig an Dòmhan Gad fheitheamh an còmhnaidh 's rud ann Hò rò bhodaich dèan cabhag.	52
Tha cuimhn' am bhith cluinntinn bhom òige Mu bhodach sa bheinn mun Uaimh-Aird A' marbhadh 's ag ithe nan caorach 'S a' coinneachadh dhaoine as gach àit' Hò rò bhodaich dèan cabhag.	56

Ach shaoilinn nach fàgadh an aois e	60
Cho math 's gu robh caoraich nam Bàgh	
Ach bheireadh e seachad an t-òrdan	
Dha theaghlach bhith beò air a' cheàird	
Hò rò bhodaich dèan cabhag.	64

Notaichean

Bunachas: ss.1–64 Raonaid NicLeòid
ss.1–64 Dòmhnall I. MacDhòmhnaill

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1950 nuair a bhris bodach air choireigin a-steach dhan loids aon oidhche. (IMD/DIMD 1/1:429) Dh'innis RNL a bha a' fuireach san loids gun robh i fhèin, a mathair 's a h-athair agus a bràthair Dòmhcán (s.52) nan cadal nuair a chuala ise glagadaich shìos an staidhre. Nuair a dh'èirich i chan fhaca i ach faileas a bhodaich a' gearradh a chruinn-leum seachad air a' ghàradh. Tha am bàrd a' toirt dealbh èibhinn air a' bhodach a' tuiteam anns an fhalbh a bh'aige agus tha e aithnichte bhon a seo nach eil am bàrd buileach dha-rìreabh anns an rabhadh a tha e a' toirt dha.

A rèir RNL bha amharas aca cò a bha ann agus nach robh e ach air tighinn a-steach airson biadh. Tha am bàrd, ged tha, air an cothrom seo a ghabhail airson òran a dhèanamh 's e a' cur ris an t-suidheachaidh gu mòr le bhith ag ràdh gur ann ag iarraidh airgead airson a chosg san taigh-seinnse air an Tairbeart a bha am bodach. (47–8) Tha am bàrd cuideachd ag innse cho mòr 's a bha eagal muinntir an àite roimhe 's e a' dealbhachadh caractaran a' bhaile 's iad gus a dhol as cochuill an cridheachan, ach bhiodh seo na adhbhar gàire sa bhaile.

- 30 **a' Chròicein:** Iain Moireasdan
- 32 **an Cullach:** Cù a bha aig a' Chròicein.
- 36 **taigh mhic a' Chìobair:** mac a' Chìobair' – Ruairidh MacRath
- 43 **Catrìon':** Catrìona NicRath
- 55–6 **Tha cuimhn' am bhith cluinntinn bho m' òige**
Mu bhodach sa bheinn mun Uaimh-Aird: 's ann a-mach air seann
sgeulachd Hearach mu bhodach a bhiodh a' fuireach 's an Uaimh-Aird a tha am
bàrd. (Faic Èarr-ràdh A 10)

50. Oran a' Ghamhna

Moch a dh' fhalbh thu o hì Moch a dh' fhalbh thu o hò Moch a dh' fhalbh thu o hì Leis an ainmhidh air ròp.	4
Nì e mùrach sa bhruaich 'S nì e nuallaich gu leòr 'S air an Tobaig bheir e fuaim 'N àm bhith bualadh nan òrd.	8
Gum bi Dolaidh Dòmhnail Bhàin 'S e fo thàmailt 's fo bhròn Nuair a chì e 'n gamhainn bàn Muigh a' càradh <i>pot-holes</i> .	12
'S e <i>surveyor</i> bha gun tùr Mun a' chùis rinn e oirnn A' toirt obair dhan a' bhrùid 'S e ga diùltadh dhan chòrr.	16

Notaichean

Bunachas: ss.1–16 Dòmhnall I. MacDhòmnail
ss.1–16 Iain MacDhòmnail

Am is Adhbhar: Rinneadh an t-òran an Losgantir c.1950. 'S ann do *Ruairidh Dhòmhnaill a' Chìobair* - Ruairidh MacRath a rinn am bàrd an t-òran. Bha e ag obair aig an àm a-muigh aig cuaraidh an Lacasdal faisg air Losgantir còmhla ris an *Tobaig* – Aonghas MacAoidh a tha air ainmeachadh cuideachd. 'S ann air obair na cuaraidh a tha e a-mach nuair a tha e ag ràdh "'N àm bhith bualadh nan òrd." (8) Bha gamhainn aig Ruairidh agus bhiodh e ga thoirt a-mach leis chun na h-obrach air ròp 's ga fheurachadh an-sin fad an làtha mus tilleadh e leis air an oidhche. (IMD/DIMD 1/1: 298) Dh'fhaoidte gur e duanag bheag a rinn am bàrd airson an tìde a chur seachad sa chuaraidh a tha seo.

EARR-RADH A

1. Am Bàrd Pabach agus am Bàrd Sgiathanach a' feuchainn ach cò nach dèanadh rann.

Bha 'm Bàrd Pabach agus Bàrd Sgiathanach a' dol gu fèill anns na seann làithean. Bha iad air a bhith a' falbh air chois fad an latha 's iad gu math sgìth mun àm a thoisich i ri ciaradh.

"A' chiad staidh chun an tig sinn," ars am Bàrd Sgiathanach, "Stadaidh sinn. Tha sinn gann de dh'airgead ach a' chiad fhear a nì rann feumaidh e an loidseadh a phàigheadh dhan dithis."

Bha seo ceart gu leòr agus chum iad romhpa a' coimhead nan seallaidhean air gach taobh dhiubh ach cha robh fear seach fear aca airson rann a dhèanamh. An ceann dreise thuirt am Bàrd Sgiathanach 's e a' faicinn madadh ruadh air an tràigh,

"Seall am madadh ruadh air an tràigh."

"O tha," ars am Bàrd Pabach, "Gun teagamh."

Chum iad romhpa pìos eile.

"Seall," ars am Bàrd Sgiathanach, "An eala bhàn a' snàmh an loch."

"O tha. 'S e eun brèagha a th'anns an ealaidh," ars am Bàrd Pabach.

Chum iad romhpa bìdeag eile co-dhiù gun ghuth a ràdh. Thuirt am Bàrd Sgiathanach a-rithisd, "Seall an draghair eich air fàs liath."

"O tha," ars am Bàrd Pabach a-rithist. "Seall," ars esan "Madadh", is iad a' coimhead cù a' dol seachad air an rathad mhòr.

"Cha chreid mi fhèin", ars am Bàrd Sgiathanach, "Nach eil na mialan-crìona ann an cluas a' choin."

"O rinn thu rann!" ars am Bàrd Pabach.

"Cha do rinn mi!" ars am Bàrd Sgiathanach.

"Rinn ged tha!" ars am Bàrd Pabach. "Feumaidh tu an loidseadh a phàigheadh dhan an dithis againn! Nach tuirt thu:

Seall am madadh ruadh air an tràigh
An eala bhàn a' snàmh an loch
Draghair eich air fàs liath
'S na mialan-crìona ann an cluas a' choin.

2. Am Bàrd Pabach 's am Bàrd Sgiathanach a' feuchainn ach cò bu gheur-fhaclach.

An uairsin an rud a bh'ann, daoine làidir agus nam biodh tu làidir bhiodh daoine – fear a' tighinn as àite 'n sud 's an seo gad fheuchainn, 's bha an aon rud ann mu na bàird. Bha 'd an aon rud mu na bàird. Agus 's ann a bha 'm bàrd ag obair an uairsin a' dol a thrusadh dha na Buirgh a Cleite na Ducha agus, far a bheil taigh Iain Tòbaidh, choinnich am fear seo ris agus dh'fhoighnich e dha an innseadh e dha càit' an robh taigh a' bhàird.

"Innsidh," ars esan. Ars esan "Thèid thu," ars esan, "Gu taigh," ars esan, "Agus bidh tughadh air an dàrna taobh 's cha bhith tughadh air an taobh eile idir. Nuair a chì thu 'n taigh, sin taigh 'a bhàird." Rud eile dheth a thuirt am bàrd ris "Uill," ars esan "Nuair a thig boireannach chun an dorais, bidh i air leth-làimh, 's mura bi i air leth-làimh, chan i a bhios ann idir."

"O tapadh leatsa," ars esan. Chum e roimhe. Nuair a ràinig e bha dà thaigh ann – dà thaigh tughaidh. Chaidh e timcheall air a' chiad taigh agus bha 'n tughadh air an dà thaobh.

"O," ars esan "Chan e seo taigh a' bhàird idir."

Chaidh e timcheall air an taigh eile 's bha tughadh air an dà thaobh. Cha robh fios aige dursta dhèanadh e.

"Och uill," thuirt e ris fhèin, "Thèid mi chun an dorais." Thachair dhà gun deach e gu doras taigh a' bhàird 's ghnoc e 'n doras. Thàinig am boireannach a bha seo chun an dorais agus leanabh aice na gàirdean. An leanabh aice na gàirdean, agus tha e coltach gur e boireannach uabhasach còir a bh'innte. Dh' iarr i air tighinn a-staigh.

"An toir thu dhomh deoch?" ars esan, "Tha 'm pàthadh orm."

Dh'fhalbh i 's dh'iarr i air tighinn a-staigh. Thàinig e a-staigh 's shuidh e. Thàinig i 's an leanabh aice na gàirdean 's an siuga aice 's an làimh eile, agus dh'fhoighnich e, "An e taigh a' bhàird tha seo?" ars esan. "An e bàrd a th'ann?"

"O bidh e a' dèanamh òrain," ars ise. "Bidh e a' pramartaich ri òrain."

"Càit'," ars esan, "A bheil e?"

"O", ars ise, "Tha e air falbh," ars ise, "A' trusadh ann am baile ris an can iad na Buirgh."

"O," ars esan, "Chan eil mi a' ràdh nach e a choinnich rium," ars esan, "Thall ann a shiud. Cù bàn aige agus cù riabhach."

"O ma-tha," ars ise, "Sin e."

Bha e a' studaigeadh 's bha e 'a coimhead nuair a thug e sùil a charaide. 'S ann an uairsin a studaig e. A charaide 's e 'm bàrd a bha siud gun teagamh! Bha na sparran air an darna taobh agus an tughadh air an taobh eile. [A' steòrnadh le làmh – bha na cabair ris air an taobh a-staigh ged a bha tughadh air an taobh a-muigh.] 'S ann an uairsin a smaoinich e – am boireannach – bean a' bhàird, nach robh i a' cleachdadh ach aon làmh – gun robh 'n leanabh aice anns an làmh eile. 'S ann an uairsin a thuig e cò bh'ann. Agus am beul na h-oidhche thàinig am bàrd dhachaigh. O dh'aithnich am fear eile an uairsin sa bhad e!

Bhiodh na bàird an uairsin a' fuireach seachdainn no cola-deug. Bhiodh! An latha bha seo bha 'd a-muigh 's iad air cnoc agus latha uabhasach fhèin brèagha ann agus 's ann a thuirt am Bàrd Sgiathanach ris,

"Uill," ars esan, "'S mise," ars esan, "Smeòrach Ghleann-dail."

"O seadh," ars esan [am Bàrd Pabach] "O an tu? 'S mise ma-tha Cuthag Ghleann-dailinn – 's feuch nach cac i ort!"

3. Am Beathach a rinn am mort 's am Peata aig Clann a' Bhàird

Uill, bha manaidsèar aig a' Bhodach Bhreac ann a sheo agus co-dhiù bha beathaichean aige. Bha beathaichean chruidh aige agus bha 'm beathach seo ann agus bha e a' bualadh agus bha e cunnartach. Bh' e cunnartach agus chaidh am beathach a thoirt a-staigh ach an uair a chaidh iad a dh'iarraidh a bheathaich 's ann a bha 'm beathach air a dhol as a rian. O charaide! 'S e na h-eich a bh' aca agus 's e na forcannan feòir a bh'aca ag obair air. Ag obair air le na forcannan feòir. Ach fhuair iad an uairsin a-staigh e gu Taigh na Fainge – taigh Ruairidh – uill 's ann air fearann Angaidh a bha Taigh na Fainge. Fhuair iad a-staigh ann a shin e a agus fhuair iad na flèitichean air agus chaidh a chur air teadhair. Chaidh a chur air teadhair agus chaidh teadhair eile...bha dà theadhair air. Agus an uair a bhiodh iad ga atharrachadh dh'fheumadh triùir no ceathrar a bhith ann agus cha b'urrainn dhaibh a thogail ach aon cipean ma seach. A bheil thu tuigsinn? Agus an uair a thogadh iad an cipean sin 's a chuir iad gu àite eile e bha 'd a' togail nan cipean eile ach bha esan a' feuchainn ri faighinn thuca. Agus co dhiù bha seo a' dol ach an latha seo chan eil fhios 'am dè bh' aca ri dhèanamh ach cha d'fhuair iad ga atharrachadh idir. Agus nuair a thàinig am manaidsèar air ais dursta bh'ann ach bha 'm beathach air a dhol timcheall 's bha na teadhraichean air toinneamh timcheall. Agus chum e a-null. Thug e a-mach sgian as a phòcaid.

"Bheireadh e chasan leis!" ars esan, "Ged nach fàgadh e duine beò gu gob cidhe Roghadail!" Dh'fhalbh am beathach an uairsin 's bha 'n t-àite fosgailte air fad fiaraidh, agus bha Cràco aca agus Sèileabosd 's Horgabosd a-null. Aig an àm sin 's e eathar a bha gan toir a-nall chun an Oib nam biodh Comannachadh air an taobh seo. Agus bhiodh iad a' coiseachd an uairsin as an t-Ob ged a b'e Comannachadh an Tairbeart no Mànaïs no càit' am biodh e – 's e a' chas a bhiodh iad a' dèanamh. Cha robh ann ach a' coiseachd.

Uill, tha mi a' smaoinèachadh gur ann a Beàrnaraigh a bha i – am boireannach a bha seo – seann boireannach. Ràinig i cnoc os cionn an Taigh-Leughaidh ann a shin ann an Seileabosd – cnoc gainmheachadh agus latha uabhasach teth ann. 'S ann a shuidh i dreiseag ann a shin, agus cha robh an uairsin taighean ann ach taigh *Iain mac Chaluim* ann an Seileabosd agus Cleite na Ducha gus am fruigeadh tu a-mach chun an Tairbeart. Agus bha 'n latha cho blàth 's bha i cho sgith 's dursta a rinn i ach thuit i na cadal.

'S ann a chunnaic iad an uairsin am bruthach a bha seo a' dol an àird na gainmhich ann a shin 's nuair a dh'fhalbh iad bha 'm boireannach ann a shiud 's i air a marbhadh aig a' bheathach 's i air a tolladh. Air a tolladh, agus chaidh am beathach an uairsin a *chomandaigeadh* agus chaidh a bhàthadh. Chaidh a mharbhadh. Tha e coltach gun tug an luchd-obrach dà latha a' dèanamh toll 's chaidh a chur dhan toll. Chaidh am beathach a chur dhan toll 's a thiodhlacadh. Làrna-mhàireach bha a cheann 's a dhà adhairc an àird! Bha a cheann 's a dhà adhairc an àird. Chaidh an uairsin a thogail as a sin an uairsin urrad eile agus na cairtean a bha san àite – anns a' bhaile ann a sheo, fad an latha sin na rinn iad – a' tarraing chlachan an sud 's an seo 's dhan dòrtadh dhan an rolaig. Chaidh na clachan a chur air a mhuin agus chaidh an talamh a chur air 's a' ghainmheach 's a h-uile càil. An làrna-mhàireach bha cheann an àird agus a dhà adhairc a-rithist agus chaidh fhàgail gus an do

bhreoth e air falbh. Agus tha e air a thiodhlacadh far a bheil an geata a bh'aig Angaidh a' dol a-mach chun a' mhachaire.

Agus ron a sin bha clann a' bhàird thall ann an Seileabosd 's bha 'd aig a' chnoc a bha sin. Bha sin ann a shin agus chunnaic iad eun. Eun beag glas 's e na laighe anns a' ghainmhich 's dh'fhalbh iad a-null ach am faigheadh iad greim air an eun. Cha do charaich am beathach – an t-eun 's rug iad air an eun 's thug iad dhachaigh an t-eun 's dh'fhalbh iad 's chuir iad ann am bocsa e. Thug iad dha biadh agus thug iad uisge dha 's iad a' dol a dhèanamh peata dheth. Cha do dh'ith e biadh 's cha do dh'òl e uisge.

Thàinig am bàrd dhachaigh agus 's ann a thuirt a' chlann am fac' e 'm peata? Fhios agad fhuair iadsan an t-eun.

"O chan fhaca. Dè 'n t-eun?" Dh'fhalbh iad 's thug iad uige am bocsa.

"'S e eun neònach tha sin!" ars esan, "Eun neònach a th'ann," ars esan. O cha robh càch a' faicinn càil a neònachas air. Dh'fhosgail e 'm bocsa 's rug e air an eun 's ge bith dè chunnaic e ann 's e a' fàsgadh an eòin mar siud na làimh 's cha dèanadh e fiu's sgiamh.

"Thallaibh leis an eun," ars esan, "'S leigibh as e aig beul na fadhlach!" Dh'fhalbh e fhèin còmhla riutha airson gum biodh e cinnteach. Ràinig iad an fhadhal a tha sin fon an taigh.

"Leigibh as ann a shin a-nise e." Leig iad as e 's chaidh e tarsainn air an fhadhal, a-null leatha a h-uile ceum riamh agus chaidh am bàrd a-null air an fhadhal 's lean am bàrd e a h-uile ceum riamh 's chaidh e air ais dhan an dearbh lag anns an deach a' chailleach a marbhadh. 'S ann ann a shin a fhuair iad e 's chaidh an t-eun air ais dhan dearbh àite. 'S ann anns an dearbh àite 's anns an dearbh lag anns an deach a' chailleach a marbhadh! Nach robh sin iongantach?

4. Dòmhnall Beasa agus an Tombaca

Bha Dòmhnall a' fuireach còmhla ri mhàthair Beasa, ann am bothan beag de'm b'ainm *Tobhta nam Brùthairean* aig Ceann na Tràghad faisg air Losgantir. Nuair a chaochail Beasa thug Niall Moireasdan – Bàrd Phabaigh – Dòmhnall gu Eilean Phabaigh far an robh e na chìobair aig na Stiùbhartaich. Bha e a' fuireach còmhla ri Niall 's ri bhean 's ri theaghalach.

Bha Dòmhnall dèidheil air an tombaca agus faodar a thuigsinn nach robh airgead aig Dòmhnall airson tombaca a cheannach. Chuala Calum mac Ruairidh mu Dhòmhnall. Bha bùth aig Calum anns an Ob agus 's e rud a thachair gu robh Dòmhnall a' faotainn pasgan tombaca an-dràsda 's a rithist as an Ob bho Chalum.

Bha seo a' dol air adhart cunntais mhiosan, ach an rud a thig gun rabhadh – droch thìde. An latha bha siud chunnaic Niall Dòmhnall a' sgrìobadh na pìoba agus ars esan,

"An do theirig an tombaca dhut a Dhòmhnall?"

"Theirig", arsa Dòmhnall, "Chan eil aona spìligean agam air fhàgail."

"Ceart a Dhòmhnall", ars am bàrd, "Bheir mise dhut cromadh tombaca air a' chùmhnannt gum pàigh thu air ais mi nuair a thig tombaca Chalum mhic Ruairidh."

Co-dhiù, thàinig tiuchladh air an tìde agus mu dheireadh thàinig bàta bho thìr mòr Na Hearadh, agus fhuair Dòmhnall an tombaca. Bha latha is latha a' dol seachad agus cha robh guth na iomradh aig' air an cromadh tombaca thoirt don bhàrd. Mu dheireadh thuirt am bàrd ris,

"A bheil cuimhn' agad," a Dhòmhnall, "Gun tug mi dhut cromadh tombaca agus gun do gheall thu thoirt air ais cho luath 's a gheibheadh tu e."

An deidh tocan beag thuirt Dòmhnall,

"Innsidh mise dhut de bhios ann an dèidh seo a Nèill. Cumadh a h-uile duine a chuid aige fhèin."

5. Dòmhnall Beasa agus an Taibhse

Am measg nam beagan ghoireasan a bh'aig Dòmhnall bha snàthad mhòr, snàthad a thug a mhàthair dha cunntais bhliadhnaichean air ais. Bha Dòmhnall a' fuireach còmhla ri mhàthair ann am bothan beag aig Ceann na Tràghad faisg air Losgantir – *Tobhta nam Bruthairean*.

Nuair a chaochail a mhàthair, thug Niall Moireasdan, Bàrd Phabaigh e gu thaigh fhèin còmhla ri theaghlach am Pabaigh. Bha Dòmhnall glè mheasail air an t-snàthaid, agus ga glèidheadh gu cùramach. Oidhche bha siud 's a' h-uile duine a bha staigh nan cadal, dh'èirich Dòmhnall, mac a' bhàird agus sgeadaich e e fhèin le plaide bho cheann gu shàilean. Rinn e rathad gu leabaidh Dhòmhnail a bh'ann an seòmar eile agus an dèidh crathadh math a thoirt air, thuirt mac a' bhàird,

"Is mise do mhàthair agus tha mi ag iarraidh an t-snàthaid a thug mi dhut."

Dhùisg Dòmhnall agus dh'èigh e àrd a chlaiginn, "A Nèill, a Nèill," ris a' bhàrd a bha na chadal ann an seòmar eile. "Tha mo mhàthair a seo 's i ag iarraidh na snàthaid a thug i dhomh!"

"Amadainn, duinn do bheul!" ars am bàrd.

"Tha i seo gun teagamh a Nèill. Greas ort," arsa Dòmhnall.

Dh'èirich am bàrd as a leabaidh 's e a' tionndadh ri bhean,

"A Raonaid, càit' a bheil am Bioball?"

"Cha leig thu leas Bioball," arsa Raonaid, "Seall a bheil am bleagairt balaich agad fhèin anns an leabaidh."

6. Dòmhnall Beasa agus a' Chlach Mhine

An latha bha siud chunnacas eithear fo shèol a' tighinn a-nall a Easaigh far an robh an Stiùbhartach fhèin a' fuireach – 's e am *Bodach Breac* a theirte ris.

Bha am Bodach Breac air bòrd agus thuirt am bàrd ri Dòmhnall e dh'fhuireach a-staigh 's e a chumail air falbh bhon uinneig. Bha Dòmhnall Beasa dèidheil air an duin'-uasal fhaicinn agus 's e rud a thachair gum faca am Bodach Breac e, agus ars esan,

"Cò tha siud a chunnaic mi air an uinneig?"

Dh'innis am bàrd dha. Chan fhaodadh e fuireach na b'fhaide air an eilean. B'fheudar do Dhòmhnall falbh, agus 's e an leisgeul a ghabh am bàrd, nach robh e ach a' dol le cù gu Coinneach mac Dhonnchaidh a bha a' fuireach anns na Buirgh. Co dhiù, bha Dòmhnall glè fheumail do Choinneach ag obair timcheall an taighe. Tha e coltach gun robh Coinneach a' dèanamh uisge-beatha.

Latha bha siud chuir e pige làn uisge-beatha ann am poca, 's thuirt e ri Dòmhnall Beasa "Theirig dhan Ob leis a' chloich mhineadh ud gu Calum mac Ruairidh."

Arsa Dòmhnall 's e a' togail a' phoca air a dhruim, "B' e chlach mhineadh neònach i 's glug innte."

7. Mar a chunnaic Bàrd Phabaigh Tòmas Brydone mus tàinig e riamh a Losgantir

Bha am bàrd na shuidhe air cnoc am mullach Gleann-dailinn agus far a bheil Loch Dhòmhnaill Raghnaill an-diugh, 's e lòn tha e coltach a bha sin an toiseach. Cha robh loch no càil ann ach lòn agus bha a' ghrian ag èirigh agus bha am bàrd na shuidhe ann a shiud; bh'e a' gabhail smoc agus nuair a dh'fhosgail e a shùilean, thog e a shùilean fhios agad, thog e a shùilean fhios agad agus far a bheil Loch Dhòmhnaill Raghnaill an-diugh chunnaic e an duine seo 's breacan air 's bata mòr cìobair aige 's cù ri shàil. Tha fios agad fhèin dè th'ann am breacan? Fhios agad, sin an rud a bhiodh aca an toiseach a' giulan am bìdhe.

Agus, o uill, bha e a' coimhead an duine seo agus chan fhaca e an duine riamh le dhà shùil. 'S bha an duine a' sìor-chumail a-nall agus 's ann a-niste, thug e [am bàrd] sùil air a tharsainn mar siud 's choimhead e 's cha robh sgeul air! Cha robh sgeul air, bheò no mharbh, bheò no mharbh. 'S ann am meadhon an lòn a chunnaic e mu dheireadh e. Dh'èirich e 's chum e sìos 's cha robh càil ri fhaicinn. Uill, cha tuirt e guth 's cha do dh'innis e càil. O cha do dh'innis e càil.

Ach, O dreis mhòr as deidh sin – còrr is bliadhna no dà bhliadhna thachair dha a bhith na shuidhe air an dearbh chnoc 's thug e sùil 's chunnaic e an dearbh dhuine. Am breacan 's an cù 's am bata 's a h-uile càil.

Uill, feumaidh gur e duine a bha sa bhàrd as nach robh eagal. Thuirt e ris fhèin, "Ge b'e ri cò thu, bidh mise am meadhan an lòn a tha seo far am faca mi a' dol as an t-sealladh thu."

Chum e [air] 's bha 'n duine a' cumail air agus thàinig iad a-niste fo chomhair a chèile. Bha an duine ann gu corparra an uairsin 's bhruidhinn e. Dh'fhoighnich e dha cò e agus dh'innis am bàrd dha ach o cha tuirt e gur e bàrd a bh'ann idir ach gur e Niall Moireasdan a bh'air, Niall mac Choinnich, Niall Moireasdan.

"O seadh. Agus an e cìobair a th'annad air an oighreachd?"

"O 'se."

""S ann dol a thighinn a choimhead air an oighreachd a tha mise ma tha," ars esan. "Thàinig mi air tìr," ars esan "Ann an Ròghadal agus ghabh mi a' bheinn. Dè," ars esan, "An seòrsa àite a th'ann?"

O uill, bha am bàrd ag innse dha mar a b'fheàrr a b'urrainn dha agus thuirt am fear eile ris "Uill," ars esan, "'S e Brydone a th'annamsa."

Chunnaic am bàrd e còrr agus bliadhna ron a sin nuair a thàinig e a Losgantir. Ghabh e Losgantir an uairsin 's ghabh e 'm bàrd. Bha am bàrd aige na cìobair.

8. Mar a thòisich am Bàrd a' gabhail Bainne anns an Teatha

Cha robh am bàrd riamh a' gabhail bainne anns an teatha. Tha, bhon a bha e na ghurg 's tha e cinnteach gu leòr fhios agad, cha b'ann dhàsan [a-mhàin] a thachair e ach thachair e dha na ficheadan as dèidh dhàsan agus tha mi a' creidsinn roimhe. Ged a bhiodh tu glè gheur air a' bhainne, tha cuid de chrodh ann, [agus] ma mhaireas tu fada gam bleoghann agus iad ann an laogh tha blas smaointinneach a' tighinn air a' bhainne. Tha blas smaointinneach a' tighinn air a' bhainne, ach tha crodh eile ann 's cha chuir thu càil de dh'uibhreachd orra ach tha feadhainn ann 's ma chumas tu ro fhada gam bleothan, tha blas a' tighinn air a' bhainne 's ma gheibh thu uair no dhà e an còrr bainne cha ghabh thu. 'S agad chan òladh tu an còrr tuilleadh dheth. A dh'aindeoin 's cho eòlach 's a bha thu air ron a sin tha thu a' tionndadh na aghaidh.

Uill 's e seo an rud a thachair dhan a' bhàrd. Cha ghabhadh e bainne ann an rud sam bith 's cha ghabhadh e ann an teatha e 's cha ghabhadh e ann an lite no càil e. Thionndaidh e na aghaidh. 'S bha e na bhàrd 's bha e na chiobair 's a h-uile càil 's bha e an còmhnaidh nan tachradh dha a bhith a' gabhail seachad os cionn taigh na caillich a bha seo, "Trobadh a-staigh!" 's bhiodh e a' gabhail cupa teatha. Bha fios aice glè mhath nach biodh e a' gabhail bainne. Cha robh i a' toirt dha bainne anns an teatha chionn nan toireadh, cha ghabhadh e i. Agus an latha a bha seo thadhail e a-staigh agus bha i a' dèanamh na teatha.

"A Nèill," ars ise, "A bheil fios agad an cron a tha thu a' dèanamh ort fhèin?"

"Tha mi a' creidsinn," ars esan, "Gur iomadh cron sin 's nach eil fios agam air."

"'S dòcha nach eil ach aon chron a tha thu a' dèanamh ort fhèin, nach eil thu a' gabhail bainne."

"O Thia, cha ghabh mise bainne idir! Cha ghabh gu bràth tuilleadh."

"Uill," ars ise, "Nam faiceadh tu rud an creideadh tu e?"

"Uilll," ars esan, "Chan eil fhios 'am. Chan e duine dhan t-seòrsa sin a th'annam idir ach 's dòcha. Dh'fheumainn fhaicinn," ars esan, "Le mo dha shùil"

"Tha fios 'am," ars ise, "An seòrsa duine a th'annad."

Rinn i an teatha 's chuir i am bainne na cupa fhèin 's chuir i an siùcar [ann] 's bha esan a' gabhail siùcar. Dh'fhalbh i a-null agus fhuair i a sporan 's dh'fhosgail i a sporan 's thug i as sia sgillinn ach 's e airgead ceart a bh'ann an uairsin. Cha robh *mixture* ann mar a th'anns an t-airgead a th'ann an-diugh. Thug i a-mach e 's thàinig i a-nall.

"Seo a Nèill," ars ise, "Dè tha siud?"

"Tha," ars esan, "Sia sgillinn."

"Coimhead oirre, " ars ise.

"Cha leig mi a leas," ars esan, "Coimhead oirre. Tha fios agam gur e sia sgillinn a th'ann."

"Seo ma tha," ars ise, "Cum agad na do làimh i."

"Carson?"

"O cum agad na do làimh i." 'S dh'fhalbh i a-null 's chaidh i chun a' bhùird 's thug i a-nall an cupa teatha. "Leig a-nise as i anns a' chupa teatha," ars a' chailleach anns an teatha dhubh. "Leig as i."

Leig e as dhan a' chupa i. Thug i a-mach sia sgillinn eile 's leig i as dhan a chupa aice fhèin i. Ghabh iad an cupa teatha a bha sin 's ghabh iad cupa teatha eile 's iad a' seachas a-null 's a-nall 's a-null 's a-nall 's a h-uile càil. Nuair a bha 'd ullamh dhan teatha, dh'fhalbh i agus fhuair i spàin agus chuir i an spàin dhan chupa agus thog i an t-sia sgillinn aig a' bhàrd 's bh'i a' cheart cho dubh ri *Ace* na spaide. Thog i an t-sia sgillinn as a' chupa aice fhèin agus bh'i cho geal 's a chur i ann i.

"Seall a-nise," ars ise, "A h-uile cupa teatha a tha thu a' gabhail," ars ise, "Tha urrad siud a' dol air an stamaig agad."

"Gu sealladh ort ma-tha, chan eil annamsa ach dubh air fad," ars esan.

'S ann on latha sin a thòisich am bàrd a' gabhail bainne anns an teatha.

9. Bàrd Phabaigh agus an Cù Bàn

An troip a bha seo 's ann a bha Dòmhnall a' Bhàird a' dol a Steòrnabhagh le beathaichean agus thadhail e aig athair ann an Cleite na Ducha a dh'iarraidh gala athar – Siùnag a bh'oirre. Thuirt athair ris,

"Chan fhaigh thu idir i chionn tha na cuilein gu bhith aice. Cha dèan mi cobhair sam bith ort."

Bha Dòmhnall a' cumail air co dhiù agus mu dheireadh thuirt e ris, "Ceart ma-tha ach bheir do cheart aire nach èirich càil dhith. Na obraich cruaidh i."

"O chan obraich."

Dh'fhalbh Dòmhnall a' Bhàird 's ràinig e Steòrnabhagh 's chaidh na beathaichean an reic ann a shin 's bha e a-nise a' dol a thilleadh air ais le na feadhainn eile ach letheach slighe a' tighinn 's ann a thòisich an gala a' breith nan cuileanan. Cha robh Dòmhnall a' Bhàird ach a h-uile fear a bh'i a' breith bha e ga chath ann an glupa uisge agus bha i ag obair fad an t-siubhal air ais 's air adhart ann a shin ach am fear fo dheireadh, nuair a rug i e thug i leatha na beul e. Bha Dòmhnall a' Bhàird ga h-obrachadh 's bha siud aice na beul. Agus a-niste thug e gu chùlaibh i agus thug e bhuaipe an cuilean agus uill, ghabh e nòisean dhan chuilean ach cha b'e nòisean a ghabh e dhan chuilean ach dè bu choireach gun robh ise a' gabhail ùidh ann.

Ach co-dhiù chuir e dhan a' phòcaid e, còta a' bhreacain agus ann a shin bha clach de mhin-choirce ann. Fhios agad, 's e sin do bhiadh fhèin 's biodh a' choin agus a h-uile àite anns am biodh e a' leigeil anail bha e a' toirt a-mach a' chuilein 's ga thoirt dhi agus bha e ga deothal. Cho luath 's a bhiodh e ullamh ga deothal bhiodh e ga chur dhan a' phòcaid air ais.

Nuair a ràinig e Cleite na Ducha 's ann a chaidh e an uairsin sìos chun an taighe 's bha na caoraich aige 's tha e coltach an uairsin gun robh pàirc ann a shin anns am biodh iad a' cur a-staigh nan caorach 's chuir e a-steach dhan phàirc iad 's thàinig e staigh 's an cuilean aige agus 's ann a bha iad a' dol a bhàthadh a chuilein, fhios agad, 's e cù-uisge a b'athair dha. 'S ann do dh'fhear dha na daoine mòra a bha sa loids ann a sheo, 's ann dha a bhuineadh an cù a rinn na cuileanan. 'S e *Labrador* a bh'ann ach 's ann buidhe a bha e. Agus co-dhiù dh'fhag am bàrd an cuilean aig a' ghalaidh dreis airson gun toireadh e bhuaipe am bainne agus uill, thuirt e ris fhèin,

"Nuair a dh'fhàsas tu 's gum bi i sàbhailte gu leòr, cuiridh mi dhan fhadhal thu."

Ach an uairsin bha a' chlann nan cloinn agus ghabh iad boil-chaoich airson a' chuilein 's bha e aca mar leanabh. An latha a bha seo thuirt am bàrd ri bhean gun robh e a' dol a bhàthadh a' chuilein.

"O thèid a' chlann as an rian ma bhàthas tu 'n cuilean. Canaidh sinn gur e cuideigin a thug leis e, no gun deach e air chall no rud air choireigin."

O uill, bha seo ceart gu leòr agus chaidh fhàgail an uairsin 's 's ann a bha am bàrd a' coimhead air agus 's ann a thuirt e,

"Nach tu th'air fàs mòr a bhalaich agus nach uabhasach na casan a th'ort."

Ach dh'fhalbh e an latha a bha seo a-mach a charaide 's a' ghala còmhla ris agus dh'fhalbh an cuilean cuideachd còmhla ri mhàthair. Agus bha e a' toirt a-staigh bheathaichean chaorach 's leig e a mhàthair air falbh agus a-mach an cuilean! A-mach an cuilean a bhalaich. 'S ann a bha an cuilean ag obair air ais 's air adhart. Ars esan ris fhèin, "Tha nàdar obrach annad." Ge b'e ri dè bhuail na chlaigeann co dhiù, cha tug e iomradh air a bhàthadh no càil no sian dhan t-seòrsa sin 's nuair a thàinig e gu ìre an uairsin, an latha bha seo thug e a-mach e agus shaoileadh tu gun robh e sia mìosan ag obair. Feumaidh gur ann ri mhàthair a chaidh e. Bhiodh iad a' tighinn a Leòdhas uige le na galaichean airson cuilean leis cho math 's a bh'e.

10. Niall Mòr agus Bodach na h-Uaimh-Airde

Uill chuala mi m'athair a' bruidhinn gum faca e bodach na h-Uaimh-Airde – cailleach na h-Uaimh-Airde – a' chiad troip a chaidh e riamh an Tairbeart 's e air a dhà chois ris. Bha e a' ràdh gu faca esan i a' tighinn dhachaigh. Bha e a' ràdh gu faca esan i a' tighinn dhachaigh. Agus dursta a chaidh e ann ach a dh'iarraidh spaid agus athair air an spaid a bhriseadh.

Agus fhuair e a-mach air a' chairt 's e na ghurg – fhuair e a-mach air cairt a' bhaile. Mar a bha e a' ràdh bha an Tairbeart cho annasach dhàsan. Nuair a thill esan air ais agus a h-uile càil 's ann a bha a' chairt air falbh. Cha robh sgeul air agus bha 'd ga lorg fhios agad agus cha robh càil ach – tha e coltach gun robh an spaid aige agus dh'fhalbh e agus "Bha mi air mo dha chois ris," ars esan agus nuair a bha e dìreach aig a' Chlach Sgoltaidh air an Uaimh-Aird, chan eil i an diugh idir ann, *bhl*ast iad air falbh i.

Agus e a' ràdh gum fac' e a' chailleach seo ach bha e a' ràdh gu robh e air a chluinntinn fhios agad fada ron a sin mu dheidhinn na caillich. Agus "Bha mi," ars esan, "Air taobh eile na creige ach ghluais mi a-null," ars esan, "Chun an taoibh eile," agus nuair a bha e dìreach gu bhith aice thàinig i a-mach agus sgiort oirre 's a h-uile càil.

"Cò as an tàini' tu?"

"Thàini' mi," ars esan, "Far an Tairbeart."

"Dursta a th'agad ann a shin?"

"Tha," ars esan, "Spaid le m'athair."

"Càil thu a' dol?"

"Tha dhachaigh."

"Tha mi a' smaoineachadh," ars ise, "A dhol a-null ugad agus an spaid a chur na do thòin!"

"Uill," ars esan, "Ma bha astar aig mo chasan-sa," ars esan.

"Feumaidh tu a bhith gu math luath mu beir thu ormsa!" ars esan 's dh'fhalbh e.

"Ach o charaide," ars esan, "Cha do stad mise ach an dràsda 's a-rithisd bha mi a' coimhead air mo chùlaibh," ars esan ach chan fhaca mi càil. "Ràinig mi dhachaigh."

"S e sin a' chiad troip 's an aon troip 's an troip mu dheireadh a chunnaic mise a' chailleach. Ach," ars esan, "Tha mi uile mhionnaichte," ars esan, "Nach e cailleach a bh'innte ach fireannach ged a bha aodach boireannaich oirre."

Bha e ag ràdh gur e cainnt an fhireannaich a bh'aice 's nach e cailleach idir a bh'ann.

11. Niall Mòr agus an Solas ann am Buaile Rosamol

Tha cuimhn' 'am m'athair a' bruidhinn air mìle bho mhìle uair nuair a thàinig sinn ann a sheo dhan taigh. Chuala mi e agus cha robh e ach aona bliadhn' deug an uairsin 's e air a dhà chois ris. Agus an oidhche seo thàinig e agus an crodh aige 's chuir e a-steach dhan a' Bhualidh iad ann a shiud shìos ann an shin. Uill nuair a thàinig sinne ann a sheo bha gàradh air gach ceann dhan Bhualidh. Gàradh cloiche air gach ceann dhi.

Ach dh'fheumadh e an leigeil a-mach anns a' mhadainn agus thàinig e agus bha beul na h-oidhche ann mun d'fhuair e a-staigh iad agus 's ann a-muigh faisg air Lacasdal agus Pàirc nam Mònadh a fhuair e iad. Ach dh'fheumadh e cunntais gu robh a h-uile gin ann agus bha e air a dhà chois ris.

Agus nuair a fhuair e a-staigh iad, dhùin e an geata 's nuair a thionndaidh e chunnaic e solas air taobh muigh na Buaile air taobh thall na h-aibhne. 'S bha e ag ràdh nach cuimhnicheadh e càil dhut ach solas coinneil. Solas beag, beag mar sin, mar solas coinneil agus chaidh e a-null faisg agus bha e a' faicinn an t-solais ann a shiud. Chaidh a-niste an solas as.

"Uill," ars esan, "Dh'fhalbh mise." Bha mi uaireannan, chan e eagal mar sin ach eagal an dorchadais gum faighinn dhachaigh mus fàsadh i ro dhorcha." Agus bha sin ceart gu leòr. Cha robh guth no iomradh no càil air a sin, cha robh guth no iomradh air ach chuala mi iomadach uair a' bruidhinn air e.

Ach aig àm a' Chogaidh, àm a' Chogaidh mu dheireadh, thàinig duine air tìr air an tràigh ud shìos. Agus bha e ùine mhòr air a' mhuir feumaidh agus bha tè dha na làmhnan a dhìth air agus càil air an t-saoghal air ach aon bhròg agus a dhrathais agus stocainn. Cha robh sgeul air a' chòrr fhios agad. Agus an dearbh àite far am faca m'athair an solas 's ann a sin a chaidh a' bhròg 's a dhrathais 's a stocainn a thiodhlacadh.

Agus cha robh e ach aona bliadhn' deug nuair a chunnaic e e, agus anns an dearbh àite 's bha e a' ràdh gun do chuir e a' chas air an dearbh àite anns am fac' e an solas.

EARR-RADH A – Notaichean

1. Am Bàrd Pabach agus am Bàrd Sgiathanach a' feuchainn ach cò nach dèanadh rann

Bunachas: Dh'ionnsaich an sgrìobhadair an sgeulachd am bun-sgoil Sheileaboisd bhon bhan-sgoilear, Màiri NicCuthais – *Màiri Mhicealain* as Leacali. Bhiodh Màiri a' tadhal air IMD agus a bhràthair Dòmhnall Ailig nach maireann, a dh' iarraidh sgeulachdan a ghabhadh aithris aig a' Mhòd ionadail.

Am agus Suidheachadh: Chan eil fhios dè an t-àm ris am buin an sgeulachd seo seach gum biodh Niall Moireasdan – Bàrd Phabaigh – a' falbh le beathaichean bho àm gu àm agus dh'fhaoidte gur ann air a leithid de thuras a thachair am bàrd Sgiathanach ris ged nach eil fhios cò am bàrd a bh'ann.

2. Am Bàrd Pabach agus am Bàrd Sgiathanach a' feuchainn ach cò bu gheur-fhaclach

Bunachas: Iain MacDhòmhnaill (2/1: 373)
Màiri NicCuthais, Leacali.

Am agus Suidheachadh: Buinidh an sgeulachd seo ri c.1850 seach gun robh am bàrd pòsda, a' fuireach ann an Cleite na Ducha, agus cuideigin dhan chloinn air a bhreith seach gun robh bean a' bhàird air leth-làimh.

Tha an sgeulachd air a sgrìobhadh mar a thàinig i a beul IMD ach chuala an sgrìobhadair an sgeulachd seo mu thràth aig Màiri NicCuthais a bhiodh air a cluinntinn aig IMD fhèin no aig a bhràthair Dòmhnall Ailig nach maireann. Fhuair ise an sgeulachd roimhe gun mòran fiaraidh ach gun robh deireadh na sgeòil eadar-dhealaichte:

"Dh'fhan am Bàrd Sgiathanach còmhla ri Bàrd Phabaigh fad seachdainn agus mun do dh'fhalbh e rinn Bàrd Phabaigh an rann seo dha:

Seall orm 'o m' shùil gu m' shàilean
Feuch gun dèan thu dàn air ' meud
Is ma mholas tu mi mar Bhàrd
Molaidh mise Bhàird thu fhèin."

3. Am Beathach a rinn am mort 's am Peata aig Clann a' Bhàird

Bunachas: Iain MacDhòmhnaill (3/2:000)
Tha an sgeulachd air a sgrìobhadh dìreach mar a thàinig i a beul
IMD.

Am agus Suidheachadh: Buinidh an sgeulachd seo ri c.1860 seach gun robh clann a' bhàird òg aig an àm agus iad a' fuireach ann an Cleite na Ducha.

4. Dòmhnall Beasa agus an Tombaca

Bunachas: Niall MacDhòmhnaill – *Niall Dhòmhnaill Nèill*, Glaschu
Tha an sgeulachd air a' sgrìobhadh dìreach mar a thàinig i chun an
sgrìobhadair bho pheann Nèill.

Am agus Suidheachadh: Buinidh an sgeulachd èibhinn seo ri c.1870 nuair a bha am bàrd a' ciobaireachd air Eilean Phabaigh. Bha *Dòmhnall Beasa* – Dòmhnall Moireasdan (1834–88) – gu tric an cuideachd a' bhàird agus bha e a' fuireach ri thaobh ann an Cleite na Ducha fad a bheatha. Mar a tha an sgeulachd ag innse, thug am bàrd leis e nuair a chaochail a mhàthair Beasa agus bidh am bàrd gu tric a' toirt iomradh air anns na h-òrain. Bha laigse cèille air Dòmhnall agus ann an Cunntas-sluaigh 1881 tha "*idiot from birth*" air a chur sìos mu choinneamh ainm.

'S e ceannaiche a bha a' fuireach anns an Ob a bha ann an Calum MacDhòmhnaill – *Calum mac Ruairidh* (c.1784–1873) agus tha am bàrd a' toirt iomradh air ann am *Banais Iain Mhàrtainn*. (Oran 5:ss.9,31)

5. Dòmhnall Beasa agus an Taibhse

Bunachas: Niall MacDhòmhnaill – *Niall Dhòmhnaill Nèill*, Glaschu
Tha an sgeulachd air a' sgrìobhadh dìreach mar a thàinig i chun an
sgrìobhadair bho pheann Nèill.

Am agus Suidheachadh: Buinidh an sgeulachd èibhinn seo ri c.1870 nuair a bha am bàrd a' ciobaireachd air Eilean Phabaigh.

6. Dòmhnall Beasa agus a' Chlach Mhine

Bunachas: Niall MacDhòmhnaill, *Niall Dhòmhnaill Nèill*, Glaschu.
Tha an sgeulachd air a' sgrìobhadh dìreach mar a thàinig i chun an sgrìobhadair bho pheann Nèill.

Am agus Suidheachadh: Buinidh an sgeulachd ri c.1870 nuair a bha am bàrd a' ciobaireachd air Eilean Phabaigh.

Tha dearbhadh gun tàinig Dòmhnall Beasa a dh'fhuireach còmhla ri *Coinneach mac Dhonnchaidh* – Coinneach MacIllinnein ann an Cunntas-sluaigh 1881. Ann an "Little Borge" tha "Kenneth MacLennan, unmarried, age: 48, retired grocer" agus còmhla ris tha a phiuthar Catriona, loidsear de'm b'ainm Mairead Mhoireasdan agus Dòmhnall, "Donald Morrison, boarder, unmarried, age: 50, idiot from birth."

A rèir DIMD bhiodh Coinneach mac Dhonnchaidh a' cumail *shebeen* far am biodh e a' reic uisge-beatha agus bhiodh fireannaich nam Bàgh a' tadhal ann nam biodh iad air a' mhachaire. Mar sin, tha e coltach gu leòr gun cuireadh e *Dòmhnall Beasa* sìos gu *Calum mac Ruairidh* – Calum MacDhòmhnaill – a bha na cheannaiche, le uisge-beatha.

7. Mar a chunnaic Bàrd Phabaigh Tòmas Brydone mus tàinig e riamh a Losgantir

Bunachas: Iain MacDhòmhnaill (4/1: 275)
Tha an sgeulachd air a' sgrìobhadh mar a thàinig i a beul IMD

Am agus Suidheachadh: Buinidh an sgeulachd seo ri c.1882 nuair a bha am bàrd a' ag obair air tac Losgantir goirid mus do chaochail e.

Tha Thomas Brydone, a' togail fianais aig Coinneamh do Choimisean nan Croitearan anns an Ob air an 31 den Chèitean, 1883. Tha e 27 an uairsin agus tha e ag ràdh gu bheil e air a bhith na bhàillidh aig a' Mhorair Dunmòr fad sia mìosan ged nach eil e ag innse dìreach cuin a thàinig e chun an eilein. Tha e ag ràdh gum bheil Gàidhlig aige a dh'ionnsaich e ann an Athall far an do thogadh e ged a rugadh e ann an Siorrachd Obar Dheathain (Crofter's Commission Report 1884: 860–3).

8. Mar a thòisich Bàrd Phabaigh a' gabhail Baine anns an Teatha

Bunachas: Iain MacDhòmhnaill (5/1: 310)

Tha an sgeulachd air a sgrìobhadh mar a thàinig i a beul IMD

Am agus Suidheachadh: Chan eil fhios dè an t-àm dhan am buin an sgeulachd seo ach a rèir IMD 's e an aon chailleach a tha san sgeulachd 's a tha ann an *Oran na Teatha* (Oran 25).

9. Bàrd Phabaigh agus an Cù Bàn

Bunachas: Iain MacDhòmhnaill (4/2: 000)

Tha an sgeulachd air a sgrìobhadh mar a thàinig i a beul IMD.

Am agus Suidheachadh: Buinidh an sgeulachd seo ri c.1880 seach gur e seo an cù bàn a tha air iomradh ann am Beath-Eachdraidh Nèill MhicDhòmhnaill agus a bha beò as deidh a' bhàird. Tha an cù bàn air iomradh ann an *Oran nan Rodan* (Oran 24:ss.31–2).

10. Niall Mòr agus Bodach na h-Uaimh-Airde

Bunachas: Iain MacDhòmhnaill (3/1: 126)

Tha an sgeulachd air a sgrìobhadh mar a thàinig i a beul IMD

Am agus Suidheachadh: Buinidh an sgeulachd seo do c.1890 seach gun robh am bàrd Niall MacDhòmhnaill na bhalach òg nuair a chaidh e chun an Tairbeart airson a' chiad uair. Tha seann sgeulachd 's Na Hearadh gu bheil bodach iargalta sa bheinn faisg air an Uaimh-Aird a tha na àite aonaranach letheach-slighe eadar an Tairbeart agus bailtean a' chinn a deas. Tha am bàrd Niall MacDhòmhnaill a' toirt iomradh air a' bhodach seo ann an *Oran a' Bhodaich* (Oran 49:ss.45–52).

11. Niall Mòr agus an Solas ann am Buaile Rosamol


Bunachas: Iain MacDhòmhnaill (3/2: 064)

Tha an sgeulachd air a sgrìobhadh mar a thàinig i a beul IMD

Am agus Suidheachadh: Buinidh an sgeulachd seo do c.1894 seach gun robh am bàrd Niall MacDhòmhnaill aona bliadhn' deug nuair a chunnaic e an solas ann am Buaile Rosamol, Losgantir.

EARR-RADH B 1

Craobh Ginealaich le bàird sliochd Nèill Mhoireasdain ann an clò trom



Tha na h-àireamhan a' sealltainn cia-mheud duine eile a bha sa mheur sin den teaghlach.

EARR-RADH B 2

CLAR DHAOINE

Tha na daoine a leanas air an ainmeachadh anns na h-òrain. Tha àireamh an òrain anns a bheil iad a' nochdadh ann an clò trom agus an sreath ann an clò àbhaisteach. Tha sloinneadh no far-ainm gach duine air a thoirt ann an clò Eadailteach agus amannan am breith agus am bàis, far an d'fhuair iad, ann am bracaidean. Tha cuid de na h-amannan seo air an tomhais bho Chunntasan-sluaigh ach tha iad seo air an comharrachadh le c.

- Bruce, Ciorstaidh** (1)
- Carrach, Iain** – *mac Ruairidh* (1855–1930) ministear Sgarastaigh 1910–30
(33: s.1)
- Coke, Gertrude** – a' Bhaintighearna Dunmòr – bean an 7mh Morair (1847–?)
(10: s.25)
- Dalton, Hugh** – (1887–1962) Ceannard an Ionmhais 1945–7 (44: s.1)
- Mac-an-Lèigh, Ruairidh** – *an Geamair Ruadh* (1848–?), Sgarastagh Bheag
(27: s.2)
(33: s.2)
- MacAoidh, Aonghas** – *an Tobag* (1897–1965), Horgabost (47: s.5)
(50: s.7)
- Mac-an-t-Saoir, Donnchadh** – *Donnchadh Bàn* (1724–1812), Gleann Urchaidh
(11: s.15)
(15: s.36)
- MacAsgaill, ?** – *an Clachair Ruadh* (1837–1914), an Tairbeart (30: s.13)
- MacChoinnich, Murchadh** – *Murchadh Ten*, Leacain (48: s.31)
- MacChoinnich, Tòmas** – *Tòmas Ruadh* (1838–?), Losgantir (17)
- MacCuthais, Aonghas** – *Micealan* (1898–?), Leacalì (39: s.71)
- MacCuthais, Calum** (?–1890), Fionnsbhaigh (21: s.19)
- MacDhòmhnaill, Calum** – *Calum mac Ruairidh* (c.1784–1873), an t-Ob
(5: ss.9,31)
- MacDhòmhnaill, Coinneach** – *Coinneach Sgoileir* (1818–91), Sgarastagh Mhòr
(10: s.61)
(11: s.111)

MacDhòmhnaill, Dòmhnall Ailig – *Dòmhnall Ailig Nèill Mhòir* (1917–?), Losgántir
(44: s.8)

MacDhòmhnaill, Eòghainn – *Eòghainn Fhearchair* (1903–81), an t-Ob
(27)

MacDhòmhnaill, Fearchar – *Fearchar Beasa* (1864–1935), an t-Ob
(27: s.33)

MacDhòmhnaill, Cptn John Robertson – *am Baillidh Dòmhnallach* (?–1874), Ròghadal
(5: s. 31)
(15: s.45)

MacDhòmhnaill, Iain – *Iain Nèill Mhòir* (1922–), Losgántir (36: s.2)

MacDhòmhnaill, Ruairidh – *Ruairidh Shomhairle Ghilleasbuig no am Bonn-a-sia* (1860–1948), an Taobh Tuath (32: s.5)

MacDhòmhnaill, Uilleam – *Uilleam Nèill Bhig Mhurchaidh an t-Saoir no Urlaidh* (1910–?), Losgántir (41: s.33)

MacDiarmaid, Iain MacFhionghuin (1845–?) Neach-tagraidh nan Làborach sna h-Eileanan Siar 1929 (34: s.35)

MacFhearghais, Fearghas – *Fearghas mac Iain Bhàin* (c.1806–79), Ceann Dùlabhaig
(9: s.33)
(13: s.21)
(21: ss.13,29,57)

MacFhearghais, Iain – *Iain Og mac Fhearghais* (c.1843–62), Ceann Dùlabhaig
(21: s.41)

MacFhionghuin, Coinneach – *mac Iomhair*, (c.1770–c.1835), Seileabosd
(9: s.25)

MacFhionghuin, Iain (i) – *Iain Iain Bhig no Santa* (1865–1952), Losgántir
(38: s.25)
(39: s.57)
(40: s.9)
(41: s.25)
(43: s.21)
(48: s.5)

MacFhionghuin, Iain (ii) – *Iain Ruadh Iain Iain Bhig*, (1908–88), Losgántir
(48: s.21)

- MacFhionghuin**, Iomhar – *Iomhar Chaluim Mhòir* (1886–1967), an Taobh Tuath
(27: s.11)
- MacFhionghuin**, Uilleam – *Uilleam Iain Iain Bhig* (1911–97), Losgantir
(38: s.2)
- MacGillip**, Tormod (1893–1972), Dìracleith
(41: s.23)
- MacIllinnein**, Angaidh – *Angaidh Ruairidh Bhig* (1912–78), Losgantir
(41: s.45)
(43: s.37)
(44: s.5)
- MacIllinnein**, Dòmhnall (i) – *Dòmhnall mac Ruairidh Aonghais Bhàin* (1845–83), Cliuthar
(24: s.77)
- MacIllinnein**, Dòmhnall (ii) – *Dòmhnall Tarasach* (1870–1958), Tarasaigh
(30: s.21)
- MacIllinnein**, Eòghainn – *Eòghainn Dhòmhnail Bhàin* (1866–1940)
(35: s.10)
(36: s.1)
- MacIllinnein**, Fionnlagh (i) – *Fionnlagh Mòr na Falklands* (1874–1952), Losgantir
(39: s.17)
(41: ss.9,32,37,39)
(43: s. 40)
(49: s.53)
- MacIllinnein**, Fionnlagh (ii) – *Fionnlagh Dhòmhnail Iain Fhionnlaigh Choinnich* (1923–?), an Tairbeart
(43: s.40)
- MacIllinnein**, Iain – *Iain Aonghais Bhàin no am Pullar* (c.1804–1871), Cliuthar
(24: s.85)
- MacIllinnein**, Ruairidh – *Ruairidh Aonghais Bhàin no an SeannRamhag* (c.1811–86), Cliuthar
(24: ss.2,41,74,96)
- MacIllinnein**, Teàrlach (1884–1957), na Buirgh
(27: s.8)
- MacIllinnein**, Tormod – *Tormod Saor* (?–1890), Fionnsbhadh
(21: s.19)
- MacLeòid**, ? – *an Dotair Mòr*, Beàrnaraigh
(38: s.14)
- MacLeòid**, Alasdair – *Alasdair nan Innleachd* (1865–1942), Caolas Stocanaish
(29: s.13)
(30: s.27)

- MacLeòid, Dòmhnall (i) – *Dolaidh Dhòmhnail Bhàin* (1903–91), Losgantir**
 (39: ss.42,43,46)
 (41: s.5)
 (43: s.2)
- MacLeòid, Dòmhnall (ii) – *Dòlaidh Ailig* (1910–92), na Buirgh** (42: s.23)
- MacLeòid, Iain – *Iain Bàn Ruairidh*, (1867–1949), Caolas Stocanaïs**
 (29: ss.11,16)
 (41: s.34)
- MacLeòid, Ruairidh – *Ruairidh Thormoid Ruairidh* (1865–1934), an Taobh Tuath**
 (32: s.6)
- MacLeòid, Seòras – *Seòras Dhòmhnail na Talmhainn* (1883–1972), Na Buirgh**
 (27: s.17)
- MacRath, Ailig – *Ailig Dhòmhnail a' Chìobair* (1916–48), Losgantir**
 (41: ss.7,26)
- MacRath, Alasdair – *Fear Hùisinis* (1787–1874), Hùisinis** (5: s.32)
 (15: s.61)
- MacRath, Crisdean – *am Post* (1882–1958), an t-Ob** (39: ss.7,30,40,63)
 (36: s.1)
- MacRath, Dòmhnail – *Dòmhnail a' Chìobair* (1868–?), Losgantir** (41: s.21)
- MacRath, Iain – *Iain mac Chrisdein* (c.1843–?), an t-Ob** (15: s.49)
- MacRath, Ruairidh – *Ruairidh Dhòmhnail a' Chìobair* (1909–85), Losgantir**
 (38: ss.4,5,9)
 (48: ss.1,27)
 (49: s.30)
- MacRath, Seumas – *Seumas Ruadh*** (18: s.8)
- MacRisnidh, Donnchadh (1829–1910) Bun Abhainn Eadarra** (15: ss.49)
- MacSuain, Fearchar – *Fearchar Ruadh Shomhairle* (1843–75), an t-Ob**
 (12: s.69)
- Màrtainn, Iain, (1809–69), Ceann a' Bhàigh** (3: s.105)
 (5: ss.1,50,88)
- Moireasdan, Aonghas (i) – *Aonghas Bochd Cheann-na-Tràghad* (c.1780–c.1845), Ceann-na-Tràghad** (3: s.106)

Moireasdan, Aonghas (ii) – *Aonghas Ruadh Nèill Mhòir* (1867–1946), Greòsbhagh
(30: s.4)

Moireasdan, Aonghas (iii) – *Aonghas a' Chladaich no Aonghasan* (c.1922–), Losgantir
(46: ss.13,37)

Moireasdan, Aonghas (iv) – *Aonghas Shiosam*, Seileabosd **(37: s.1)**

Moireasdan, Catriona – *Catriona Uisdein*, Losgantir **(46: s.25)**
(49: s.35)

Moireasdan, Dòmhnall (i)– *Dòmhnall a' Bhàird* (1850–1940), Cleite na Ducha
(18)
(19: s.1)
(25: s.2)
(24: s.77)
(32: s.9)

Moireasdan, Dòmhnall (ii) – *Dòmhnall Beasa* (1834–88), Cleite na Ducha
(13: s.16)
(20)
(25: s.2)

Moireasdan, Dr Dòmhnall Munro (iii) – *mac Iain Ghobha* (1836–89), Leacali
(5: ss.15,17)

Moireasdan, Dòmhnall (iv) – *Dòmhnall Eachainn* (1882–1969), Caolas Stocanaïs
(29: s.1)

Moireasdan, Dòmhnall (v) – *Dòmhcán Thormoid* (1907–74), Losgantir
(49: s.43)

Moireasdan, Dòmhnall (vi) – *Dòmhnall Khing* (1916–?), Seileabosd
(37: s.3)

Moireasdan, Iain (i) – *Iain Gobha Na Hearadh* (1790–1852), Leacali
(6)
(26)

Moireasdan, Iain (ii) – *Iain a' Chladaich* (1891–1975), Losgantir
(39: ss.9,25)
(46: ss. 9,29,51)

- Moireasdan, Iain (iii) – *an Cròicein* (1896–1974), Losgantir**
 (39: s.21)
 (41: s.44)
 (43: s.5)
 (47: s.9)
 (49: s.25)
- Moireasdan, Mòr (i) – *Mòr ni Thorcuill* (c.1771–c.1865)** (4: s.28)
- Moireasdan, Mòr (ii) – *Mòr a' Bhàird* (1854–1908), Cleite na Ducha**
 (8: s.4)
- Moireasdan, Oighrig – *Oighrig ni Ruairidh Hiortaich* (1814–79), an t-Ob**
 (5: s.51)
- Moireasdan, Raonaid – *bean a' Bhàird* (1822–91), Cleite na Ducha**
 (4: s.1)
 (13: s.13)
 (14: s. 27)
 (16: s.26)
- Moireasdan, Ruairidh – *Ruairidh Hiortach* (c.1792–1864), an t-Ob**
 (3: s.105)
 (5: s.41)
- Moireasdan, Ruairidh Ailig – *Ruairidh Ailig a' Chladaich*, Losgantir**
 (46: s.5)
- Moireasdan, Tormod (i) – *mac Ruairidh Hiortaich* (1821–68), an t-Ob**
 (5: s.56)
- Moireasdan, Tormod (ii) – *Tormod Iain mhic Chaluim* (1874–?), Losgantir**
 (39: s.55)
 (46: s.17)
 (36: s.1)
- Murray, Charles Adolphus – an 7mh Morair Dunmòr (1841–1907), Siorrachd Pheairt**
 (10: s.84)
 (11: ss.3, 119)
- Nic-an-Lèigh, Hànag (i) – *Hànag ni Ruairidh* (1880–1959), Sgarastagh Bheag**
 (31: s. 9)
- Nic-an-Lèigh, Hànag (ii) – *nighean peathar Ruairidh Mhic-an-Lèigh***
 (27: ss.31,36)

- NicChoinnich**, Màiri – *Màiri ni Sheònaid a' Bhàird* (1877–?), Cleite na Ducha
(23: s.1)
- NicDhòmhnaill**, Ceit – *Ceit Iain Sheadha* (1882–1968), Losgántir (36: s.2)
- NicDhòmhnaill**, Mòrag – *Mòr Lecsigh* (1879–?), Losgántir (38: s.18)
(45: s.5)
- NicFhionghuin**, Ceanag – *Ceannag Uilleam Tàilleir* (1885–1957), Losgántir
(38: s.21)
(41: s.29)
(48: s.29)
- NicFhionghuin**, Màiri Anna – *Màiri Anna Iain Iain Bhig* (1927–), Losgántir
(48: ss.6,26)
- NicFhionghuin**, Mòr – *Mòr Sheileaboisd* (c.1805–c.1861), Seileabosd
(9: s.25)
- NicFhionghuin**, Oighrig – *Oighrig Mhòr Sheileaboisd* (c.1808–?), Seileabosd
(9: s.25)
- NicFhionghuin**, Uine – *Uine Ceit* , (c.1797–?) an t-Ob (21: s.48)
- NicIllinnein**, Anna – *Anna Mhòr* (c.1821–1903), Cliuthar (24: ss.73,82)
- NicIllinnein**, Ceiteag – *bean Fhionnlaigh* (31: ss.47)
- NicLeòid**, Anna – *Annag Nèill Choinnich*, Losgántir (47: s.4)
- NicLeòid**, Màiri – *Màiri nighean Alasdair Ruaidh* (c.1615–c.1705), Beàrnaraigh
(14: s.73)
- NicLeòid**, Lecsigh – *Lecsigh Ruairidh* (1910–55), Losgántir (39: s.43)
(43: s.29)
- NicLeòid**, Raon' (i) (6: s.39)
- NicLeòid**, Raonaid (ii) – *Raonaid Thormoid Iain ic Chaluim*, Losgántir
(48: ss.12,13)
- NicPhàice**, Seònaid, Beàrnaraigh (14: s.47)
- NicRàill**, Catrìona – *ogha Ruairidh Hiortaich* (c.1845–?), an t-Ob (5: s.63)
- NicRath**, Màiri – *bean Dhòmhnaill a' Chìobair* (1871–1946), Losgántir
(41: s.21)

- Ros**, Uilleam (1762–c.91), an t-Eilean Sgiathanach agus Geàrrloch (27: s.39)
- Rose**, John – Bàillidh do Roinn Aiteachais na h-Albann, na Buirgh (34: s.20)
- Seadha**, Dòmhnall – Fear-lagha a bha a' dìon na *Raiders* (34: s.39)
- Stiùbhart**, ? Poileasman san Ob (35: s.17)
- Stiùbhart**, Dòmhnall (c.1776–1854), Losgantir agus Eàsaigh (19: s.5)
- Stiùbhart**, Donnchadh – Fo-choimiseanar Roinn Aiteachais na h-Albann (35: s.16)
- Stiùbhart**, Gilleasbuig, Easaigh (12: s. 86)
- Stiùbhart**, Iain – *Iain mac Dhòmhnaill* (1824–99), Eàsaigh (11: s.119)
- Stiùbhart**, Uilleam – *Uilleam mac Dhòmhnaill*, Eàsaigh (2)
- Venables**, am Morair John Lucas (35: s.17)

Tha na h-ainmeannan ann an clò trom mar a tha iad san tràchdas agus ann an clò Eadailteach mar a tha iad air clàr-dùthcha *Ordnance Survey* 1: 50 000. Mur a h-eil an t-ainm air a' chlàr-dùthcha thathar a' comharrachadh nan àireamhan steòrnaidh le*. Tha àireamh gach òran ann an clò trom agus an sreath anns a bheil an t-ainm a' nochdadh ann an clò àbhaisteach.

Aird Asaig	<i>Ardhasaig</i>	NB 132 028	(40: s.7) (46: s.41)
Airidh a' Chamaire		NG 030 900*	(4: s.40)
an Aird	<i>Ardvey</i>	NG 120 982	(30: s.26)
Airde Chollaim	<i>Airde Chollaim</i>	NG 154 918	(24: s.95)
an t-Arcle		NG 095 999	(10: s.53)
Beàrnaraigh	<i>Berneray</i>	NF 910 820	(15: s.90) (16: s.16) (22: s.35) (38: s.14)
Beinn a' Chaolais	<i>Beinn a' Chaolais</i>	NF 905 785	(22: s.34)
Beinn-nan-Leac	<i>Beinn nan Leac</i>	Ng 120 982	(10: s.52)
Beinn Shlèibhe Bheàrnaraigh	<i>Beinn Shléibhe</i>	NF 929 833	(13: s.36)
Blith-bhal	<i>Bleaval</i>	NG 030 915	(13: s.4)
Borgh	<i>Borve</i>	NG 030 945	(15: s.57)
am Brust Mòr		NG 035 850*	(19: s.4)
Buaile Rosamol		NG 068 998*	(39: s.33)
Bun-an-t-Sruth		NG 010 864*	(12: s.63)
Bun-na-Gile		NG 082 980	(24: s.17)
an Caol Gruamach		NG 136 905*	(24: s.94)
Caolas Hiort		NF 100 960*	(11: s.151)
Caolas Sgàire	<i>Caolas Skaari</i>	NF 978 848	(13: s.38) (22: s.12)
Caolas Shròmaigh	<i>Sound of Stromay</i>	NF 988 888	(12: s.62)
an Càrn Ruadh		NG 085 969*	(23: s.4)
Ceann a' Bhàigh	<i>Bayhead</i>	NG 115 932	(20: s.35)
Ceannabhal	<i>Cearnabhal</i>	NB 187 148	(11: s.24)
Ceann Arais		NG 000 920*	(27: ss.12,14)
Ceann Dùlabhaig		NG 015 875*	(9: s.34)
Ceann na Tràghad		NG 084 970*	(3: s.106) (35: s.4)
a' Chliff	<i>Airde-Chliff</i>	NG 057 957	(9: s.32)
Cleite na Ducha	<i>Clett na Duach</i>	NG 098 962	(17: s.13)
Cliuthar	<i>Cluer</i>	NG 145 910	(20: s.35) (24: s.83)


Coire Bhlith-bhal	<i>Coire Bleaval</i>	NG 030 920	(13: s.45)
Cràgo	<i>Crago</i>	NG 075 975	(17: s.6)
			(24: s.18)
Dìracleith	<i>Diraclett</i>	NG 152 988	(48: s.36)
Drùim-na-Bèisde	– banca-gainmhcheadh a bhios a' torradh 's a' cladhach fon mhuir ann an Caolas Na Hearadh agus far am bi na stuadhannan an còmhnaidh a' briseadh.		(10: s.80)
			(13: s.33)
			(14: s.56)
			(22: s.12)
Dùn-Arainn	<i>Dùn-aarin</i>	NG 026 805	(10: s.7)
			(12: s.41)
an Eàrr	<i>Eire</i>	NF 998 798	(12: s.44)
Eàsaigh	<i>Ensay</i>	NF 980 860	(2)
Garraidh Grànnda	Tha Dòmhnall MacGillip a' toirt an fhiosrachaidh a leanas ann am pàipear TGSI: "W. of Aird a' Mhorain at the northernmost tip of North Uist. This is a rock in the sea at this location." (MacKillop 1991: 464)		(14: s.69)
Gob an Tòbhainn			(29: s.6)
an Gobha Mòr	<i>Geo Mor</i>	NB 110 010	(46: s.49)
Haisgeir	<i>Haskeir Island</i>	NF 615 820	(14: s.67)
			(22: s.50)
Hiort	<i>St. Kilda</i>	NF 090 000	(5: s.7)
			(13: s.10)
Hoidhsgeir	<i>Heiskeir</i>	NG 008 803	(12: s.54)
Hùisinis	<i>Huisinis</i>	NA 985 115	(5: s.32)
Langaigh	<i>Langay</i>	NG 014 815	(11: s.17)
Lingaigh	<i>Lingay</i>	NG 015790	(14: s.35)
			(15: s.74)
Loch Eideal	<i>Loch Heddal More</i>	NF 885 884	(15: s.6)
Lòn an Ucsa		NG 036 948*	(23: s.5)
Mànaïs	<i>Manish</i>	NG 105 895	(5: s.3)
am Maodal	<i>Maodal</i>	NF 998 905	(32: s.6)
am Mol Bàn	<i>Mol Bàn</i>	NG 157 900	(38: s.18)
Mol-nan-Stòp	<i>Mol-nan-Stòp</i>	NB 069 015	(20: s.9)
Niseabost	<i>Nisabost</i>	NG 045 960	(15: s.15)
an t-Ob	<i>The Obbe</i>	NG 015 868	(5: s.9)
			(28: s.3)
			(42: s.41)
Pabaigh	<i>Pabbay</i>	NF 890 880	(14: s.11)
			(15: s.21)
			(22: s.1)
Pàirc nam Mònadh		NG 095 975*	(18: s.7)
			(35: s.8)
Pol an t-Salmoin		NG 076 988*	(40: s.14)
Poll Phabaigh			(22: s.31)
Port a' Chàmpaire	– ann am Beàrnaraigh		(13: s.37)
Am Port Uaine			(9: s.16)

Ròghadal	<i>Rodel</i>	NG 048 834*	(10: s.36) (17: s.98)
Rubh' an Teampuill	<i>Rubh' an Teampuill</i>	NF 970 912	(4: s.23)
Rubh' Rheiminis			(15: s.8)
Rubh' Rosagaidh	<i>Rosikie Point</i>	NF 870 885	(14: s.71)
Sàghaigh	<i>Saghay</i>	NF 997867	(12: s.43)
Scalpaigh	<i>Scalpay</i>	NG 230 960	(22: s.53)
Sgàire	<i>Skaari</i>	NF 980 850	(15: s.35)
Sgarastagh	<i>Scarista</i>	NG 015 935	(10: s.62) (11: s.111) (35: s.20)
Srath-Leòsaid		NB 044107*	(3: s.76)
an Sròm		NG 118929*	(30: ss.1,24)
An Sròn Ard		NB 110120	(4: s.35)
Sròn a' Bhèisdeir			(45: s.18)
Sròn-a-Scuirt	<i>Sron na Scuirt</i>	NB 108 098	(11: s.33)
an Sruth		NG 010 864*	(16: s.39)
an Stoc Cleit	<i>Bealach Stocklett</i>	NG 112 950	(30: s.10)
An Tairbeart		NB 155 000	(49: s.40)
Uig – An Uidh, dh'fhaoidte		NF 975 948*	(15: s.48)
an Uaimh-Aird		NG 138 944*	(49: s.46)
Uamh-Uilleadal		NB 080 134*	(11: s.72)
Uiseabhal	<i>Huiseabhal Mor</i>	NB 025 115	(11: s.62)

LEABHRAICHEAN

- Butler, D.&G., *British Political Facts 1900–1985* (London 1986)
- Caimbeul, A., *A' Suathadh Ri Iomadh Rubha* (Glaschu, 1973)
- Calder, G., (deas.) *Songs of William Ross in Gaelic and English* (Edinburgh 1937)
- Devine, T.M., *The Great Highland Famine* (Edinburgh 1988)
- Grant, W., (deas.) *The Scottish National Dictionary Vol II* (Edinburgh 1941)
- Harris Historical Society, *Croft History* (Harris 1986)
- Henderson, G., (deas.) *Dàin Iain Ghobha* (Edinburgh 1893)
- Henderson G., *Leabhar nan Gleann* (Glaschu 1898)
- Henderson, MSS, Glasgow University Library Special Collections.
- Hunter, J., *The Making of the Crofting Community* (Edinburgh 1976)
- Lawson, B., *A Selection of Source Documents from the Isle of Harris 1688–1830* (Northton 1992)
- Lawson, B., *The Teampull at Northton and the Church at Scarista* (Northton 1993)
- Lawson, B., *The Teampull on the Isle of Pabbay* (Northton 1994)
- Leneman, L., *Fit For Heroes?* (Aberdeen 1989)
- MacAmhlaigh, F., (deas.) *Dòmhnall Ruadh Chorùna* (Uibhist a Tuath 1995)
- MacDonald, N., "Gobha Na Hearadh," *The Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, Vol LIII (Inverness 1985)
- MacDonald, Rev. A (deas.) *The Poems of Alexander MacDonald* (Inverness 1924)
- MacInnes, M., (deas.) *Nicolson's Gaelic Proverbs* (Glasgow 1951)
- MacKenzie, W. C., *History of the Outer Hebrides* (London 1903)
- MacKillop, D., "Rocks, Skerries, Shoals and Islands In The Sound Of Harris And Around The Island Of Berneray." *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* (Inverness 1991)

- MacLeod, A., *Orain Dhonnchaidh Bhàin* (Edinburgh 1978)
- Mac-na-Ceardadh, G., (deas.) *An t-Oranaiche* (Glaschu 1879)
- MacRae, Rev A., (deas.) *The History of the Clan MacRae* (Dingwall 1899)
- Matheson, A., (deas.) *Ortha nan Gaidheal Vol I–VI* (Edinburgh and London 1971)
- Meek, D., *Tuath is Tighearna* (Edinburgh 1995)
- Miles, A.E.W., *An Early Christian Chapel and Burial Ground on the Isle of Ensay, Outer Hebrides, Scotland with a Study of Skeletal Remains*. British Series 212 (Oxford 1989)
- Morrison, A., "Eilean Phabaigh – Eachdraidh, Sgeulachdan, Taibhsearachd agus Bàrdachd" *The Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, Vol LV (Inverness 1989)
- Morrison, J.A., "Drumming Tunes: A Study of Gaelic Rat Satires" *The Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, Vol LVII (Inverness 1992)
- Neat le MacInnes, T.&J., *The Voice of the Bàrd* (Edinburgh 1999)
- The New Statistical Account of Scotland* (Edinburgh MDCCCXLII)
- Ordnance Survey Landranger 14,18*
- Pimlott, B., *Hugh Dalton* (London 1985)
- Report of the Commissioners of Inquiry into the Condition of the Crofters and Cottars in the Highlands and Islands of Scotland Vol I–II* (Edinburgh 1884)
- Scott, H., (deas.) *Fasti Ecclesiae Scoticanæ* (Edinburgh 1915–61)
- Sinclair, C., (deas.) *Tracing Scottish Local History* (Edinburgh 1994)
- Thomson, D., (deas.) *An Introduction to Gaelic Poetry* (Edinburgh 1990)
- Watson, J.C., (deas.) *Gaelic Songs of Mary MacLeod* (Edinburgh 1934)
- Withers, C.W.J. *Gaelic in Scotland 1698–1981* (Edinburgh 1984)
- Who Was Who? 1847–1915*, (London 1920)



CD1: Dòmhnall I. MacDhòmhnaill a' seinn òrain Nèill Mhoireasdain


1. Oran Ciorstaidh Bruce [1]
2. Oran an Eich Odhair [4]
3. Banais Iain Mhàrtainn [5]
4. A' Chiad Oran Molaidh don Mhorair Dunmòr [10]
5. Moladh na Lùchairte [12]
6. Oran a' Chianalais [13]
7. Oran an Eagail [14]
8. Oran na Bèisde Duibhe [16]
9. Oran Suiridhe Dhòmhnaill a' Bhàird [18]
10. Oran na Làire [19]
11. Dòmhnall Beasa Lachdann Ciar [20]
12. Oran Eithir Fhearaghais [21]
13. Coileach an Rosaich [22]
14. Hò Mo Nighean Dubh Riamhach [23]
15. Oran nan Rodan [24]
16. Cliù Iain Ghobha [26]

CD2: Dòmhnall I. MacDhòmhnaill a' seinn òrain Nèill MhicDhòmhnaill

1. Oran Eòghainn Fhearchair [27]
2. Orain na Làire [28]
3. Oran Dhòmhnaill Eachainn [29]
4. Drochaid an Dòchais [30]
5. Oran na Mònadh [31]
6. Oran an Aigich [32]
7. Pàircean na Clèir [33]
8. Oran an Ràididh [34]
9. Oran Molaidh do Na Hearadh [35]
10. Ceathramh an Fhèidh [37]
11. Oran na Bà [38]
12. Oran Galar nan Cat [39]
13. Oran nan Caorach [40]
14. Oran an Ròin [41]
15. Oran nan Clòithtean [42]
16. Oran an t-Sàgo [43]
17. Oran a' Bhuidseat [44]
18. Oran Ruda Mòir-Lecsigh [45]
19. Oran na Seabhaig [46]
20. Oran a' Choilich [47]
21. Oran Ruairidh Dhòmhnaill a' Chìobair [48]
22. Oran a' Bhodaich [49]
23. Oran a' Ghamhna [50]

Please refer any problems to the Library Enquiry Desk (ext 6704/5).

Please be aware that computer discs which are used in several machines run a high risk of corruption, especially as a result of infection by a virus. You are strongly recommended, if you intend to use the disc(s) enclosed, to ensure that your computer is protected with appropriate software for the detection of known viruses, and for the repair of damage they may cause.



1



GLASGOW
UNIVERSITY
LIBRARY

2

